

Blair 136.

Evelyn Stewart Murray

1890

SEARMONA


LE

MR EOBHANN MAC DIARMAID,

MINISTEIR ANN AN GLASCHO, AGUS NA DHEIGH SIN,
AN COMRIE.

Deanaibhse aithreachas agus bithibh air bhur n-iompachadh, chum gu'm bi
bhur peacaidh air an glanadh as, 'nuair a thig amanna fionnuaireachd o
làthair an Tighearna. GNIOMH. iii. 19.

Agus is àill leam thu thoirt dearbh-chinnte air na nithibh sin, chum
gu'm biodh iadsan a chreid ann an Dia cùramach air toiseach a bhi aca ann
an deadh oibríbh: oir tha na nithibh so maith agus tarbhach do dhaoinibh.
TIT. iii. 8.



Duneidín:

CLO-BHUAILTE LE T. STEUART.

1804.

DO'N LEUGHADAIR.

'NUAIR ata co lion do Shearmona Beurla air an cur an Clò, san rioghachd so, a min-eachadh teagafga cudthromach an t-sloisgeil agus dleasnais a Chriosduidh ; is aobhar ion-gantais do mhòran air feadh Gaidhealtachd na h-Alba nach dthugtadh ionnsuidh sam bith air Searmona Gaelic a chlò-bhualadh air son nan Gaidheal do nach 'eil a' Bheurla fo-thuigfeach.

Air iarrtas mhòrain do Chairdibh agus luchd eisdeachd an Ughdair tha cuid d'a Shearmona an so air an cur an clò, an dochas gu'm bi iad, le beannachadh Dhé, feumail air feadh na Gaidhealtachd agus gu h-àraidh a measg an dream a bha ~~an~~^{an} uair a frithealadh a Mhinisteireachd. Dhoibhsan a chleachd a bhi

bhi g'a éisdeachd, bithidh an leabhar fo na cuimhneachan air 'fhoghlam, air firinn a theagaifg agus air fileantachd a bhriathra; *Agus tre sin, air dha bbi marbb, tha e fathaft a labhairt.* Eabh. xi. 4.

Tha na h-Oig-fhir, ata 'g iarruidh dreuchd na Ministeireachd ag gearan nach eil Eiseim-pleir do Shearmona Gaelic re'm faotainn, 's gu bheil mòran focail anns a' Bheurla nach 'eil farasd re eadar-theangachadh. Tha aobhar a bhi ag carbfa gu'm bi an leabhsa mar-oan taitneach agus feumail dhoibhs'. Oir ge nach eil i 'cho coimhlionta sa bhithheadh i n'am bu bheo an t-Ughdar a thoirt a shoath-air féin gu follas, chi iad, gidheadh, mòran do nithibh anns an araidh e air a leantuinn Eiseimpleir.

CLAR-INNSIDH.

SEARM. I. agus II.

MATA XVI. 26.

Taobh

Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ge
do chosnadb è an saoghal uile, agus anam
fein a chall? - - - - - I. 23.

SEARM. III.

ROM. III. 23.

Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air
teachd, a dheidh-laimh oir gloir Dhe 46.

SEARM. IV.

ROM. III. 23.

Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air
teachd gearr air glòir Lhè, - - - 59.

SEARM. V.

LUCAS xviii. 13.

Taobh

A Dhia, dean tròcair ormsa 'ta 'm pheac-
ach - - - - - - - - - - - - - - - - - - -

71.

SEARM. VI.

I PEAD. ii. 25.

Oir bha sibb mar chaoraich a' dol air
seacharan; ach philleadh sibb a nis
chum Buachaille agus Easbuig bhur n'
anama - - - - - - - - - - - - - - - -

88.

SEARM. VII.

SALM CXXX. 3.

A Thigbearne, nan combaraichteadh leat-
sa lochdaidh, co. o Thigbearna, a sheaf-
adh ann ad' sbianuis. - - - - -

108.

SEARM. VII.*

EABHR. iv. 16.

Thigcamaid uime sin le dànochd gu righ-
chaithir nan gràs, chum gu faigh sunn

*trocair, agus gu'n amais sinn air gràs
chum cobbair ann an àm feuma* - - - 120.

SEARM. VIII.

ROMH. xiv. 8.

Oir ma's beo dhuiinn, is ann do'n Tighearn a tha sinn beo: agus ma's bàs duinn, is an do'n Tighearn a tha sinn a' bàsachadh: uime sin ma's beatba no bàs dhuiinn, is leis an Tighearn sinn - - - 140.

SEARM. VIII.*

NAHUM. i. 7.

Ta 'n Tighearna math' na dhaighneadh treun an' la trioblaid agus teinn, agus 's aithne dha'n dream, a tha cuir earbs' ann - - - - - 153

SEARM. VIII.**

GAL. iv. 5, 6.

Ach 'nuair a thainig coimhlionadh na b-aimsir chuir Dia a mhac fein uaithbe a gkineadh o mbnaoi, a rinneadh fuidh

*'n lagb, chum gu'n saoradh e iadsan a
bha fuidb 'n lagb, ionnas gu'm faigh-
eamaid-ne uchd-mbacachd na cloinne*

171.

SEARM. IX.

EOIN. i. 12.

*Ach a mbeud 'sa ghabb ris, thug è dhoibh
cumbachd a bhi 'nan cloinn do Dhia,
eadhon dhoibhsan ata creidsinn 'na
ainm*

193.

SEARM. X.

TAISBEAN. xix. 9.

*Agus a deir e rium, Scriobh, Is beannuich-
te iadsan ata air an cuireadb gu suip-
eir-bhainne an Uain*

210.

SEARM. XI.

ROMH. iv. 12.

*Neach a thugadb thairis air son ar cion-
taidb-ne, agus a thogadb suas a-ris air
son ar firceanachaidb*

232.

SEARM. XII.

ROMH. viii. 32.

Taobh

*An ti nach do chaombainn a mbac fein,
 ach a thug thairis e air ar foin-ne uile,
 cionnas nach tabhair e mar an ceudna
 dhuinn gu saor na h-uile nithe maille
 risan?*

250.

SEARM. XIII.

2 CORIN. viii. 9.

*Is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Iosa
 Criost, ge do bha e saibbir, gidheadb
 gu'n d'rinneadb bochd e air bhur son-
 fa, chum gum biodb sibbse saibbir trid
 a bhochduinn-fan.*

270.

SEARM. XIV.

LUC. xv. 18, 19.

*Eiridb mi, agus theid mi dh'ionnsuidb m'
 Athbar, agus their mi ris, Athair,
 pheacaich mi n' agbaidb fhlaitheanais,*

*agus a'd làthairfa ; agus cha'n fhiu mi
tuilleadh gu'n gairte do mbacfa-dbiom ;
dean mi mar aon do d' luchd tuarasdail.*

284.

SEARM. XV.

II. CORIN. xii. 9.

*Agus a duibhairt e rium is leòir mo ghràs-
fa dhuit : oir ata mo chumhachd air a
dheanamh foirfe ann an annbhuinneachd.*

303.

SEARM. XV. *

II. CORIN. xii. 9.

*Agus thuirt se rium, 's leoir mo ghràs-fa
dhuit.*

315.

SEARM. XVI.

TAISB. iii. 21.

*Dhà-san a bhuadhaicheas, bheir mi co-
mas suilbe maille rium, air ma Rigb-
chaithir, eadhon fòs mar a bhuadhaich
mi fein, agus a tha mi am shuidh',*

maille rem' Athair, air a Righ-chath-air - - - - - 328.

SEARM. XVII.

EPHES. v. 6.

Na mealladb neach air bith fibb le briath-raibb diombaineach, &c. - - - 345.

SEARM. XVIII.

2 THESS. ii. 3.

Na mealladb neach sam bith fibb air aon chor - - - - - 359.

SEARM. XIX.

ROMH. xiv. 8.

Oir ma's beo dhuinn, is ann do'n Tighearna ata sinn beo; agus ma's bàs duinn, is ann do'n Tighearna 'ta sinn a' fagbail bàis; uime sin ma's beatba no bàs dhuinn, is leis an Tighearn finn - - - - - 382.

SEARM. XX.

COLOSS. ii. 6.

Taobh

*Uime sin, mar a gabh sibh chugaibh an
Tighearn Iosa Criost, gluaisibh ann*

395.

SEARM. XXI.

GNIO MH. XX. 32.

Searmoin dealachaidh.

*Agus anis, a bbraithre, tha mi gar taic-eadh re Dia, agus re focal a ghràis,
ata comasach air sibhse a thogail suas,
agus oighreachd a thoirt duibh, am
measg na muaintir sin uile, ata air an
naombachadh*

416.

SEARMOIN I.

MATA XVI. 26.

Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ge do chosnadb è an saoghal uile, agus anam fein a chall?

•NUAIR a chaill anam an duine iomhaigh Dhè, fhuair an saoghal aite-comhnuidh 'na chridhe. Thilg sànn, uabhar, agus glòir-mhiann, Adhamh sios gu lär, o' cheud staid sholasach, néo-chiontach, shona. Chum na nithe ceudna clann nan daoine fada san staid pheacach bhronach fo. 'Nuair a dh' iomain Aingeal an Tighearna an duine as a ghàradh; ghlachd an Diabhol è-fèin agus a shliochd air làimh, agus dh'iomain è iad fad air falbh o Dhia agus o' shonas, gu peacadh, peanas, agus doruinn. O chruthachadh an t-saoghal a ta nithe Dhè nach fheudar fhain-

A

cinn,

nithe mòr an t-saoghail fo, sonas a shluaign; nach b'urrain duin' air bith dà mhaighstir a' riachadh gu dileas, dligheach. Ma bha mòr-ghaoil aca air nithe mealltach, bàs-mhor na beatha fo; ma bha iad 'nan tràillean d'an anamiannaibh feòlmhor fèin, agus do namhaid an anama; nach robh e comasach gu 'm bitheadh barrachd gràidh aca air Dia; gu 'n iarradh iad a ghnùis agus a chàirdeas oscionn gach ni; agus gu 'n deanadh iad a thoil, ge do chailleadh iad an saoghal mu 'n iagh Ghrian.

Tha an Diabhol agus an Saoghal anns gach am agus àite, a' mealladh ar n-anama; a' buaireadh ar n-aigneidhe; a' dùsgadh ar n-anamhianna, agus a' goideadh air falbh ar cridhe. Chum 's gu 'm bitheamaidse agus gach neach air am freasdal an aghaidh an t-saoghail. Tha esan aig an robh fiòr-eolas air luach-mhoireachd gach ni ann an neamh agus air thalamh, a' feòraich d'a dheisciobuil, do gach crèutair reusantach, do chloinn na 'n daoine uile; Ciòd an tairbhe a ta ann ò dhuine, ge do chofnadh è an saoghal uile, agus anam fein a chall?

Ann an labhairt o na focail so, tho mi cur
romham, trid coghnadh Spiorad Dè.

I. Air thùs fheuchain dhuibh, nach bith-eadh tairbhe ach call ro-mhòr ann, ged 'a b'ur-rain duine gach sòlas, subhachas, beartas, agus nì a tha 'san t-saoghal fo fhaotainn, na 'n cailleadh è anam neo-bhàsmhor fein 'sa mhalaир.

II. Anns an dara àite, a' nochdadhbh dhuibh
amaideachd nan daoine sin, a tha tilgeadh air
falbh, agus a' call an anama airson an ro-bhean-
gan do nithe an t-saoghal a 's urrain tuiteam
g'an crannchur-fa

III. Anns an treas àite, fiosfraichidh mi luachmhoireachd an anama.

IV. 'N deigh fo uile, Brofnaichidh mi
sibhse, agus mi-fein gu bhi curamach, freasdal-
ach, agus dichiollach mu shonas fiorruidh ar
n-anama.

I. Air thÙs, tha mi gu fheuchain dhuibh,
nach bitheadh tairbhe, ach call ro-mhòr ann;
ged

ged'a b'urrain duine gach solas, subhachas, beartas, agus ni a tha 'san t-saoghal fhao-tainn, na 'n cailleadh è anam neo-bhàsmhor fein 'sa mhalairt.

Tha mac an duine air a dhealbh do dhà ni, corp agus anam. Tha nithe an t-saoghail so a' safuchadh a' mihiannaibh, a' biathadh a thògraiddh, agus a' freagairt gu ro-mhatn do uireasbhuidh a chuirp. Mar tha 'n t-Abstol Pol ag radh, Tha am biadh air son na bronn, agus a' bhrù air son a bhìdh. Tha cuid do nithibh ann à tha tabhairt sòlas do 'n inn-tinn; tha cuid eile ann à tha tabhairt subhachas do 'n anam fein. Ach mo thruaighe, a' mhuinntir ionmhuin, tha an solas fo neo-tharbhach, siubhlach, truaillidh agus carrthach. Tha an subhachas fo cunnartach, fàll-fail, fàs, agus cealgach. Tha cridhe mhic an duine làn do mihiannaibh. Ged 'a b'urrain è gach sonas, agus gach subhachas a tha 'san t-saoghal fo fhao-tainn, dh' iarradh è tuillidh. Tha mihiannaibh an duine na 's farsuinge na 'n Saoghal so, tha iad oscionn an t-saoghal, agus cha'n urrain an Saoghal gu bràth an làn-thoileachadh. 'Nuair a fhuair an laoch trèun

Alastair

Alastair mòr, làmh an-uachdar air an t-saoghal uile, mar leanabh gun mhathair, ghuil è, nach robh saoghal eile ann air am faigheadh e buaidh.

Cha 'n iad na Righrean, na Prionnsuidh, nò na daoine mòra, na daoine is sonadh. Ged' a bhitheadh gach rioghachd air thalamh fuidh chumhachd aon duine; ged' a bhitheadh gach bochd agus beartach a' meudachadh a' flòrais; ged 'a bhitheadh gach bëul a' sgaoileadh à chliù; ged 'a bhitheadh a' ghlòir agus a' mìhòrá-lachd, air an aidmheil leis gach teanga anns a chruinne-chè; ged 'a mhealladh è slàinte agus aiteas car cèud-bliadhna, ged' a bhitheadh gach duine mar charaid dà, agus gach caraid dileas; ged 'a bhitheadh a chlann agus a theaghlaich, gu h-uile, gaolach, freagarrach; gidheadh bhiodh sonas an duine so fein mealltach; cha mhairreadh è ach car tamuil 'nuair a dh' fhagadh è an saoghal so, dh' fhagadh è a shòlas, agus a shonas 'na dhèigh. Tha 'n corp truaillidh, neo-mhairreannach; ann an ùine ro-ghrad caillidh gach ni talmhaidh an Suim. Tha an duine diom-buan, agus tha gach sòlas talmhaidh, corporra, cosmhail rì corp

corp an duine, diombuan mar an ceudna. 'Sann as an talamh a thainig a cholluin, 'sè an talamh a h-àite-comhnuidh, tha mòr-ghràdh aice air nithe talmhaidh. 'Si an duslach a' mathair, tha còir aig a mhathair air gràdh na colluin; tha i gach là ag iarruidh tuille dheth, agus gach là a' faotainn tuille 'sa chòir, 'sè so a tha reubadh agus a' lotadh ar n-anama. 'Nu-air a tha sinn frighealtach, mu uireasbhuidh a chuirp, tha sinn di-chuimhneach, neo-chur-amach mu shonas ar n-anama. 'Si a chol-luin an eideadh, 'Sè an t-anam an duine. Tha cholluin gach là agus uair ag innseadh a h-uireasbhuidh le iolach ard nan aigneidhíbh agus tograibh, tha so a' dùnadhl cluasaibh na h-inntin, an aghaidh gearan ciùin an anama. 'Siad maitheanas peacaidh, fior-chreidimh anns an t-flanuighear, dochas 'na eadar-ghuidhe agus 'na fhireantachdsan, gràdh agus càirdeas De amhain, a bheir sonas, subhachas agus aoibhneas do 'n anam neo-bhàsmhor. Thainig an t-anam o Dhia fein, 'sesan athair ar spioraid; tha 'n t-anam gu minic air seacharan air thalamh; cha 'n ì so a dhuthaich no àite-taimh; cheangail Dia sonas an anama re chàirdeas fein amhain; cha d' thoir gach ni a
tha

tha 'fan t-saoghal gu brath fo dha, agus gu 's am faigh è fo, cha bhi è gu bràth sona. Ged' nach bitheadh ach aon duine air an t-saoghal, agus ged' a bhiodh gach ni a ta ann aige; scapadh tinneas a sholas agus aoibhneas; chromadh sean-aois a cheann gu lär; agus ged' nach d'thigeadh a h-aon diu fo air; ged' a fhreagradh gach ni rèir a thoil, ged' a shoirbhicheadh gach nì 'na làimh, cha d'thugadh iad fo uile sonas do 'n anam, nach roghnaiche subhachas bliadhna, na dòruinn car seachduin? Nach fhearr sonas o shiorruidheachd gu fiorruidheachd, na solas bochd an t-saoghal fo car ceud bliadhna? 'Sann o Dhia amhain a tha air bith, air beatha agus air gluasachd. 'S esan tobar na beatha; 's ann uaithe tha gach nì math a' fruthadh; 's esan air thùs a chruthaich an t-anam; chruthaich è 'n duine chum sonais; 's ann uaithe fèin amhain a gheibh è sonas, mu'r faigh è fo o Dhia, cha 'n 'eil nì eile 'fa chruinne bheir sonas dha; agus mu chailleas è càirdeas Dè, caillidh è sonas, agus anam le cheile. 'Sè sonas an duine bhi cosmhuil re Dia; chuir Dia chum an t-saoghal è a dh'fheuchain agus a neartachadh a shubhailcean. Cha d'ordaich,

cha do gheall Dia dha fior-shonas air thalamh,
 Mu tha dùil aige làn-shonas fhaotainn o nithe
 truaillidh na beatha so ; freagradh è a cheisf a
 tha Criofd, an solus firinneach, tobar gach
 eolais agus gliocais, a' cur ris. Oir ciod an
 tairbhe a ta ann do dhuine, ge do chosnadadh è
 an saoghal uile, agus anam fein a chall ?

II. Tha so g'am thoirt air m'aghaidh anns an
 dara àite gu nochdadhbh dhuibh mòr-amaid-
 eachd nan daoine sin, a tha tilgeadh air falbh
 agus a' call an anama, airson an ro-bheagan
 do nithe an t-saoghail so, a's urrain tuiteam
 gu 'n crannchursa.

Ma tha air Slànuighear ag radh, nach 'eil
 tairbhe ann, ge do chosnadhbh duine an Saoghal
 uile, 'nan cailleadh e anam fein 'fa mhàlairt ;
 Gu cinnteach cha 'n 'eil tairbhe ann do na
 daoine sin, a tha tilgeadh air falbh, agus a'
 reiceadh an anama air luach mòran na 's dìb-
 lidh, agus na 's lugha 'nan ceud mile cuid do
 bheartas agus sòlas an t-saoghail so. Ma
 bheachdaicheas sinn mu 'n cuairt duinn, ma
 fmuainticheas sinn gu ceart air sonas an t-
 saoghail ; chi sinn nach 'eil anns a chuid a 's

fhearr

fhearr dheth ach bristeadh cridhe; mù'r biadh dùil againn re fior-sonas an taobh thall do 'n uaigh.

Tha duil aig mac an duine, gu bheil sonas fo-ghlacadh air thalamh, agus gu bheil gach nì làn deth. Ach mo thruaighe ! a mhuintir ionmhuinn, 's dochas mealltach so. Tha sonas an t-saoghal mar bhogha-frois, 'nuair a tha duil againn a bhi teann air, agus gu'r urrainn finn a ghlacadh, tha è ruidh air falbh na 's fhaide uainn, tha e 'gar fàgail, agus 'gar dib-readh anns gach dochas, anns gach àite, anns gach ni. Tha duil aig mòran gu 'm faigh iad sonas a'm beartas ; tha dùil aig cuid gu 'm faigh iad sonas o ghliòir agus onoir, tha dùil aig cuid gu 'm faigh iad sonas ann an sàfuch-adh an an-mhiannaibh feolmhor, tha duil aig cuid eile gu 'm faigh iad sonas ann an flainte, a'm boidhchead, an cloinn, an cairdean. Ach mo smuainticheas finn gu beachdail air gach ni dhiu sin fa leath chi finn nach 'eil fior-sonas re fhaotain o aon diubh.

I. Air thùs, cha 'n fhaigh finn fior-sonas o bheartas. Tha beagan do nithe maith an t-saoghal

t-faoghail so feumail ; tha è ceadaichte, tha e ceart, tha e air ordachadh dhuinn nithe feumail fhaotain air arson fein, agus arson air teaghlaich. Ach tha air Slanuighear ag inns-eadh dhuinn gur gann a theid duine beartach a steach do rioghachd Neamh. Tha mòr-churam mu nithe talmhaidh, agus mòr-ghràdh do 'n t-faoghal gu minic fuaithe re beartas. Ach ma ruigheas curam an t-faoghail air falbh le'r cridhe, ma lotas è an inntin, ma mhortas è an t-anam ; 's truagh, 's aimid-each, 's gorach a' mhalaир fo. 'S trioblaideach an ni beartas a thional ; 's mòr an curam, 's mor an stri, 's mor an dichioll, an Iomartas agus an deanadas a ghabhas è, mu'n cruinnich duine storas re cheile. 'S fheadar dha eirigh moch, agus luidhe anmoch ; 'S fheadar dha bhi tric gun bhiadh, tric gun deoch, tric gun chlos, tric gun aoibhneas. Tha chridhe làn do champar, do fhuath, do an-earbsa, do thair, do fhearg, do pharmad. 'Sè truaighe chàich a bheir aiteas dhafan ; 'Sè beartas chàich a lionas inntin le dubhachas, agus anam le bròn. Tha duil aige gu bheil sonas agus beartas fuaithe re cheile. Ma gheibh è beartas bithidh è air a phianadh a' ceannach

folais

folais o gach ni. An diugh tha e gu h-aig-
 ionnach, aoibhin an dochas re solas o chraos,
 o mhisg, agus o mhi-gheamnuidheachd, ach
 am maireach, tha e gu tuirfeach trom, tha
 fheinfhiosrachadh ag innseadh, gu 'n robh è
 am mearrachd 'na bharail, gu 'n robh a dhoch-
 as faoin, agus gur faileas mealltach a bha è
 leanntuin. Ach mo thruaighe, a' maireach
 aris di-chuimhnichidh è so, bheir e oidhirp
 eile sòlas fhàsgadh o na nithe ceudna ; biaidh
 è 'n ath-latha a' gearran gu 'n robh iad breu-
 gach, carthach ; agus mar so, o là gu là, agus
 o bhliadhna gu bliadhna. 'S iomad bacadh,
 's iomad rib, 's iomad ceap-tuislidh a tha ead-
 ar an duine beartach agus sonas. Cha 'n eil
 è sinuainteach air aon ni, ach cionnas a chru-
 innicheas è tuillidh stòrais ; agus cionnas a
 ghlac as e solas leis na h' aige. . 'S duilich an
 ni storas a thionnal, ach 's dora gu mòr sonas
 a ghlacadh leis an lion ghrod, bhristeach, fhall-
 fail so. Tha 'n duine beartach eagalach, gu'm
 bi è bochd, eagalach gu 'n gaoid meirlich a
 chuid, gu 'n d'thoir a choimhearsnach an car
 as, agus gu bheil gach duine 'san t-saoghal
 an ti air a mhealladh. Cha ghleidh ar beartas
 an corp o thinneas, na sùilean o dhearaibh, an

inntin o mhulad, an cridhe o bhròn, an t-anam neo-bhafmhòr o dhoruinn shiorruidh. Cha faor beartas ar caraid gaolach, ar brathair cridhe, ar piuthar, ar mathair, ar n-athair, no ar Clann o chumhachd a bhàis. Cha dean storas leaba na h-anfhocair mìn, solasach, taitneach; cha spòn beartas an gath as a bhàs; cha scap è air falbh mar dheathach, eagal a pheacaiddh; cha ghlan è finn o ar peacadh gin agus gniomh; cha druid è geataibh Ifrionn; cha stiur è gun mhearrachd gu aros De finn. Feoraicheam anis an dean stòras sona finn, am biodh tairbhe ann ge do chailleas finn ar n-anama, ma gheibh finn beartas? Gu cinn-teach cha bhi. Air an aobhar so, a mhuintir ionmhuin, na leigibh le beartas breugach, carthach ruidh air falbh le'r miannaibh; ar cridhe a ghaoid o Dhia, agus ar n-anama neo-bhàsmhor a bhruthadh, a reubadh, agus a mhortadh.

II. Aris. Cha 'n fhaigh finn fior-shonas o ghlòir agus onoir an t-saoghal fo.

'S ni taitneach gean-math agus deadh-dhurachd dhaoine glic, maith agus tuigseach. 'S ni

ni ciatach, tlachdmhor gràdh ar càirdean agus luchd eolais. Ach is ni cunnartach, mealltach, millteach, glòirmhiann, na mòr-dheigh air onoir. 'S iomad bochd a chreach i ; 's iomad banntrach a dh' fhàg i lomnochd ; 's iomad dilleachdan a dh' fhàg i gun fhear-dìdein, 's iomad duine treubhach, uafal, measarra a dh' fhàg i gun tigh, gun teaghlaich ; 's iomad corp a reub i, 's iomad anam a mhort i. Tha muintir an t-saoghaill mu 'n cuairt duinn gu tric aineolach mu'r beufsaibh, agus mu'r caithe-beatha. Cha 'n fhiach cliù nan daoine so buidheachas ; tha ar coguis fhein ag innseadh dhuinn, gu bheil iad an dara cuid breugach cealgach no aineolach. 'Si glòirmhiann is mathair-aobhair air na blàraibh fulteach, fuathach a tha 'measg dhaoine. 'S iomad duthaich, 's iomad rioghachd a dh' fhàg i ruisgte, gun ni, gun fluagh, gun neart. 'Siad na daoine saibhir, uaibhreach, mòr-chuiseach, stròthail, dàna, cruadalach a tha gu minic a' faotainn glòir agus onoir 'san t-saothal fo. 'S iad na daoine dìblidh, gealtach, aimaideach, miodalach, aineolach gun tuigse a tha gu tric 'ga thoirt dhoibh. Tha each-draidh a chinne-daona a' dearbhadh gur fior fo.

so. Agus tha so a' ciallachadh dhuinn, nach 'eil glòir agus onoir nan nithe, maith no luach-mhor ionnta fèin, 'nuair a tha naimhde Dhe agus dhaoine gu minic 'g am faotainn o na daoine a 's suarraiche agus a 's lugha tuigse a tha air thalamh. An fhiach an ni truaillidh so an stù, agus an iomairt, a tha daoine a' deanamh mu dhèimhin? An fhiu an deathach shiubhlach so anam neo-bhasmhor an Duine? A'm bi tairbhe aige, ge do chailleas e anam, ma bhuidhneas e onoir o dhaoine? An dean an onoir so, onorach è ann an lathair Dhe? An d'thoir ì sonas dha 'san t-saoghal so, agus anns an t-saoghal a tha re teachd? An ciùnaich so coguis lotaidh, 'nuair a mhosglas i è o chodal a pheacaidh? Freagradh an duine gloirmhiannach na ceistean so d'a anam, agus d'a choguis fein. 'Sè math a chinne-daona chur air aghaidh, gràdh agus cairdeas Dhe, agus curam mu'r n-anama pris-eil fhein, gloir, onair agus sonas mhic an duine air thalamh. Tha fior-ghlòir agus fior-shonas fuaithe re cheile. Tha gàol agus onoir an t-saoghail; fuath dhaoine math, agus fearg Dhia gu minic mar chuibhrionn aig an duine ghloir-mhiannach.

III Anns an treas àite, cha 'n fhaigh daoine sonas ann an sàsúchadh an an miannaibh feolmhor.

Cha 'n 'eil tràil air thalamh a 's mugha na esan a tha 'na thrail d'a aigneidhibh agus d'a an miannaibh feolmhor fhèin. Tha staid nam bruide n'as sona agus na 's folaisaich na staid an duine so. Tha brùidean na machrach a' mealltuin an t-fhòlais a chaidh orduchadh d' an nadur, gun ghoimh, gun phiann, gun ghrabadh o' choguis, na o reusan. Ach tha mac an duine, creutair reusanta, tuigseach, 'na thràil do 'n fheoil, a phairt bhrùdail d'a nadur; a' di-chuimhneach, agus a' deanamh tàir air a reusan, an ni amhain a tha deanamh eadar-dhealachadh eadar è 's na bruidean. Tha 'n corp air a bhiathadh, ach tha 'n t-anam air a leigeadh air dearmad. Tha chuid a's mugha do chloinn nan daoine a' bristeadh gach là aith 'n ar Slànuighear. " Na biodh " ro-churam oirbh mu thiomchioll ar beatha, " ciod a dh' itheas no dh' olas sibh, na mu " thiomchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh " umaibh." Ach 's iad biadh, deoch, eudach, agus solàs do 'n cholluin amhain, a tha moran

ag iarraidh; ma gheibh iad na nithe fo, tha duil aca gu'm bi iad sona. Tha iad a' caith-eamh an uine, an neart, an flaint, an storas, am buadhaibh, an curam, agus an anam fein, chum na nithe diblidh, suarrach, bàsinhor fo fhaotain, do'n cholluin bhreuite, lobhte bhaf-mhor. 'Nuair a tha 'm misg-fhear 'san tigh osda, tha Bhean 'fa chlann 'nan cruban leo-fhein gu deurach, dubhach, bronach, gun bhiadh, gun deoch, gun sòlas, gun chuid-eachd. Tha am fear mi-gheamnuidh a' meall-tuin sòlas car tamuill ach tha goimh, peanas agus aithreachas an lorg an t-shòlais fo. 'S iomad deur a chois, agus 's iomad cridhe a lot, solas mealltach car aon uair. Ge mor ar curam mu'n chollain, cha 'n fhad a mhairreas i; agus cha d' thoir na duragan agus na daolan buidheachas dhuinn 'san uaigh air son a churain fo. 'S gearr-shaoghalach, truaillidh colluin an duine; 's grad-shiubhlach, teagmhach, solas talmhaidh; 's laidir, bras, aigneidhíbh an duine; 'sanntach, gionach, doriarachadh a mhiannaibh. Ge do tha iad air an riarachadh car tamuil; an uine athghearra iarraidh iad tuille, iarraidh iad nithe eile. Tha fo a' nochdadh dhuinn, nach urrain duine anmhian-

anmhiannaibh a shasuchadh ; gu bheil è cun-hartach do 'n anam oidhrip a thoirt a dhean-amh ; agus ge do b'urrainn sinn a dheanamh, nach bitheamaid sona. O so chi fibh, nach bitheadh tairbhe ann, ge do gheibheadh duine solas do 'n cholluin, na'n cailleadh anam sonas fiorruidh.

IV. Anns an ait 'as deireannaiche, tha duil aig mòran, gum faigh iad sonas o shlaint, o bhòidhchead, o chloinn, agus o chairdean.

Tha na nithe so math, taitneach agus solasach 'nan aite fein, ach cha deachaidh riamh an orduchadh chum fior-shonas a thabhairt do anam an duine. Ge do bhiodh cuid diubh sin aguinn, bhiodh dèigh aguinn air càch, agus ge do bhiodh iad uil' aguinn cha d' thugadh iad dhuinn, an nì nach robh annta no aca, fior-shonas do 'n anam.

Chà 'n 'eil an duine nealltuin air thalamh aon nì a's fhearr, a' solasaiche, agus is prìseile na flàinte. Ach 's minic a tha 'n corp slàn, an uair a tha 'n t-anam air a' reubadh le du-bhailcean agus le peacadh. Tha an neart a-

gus

gus an t-saint 'bu choir dhuinn a bhuiileach-eadh air seirbhis Dè, math a' chinneadh-daonna, agus ar n-anama fhein, gu tric air an caitheadh, an diomhanas, an amaideachd, an struidhealachd, an craos, a' misg agus a' mighreamhuidheachd. Cha 'n 'eil còir aguinn air slainte; cha 'n 'eil fhios cia fhad a mhairreas i. Agus gu cinnteach cha bhi tairbhe ann, ge do mheadas sinn slaint' air thalamh, m'a chailleas sinn slainte agus sonas fiorruidh d'ar n-anama ann an neamh.

Tha boidhchead taitneach do 'n t-shuil, ach cha 'n 'eil i seasmhach no mairreanach. Tha i fuidh chumhachd tinneis, no sean aois. Tha i grad-shiubhlach mar dhùchd na maidne; tha i carrach, caochlaideach mar dhath nan nèul. Cha ghleidh i o thinneas, o phathadh, na o acras an corp. Cha faor i an inntin a thrioblaid na o bhròn; agus cha għlan i an t-anam o pheacadh. Cha d' thoir i subhachas dhuinn 'san t-saoghal so, na sonas fiorruidh anns an t-saoghal a tha chum teachd.

Is solasach an ni clann, ach 's mòr trioblaid, piann, eagal agus curam pharantaibh. S duilich

lich an ni, nithe feumail fhaotain dhoibh; 's duilich an altrum agus an togail suas; ach 's doradh gu mor am foghlumachadh, deagh bheùsan a theagafg dhoibh, agus an cur ann an staid chiatach 'fan t-saoghal. Ma bhitheas iad math, bithidh toilleachas-inntin nam parantaibh mòr; ach ma bhitheas iad olc, bithidh an dubhachas moran na 's mugha. 'S iomad cridhe ga 'n d' thug iad solas; ach 's iomad cridhe bhrisde iad. 'S iomad anam a lot iad, ach cha d'thug iad fior-shonas do h-aon riamh.

'S aoibhin an ni càirdean gaolach, glic, tuigfeach; ach 's carrach, mealltach càirdeas an t-saoghal fo. Fhad 'fa mhaireas ar storas, ar creideas, ar neart, ar slàint agus ar cliù, cha bhi dith chairdean oirn. Ach 'nuair a chailleas sinn na nithe fin, trèigidh mòran finn. Chi finn gur call caraid a' ro-thathaich; agus gur è cairdeas De amhain a tha gu 'n cheann gu 'n chrioch. 'Sè fo an cairdeas a' nì subhach, aoibhin, ait finn air gach àm, anns gach aite, agus anns gach staid. 'Sè fo amhain a bheir dhuinn sòlas air thalamh, agus sonas fiorruidh ann an Aros Dè.

O na nithe chaidh a labhairt, tha mi 'n dochas gu bheil sibh a' faicinn, nach mor a 's fhiu sonas dìblidh, suarrach, salach an t-sao-ghail so. Air àm eile, ma bheir Dia comas duinn, fiosraichidh mi lucahmhoireachd an anama. Gu 'm beannaicheadh Dia na chaidh a labhairt air an àm, a' reir a thoil agus fho-cail; agus d'a ainm naomha gu 'n robh gloir a nis agus gu siorruidh. Amen.

SEAR-

SEARMOIN II.

MATA. XVI. 26.

Oir ciod an tairbbe a ta ann do dbuine, ge do
chosnadh è an saoghal uile, agus anam fein a
chall?

CHA 'n 'eil crèutair air thalamh ach mac an
duine a mhain, aig am bheil rèusan, coguis
agus anam neo-bhasmhor. 'Nuair a dh' ith
Adhamh am meas toirmisgte, agus a bhrist e
reachd Dhe, chaill è chòir air sòlas talmhaidh,
air umhlachd nan crèutairean, agus air beatha
shiorruidh. Chaidh ar ceud finnsearibh fha-
gail gu saorsa an toile fein, thuit iad o'n ceud
staid, pheacaich iad an aghaidh Dhe: Agus
cha'n ann dhoibh fèin a mhain a rinn iad
cron; thainig peacadh agus truaighe ann an
lorg so air an sliochd. Cha deachaidh sliochd
mi-thaingeil an duine mar a thoill iad a dhru-
ideadh

ideadh as an t-saoghal; cha d'fhàgadh iad gun sòlas; cha d'fhagadh iad gun dochas air sonas bithbhuan. 'Nuair a thuit an duine, ann an àite duais a pheacaidh, fhuair è gealladh gràsmhor; gu bruthadh Siol na mnatha ceann na nathair nimhe. 'Se rùn Dè, gu'n tuigeadh agus gu'n creideadh sliochd an duine an gealladh so, agus gu bheil è anis air a choilionadh. Cha 'n 'eil tlachd aig Dia ann am bàs nam peacach, ^{baun-}fa leis gu mòr gum faiceadh, gu'n aidich-eadh, gu'n trèigeadh iad am peacadh; agus gu'm bitheadh iad beo ^{et id} creidimh ann an Criosd.—Tha tràcair Dhe co-fharfuing r' a cheartas. Tha ghràdh oscionn tuigse, agus a naomhachd gu'n smal a' co-fhreagrachd, ann an cocheangal nan gràs, a rinn e r'ar slànuigh-ear Iosa Criosd, chum sonas fiorruidh a phobuil. Tha Dia ánn's gach nì a' nochdadhbh a ghlòir agus a bhuaidhean fèin, agus a ghràdh do chloinn nan daoine. Mar tha 'n t-Abstol Eoin ag radh, "An so dh'fhoillsicheadh gràdh Dhè dhuinne, do bhrigh gu'n do chuir Dia aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheaimaid beo trìdsan. An so a ta gràdh, cha'n e gu'n do ghràdhaich finne Dia, ach gu'n

gu'n do ghràdhaich easan finne, agus gu'n do chuir è Mhac fein gù bhi 'na ìobairt-rèitich air son ar peacaidh."

Tha mac an duine air a għiñċam hin ann am peacaidh; tha anamkiānnaibh agus aig-neidhibh ág eiridh fuas ná's luajhe na reufan. Tha na h-aignejidh laidir borb, tha ar reufan ciùin agus sèimh. Tha na h-anamianna-feòlinhor gach là a' dalladh suilean ar reufain a' toirt dìmeas air a chomhairle, agus a' faotainn lamh an uachdar air. Ged' a tha air coguis a' cuideachadh ris; tha air cridhe mealltach, talmhaidh; air n' aignejidh neart-inhor; agus air n' anamhianna ceañn-laidir a' faotainn buaidh orra le chèile. Tha finn fèin lag, dall, peacach; tha 'n Diabhol, an saoghal, agus an fheoil, 'g ar buaireadh air gach laimh, air gach am, agus anns gach àite. Ach a chum 's gu nochdad Dìa do gach creütair rèusonta, a ghloir, a bhuaigh-aihb, a għradh do anama dhaoine, agus fhuath do pheacadh; chuir e Mhac fèin a dh'ionnsuidh an t-faoghail, a chum is gu'n fàoradħ e gach neach a chreideadh ann, o chumhachd agus o dhuais am peacaidh; a

thabhairt eolais duinn air Dia agus air ar dleas-nas, a theagafg fior-ghliocas duinn ; a dh'-earbhadh nach 'eil tlachd aig Dia ann am bàs pheacach, a dh'innseadh dhuinn, c'aite 'm faigheamaid fior-shonas ; co iad ar naimhde, agus cionnas is urra sinn buaidh fhaotainn orra. Tha'n saoghal 'na charaid do'n fheoil, agus gu h-àraid 'na namhaid d'ar n'anama. Air an aobhar so, tha 'n t-Abstol Eoin an ainm Dhia a' guidhe oirn gu'n mhòr-ghràdh a thabhairt do'n t-saoghal. " Na gràdhaich-ibh an saoghal no na nithe a ta fan t-saoghal. Ma ghràdhaicheas neach air bith an saoghal, cha 'n 'eil gràdh an Athar ann. Oir na huile a ta anns an t-saoghal ; anamhiann na feòla, agus anamhiann nan sùl, agus uabhar na beatha, cha 'n ann o'n Athair a tha iad, ach o'n t-saoghal. Agus siubhlaidh an saoghal seachad, agus anamhiann : ach an ti a ni toil Dè, mairidh e choidhch." Uaith so chi fibh nach 'eil nithe an t-saoghal so luach-mhor no maireannach. Air an aobhar so, tha air Slànuighear a' feòraich dhinn, Ciod e an tairbhe do dhuine, ge do chofnadh e an saoghal gu h-iomlan, agus anam a chall ? Ann an labhairt o na briathraibh so dh'fheuch mi dhuibh a cheana ;

I. Air thùs, nach bitheadh tairbhe ann, ach call ro-mhòr, ged' a b'urra duine gach sòlas, subliachas, beartas agus nì a ta fan t-saoghal fhaotainn, na'n cailleadh e anam neo-bhàsmhor fèin 'fa mhalairt.

II. Ann fan dara àite, nochd mi dhuibh mòr-aimeadachd nan daoine sin, a tha tilgeadh air falbh, agus a call an anama, air son an ro-bheagan do nithe an t-saoghal a 's urra tuiteam.'g an crannchursa.

III. Tha mi cur romham air an am so, trid codhnadh Dhe, anns an treas àite, fhiosfrachadh mòr-luach an anama,

An deigh fo bheir mi oidhirp fibhse agus mi fein a bhrofnachadh, gu bhi curamach, freasdalach agus dìchiodhach, mu shonas fiorruidh ar n' anama.

Tha cuid do nithe luachmhòr 'nan nadur fein ; tha nithe eile luachmhòr do rèir mar a bheir iad sòlas no sonas dhuinn, agus do rèir mar a mhaireas iad. Cha 'n 'eil an t-anam a mhain luachmhòr' na nadur fèin; ach 's e 'n t-anam

t-anam mar an ceudna bun-stèidh gach sòlais agus sonais a tha fìnn a' mealtuinn, no is urra fìnn fhaotainn. Ach a chum 's gu'm faicibh fibh na's scilleire mòr-luach ar n'-anama neo-bhafsinhor.

I. Fiosfraichidh mi air thus, co a rinn an t-anam.

II. Ann fan dara àite c' arfon a chaidh an t-anam a dheanamh;

III. Ann fan treas àite, 'Nuair a bha an t-anam caillte le peacadh, ciod an luach leis an do cheannachadh è o bhàs fiorruidh, duais a pheacaidh.

IV. Ann fan àit' is deireannaiche ciod a rinn, agus a tha Dia a'deanamh air son anama dhaoine.

I. Air thùs fiosfraichmid co a rinn an t-anam.

An dèigh do Dhia an talamh, agus gach nì, agus crèutair a ta ann a chruthachadh, dhealbh è an

è an duine, 'nà iomhaigh fèin, mar chlach-mhullaich àluin air càch uile. Shèid è anail na beatha 'na phollaraibh, agus dh'fhìas anam rèufsanta 'na chom. Chruthaicheadh an corp a duslach na talmhain; ach thainig an t-anam uaithe fèin. Tha an t-anam glòirmhor neo-bhàsmhor: Tha è reufsanta, tuigseach, comasach eòlas a ghabhail air Dia, air oibre, air a chumhachd, air a mhaitheas, agus air a bhuaagliaibh. 'S ioma cèutfadh a ta fuaignte 'ris an anam; tha tuigse, meodhair, ciall, breathnachadh-coguis agus toil aige. Tha è comasach gliocas fhoghla姆 o Dhia agus o dhaoine. Tha è comasach gràdh agus meas a thabhairt do Dhia, do dhaoinc, do shubhailce, do cheartas, do mhaitheas agus do dhiadhachd.' Sè 'n t-anam a mhain a bheannaicheas agus a mholas ainm naomha Jehobhah mhòir: 's esan a chuimhnicheas le teas-ghràdh air na tiодhlacan tròcaireach, a tha è gach la a' builleachadh oirn. Tha oibre Dhe uile, a' nochdádh a' ghliocais, a chumhachd agus a' mhaitheis; ach 'sè an t-anam an coron gràidh leis an do chrùn Dia a chruiitheachd fo. 'Sè an t-anam is urra fhiosfrachadh agus a thuigfinn co a chruthaiche air thus. 'S esean a mhain a tha comasach air taingealachd,

taingealachd, air fiùghantas, agus air cairdeas. 'S è fo fior obair lamha Dhe; 's è fo a bheir buidh-eachas d'a ainm; 's è fo a mhain a sheinneas a chliù. Mar a ta na speuran ard oscionn na tal-mhainn, mar fo tha anam an duine air àrdachadh gu mòr oscionn na colla, agus gach ni a th' air thalamh. Tha gach ni agus crèutair talmhaidh; siùbhlach, neo-mhaireannach, bàsmhor; ach tha 'n t-anam seasmhach, maireannach, neo-bhàsmhor. Chaith gach ni eile dheanamh as, agus airson an talaimh; buin-idh an t-anam do neamh, agus 's ann air son nithe neamhaidh a chaith a dheanamh. 'S è Dia a mhain a b'urra ni co mòrchuiseach, deanadach, agus iongantach a chruthachadh. Cha robh na gibhte agus na buagha sin aig a h-aon eile r'a thabhairt do anama dhaoine; agus chruthaich Dia an t-anam, agus thug e na gibhtibh sin dà, chum mòr-shonas.

Tha so g' am thabhairt air m'aghaidh gu fhiosrachadh,

II. San dara àite, C'arfon a chaith an t-anam a dheanamh.

Thug

Thug Dia dà ni dhuinn, a dh'innseas c'arson a chaidh anam an duine a dheanamh, fhocal naomha, agus ar reusan fèin. Tha focal Dhe ag innseadh dhuinn, gu bheil Dia anns gach ni a' nochdadhbh a ghlòir, a chumhachd, a ghliocas, agus a mhaitheas fèin, do gach creutair tuigseach, an neamh agus air thalamh. Chaidh an duine a chruthachadh an staid shona; agus tha focal Dè ag innseadh dhuinn mar an cèudna, gur ann a chum sonais a chruthaich Dia air thùs è. 'Sè 'n Diabhol agus an duine a chruthaich am peacadh; agus is e'm peacadh a dhealbh, agus a tha a' beathachadh gach piann, gach truaighe, agus gach dòrainn a tha anns an t-saoghal. Tha cèutfaidhe glòirmhor, iongantach an duine gu beachd-dail a' nochdadhbh dhuinn, gur ann a chum sonais a chaidh a dheanamh. Tha gach creutair air thalamh comafach air solas a mheal-tuinn; 'se mac an duine a mhain, is urra bhi fior-shona. Dhruid am peacadh sonas as an t-saoghal so; ach tha Dia a' gealltuinn do gach fior-chreidmheach ann an Criosd, sonas co-fharsuing r'a mhiannaibh, agus co-mhaireannach r'a anam neo-bhàsmhor, ann fan t-saothal a tha chum teachd. Tha 'm fior-chreidmheach,

inheach, aig am bheil ceud-thoradh an Spioraid, ann an càileigin a' mealtuinn, fior-shonas anns an t-saoghal so. Tha suilean a chreid-mhich air am fosgladh; tha a chridh ath-nuadhaichte, tha aigneidhibh air an smach-dachadh, agus a mhiannaibh air an glanadh o shalachar a pheacaидh; Tha è gabhail tlachd ann an reachda Dhè, ann an co-chomunn r'a athair neamhaidh, agus tha a' gheallanna gràsmhor a' lionadh a chridhe le dòchas agus aoibhneas. Cha d'rinn Dia ni air bith an diomhain. Is ni mor-thogarrach anam an duine, agus cha'n 'eil miann no togradh ceart aig an an anam nach d'theid a fhàsughadh. Thug Dia ciocras do'n duine air sonas, a chum gu'n iarradh, agus gu'm faigheadh è sonas. Tha duil againn gu'm faigh finn sonas anns an t-saoghal. Ach tha Dia gach là ag innseadh, a' feuchainn, agus a' dearbhadh dhuinn, gu bheil sonas an t-saoghal fiùbhlach, carraich; gur ann na chairdeas fèin a mhain, agus anns an t-saoghal a ta chum teachd, a gheibh an creidmheach fior-shonas.

Ach a chum 's gum faiceadh sibh na's foilleire luachmhoireachd ar n-anama, Fiosfraich-amid anns an,

III. Treas aite, 'nuair a bha'n t-anam cailte le peacadh, ciod an luach leis an do cheannachadh è o bhàs siorruidh, duais a pheacadh.

Mar a tha 'n t-Abstol Pol ag ràdh, bha 'n saoghal uile ciontach am fianuis Dè ; bha na h-Judhaich agus na Geintilich uile fuidh pheacadh ; fuidh bhreitheanas chum diteidh, agus fuidh mhallachadh. Pheacaich gach uile, agus tha iad an deidh-laimh air glòir Dhè. Thainig bas air na h-uile dhaoine, do bhrigh gu 'n do pheacaich iad uile. Cha robh ni maith sam bith a' gabhail comhnuidh ann am mac an duine. Bha tuigse chloinn nan daoine air a dorchachadh, air dhoibh a bhith na 'n coimhich do bheatha Dhe, a thaobh an aineola is a bha annta, tre chruas an cridhe. Pheacaich an duine le lan-thoil ; bha aige na dh' fheudadh a bhi aige fior-eolas air an fhirinn. Cha robh iobairt rèitich aige airson a pheacaidh ; cha b'urra dochas air bith a bhi aige o Dhia ceart, naomha ; cha robh ni air bith aige, ach dùil eagalach re breitheanas, agus feirg theinntich gu' sgrios as. Bha cloidheamh ruisgte a cheartais an crochadh oscionn a

chinn; bha fearg an Dè bheo air lasadh suas na aghaidh. An uair a bha ceartas Dhe a' togail suas a laimhe chum am buille crioch-naichte, toillteanach a' thoirt duinn, shìn trocair a mach a' lamh ghrasimhor ann an Iosa Criofd; ghabh easan am buille a thoill finne, agus dh' fhuiling è 'm bàs airson ar peacaidh-ne.

An abair sibh a nis nach 'eil anam an duine luachmhor, 'n uair a cheannuich Criofd e le fhuil luachmhor, bheannuichte féin. Tha fulangas agus bàs ar Slànuighear gu foilleir 'a nochdad, dhuinn, gràinealachd a' pheacaidh, luachmhoireachd ar n-anama, gliccas agus tràcair Dhe, agus gràdh neo-chriochnaicht' ar Slànuighear Iosa Criofd. Mur biodh an t-anam luachmhor an sùilean Dhe, an cuireadh è a Mhac féin a dh' ionnsuidh an t-saoghal phianntaich so? An cuireadh e gu bàs è a shaoradh anam an duine o'n bhàs shiorruidh a thoili a pheacadh, am bheil ni sam bith ann an neamh, no air thalamh, as luachmhoire na fuil aon ghin mhic Dhè? An dòirteadh Dia an fhuil so air son ni suarrach, neo-mhairreannach, neo-luachmhor?

mhòr? Tha faorsa ar n-anama gu beachdail a dearbhadh dhuinn, luachmhoireachd ar n-anama, agus an t-thonais shiorruidh sin a choisinn Criost do gach neach a chreideas ann.

Mar a tha 'n t-Abstol Eoin ag ràdh, oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, ('se sin re ràdh anama agus sonas dhaoine) gu 'n d' thug è aon-ghin Mhic fèin, chum 's ge b'e neach a chrèideas ann, nach sgriosar è, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige. An gràdhaicheadh an Dia beo fior, glòirmhor, naomha agus uile-ghlic nithe faoin, suarach, gu 'n luach, gun bhuaidh, gun fhèum? Mur creid daoine gu'm bheil an t-anam agus sonas shiorruidh luachmhor, 'n dèigh na rinn Dia airson ar n-anama; cha 'n 'eil ni an neamh no air thalamh a's urra dhearbhadh ni 's neartmhoire dhuinn. Ach a chum 's gu'm faic sibh uile ann an aon bheachd, luachmhoireachd ar n-anama neo-bhàsmhor, fiosfraich-amid ann fa cheathramh àite,

IV. Ciod a rinn agus a tha Dia a' deanamh airson anama dhaoine.

B'e anam an duine obair dheireannach Dhè 'fa chruitheachd. Mu 'n do chruthaich è an duine, chruthaich è sonas agus sòlas air a shon. 'S i chollun èideadh ar n-anama ; 'S ann air son an fhir-àitich luachmhor, a chaidh an eideadh iongantach so air thùs a dheanamh. Tha chruitheachd, agus gach ni a ta innte air an sgeitheadh amach a chum sòlas a thoirt do 'n duine. Tha 'n talamh, agus gach creutair a thá g'a aiteachadh a' sàsachadh agus a freagairt do uireasbhuidh a chuirp. Tha gliocas, cumhachd agus maitheas Dhe 'fa chruitheachd a' tabhairt subhachais d'a inntin. Bha gach ni air thùs a' tabhairt sòlas, sonas agus aoibhneas do mhac an duine. 'Nuair a dh' fhosgail am peacadh suilean Adhamh, chum a lomnochdaighe fhaicinn, chunnaic è 's an am cheudna, fearg Dhè a' lasadh 'suas 'na aghaidh ; sonas agus solas talmhaidh a' ruidh air fabh uaith féin agus a shliochd ; agus a chruitheachd uile a call a sgiàmh, agus a boidhchead. Ghin am peacadh dorchadas, agus ghin dorchadas eagal a' bhàis, aineolas, seacharan, agus truaighe.

'Nuair a thuit Adhamh, cha do dhruid Dia
 as an t-saoghal è, mar a thoill a pheacadh.
 Ach a chum gu'm biodh a ghlòir agus a
 mhaitheas air an nochdadadh do gach creutair;
 a chum gu'm biodh anama dhaoine air an
 fabhaladh, agus air an deasachadh airson
 sonas neamh; shaor Dia corp an duine, an tal-
 amh, agus gach ni a ta ann, carr tamuil o
 sgrios, agus o bhàs fiorruidh. Fhuair an
 duine eolas air Dia, air a mhaitheas, agus air
 a throcair; fhuair è eolas mar an ceudna air a
 dhleasdanas do Dhia agus do dhaoine. 'Nuair
 a chaill sliochd Adhaimh an eolas, agus an
 gràdh air Dia; chaidh gach aon diubh a sgrios
 le tuil; ach Noah amhain, agus a theagh-
 lach. B'e Noah fearmonaiche na fireantachd;
 cha 'n èisdeadh an sean saoghal r'a ghuth,
 chaidh iadsan a bhàthadh airson am peacaidh;
 ach chaidh Noah a shàbhaladh a chum gu 'n
 sgaoileadh è eolas an Dè bheo, a'm measg a
 theaghlaich agus a shliochd. 'Nuair a chaill sli-
 ochd Noaih eolas air Dia, ghairm esan Abraham
 agus a shliochd, gu bhi na'm pobull àraid dileas
 dha féin. S mòr a rinn Dia airson clann Israeil,
 thug e dhoibh a reachd sgriobhta, mar riagh-
 ail-sliùraidh am beusan agus an caithe-beatha;
 daoine

daoine naomha, glic a' theagasc agus a' mhineachadh an reachd so; teampull glòir-mhor agus Sagairt a chum aoradh a dheanamh do Dhia, faidhean o àm gu àm g' am bro-nachadh a chum an dleasdanais; fhuair iad buaidh air an naimhde, agus nithe math na beatha so. Agus a chum 's gu'm biodh iad dileas agus seasmhach 'na sheirbhis, thug e dhoibh geallana prìseil, tarbhach. Fhuair righ na h-Eiphit comas clann Israeil a chur fuidh thrailleachd a chum gu'm biodh crois-dachd agus uabhar a phobuil sin air an smach-dachadh; agus a chum gu'm biodh fior-eolas mu'n Dia bheo, air a chraobh-sgaoileadh a'm measg gach pobuil air thalamh. Air an àm so bha co-chomunn aig fluagh an t-saoghal uile ris an Eiphit; air an aobhar so, thug Dia comas do righ na h-Eiphit clann Israeil a ghleidheadh agus a chur fuidh thràilleachd. Ach shaor Dia mu dheireadh a shluagh, le cumhachd, agus le mòr-ghlòir. Gheall è mar an ceudna, gu 'n cuireadh è neach a dh' ionn-fuidh an t-saoghal, a shaoradh iad o thràilleachd a pheacaidh, agus o'n naimhde spioradeil. Ann an coimhlionadh na h-aimsir chuir Dia a Mhac fein uaithe, a ghineadh o mhnaoi, a rinn-

a rinneadh fuidh 'n lagh ; a chum gu faoradh e iadsan a bha fuidh 'n lagh ionnas gu faigheamaid-ne uchd-mhacachd na cloinne. Le comhnadh Spioraid Dè, ghabht 'an Slànuigh-ear am broinn na h-oighe ; mar dhilleachdan gun treòir, gur bheartas gun chairdean, rugadh è ann an stapul truagh, diblidh, doireafach, gun uidheam, gun mhuinntir. Ge d' tha tuill aig na fionnaichibh, agus nid aig eunlaith nan speur, bha eisean a chruthaich gach ni, mar choimheach 'na chruitheachd fein, gun aite comhnuidh fuidh 'n ghrèin a dhealbh a lamh.

Co luath 'fa dh' fhosgail mac Dhe a shùil air thalamh, dhuisg, mhosgail, agus dh' eirich a naimhde, gu fuileach, feargach, dioghaltach 'na aghaidh. Bha Herod air a thòir ; b' èigin d'a pharantaibh teicheadh leis, do 'n Eiphit. 'Nuair a thoisich e air searmonachadh, thug a theagafg oilbheum do na h-Judhaich. Bha na Sagairt, Phairisich, agus na Scriobhuich ga ruagadh, ga gheur-leanmuinn air gach àm, agus anns gach àite. Dh' fhuiling e buaireadh an Diabhoil, agus an-cainnt pheacach 'na aghaidh fein. Dh' fhuiling e ocras patha, agus

agus sgios 'na chorp; bròn, cradh agus dor-uinn pheacach 'na anam. Dh' fhuiling è fearg athar naomha, 'nuair a bha i air lasadh suas an aghaidh pheacach. Chaith gach pian agus cràdh a thoill finne a leagail comhladh air. Chaith peacadh gach neach a thug athair dha', agus duais gach peacaidh a dhortadh ann an aon chupan, agus dh'òl è as è. Thainig è dh' ionnsuidh a mhuintir fein, agus cha do ghabh a dhaoine fein ris. Bhrath Judas le, pòig e; dh' àicheadh Peadar e; threig iad uil' è. Ghlac na h-Judhaich è; cheangail, sgiurs, dhùt agus cheus iad Slànuighear an t-saoghal.

A' chlann nan daoine tuigibh o fo, nadur a pheacaidh, tuigibh o fo ceartas Dhè; tuigibh o fo gràdh ar Slànuighear, tuigibh o fo luach-mhoireachd ar n-anama. 'Nuair a dh' fhàg Criosd an talamh, ghuidh è air a chairdean gun bhi fuidh thrioblaid, na fuidh eagal; chaith è ghabhail seilbh air sonas dhoibh; dh' fhàg e fithe aca; chuir an t-athair uaithe 'na ainmfe an Comhfhurtair, an spiorad naomh, a theagasg dhoibh na h-uile nithe, agus a chur an cuimhne dhoibh gach ni a labhair Iosa riu. Sgaoil Criosd a Shoisgeul chuir e amach

amach abstoil agus luchd teagaifg le cumhachd agus le miorbhuile a dhearbhadh firinn an t-foisgeil so. Tha Eaglas agus meadhonna na'n gràs air an suitheachadh air thalamh. Bhudhaich an Soisgeul air gach namhaid a dh' èirich 'na aghaidh : The è air a chraobh-sgaoileadh air feadh an domhain uile. Tha colas an t-foisgeil air teachd gu fabhailt a chum an àil, a chum na duthcha, a chum an àite so. Tha Dia air an là 'n diu a' dearbhadh do gach aon agaibh, gu bheil ar n-anama prìseil, 'nuair a tha e toirt dhuibh neart agus comas Soisgeul na firinn eisdeachd. 'Se Dia a rinn agus a tha a' deanamh gach ni a dh' ainmich mi ; agus rinn an Dia uile-ghlic gach ni dhiu so air son anama dhaoine. Feoraicheam anis do gach creutair reufanta, tuigseach, do gach Criofdaidh, do gach neach a tha ga'm eisdeachd, nach 'eil anam neo-bhafinhor an duine na ni luachmhòr.

Anis a mhuintir ionmhuinn.

IV. Ma tha sibh a' creidfin gu bheil na nithe sin fior ; Gur è sonas ar n-anama an t-aon ni feumail ; Gu bheil gràdh aig Dia air

anama dhaoine ; Gu bheil Criofd toileach agus comafach fior-fhonas a thoirt dhoibhsan a chreideas 'na ainm. Air ghaol Dia, air ghaol Chriofd, air ghaol ar n-anama neo-bhafsmhor, bithibh curamach, freasdalach agus dichiollach mu shouas fiorruidh ar n-anama. Dh' fheuch mi dhuibh gu foilleir, gu 'n do dhruid am peacadh fior-fhonas as an t-faoghal so, gu bheil gach sòlas a ta ann neo-mhaireannach ; nach biodh tairbh ann ged' a gheibheadh aon duine an faoghal uile, na 'n cailleadh è anam ; Gur è 'n t-anam an duine, gur è maitheanas peacaidh trìd eadar-ghuidhe ar Slanuighear, agus càirdeas Dè amhain sonas ar n-anama.— Thigibh a' dh' ionnsuidh caithir na'n gràs ; Guidhibh air Dia a' spiorad a dhortadh amach oirbh ; ar Sùilean fhosgladh ; ar cridhe ath-nuathachadh, ar creidimh a mheudachadh, ar gràdh a lasadh suas, agus ar neartachadh an aghaidh ar naimhde Spioradail. Bithibh frighealtach air meadhonna na 'n Gràs, air là na Sàbaid ; rannsaichibh agus eisdibh focal Dò le curam agus le taingealachd. Bithibh dìleas, treibhdhireach anns gach dleasdanas ; subhailceach, diaghaidh 'nar caithe-beatha ; eallamh chum math a dheanamh, agus càirdeil do gach neach

neach, gu h-àraid do chairdean Dhe. Siubh-laibh do rèir creidimh, agus ni h-ann do rèir feallaidh. Na biodh ro-churam oirbh mu nithe talmhaidh: ach anns gach ni le h-urnuigh agus athchuinge maille re breith-buidheachais biodh ar n-iartais air an deanamh aithnichte do Dhia. Bithibh làidir 'san Tighearna, agus ann an neart a chumhachdsan. Cuiribh um-aibh uil' armachd Dhe, chum 's gu 'm bi sibh comafach air seasamh an aghaidh cuilbheartan an Diabhoil.

A' bheil sibh eagalach nach eisd Criost ruibh; nach d' thainig è a dh' iarruidh agus a shabhaladh creatoirean co pheacach agus co chiontach ruibhsé. Ged' a tha ar peacaidh dearg mar scàrlaid, do-àireamh mar rionnanagan nan spèur, ma tha sibh toileach an trèigfin; ma tha sibh a' creidfin ann an cumhachd agus ann an toil an t-Slànuighear; gheibh sibh maitheanas, gheibh sibh sonas, fior-shonas, sonas fiorruidh d'ar n-anama neo-bhàsinhor. Eisdibh le iongantas teas-ghràdh re gairm ghràsmhoir ar Slànuighear. Thigibh a m' ionnsuidhse, sibhse uile a ta re saothair, agus fuidh throm uallach a pheacaidh, agus bheir mise

mise fois agus fuaimhneas dhuibh. Thigibh a m' ionnsuidhse, oir gach neach a thig a m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith amach e. Ho ! gach neach air am bheil tart, thigibhse chun nan uisgeachan ! agus an ti aig nach 'eil airgiod, thigeadh è agus ceannuchadh è, gun airgiod agus gun luach. C' arson a ta sibh a' caitheamh bhur n-airgid airson an ni sin nach aran ? Agus bhur faothair air son an ni sin nach sàsuich sibh ? Eisdibh gu durachdach riumfa, agus ithibh an ni sin a ta maith, agus fasuicheadh bhur n-anam è-fein ann an maitheas. Aomaibh bhur cluas, agus thigibh a m' ionnsuidhse ; eisdibh, agus bithidh bhur n-anam beo, agus ni mise co-cheangal fiorruidh ruibh, eadhon trocair chinnteach Dhaibhidh. 'S iad fo cuirreanna gràsmhor ar Slanuighear, 's dall, 's aimideach, 's cruidh-chridheach a mhuintir fin, a tha diultadh eisdeachd riu.

A mhuintir ionmhuinn, a chum 's gu 'm faic sibh air mhogh riochdail, eifeachdach leas bhur n-anama, agus gur e sonas fiorruidh an t-aon ni feumail; guidhibh air Dia, an gliocas a ta o neamh, a thoirt dhuibh, a ta air tùs glan,

glan, an deigh sin siothchail, ciuin agus fo-chomhairlich làn do throcair agus do dheadh thoraibh, gun leth-bhreth agus gun cheilg. Agus a thuilleadh air so, cuiribh r'ar creidimh cruadal, agus re cruadal eòlas; agus re eòlas stuaim; agus re stuaim foighidin; agus re foighidin, diadhachd; agus re diadhachd, gràdh brathaireil; agus re gràdh brathaireil, seirc. Ge b'e nithe ta fior, ge b'e nithe ta urramach, ge b'e nithe ta ceart, ge b'e nithe ta fior-ghlan, ge b'e nithe ta ion-ghràidh, ge b'e nithe ta ion-mholta, ma-tha deadh-bheus air bith ann, ma ta moladh air bith ann, smuaintichibh air na nithibh sin; oir ma bhitheas na nithe so annaibh, agus pailte, bheir iad oirbh gun bhi leafg, no mi-thorrach ann an eolas bhur Tighearna Iofá Criosd.

SEARMOIN III.

ROM. III. 23.

*Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd
a dhéidh-laimb air gloir Dhe,*

'Siad fo briathran an Abstoil Phoil, agus scriobh sè iad, le deachda Spioraid an Dè bheo.
'S brònach an ni a tha e ann an so a' cur an ceil, ach mo thruaighe tha è foilleir agus do-àicheadh. Co luadh 'sa thuit Adhamh, nochd am peacadh e-fein air thalamh, agus o'n am fin gu ruig an là 'n diugh, tha 'n saoghal gu lèir làn dheth. Tha aghaidh na talmhainn, tha gach faothair a tha sinn a' gabhail, a chum nithe feumail na beatha so fhaotain, tha gach tinneas, trioblaid agus cruidh-chàs d'am bheil finn buailteach, tha eachdraidh an t-saoghal, tha breitheanais De gu riocdhail a' dearbhadh, gu'n do pheacaich gach uile. Ach ge do tha gach

gach dearbhadh againn gu'r i so ar staid, gidheadh tha moran ann nach 'eil a' mothachadh an cionta, nach aidich am peacaidhean, agus leis nach miann an trèigfin. G'ar toirt air ar n' ais a dh'ionnfuidh Dhe, agus g'ar deanamh deigheil air flàinte Chriosd, tha è gu h-àraidh feumail gu'm bi fior-eolas againn air ar staid. Gu's am bheil sinn deirbhte, gu'n do chaill sinn le peacadh Adhamh iomhaigh Dhe, gu'n d'fhàs ar cuirp agus ar n-anama truaillidh; agus gu bheil an staid so gu h-araidh cunnartach, cha ghuidh sinn tràcair, cha'n iarr sinn gràs. Tha focal De a' toirt beachd foilleur d'ar staid, agus g'ar deanamh deigheil air flainte Chriosd : 'se mo rùn air an àm, le comhnadh Dhe, a nochdad, ciod a tha na Scriobtuir gu h-araid a' teagaig mu dheimhin staid an duine thaobh nàduir. Agus tha sinn a' foghlum air.

I. Gu'n do chaill e a chumhachd, breith a thoirt air nithe spioradail 'na thuigse.

Tha 'n t-Abstol Pol gu riochdail a' teagaig fo. Ann an scriobhadh a chum an dream sin do bhaile Ephesus, a chaidh iompochadh, tha e gu h-àraid ag radh, na imichibh a so suas,

mar a tha na Cinnich eile ag imeachd, ann an diomhanas an inntinn fèin. Aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh bhi 'nan coimhich do bheatha Dhè, thaobh an aineolais a ta annta tre chruas an cridhe. Agus ann an deigh so, tha e a' cur an cuimhne dhaobh, gu'n robh iad uair-eigin 'nan dorchadas. 'Na Litir chum Thituis, tha e mar an cèudna ag radh, gu bheil araon inntinn agus coguisean an dream nach 'eil a' creidfin truaillidh. Mu theid a radh, gur è is brigh amhain do na briathra so, gun robh an dream mu bheil an t-Abstol a' labhairt gun solus focal De, tha eadhon so a' daighneachadh ar teagastg; oir tha so ag aidmheil, gu bheil an duine gun fhocal De ann an dorchadas, agus ann lorg so nach urrain e le reusan féin nithe Spioradail a thuigfin. Agus tha e foilleir gur i so air staid, o na chàidh a radh ris na h-Iudhaich, ged' a' bha suilean aca, cha 'n fhac iad; ged' a bha aca araon an reusan agus focal Dè, cha 'n fhac iad. C'arson a thachair so? An ann do bhrigh nach bu mhiann leo? cha 'n ann amhain ach cha b'urrain iad gun foillseachd Spioraid De. Leughaibh an seathamh caib-eideil do fhaigheadaireachd Isaiah, agus chi
fibh

fibh gun do chuir iad an aghaidh solus an spioraid a bha foillseachadh mu'n cuairt doibh, agus uime sin chaidh a thoirt uatha. Ann an lorg so le 'n Piobail am measg an làmh, agus le làn chleachda an reusain, dh' fhan iad ann an dorchadas; chuala, ach cha do thuig, chunnaic, ach cha d' aithnich iad. Ach tha ar Slànuighear fein a' deanamh an ni so co shoilleir re solus an latha, 'nuair a tha è a' teagasg, gur ann trìd oibreachadh an spioraid amhain air ar n' inntin, a tha finn a' faotainn fior-eolas air nithe spioradail. Na nithe so ars' esan, labhair mi ribh, air dhomh bhi 'm chomhnuidh maille ribh; ach an Comhfhurtair, an Spiorad naomh, a chuireas an t-Athair uaithe a'm' ainmse, teagaifgidh esan dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh e'n cuimhne dhuibh na h-uile nithe a labhair mísé ribh. Agus a ris tha è ag radh, 'nuair a thig Spiorad na firinn, treòraichidh e fibh chum gach uile fhìrinn oir gheibh e do m' chuidse, agus nochdaidh e dhuibhse è. Tha 'n leithid so do bhriathra gu rioch-lail a' dearbhadh doille inntin dhaoine. Tha eadhon aineolas agus mearrachd na'n Abstol mu theagasg Chriosd, gu foilleir a' nochdadh, nach urrain daoine

gun oibreachadh an spioraid, nithe spioradail a thuigfin. Ciod is brigh do gach athchuinge a tha sinn a' cur suas re Dia ann an ùrnaigh, mur bheil ar tuigse thaobh naduir dorcha. An gairmeadh Daibhidh co tric agus co durachdach air Dia a theagascg, mur moth-aicheadh e dorchadas a' comhduchadh anama, 'nuair nach robh spiorad De a foillseachadh air. O na nithe so uile tha e foilleur, gu bheil ar tuigse thaobh naduir dorcha, agus nach urrain finn le'r reusan fèin, eolas fhaotain air nithe spioradail. Ach tha focal De a' teagascg 'fan,

II. Gu bheil an duine ciontach, truaillidh. Tha foillseachadh an lagha a' nochdadh so. Na 'm bitheadh an duine fairfe, bhitheadh an lagh uile an taobh a stigh dheth, agus bhitheadh foillseachadh an taobh amuigh gu tur neo-fheumail. C' arson a rachadh lagh modhanna phoillseachadh do na h-Aingil naomha, a tha cheana gu h-iomlan air an cumadh araon re nadur agus toil De. 'Na staid neochiontach, cha robh feum aig Adhamh gu'm bitheadh lagh air a thoirt dha 'n taobh amuigh; bha 'n lagh le gradh dha

sgrioblite

fgriobhte air a chridhe, agus cha b'urrain e dol air seacharan uaithe, gun dol an aghaidh a naduir fein. B'e leagadh an duine, b'i a chionta a rinn lagh taisbeanta feumail; a chum le'r nadur agus ar giulan a thoirt gu riaghailt ionlan, gu'm faiceamaid ar fior-staid, tobar gach truaighe a tha sinn a' fulang air an am, agus gu'm bitheamaid eagalach mu thoradh ar seacharain an taobh thall do'n uaigh. Tha'n soisgeul a' teagastg an ni ceudna, tha gach sgeul aoibhneach, tha gach gealadh ann a' cur an ceil ar peacadh agus ar cionta; oir gun so cha bhitheadh feum againn air geallana an t-soisgeil. Tha'n ni so mar an ceudna gu riochdail air innseadh ann an iomadh earrann do fhocal Dè. Mar dhear-bhadh neartmhòr do-aicheadh air an fhirinn, eisdibh ris an ni a tha Pòl ag ràdh, ann am briathraibh Dhaibhidh. Cha'n'eil ionracan ann, cha'n'eil fiu a h-aon. Cha'n'eil neach ann a thuigeas; cha'n'eil neach ann a ta ag iarruidh Dhe. Chlaon iad uile as an t-slighe, tha iad uile mi-tharbhach, cha'n'eil neach a ta deanamh maith, cha'n'eil fiu a h-aon. Mar so tha e foilleir, gu bheil an saoghal uile ciontach

ciontach am fianuis Dè. Ach tha na scriobh
tuir a' teagafg 'san,

III. Gu bheil an duine ea-comafach math
a dheanamh. Tha iad a' cur an ceil gu bheil
ni àraidh annain da'n ainm an fheoil, anns
nach 'eil ni math sam bith a' gabhail comh-
nuidh. Tha so air ainmeach' lagh a pheacaidh;
tha cumhachd lagh air a thoirt dha, do
bhrigh gu bheil e a' stiuradh uile thograidh
ar criodhachan; agus tha e air ainmeach' lagh
a pheacaidh, do bhrigh gu bheil e a' stiuradh
ar tograidh chum an ni sin a ta peacach. Tha
e air innseadh gu bheil an lagh so 'g oib-
reachadh annain air mhodh co-threun, as gu
bheil e toirt air uile bhreathnachadh smu-
aintidh ar criodhachan a bhi olc an comh-
nuidh. Tha e air innseadh mar an ceudna,
gu bheil a chumhachd co mhòr, is nach ur-
rain ni sam bith ach cumhachd Dhe a bha-
cadh; oir an uair a ta sin a' cur na aghaidh,
tha e air a chur an ceil dhuinn, gur e Dia
a tha 'g oibreachadh annain araon an toil
agus an gniomh d'a dheadh-ghean math féin.
Tha cumhachd agus eifeachd a pheacaidh co-
mhòr, as gu bheil finn a' foghlum, an uair
a tha

a tha 'n spiorad a' miannachadh 'na aghaidh, eadhon air an am sin, nach urrain sinn na nithe bu mhiann leinn a dheanamh. 'Se fo an sgeul a ta focal De a' toirt air an aomadh sin a ta ann an nadur an duine chum an uilc. C' aite ma seadh am bheil cumhachd an duine chum math a dheanamh? Mhothaich an t-Abstol Pol gu'n robh e-fein gu tur gun chumhachd. A ta mi ars' esan a' faicinn lagh a' m' bhallaibh a' cogadh an aghaidh lagha m' inntinn, agus ga m' thabhairt am bruid do lagh a' pheacaidh a ta ann am bhallaibh. Och is duine truagh mi! co a shaoras mi o chorp a' bhais fo. Mar so, thug mi dhuibh o fhocal De sgeul air staid an duine thaobh naduir, tha'e dall, ciontach, animhunn. Tha 'n staid fo gun amharus brònach, agus tha gach neach a tha innte fuathach gràineil ann am beachd Dia na naomhachd. 'Se mo run anis 'fan

IV. Cunnart na staid a chur an ceil.

Gus am mothair daoine, araon an staid agus an cunnart a thaobh naduir, cha'n iarr iad faorsa, cha teich iad o'n fheirg a ta re teachd.

teachd. Guidheam ma feadh, bhur n'aire 'nuair a bheir mi oidhirp bhur cunnart a chur an ceil. Ach co as urrain fo a chur gu ceart an ceil, tha cunnart pheacairean do-thuigfin agus do labhairt. Tha 'n t-uile-chumhachdach air a dhaighneachadh féin 'nan aghaidh. Tha ghnuis na'n aghaidh; oir mar fo tha Daibhidh ag ràdh, gu'bheil gnuis De an aghaidh nan daoí, gu'n cuimhne fgrios o'n talamh. Tha chridhe 'nan aghaidh, oir is fuath le Dia uile luchd-deanamh na h-eacorach; agus tha e gach la 'n corrúich re peacairean. Tha a' lamh nan aghaidh, mar so bhagair e gu'm bitheadh a lamh an aghaidh clann Israel, mar a bha i an aghaidh an aithreacha, mur d' thugadh iad cisdeachd dha. Tha a' bhuaghan gu leir 'nan aghaidh; mar so tha a cheartas mar chloidheamh lasrach air a rusgadh 'nan aghaidh. Tha ceartas De co teann, as gu'm feum e diòladh fhaotain gus an fheoirluing dheireannach: tha e glaoedhaich feirg agus corrúich, trioblaid agus amhghar air gach aon anam a ni olc. Tha naomhachd Dhe làn naimhdeis 'nan aghaidh; mar so tha e air innseadh, gur fuath leis luchd an uilc, agus

gu bheil eadhon gràin aige dhoibh. Agus mar a thuirt muinntir Bhetsemeis, co a dh' fheudas seafamh ann an lathair an Tighearna Dia naomha so. Tha cumhachd Dhia mar chanan millteach air a shocrachadh 'nan aghaidh. Tha gloir a chumhachd re bhi air a foill-seachadh ann an sgrios na muintir sin, aig nach 'eil colas air, agus nach 'eil a' toirt geill do'n t-suisgeul. Agus co a' dh'fheudas tairneanach a chumhachd san a thuigsin; no co riamh a chruadbaich e fein 'na aghaidh, agus a thug buaidh air. Tha gliocas De ann an tì am milleadh. Mur pill iad, chuir Dia faobhar air a chloidheamh, lub è a bhogha, dheasuish è a shaighde, 's rinn e acfuinn, air fad ullamh. Tha firinn Dhe a toirt mionn 'nan aghaidh. Agus mur breugaich-ear esan, gheibh an dream sin gu cinnteach bàs, a chaitheas am beatha do rèir na feòla. Thuille air so, tha làn chumhachd aig an Abharfoir orra, tha e 'g oibreachadh anna, tha iad 'nan traillean dìblidh dha, tha e gan iomain o pheacadh gu peacadh. Tha 'n cionta fein na luidhe air am muin mar bheinn, 's trom do-ghiùlan gun amharus an eallach so, leag i gu làr eadhon Slanu ighear

an t-faoghail. Tha 'n lagh a' dortadh gach aon d'a bhagraidhean agus d'a mhallaichdan orra, agus O cia uamhasach tairneanach an lagha! Tha eadhon an foisgeul fein a' toirt. damnadh fiorruidh mar bhinne 'mach 'nan aghaidh, agus 'gan ceangal gu daingean air an anama. An tì ars' Pol, a rinn tair air lagh Maois, bhafaich è gun trocair, cia mòr is measa na fin am peanas air am meafar eisean toillteanach a shaltair fuidh chois mac Dhe. Fa dheoigh, tha fùirneis dioghailteis shiorruidh air a teasachadh fa chomhair pheacairean. Tha ifrinn agus leir-sgrios a' fosgladh am bœil, agus a' sgaoileadh an gial gu farfuing as a cheile chum an slugadh a suas. Agus am feud an cridhe fulang, no an làmh-an a bhi laidir anns an là anns am buin an Tighearna riu. Agus co is urrain giulan le lasair shiorruidh, no comhnùidh a ghabhail ann an teine caiteach. 'S iad so na nithe d' am bheil peacairean buailteach. 'sì so 'n staid chunnartach anns am bheil iad fhad 'fa tha iad 'nan naimhde do Dhia, agus 'nan coigrich do ghràs slainteil Chriosd. Air dhuinn mar so staid agus cunnart pheacairean a chur

an

an ceil, deanamaid anis foghnadh aith-ghearr.

Ann an gabhail beachd araon d' ar staid, agus d' ar cunnart, 's eigin dhuibh aidmheil, gu bheil iad le cheile eagalach brònach. 'S bochd an ni do dhaoine, aig am bheil ana-ma neo-bhasmhòr, a bhi gu tur dall, cion-tach agus anfhann. Agus fhad sa tha iad anns an staid so, tha iad a' fàs ni's doille, tha 'n cionta a' meudachadh, tha iad a' call ni's mo d' an treòir. Agus cia truagh an nì a bhi teicheadh gach là ni's fhaide o Dhia, agus a bhi à' dlùthachadh ni 's tinne re If-rinn, agus doruinn shiorruidh. Tha cunnart na staid so mòr do-labhairt. Cia uamhasach an ni a bhi cogadh an aghaidh Tighearna nan fluagh, a bhi gach là a' dusgadh a chor-ruich le'r giulan. Cia dàna an nì a bhi sìn-eadh a mach ar lamha 'n aghaidh Dhia, a bhi gar neartachadh fèin an aghaidh an uile chumhachdaich; a bhi ruith 'na chòdhail, eadhon air a mhùineal, air bolga tiugh a sgèithe. An gliocas a bhi re sùgradh ris an dara bàs, na dol le dànadas do 'n locha sin

a ta losgadh le teine agus pronnaidh. Cha'n urrain finn cainnt na coimeas fhaotain, a chur an ceil cuthach oillteil an dream sin, a tha dol air an aghaidh gach là le dànaidh 'nam peacaidhean. Gabhaibh beachd ann an trà d' ar itaid, agus d' ar cunnart, agus guidhibh air Dia bhur dusgadh o chadal a pheacaidh, chum as nach coidil fibh cadal a bhàis.

SEAR-

SEARMOIN IV.

ROM. III. 23.

*Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd
gearr air gloir Dhè.*

B' ALUINN nadur, b'ard inbhe, agus bu mhòr sonas an duine, 'nuair a chaidh a dhealbh an tùs. Ach mo thruaighe! 's luadh a rinn e ceannairc an aghaidh uachdarain, 's luadh a thainig mughadh brònach air a staid, 's luadh a dh' fhas iad mar na brùidean a tha basachadh. B'e 'm peacadh mathair-aobhair an truaighe, agus 'se 'm peacadh bri-seadh lagha Dhe.

Air am eile nochd finn gun do chaill daoine trid a' pheacaidh fior-eolas air nithe spioradeil, an neo-chiontas agus am fireantachd,
maille

maille re cumhachd math a dheanamh. Nochd sinn aris, gu bheil an staid fo cunnartach, bochd agus brònach. 'Se mo run anis a dhearbhadh 'san

III. Gu bheil gach peacair air teachd gearr air glòir Dhe.

'Si glòir Dhe ard-onoir, agus ard-mhaise a naduir, a bhuidhannaibh, agus a thoil. Tha ghloir so air a taisbeanadh dhuinn 'na oibre, 'na fhreastal, 'na fhocal, agus gu h-àirid ann an co-oibreachadh a naomhachd, a mhaitheas agus a thròcair. Tha lagh, ceartas agus glòir Dhe ag iarruidh gràdh foirfidh, agus umhlachd ionlan, o gach aon do shiol Adhamh. Agus mar a tha 'n cinne-daona gu lèir le 'm peacaidh gin agus gniomh, an caileigin a' diultadh glòir mar is cubhaidh, a thoirt do Dhia; tha cuid gu h-àirid a' deanamh sò. Tha fa leith, ana-creidich. cealgairean, an dream a tha fein-earb-sach, cairdean an t-saoghail, seirbhisich na feola, agus tràillean an Abheirfeir a' briseadh gach la lagh Dhe, agns a' diùltadh glòir dha. An

I. Tha

I. Tha ana-reidich ann an deigh-laimh
air glòir Dhe.

Tha 'n t-Abstol Pol ag ràdh, gun d' thug Abraham glòir do Dhia, le bhi laidir ann an creidimh; agus uaithe so tha e foilleir, gu bheil ana creidich a toirt tàmailt agus easfonoir dha. Gach ni a tha e 'na fhocal a' tais-beanadh no 'g ràdh, tha e gu cinnteach fior; agus do na nithe so tha fior-chreidimh gu foilleir dligheach. An dream nach creid fhocal, tha iad gu dàna a' deanamh breugaire do Dhia; 's tàmailt mhòr so am measg dhaoine, cia uamhunn cunnartach an ni, an tàmailt so a thoirt do Dhia. "Ma tha sinn a'" creidfin fianuis dhaoine, ars' Eoin, 's muaghá fianuis De;" uime sin tha 'n tuillidh creideas agus earbsa dligheach d' a fhocal.

'Se Dia tobar na firinn, 'se Criosc an fhirinn fein, 'se 'n Spiorad, spiorad na firinn, a theagaifg agus a sdiùr na fàidhean agus na h-Abstoil. Co chreideas sinn, mur creid sinn Dia, agus na nithe a tha e cur an ceil, air mhodh co shoilleir, agus le coilion teach-daire

daire dhuinn? Cia dana aingidh, ana-creidich! Co 'measg dhaoine, tha firinneach, còir, nach biodh fuidh chorruich, nan diultadh neach àraid fhianuis a chreidfin? Cia mòr ma seadh a tha 'n dream sin, a' teachd an deigh làimh air a ghlòir, a tha diultadh àrd-onoir fhirinn a thoirt do Dhia. 'San

II. Tha cealgairean a' thoirt eas-onoir do Dhia.

Tha Criosd fein ag ràdh, gu bheil cealgairean, cosmhuil re aite-adhlaice nam marbh o shean, sgiamhach an taobh amuigh, ach gràineil an taobh a stigh. Air sgath deagh ainm, no beartas, no chum an coguisean a ghleidheadh 'nan toed, tha 'n dream so gu dìblidh, gealtach, fallsail, a' gabhail orra cleoca na diadhachd, ged' tha 'n cridheachan truaillidh, agus an giùlan aingidh. 'S brathair an cealgair do 'n bhreugaire agus do 'n chlaodhaire; am measg dhaoine tha e gun mheas, gun chreideas; am beachd Dhe na naomhachd, tha e gu h-araidh gràineil.

'Nuair

'Nuair a bha Criod a bhos air talamh, 's minic a labhair e gu sgaiteach geur, an aghaidh chealgairean, 's tric 'a thuirt e riu, 's an-aoibhinn dhuibh. 'S ann amhain airson buidhinn agus cliu, a tha 'n dream so ag aidmheil creidimh Chriosd; le 'n giùlan cealgach, tha fior-dhiadhachd a' fàs mi-chliutach, agus tha peacairean ann an lorg so a' fàs lionmhor, dana. An aite eiridh suas mar iolairean a chum neamh, gu onoir a thoirt do Dhia, tha cealgairean a burachadh mar mhucan gionach, a chum lòin agus aite-comhnuidh foluichte fhaotain. Cia mòr cionta, cia truaillidh nadur an dream so, agus cia fada a tha iad a teachd, gearr air glòir Dhe.

III. Tha daoine fein-earbsach a' toirt eas-onoir do Dhia.

Mar a thuit an duine le uabhar, tha mòran d' a shliochd do ghnàth, a' cur earbsa 'nan gliocas, cumhachd agus maitheas fein, ge do tha iad amaideach, anfhann, aingidh. Tha Pol a' labhairt mu dhream, a bha, do rèir coflais

costais, eudmhor, diadhaidh ; ach ars' esan, air dhoibh a bhi aineolach air fireantachd Dhe, agus a' toirt oidhirp am fireantachd fein a shocrachadh, cha do gheill iad do fhireantachd Dhe. Tha fein-earbsa gu h-àraig am-aideach, tha so a' fosgladh a chridhe gach la do bhuaireadh, agus a' leagadh an duine gu minic ann an eabar a' pheacaidh.

Le fein-earbsa, chaill Nebuchadnefar a ghliocas a chumhachd, a bheartas; agus b' eigin da re uine, mar bhrùid feur itheadh 'san fhasaich. Le fein-earbsa, bha na Phairisich o shean air an dalladh, agus air an cruadhachadh co-mhòr, is gun do dhiult iad gabhail re Criod. Le fein earbsa, tha daoine mòr 'nam beachd fein, tha iad eadhon air an arduchadh gu mullach beinn lom, chas an t-saoghal fo, 'gan ullachadh gu leagadh brònach fhaghail ann an flochd domhain, dorcha Ifrinn. Bu mhòr earbsa Pheadair 'na neart spioradeil fein, agus 'na chairdeas do Criod, gidheadh an àm buairidh, dh' aicheadh se e gu narach, agus eadhon le mionnaibh. 'Si fein-earbsa duais an Abheirfeird' a

d' a chairdean, agus le fo tha iad air am buaireadh, chum an onoir agus a ghlòir sin a ghabhail dhoibh fein, a bhuineas do Chriosd amhain. 'Sa

IV. Tha càirdean an t-saoghal fo a' toirt eas-onoir do Dhia .

Tha nithe an t-saoghal fo taitneach do'n theoil, agus uime sin tha mòran a' toirt gràdh dhoibh. 'Nan àite fein 's fhiach iad ar n'aire agus ar speis, ach mo thruaighe ! tha cùid a' toirt do 'n t-saoghal an gràdh, am meas an onoir, a bhuineas do Dhia mhàin. Mar a tha 'n inntin fheolmhor na naimh-deas an aghaidh Dhe, tha càirdean an t-saoghal nan naimhde dha. 'Se 'n saoghal fo, màr inneal buaireadh an Abhairfeir, a tha gach là a goideadh criodhachan, agus a lottadh anama dhaoine . Ciod ach an t-saoghal agus gràdh dha a bhúair Achan chum an t-airgiod a ghoid, Judas chum Criosd a bhrath, agus Demas chum Pol a threigfin ? Ciod ach gràdh do 'n t-saoghal, a tha gach là a' buaireadh dhaoine, chum sannt mi-xùn tua-

agus co'-stridh? Ciod ach cùram an t-saoghal, agus ciocras na dhèigh, a tha gach là a' bacadh dhaoine o shláinte Chriosd, agus sonas neamh iarruidh? Agus mar a tha ar Slànuighir a' feoraich, creud an tairbh ata ann do dhuine, ged' a chofnad e 'n saoghal uile, agus anam fein a chall? Gach ni a tha ann an cailigin san t-saoghal, tha aig Dia gu h-iomlan, agus 's aimeadach, nàsach an ni an onoir sin a thoirt do 'n t-saoghal, a bhuiineas do Chrughfhear an t-saoghal amhàin. Tha fa

V. Seirbhisich na feòla a toirt eas-onoir do Dhia.

Si 'n fheoil bodhan-crèadha an anama no an earran thruaillidh agus bhrùideil d'ar natur. O na thuit Adhamh an tus, tha an fheoil mar a tha 'n t-Abstol ag ràdh, do ghnà a mian-nachadh an aghaidh an spioraid, agus an spiorad an aghaidh na feòla. 'Si 'n fheoil an tràill, 'se 'n t-anam am maighistir; agus ta an duine do ghnà ciontach, aingidh, 'nuair a tha an fheoil a riaghlaigh an anama. Tha 'n inntin

inntin fheolmhor, fuidh chleoc cairdeas a treorachadh gubàs, mar a tha Pol ag ràdh, ach an inntin spioradail, gu beatha agus sìth. Tha tràillean na feòla nan naimhde do Dhia, tha iad fuidh chorruich, agus fuidh dhìteadh a lagha agus buailteach, do sgrios fiorruidh. Se 'm bàs duais a pheacaidh; siad cràdh gu minic anise, agus truaighe shiorruidh fa dheoigh duais àraidh seirbhisich na feola. Tha geocairean agus misgeirean luchd-striopachais agus adhaltranais daoine sanntach agus mi-rùnach, gu h-àraidh nan tràillean do'n fheoil. Nise o na tha 'n fheoil truaillidh, diblidh agus bàsmhor, cia mòr cionta an dream, a tha toirt do'n fheoil, an gràdh, an t-seirbhis, an onoir, a bhuineas do Dhia d'an anam-aibh agus do shonas neamh amhàin. Tha giulan an dream fo amaideach, dàna ceann-airceach, agus gun fhior-aithreachas, bithidh an staid truagh gu fiorruidh. 'Sa

VI. Tha tràillean an Abheirfeir a' toirt ea&-onoir do Dhia.

Se Dia 'mhàin ar n'uachdaran dligheach
agus

agus's annchum glòir a thoirt dhafan, a chaidh ar dealbh. Ach ged a bhuineas finn fein, agus gach ni a th'againn do Dhia; gidheadh tha ar nàrd-namhaid gu breugach, fallsail do ghnà aig iarruidh ar feirbhis, agus tha mòran gach là a' toirt gràdh agus umhlachd dha. Ged is e Satan athair nam breug, tha 'n dream fo ga chreidfin; ged a tha e' gan' sdiuradh chum truaighe, tha iadsan ga leantuin gu toilleach.

Tha Chriosd ag ràdh nach urrain fonn feirbhis a thoirt do dha mhaighistir, do Dhia agus do Mhammon; uime fin an dream nach 'eil a toirt onoir do Dhia, tha iad nan tràillean dìblidh do'n Abheirfeir. Se 'n àmhaid so le bhuaireadh, a leag Adhamh gu lèr, a thug peacadh truaighe agus bàs a steach do'n t-faoghal, a bhrofnaich daoine 's gach àll chum cogadh an aghaidh Dhe, agus na h-Judhaich gu h-àraidh, chum Slànuighear na sìth a sparradh re crann. Cia dàna, uamhan an ni do chreutairean reusanta, iad fein a thoirt thairis eidir chuirp agus anama do'n Abheirfeir, a bheir dhoibh mar dhuais truaighe shiorruidh. Gach neach a tha caitheadh am beatha

beatha 'fa pheacadh, agus gu h-àraidh 'sna peacaidhean a dh'ainmich finn, tha iad an deigh làimh air glòir Dhe, agus uime sin cha n' urrain iad a chairdeas a mhealtuin fa dheoigh.

Foghnà .

Nuair a chruthaich Dia an saoghal fo, thug e riaghailt agus obair àraidh do gach creutair agus ni a dhealbh a làmh. Bha iad an tùs uile math, bha iad freagarach agus umhal, agus mar fo bha' iad, gu cubhaidh, a toirt glòir da ainm. Tha gach creutair reufanta agus neo-reufsanta, ach deamhuin agus daoine mhàin, do ghnà umhal do thoil De, agus a reir an comais, a toirt glòir dha. Si àrd-obair an duine, Dia a ghlòruchadh air talamh, agus 'fann o fo mhàin a tha fhioshonas a' fruthadh. Tha peacairean gach là a toirt tamait do Dhia, ged a tha oibre, a fhreasdal, agus fhocal a gairm orra gu dian onoir a thoirt dha.

Trìd a pheacaidh mo thruaighe ! tha finn dall, ciontach truaillidh air ar sgaradh o chair-

chairdeas ar n'athar neamhaidh, ea-comasach a thoil a dheanamh, agus onoir a thoirt dha. Ach 'nuair a bha sinne cailte, thainig Criosd gar tearnadadh, thainig è gar teagafsg, gar fireanachadh, gar naomhachadh gar dionadh o ar naimhde agus gar neartachadh chum feirbhis agus glòir a thoirt dha. Tha aig Criosd pailteas do ghràs, airson gach seorsa do pheacairean, agus 's mòr feum an dream fin air a dh'ainmich finn dhuibh. Guidheam orra air ball feirbhis Shatain a threigfin, agus gràs Chriosd iarruidh le dùrachd, agus a ghabhail gu h-iriosal taingeil. An diult sibh a chóir dar fior-charaid; an d' thoir sibh dar n'àrd àmhaid, an ni nach buin da. Air ghaol Dia, agus ar n' anama smuantaichibh an trà air ar staid agus cunnart. Iarruibh an Tighearna, fhad fa tha e re fhaotain, gairmibh air fhad fa tha e'm fogusg dhuibh. Ge be ciod air bith ar peacadhean, no ar giulan, air an àm a chaidh seachad, tha Criosd fhathasd a giulan leibh, tha e eadhon nise gràdh, "feuch 'nise an tàm taitneach, feuch an diu là na siainte." Ga 'm beannachte &c.

SEARMOIN V.

LUCAS XVIII. 13.

A Dhia, dean tròcair ormfa 'ta 'm pheacach.

THA finnè a cruinneachadh an ceann a cheile air an là an diu, chum ffinn fein isleachadh an làthair Dhe, chum maitheanas ar peacaidh-ean iarruidh, agus chum seirbhis a dheanamh dha. O na se Dia ar n' uachdaran dligheach o na tha e uile-ghlan na natur, o na tha finne ciontach, neo-ghlan, agus fui' iomadh comain d'a, tha e reufanta, tha e cubhaidh, tha e ceangailte oirn na nithe so a dheanamh gu cùramach. Aidichidh gach neach gu h-ullamh, gu bheil iad peacach, gu bheil feum aca air tròcair, ach tha doigh àraidh air an còir dhuinn so a dheanamh, ma tha mhiann oirn

oirn maitheanas fhaoitain. Gar sdiùradh ann fàn t-flighe dhìreach cheart, rinn mi roghainn do na briathra so, oir tha iad gu riochdail a cur an ceil, staid an duine sin-a tha air ìsleachadh an làthair Dhe. Chum aimead-eachd, agus cionta uabhair a nochdad, chum mòr-fheum, agus mòr-thairbh irioslachd innitin a dhearbha, tha Criod a' làbhairt cosamhlachd mu dheimhin giùlan dias daoine, Phaireasach agus Publicanach ann an teampull Dhe. Chum seadh ar teagaifg a thuigfin, leughaidh mi an cosamhlachd fo dhuibh 9—15. 'Nise o na tha Criod 'nso gu riochdail a teagafg, gu bheil Dia a cur an aghaidh nan uaibhreach, ach a toirt gràis dhoibh sin ata iriosal, mu tha mhiann oirne gràs De fhaotain, 's còir dhuinn eisfeamplair a Phublicanach a leantuin. Gar bròsnachadh chum fo a dheanamh thugamaid fainear air

I. Giùlan a Phublicanaich an taobh a muigh bith ach seirbhis spioradail e, tha an dream sin a deanamh fanoid air, agus gràineil na bheachd, a tha tarruing dlù air gu cealgach le 'm bilibh, nuair a tha an

criodh-

crìdheachan fada uaithe. Tha 'n ni fo foilleir o natur Dhe, o ar co-cheangail ris, agus o fhocal naomha fein. Ach se 'n ni a's còir dhuinn fhiosfrachadh, cionnas as urrain daoine a nochdadadh an taobh amuigh, gu bheil iad a' toirt aoradh, agus a' deanamh seirbhis do Dhia, gu h-iriosal, gu mothachail, gu cubhaidh, agus gu taitneach. 'Nise tha d a dhoigh ann, air am feud iad fonn an crìdhe, agus rùn an inntin a nochdadadh, agus siad sin le'n giùlan agus le'm briathraibh; agus mu bheachdaicheas finn air giùlan a phublicanaich, chi finn gu'n raibh e gun amharus iriosal. Chaith am Phaireasach suas co àrda fa b'urrain e, sheaf e gu dàna teann air altair Dhe, agus rinn e gu h-uaibhreach tàir air an luchd-aoraidh eile. Cha 'n ann mar fo a ghiùlain am Publicanach e fein, an làthair an ti sin, ata uile-chumhachdach, uile-naomha, agus uile-cheart, ach thug e gach dearbhadh a b'urrain e le ghiùlan air irios-lachd-inntin, agus air aithreachas. Mhoth-aich eisean a chionta fein, agus a mhi-thoilt-eanas chum tarruing dlù air Dia, sheas e fada air ais, an t' eagal gun duisgeadh e cor-

ruich Dhe le dhàndas, agus chum 's nach d' thugadh e oilbheum do'n Phaireafach, a bhanise le di-meas a' toirt fainear a ghiùlan. Bha eisean air isleachadh co mòr, o bheachd ceart d'a chionta, agus d'a chunnart, a 's nach b'aill leis fiù a shùl a thogail suas gu neamhl, ach thog e suas a chridhe ann an togradh nao-mha gu h-iriosal gu caithir na tràcair. Ann an deigh so bhualail se uchd, bha e 'n corruiich ris fein airson aimeadachd, nochd e gu'm b'e rùn a chridhe, tobar neo-ghlan a pheacaidhean, a bhualadh air an doigh cheudna. Bha choguis a nise ga chlaoidh, bha e, mar gu'm beadh a' deanamh peanas air fein airson a cheannairc ann an aghaidh athar neamhaidh; agus le uchd a bhualadh, chuir fe 'n ceil, gu'n raibh e' na bheachd fein a' toilltin, agus an cunnart a pheanas sin a bha lagh Dhe a' bagairt an aghaidh eas-umhlachd. Mar so nochd am Publicanach le ghiùlan ann an teampul De, gu'n raibh e gu'n amharus iriosal, aithreachail. Thugamaid fainear 'san

II. Cionnas a nochd e aithreacheas, agus iriosflachd-inntin le bhriathraibh,

Ann an àit' e fein fhireanachadh, agus a ghiùlan a dhionadh, cosmhuil ris an Phaireasach, chuir e suas ath-chuinge dhùrachdach re Dia, bha ùrnuigh gun amharus gaoirid, ach bha e brioghor, thainig i o'n chridhe. Chum a nochdadadh gun do ghiùlain fe e fein, mar a's còir do chreatuir ciontach a dheanamh, labhraidih finn cailigin mu gach earran d'a urnuigh, agus air

I. Tha e ag aidmheil gun raibh e peacach.

Dh'aicheadh am Phaireasach gu dàna gun raibh eisean ciontach do pheacadh, thug e gu h-uaibhreach taing do Dhia, do bhri gun raibh e na b' fhearr na daoine eile; le so nochd e gun raibh inntin dall, a choguis na tosf, agus a chridhe aingidh. Ach tha 'm Publicanach air an làimh uile, gu h-ullamh ag aidmheil gu'n raibh e ciontach gun do bhrisde lagh Dhe, gu'n d'rinn e tàir air uachdarachd, agus gu'n raibh e buailteach do pheanas. Chuir a choguis fein an ceilidh da a pheacaidh gin agus gniomh, mhothuich é gu'n raibh a natur fein truaillidh, gu'n raibh
anam

anam priseil air a-lotadh gu geur, a thoil
 crofda do-lùbaidh, agus a chaithe-beatha
 dubhailceach, aingidh. Fhuair e beachd ceart
 do naomhachd Dhe, do gheur-cheartas a
 lagha, agus d'a chòir gràdh agus umhlachd
 fhaghail o chreatuirean. Dh'innis a choguis
 dha, gu'n do dhiùlt eisean gu minic a chòir a
 thoirt do Dhia, chreid e a teisteas, chunnaic e
 cloidheamh ruisgte a cheartais 'nise ann an
 crochadh oscionn a chinn, lion fo a chridhe
 le eagal, agus anam le bròn, thuit e gu h-iri-
 ofal sios gu lär, dh'aidich e gu treimh-
 dhireach 's peacach mi. Bha a chionta mar
 callach throm air inntin, bha a choguis g'a
 bhioradh agus g'a chlaoïdh, agus o na bha e
 deirbhte gur e Dia 'mhàin a b'urrain cobhair
 a dheanamh air, cha raibh e ann comas d'a
 fois a mhealtuin, gus an do dhoirt è 'mach a
 chridhe na làthair. Bha fhios aige gun
 raibh e cubhaibh, agus ceangailte air a chin-
 ne-daonna am peacadh aidmheil do Dhia,
 agus nach b'urrain duil a bhi aca re maith-
 eanas fhaotain, gun fo a dheanamh, uime
 sin, o na bha mhiann airson maitheanas ag-
 us cairdeas De fhaotain oscionn gach ni, dh'
 aid'ich

aid' ich e gu h-iriosal, aithreachail a chionta dha. Agus le fo a dheanamh, thug am Publicanach onoir do Dhia, dh'aid'ich e gu'm b'e uachdaran dligheach, gu'n raibh còir aige air umhlachd, agus gu'n raibh e duilich, brònach, do bhùi gu'n do dhiùlt e fo dha, ach cha do stàd e ann an fo ach

II. Ghuidh e air Dia tròcair a dheanamh air.

Bha deadh mheas aig an Phaireasach dheth fein, bha e a' cur earbsa 'na throsgadh, 'na ur-nuighean, 'na dheadh oibre fein amhàin, bha e gu h-aimeadach a' faoilsin gu'n raibh e airson nan nithe fo, a toilltin sonas neamh. Mhothuich am Publicanach, air an làimh eile, nach raibh e a' toilltin ni sam bith o-làimh Dhe, ach peanas amhàin, agus gu'n raibh e caillte, na 'm buineadh e ris do reir ceartais; uime sin, tha e a' teicheadh o cheartas, a bha g'a dhìeadh, chum tròcair gu bhi air a thearnadh, tha e guidhe air Dia tròcair a dheanamh air. Si tròcair a bhuaidh sin do natur Dhe, a tha g' a bhrofhnachadh chum truas

truas a ghabhail re chreatuirean, 'nuair a tha iad ainniseach agus truagh, chum maitheanas a thoirt dhoibh nan cionta, agus an uireafuibh a dheanamh suas, ged nach 'eil iad a' toilltin a h-aon do na nithe so. Si tròcair Dhe, a tha g'a dheanamh gu h-àraidh maifeach am beachd dhaoine, si thròcair bunait dochais a pheacair, 'sann o thròcair amhàin a's urrain dùil a bhi againne re maitheanas, sìth, agus sonas. Tha e coslach gu'n do reusannaich am Publicanach air an doigh so ris fein. " Maille re daoine eile, tha mi 'nife a'm sheasamh an teampull an De bheo, chum seirbhis, mar a's còir, a dheanamh dhà-fan, a thug dhamh mo bheatha, agus gach ni a tha mi a' mealtuin. Tha Dia mar a tha mi leughadh na fhocal, a làthair anns gach àite, tha fior-eolas aige air gach ni, tha e gu h-àraidh a' toirt fainear, fonn cridhe, agus giùlan a luchd aoraidh fein, tha iad freagarach dhà-fan airson an giùlan, agus 'sc chàirdeas amhàin a ni iad sonadh araon a-nise agus gu fiorruidh. O 'm anam tha thu-sa comasach air sonas a mhealtuin, tha cioscras mòr ort na dheigh, ach cha n' urrain nithe

nithe an t-saoghal so gu bràth do thograidi
 a shàsachadh, uime sin 's còir dhuit iarruidh
 o Dhia 'mhàin. Ach cionnas a dh'iarras mi
 sonas uaithe, an iarr mi e, mar ni a tha mi
 a' toilltin," no 'mhàin mar shaor - ghibht;
 smuainticheam re mionaid air an ni so, tha
 e cudthromach. Ciod a thuirt mi mu'm
 thoillteanas fein, mo thruaighe, tha mo chog-
 uis, tha mo reusan, tha mo mheodhair, ag-
 us m' fhein-fhiosrachadh gu leir 'g innseadh
 dhamh, nach eil mi a' toilltin ni sám bith
 ach peanas agus truaighe. Se Dia m' uach-
 daran dligheach, 'seisean a dhealbh, 'se a chum
 mi suas, agus a bhuillich orm gach ni a tha
 mi a' mealtuin, tha còir aige, uime sin, air
 mo ghràdh, agus air m' umhlachd, nochd
 e a thoil dhamh, gheall e sonas neamh, 'n
 lorg umhlachd iomlan a thoirt dha, agus
 bhagair e pianntaidh Ifrionn na'n diùltain so.
 Ach mo thruaighe, cha n' urrain dùil a bhi
 agamfa re sonas air an doigh so, oir rinn
 mi ceannairc an aghaidh Dhe, agus bhrisd
 mi gu minic agus gu dàna a lagh, nis' o
 na tha a lagh agus a cheartas ga'm dhìeadh,
 mu gheibh mi sonas gu bràth, 's ann o thrò-
 cair

cair amhàin. Uime fin, fhad fa tha Dia a' toirt cothrum agus comas dhamh, 's còir dhamh mi fein ìsleachadh na làthair, agus ath' chuinge dhùrachdach a chur fuas ris, a Dhia, dean tràcair ormsa 'ta 'm pheacach." Tha e coslach gur ann air an doigh fo a labhair am Publicanach ris fein, agus a rinn e feirbhis do Dhia. Tha mi nise gu nochdadh fan

III. Gu'n d' cisid Dia re ùrnuigh a Phublicanaich.

Mar dhearbhadh riochdail air an ni fo, tha ar Slanuighear; fan rann an deigh ar ceann-teagaisg ag ràdh, gur dochadh gu'n deachadh an duine fo sios d'a thigh air fhireanachadh, na 'm fear ud eile. Tha e mar an ceudna toirt deadh reusan airson an ni fo, oir ars' eisean, ge b'e neach a dh'àrdaicheas e fein, ìslichear e; agus ge b'e a dh 'ìslicheas e fein àrdaichear e. O na bha 'm Phaireasach an taobh amuigh gu càramach a' coimhead cuid do àitheanta Dhe, agus o na bha e ainmeil ameasg a phobuil ann an lorg fo, shaoil e gu h-aimeadach gu'n raibh eisean

eisean gu h-àraidh naomha, agus a' toilltin mòr-shonas, bha a chridhe air atadh suas le uabhar agus fein-spèis. Bha an duine fo gu dàna ga chur fein ann an àite Dhe, agus a' toirt eas-onoir dha, uime sin, tha Criost 'g innseadh dhuinn nach do ghabh Dia ris fein, no re sheirbhis, ach gun raibh iad le cheile gràineil agus neo-thaitneach 'na bheachd. Ach o na dh'ìslich am publicanach e fein ann an làthair Dhe, o na bha e duilich brònach air-fon a cheannairc na aghaidh, agus eas-uimh-lachd dha, agus o na ghuiuh e air gu dùrach-dach tràcair a dheanamh air, tha Criost 'g radh gun d' eisd, gu'n do ghabh Dia gu càirdeil risean. 'Sann o'n Abhairfeir a fhuair an cinne-daona uabhar, 'fann trìd fo a thuit iad o'n ceud staid, se fo a tha ga'n cumail fada o Dhia, agus ga'm bròsnacha chum a chòir a dhiùltadh dha, uime sin, tha uabhar gu h-àraidh gràineil am beachd Dhe, mar ni a tha toirt eas-onoir dha-san, mar ni aimaideach, aingidh, agus ciùrail do anamaibh dhaoine. Agus o na nochd am Publicanach le ghiùlan agus le ùrnuigh, gu'n raibh e faor do'n uabhar cridhe fo, agus ar isleachadh gu lär o,

mhothachadh ceart d' a chionta, agus d' a chunnart, bha e anns an staid sin anns an còir do chreatair a bhi ann an làthair Dhe, thilg se è fein gu tùr air a thròcair chaomh, agus bhuin eisean gu gràsmhor ris. Gar bròsnachadh chum na nithe a chaidh a radh, a thoirt dha-thigh chum bhur cridheachan fein, agus mar cho-dhùnadh d'ar ceann-teagaisg, labhram air

I, Caileigin riu-fan a tha gu 'n mhothachadh sam bith air an cionta, agus air an cunnart.

Trìd baisteidh tha fibhse uile air bhur n' ainmeach Criosduighean, agus mar cho-thional Criosduigh, tha fibh anise ann an làthair agus an teampull an De bheo. Ach na saoilibh, gu bheil mi mi-sheirceil, no gur e mo rùn droch sgeul a thogail oirbh, 'nuair a tha mi gu labhairt re cuid 'nar meafg a tha gun mhothuchadh sam bith air an cionta, agus air an truaighe. 'S ni eagalach è gu bheil mòran ann s gach co-thional a tha 'fan staid bhrònach fo, agus ged a tha è mi-thaitneach dhoibh, gidheadh 's còir dhuinn oidhirp a thoirt an

dus-

dusgadh o chodal a pheacaidh. Tha fein-fhiosfrachadh gach là a dearbha, gu bheil cuid do dhaoine ann, nach urrain eadhon innseadh ciod e peacadh, agus gu cinnteach cha n' urrain mothuchadh ceart a bhi, aig an dream ain-eolach so, air a natur, agus air a mhi-thoilteanas. Tha cuid eile aig am bheil fios ciod e peacadh, ach mo thruaighe, tha an criodhachan air an cruadhachadh, agus an inntin air an dalladh leis, air mhogh's nach eil' iad a' mothuchadh an cionta, agus a' faicin an cunnart. Labhram 'nise ris an d'a fhéorfa dhaoine so. A' bheil fibh a' creidfin gu bheil Dia ann, gur e uachdaran an t-saoghal gu'n d' thug c' làgh do'n chinne-daonna, gu bheil còir aige air an umhlachd, gu'n dean e peanas fiorruidh air an dream a bhriseas a làgh, agus gu'n d' thoir e sonas, airson an oibre fein, dhoibhsin 'mhàin a choimheadas è gu h-iomlan. Mu tha fibh a' creidfin nan nithe so, ciod a tha duil agaibh a dh' eireas dhuibhse fa dheoigh, an saoil fibh gun faor bhur n' ain-eolas agus bhur neo-mhothuchadh fibh, o'n pheanas sin a tha bhur cionta a' toilltin; bheil dochas agaibh gu'n toillich so ceartas

agus

agus làgh Dhe aig là mòr a bhreitheanais, nuair a bheir Dia do gach neach do reir an gniomhara. A dhaoine aimaideach na meal-laibh bhur n' anama fein leis an dochas fhaoin fo, mu tha focal Dhe fior, tha fibhse ciontach do pheacadh, tha fibh air bhur dìteadh le làgh Dhe, a bhrìsd fibh gu minic, cha n' urrain fibh bhur cionta a dhìoladh, agus sonas neamh a chosnadh le'r deadh oibre, mur dean Dia cobhair agus tràcair oirbh, tha fibh caillte gu fiorruidh. O na se fo an aon doigh, air am fuigh fibh maitheanas, sìth, agus sonas, o smuaintichibh air bhur staid chunnartach, bhrònach fein, leanuibh gu'n dàil eisiomplair a Phubliçanaich, islichibh fibh fein an làth-air Dhe, aideachaibh bhur peacaidh dha, agus guidhibh air gu dùrachdach tràcair a dheanamh oirbh. Ann an Criofd tha Dia a' nochdadh 'saibhreas a thròcair, tha e a' buntain gu tràcaireach ris gach neach, a tha gabhail re Criofd, agus a' cur earbsa annsan 'mhàin airson slàinte, iarruibh, uime sin, tràcair o Dhia air 'sgà na rinn agus na dh' fhuiling ar Slanuighear, agus mu ni fibh so gu h-aithreachail treimh-dhireach, ri Dia gu cinnteach tràcair oirbh.

II. Labhram caileigin riu-fan, a tha, cof-mhuil ris an Phaireasach, air an atadh suas le fein-speis, agus aig am bheil duil re sonas Neamh airson an deadh oibre.

Tha cridhe an duine cealgach ofcionn gach ni, ro-aingidh, làn do uabhar agus do fhein-speis. 'Siomadh doigh air am bheil a chridhe a' mealladh an duine mu dheimhin a staid, tha e gu cealgach a' folach a chionta o bheachd, no ga lughadachadh gu mòr, tha e gu miodalach a' molladh gach ni math, a tha e a' deanamh, agus a' cur an ceil dha o àm gu h-àm gu bheil e na 's fhearr na mòran do dhaoine eile. Tha ni eile ann, a tha ro-ullamh chum daoine a mhealladh mu dheimhin an staid, agus se sin deadh ainm a-measg dhaoine. B' iad na nithe fo a dhall sùilean na 'm Phaireasach, a rinn iad co-uai-bhreach, agus co neo-mhothachail air an cionta b' iad fo gu h-àraidh a bhròsnaich an neach sin, mu bheil ar Slanuighear a' labhairt, chum e fein fhireanachadh an làthair Dhe, agus tàir a dheanamh air daoine eile. Nochd mi dhuibh a cheana gun raibh uabhar an ti

fo

so gràineil am beachd Dhe, gu'n raibh a sheirbhis neo-thaitneach dha agus gu'n do dhiùlt e gabhail ris. Mu se ar rùn-sa eisomplair an ti so a leantuin, agus teisteadh ar cridhachan uaibhreach fein a chreidsin mu dheimhin ar staid, cha 'n fhaigh fibh gràs o Dhia, cha dean eisean tràcair oirbh. Ach 's ni foilleir e o fhocal De, gu bheil fibh caillte, mur dean eisean tràcair oirbh trìd an t-Slànuighear, o nach urrain neach sam bith a shláinte fein oibreachadh amach. O so tuigibh ciod i bhur staid, agus cia mor bhur cunnart; o so bithith air bhur bròsnachadh chum fibh fein ìleachadh ann an làthair Dhe, guidhibh air bhur cionta a nochdadadh dhuibh, bhur n' uabhar a sgrios, agus tràcair a dheanamh oirbh.

III. Labhram focal no dha riu-fan a tha mothachadh an cionta, agus ga'n ìleachadh fein ann an làthair Dhe.

A bheil fibhse anise, cosinhuil ris a Phublicanach iriosal, bhochd, a' mothuchadh gur creatairean ciontach truaillidh fibh, thugaibh cliu do Dhia, a tha gu gràsmhor a' fosgladh
bhur

bhur suilean, agus a' nochdadadh bhur fior-staid
 dhuibh. An àit' bhur coguisean a chur nan
 tosf, 'nuair a tha iad anise a' cur an ceil bhur
 peacaidhean dhuibh, aidichibh iad gu irio-
 fal do Dhia, agus gabhaibh sòlas agus mis-
 neach o shoirbheas a Phublicanaich. Tha
 Dia ceart co ullamh, ceart co toileach tràcair
 a dheanamh oirbhse, a's a bha e air-fan ; tha
 e ann an Criofd, gu saor a taigse gràs ag-
 us tràcair dhuibh. Na bithibh, uime fin,
 mi earbsach a Dia, a tha paitt ann an gràs,
 agus faibhir ann an tràcair; cuiribh làn-earbsa
 ann an umhlachd, ann an iobairt-rèitich, agus
 ann an eidear-ghuidhe ar Slànuighear, ìslichibh
 sibh fein ann an làthair Dhe, agus àrdaichidh
 eisean sibh. Feithibh air Dia na òrdunans-
 faidh fein le creidimh agus le dochas ; feith-
 ibh air bhur Slànuighear, aig a bhord, agus
 guidhibh air e fein a nochdadadh dhuibh an
 gràdh. Gu'n deonaiche Dia gu'm bi gach
 h-aon againn air ar neartachadh, chum ath-
 chuinge a Phublicanaich a chur suas ris, gu
 h-iriosal aithreachail, agus gu treimh-dhir-
 each, a Dhia, dean tràcair ormsa 'ta 'm phea-
 cach .

SEARMOIN VI.

I. PEAD. II. 25.

*Oir bha sibb mar chaoraich a' dol air seacharan;
acb philleadh sibb a nis chum Buachaille agus
Easbuig bhur n' anama.*

'SI iriosflachd araon neart agus maife an anama; si so an sgeudachadh a's fhearr co mhath 'fan sgeudachadh is àluinne. 'Sonadh an duine air am bheil eagal an Tighearna ghnà; ach an ti a chruaidheachas a chridhe tuitidh fe an droch-bheart; oir tha Dia a' cur an ag-haidh nan uaibhreach, agus a' toirt gràis dhoibh-fin ata iriosal. Co luath 'fa thuirt Daibhi, cha d' theid mo għluasad am feasd, air ball mħothuich e mugħha mor na staid, agus bha aobhar aige na briathra brònach

so agus-

fo a labhairt, dh'fholairt thu do ghnùis,
agus bha mi fui' thriobloid.

'S iomadh meadhon a ghnàthaich Dia anns
gach linн da Eaglais, chum uabhar fhogradh
a cridheachan dhaoine, agus chum an irios-
lachd-inntin sin a ghineamhuin annta, a bhu-
ineas do chreatairean peacach. Be fo a bh' ai-
ge gu soilleir 'na bheachd le orduighéan an t-
sean tiomnaidh. Bha iobradh an uain-chaisg,
maille re fheum mar shamhladh air iobairt
Chriosd, gu h-àraidh a' teagastg dhoibh araon
iriosflachd-inntin agus taingealachd. "Agus
"tarlaidh, arsa Maois, le àithne Dhe 'nuair
"a their bhur clann ruibh, ciod is brigh do'n
"t-seirbhis so? their fibhse, is i sò caisg an
"Tighearna, a chaidh thairis air tighean clann
"Israel, 'nuair a bhual e na h-Eiphitich, ag-
"us a shaor e ar tighean-ne." Air an doigh
cheudna, 'nuair a thug iad an ceud thoradh
mar ofrail do'n Tighearna, feisд eile a bh'aca
gach bliadhna, choisrig iad so leis na briath-
raith a leanas. Bu Shirianach, a bha ullamh
chum bàs fhaghail, a b' athair dhamh, agus
chaidh e fios do'n Eiphte, agus ghabh e cu-

airt ann an fin le beagan, agus dh' fhas iad nan rioghachd mòr, cumhachdach agus làn do phobull. Agus bhuin na h-Eiphitich gu h-olc ruinn agus chlaoidh iad finn, agus rinn iad tràillean dhinn. Agus 'nuair a ghlaodh sinn ris an Tighearna Dia ar n' aithreacha, dh' eisd an Tighearna re'r guth, agus dh'amhairc e air ar truaighe, agus air ar saothair, agus air ar foirneart. Agus thug an Tighearna mach sinn as an Eiphit le làimh threun, agus le gairdean finnte mach, agus le mòr-uamhunn, agus le comharaibh, agus le miorbhuilibh. Agus thug e sinn chum an aite fo, agus thug e dhuinn an talamh fo, eadhon talamh a tha làn do bhainne agus mil. Agus nise feuch thug mi ceud thoradh na talmhuin, a bhuillich thusa, o Thighearna, orm.

Mar fo thog Dia suas a shean phobull, chum feirbhis a thoirt dha le urram, agus chum gairdeachas a' dheanamh le crith na làthair. Bha 'n offraile-buidheachais, co mhath re n' iobairtean airson peacaidh a' cur an cuimhne dhoibh, cia diblidh an ceud staid agus cia mòr an tràilleachd o'n do shaor Dia iad

iad. Bha eadhon gach gniomh aøraidh a' teagáisg dhoibh a' radh maille re Daibhi, co mise, o Thighearna Dhia, no ciod e mo thigh, gu'n do thug thu am fad so mi air m' ag-haidh.

Tha orduighean an t-foisgeil san tiomnadh-nuadh a' cur an ceil nan nithe ceudna agus eadhon air mhogh na's riachdaile. Tha caisg an t-foisgeil a' cur an cuimhne ar faorsa o thràilleachd spioradail, air an robh faorsa nan Judhach 'mhàin na shamhladh lag.

Anns na nithe lionmhor, cràiteach fin a dh' fhuiling Criosd, chum ar faoradh, chi sinn ni 'mhàin saibhreas do-rannsachaидh a ghràidh, ach mar an ceudna cia mòr mi-thoilteanas a pheacaидh, agus cia uamhunn an truaighe, gus an do thuit sinn le'r seacharan. 'Nuair ma seadh, a tha sinn a' dean-amh uaill ann an flàinte, mhòr Criosd, tha so a' cur an cuimhne dhuinn an staid bhrònach, bhochd anns an d' fhuair a thròcair finn, chum stad a chur air gach sìnuaint-eadh àrd, agus gar co'-eigneachadh chum cliu na tha sinn a' sealbhachadh, no ris am bheil dùil

dùil againn a thoirt do shaor-ghràs De 'mhàin. Gar stiùradh chum fo a dheanamh, rinn mi roghain do bhriathra ar steidh-teagaisg: "Oir bha fibh mar chaoraich a' dol air "seacharan; ach philleadh fibh a nis chum "Buachaille agus Easbuig bhur n' anama." Tha na briathra fo a' cur an ceil da staid air am bheil mugha mòr—Ciod a bha fibh aon uair a thaobh naduir, agus ciod a tha fibh a nis trèd gràis. Guidheam oirbh air

I. Beachd a ghabhail d' ar ceud staid, 'nuair a bha fibh, mar chaoraich, a' dol air seacharan.

Mar dhearbhadh gu bheil an comhad fo gu maith a' coi'-fhreagradh chum staid nadureil dhaoine a chur an ceil, tha e gu minic air a ghnàthachadh ann ami focal De. Cha ne mo rùn an cos-las a tha eidir peacairean agus caorich a tha dol air seacharan, anns gach ni a nochdadhbh, ach a mhàin ann an cùid do na nithe is riachdaile. Agus air

I. Tha caoraich, a tha treigfin an deadh
fheoir

fheoir, agus a tha a' dol air seacharan do'n fhàsaich thirim lom, a' nochdadadh dhuinn gu riachdail, comhara bochduin, iom-cheist agus calldach dochais. Nise, mar so tha gach duine, 'na staid nadureil, 's iad a chuibhrionn diomhanas agus buaireas spioraid; tha e mar dhuine, a tha re aisling agus feuch tha e 'g itheadh, ach tha e mosgladh, agus tha anam folamh. Air dha a dhochas a chall sgach ni a rinn e, tha e dol o àite gu h-àite, ghnà a' feoraich le cùram, co a nochdas dhomhsa maith? Tha ni folamh an taobh astigh dheth nach urrain an faoghal a lionadh; ann an lorg gach ulluchaidh, a tha e deanamh air a son, tha an fheoil ghnà 'g eigheach thoir, thoir; agus cosmhuil ris an teine, no ris an uaigh, cha 'n eil e air àm sam bith 'gradh 's leòir e. Tha na creatuirean uile dha-san mar a bha na plaosgan do'n mhac strothail, tha car mionaid a' deanamh cobhair, ach cha 'n eil gu'n amharus ga bheathaichadh, tha e 'g itheadh dhiu ach tha acras air fhathasd, agus tha anam fann, tha e bàsachadh dhìth lòin.

San

II. Tha an comhad a' cur an ceilidh staid a
tha

tha làn do chunnart, co mhath 's do bhochduin.

'Slionmhor naimhde nan caorach, agus cha 'n eil creatuirean ann aig am bheil na 's lugha do ghliocas ga 'm mealladh, no do neart chum feasamh nan aghaidh. 'Sann o chùram a bhuachaile a tha 'n tearuinteachd a' fruthadh; agus mu tha iad ga fhàgail, tha 'n naimhde air ball g' àn glacadh. Cia riach-dail, mo thruaighe, a tha 'n comhad ann an fo a' cur an ceil staid pheacairean. Tha 'n naimhde spioradeil ar aon lionmhor agus cumhachdach; tha ceilg na nathair, agus neart an leomhain gu fann a' cur an ceil an ceilg agus an neart-sa. Ach ged is iad fo an ceilg agus an neart, gidheadh tha andàndas agus fein-earbsa pheacairean co mhòr, as gu bheil iad a' dol o àm gu h-àm gu'n eagal chum an àiteacha'-comhnuidh, agus eadhon a' ruidh chum na liontaidh a chaidh a teagail chum an sgrios. San

III. Ged a tha creatairean cile co mhath re caoraich, ullamh clùm dol air seacharan, gidheadh, feudaidh sinn gu firinneach a radh

mùn

mu'n deimhin, nach eil creatuirean fam b'ith
 ann, aig am bheil na 's lugha do thùr, ann an
 amas air an t-slighe o'n deachadh iad air
 seacharan. Chi sinn ann an fo cia lag aimead-
 ach an duine thaobh naduir, agus cia ea co-
 masach e, an sonas agus a ghlòir-fin, a chaill
 e à chosnadh. Leis na briathra a ghnàthaich
 e, tha e coslach, gum b'e rùn an Abftoil,
 gun d' thugamaid gu h-àraidh fainear an ni
 fo. Cha 'n eil e' gràdh, phill fibh, ach phil-
 leadh fibh, se fin chaigh ar n' iompachadh,
 chaidh a thoirt oirbh pilltin. An ni a thuirt
 ar Slànuighear re dheisciobuil, feudaidh e
 radh re creidmhich anns gach linn da Eag-
 lais, cha fibhse a thagh mìse, ach 's mìse a
 thagh fibhse. Is e Dia a tha 'g oibreachadh
 annain ar aon an toil agus an gniomh, da
 ghean-math fein. Le gràs 'ta sinn air ar
 tearnadh agus fo ni h-ann uainn fein, is è
 tiodhlacadh Dhe e. Tha Criost fein a' teag-
 asg an ni fo air mhogh ro-riachdail, 'nuair a
 tha e 'gradh, cha n' urrain neach air bith
 teachd am' ionnfuidhs, mur tèarruing an t-
 athair a chuir uaithe mìse e. Annus na nithe
 so uile tha 'n comhad gu maith a coi- fhre-
 gradh. Ach ann fa

IV. Tha aon ni ann anns nach eil è a' coifhreagradh.

'Nuair a tha caoradh a' dol air seacharan, tha a maighistir a' gabhail truas ria' an àit' a bhi fui' chorruich na h-aghaidh. Tha e beachdachadh orra, ni h-ann mar chreatoir ciontach, ach aimeadach ; agus uime sin tha è ga h-iarruidh le cùram, agus 'nuair a tha è ga faotain, an àite peanas a dheanamh orra, tha è ga h-altrum gu caomh, agus g'a toirt dh achaidh le aoibhneas. Ach mo thruaighe ! ann an dol air seacharan ò Dhia, tha finne ciontach do gach lochd, is urrain ar deanamh fuathach, gràineil 'na bheachd. Shruth a cheannairc so, ni h-ann o anmhuiinneachd, ach o làn-toil an duine, 'si so ar cionta, eadhon ceannairc uaibhreach, cheann-laidir, ceannairc a tha air a dùthadh leis a mhi-thaingealachd is mò-ceannairc gu'n acbhar an aghaidh athair ar ipioraid, agus fear cumaidh ar cuirp an aghaidh an Dia sin, anns am bheil ar bith, ùghdair càirdeil na 'n tiodhlaca prìseil sin, a tha finne gu h-aingidh a gnàth-achadh, mar aim chogaidh na aghaidh.

Si so cionta pheacairean neo-atharraichte. Ach cia sonadh an dream müi 'm feudar a radh, mar sin gu'n amharus bha sibhse, ach tha sibh air ar n' ionnlad, air ar naomhachadh, agus air ar fireanachadh an ainm an Tighearna Iosa, agus le spiorad ar Dia-ne. Tha so a' cur an cuimhne dhamh 'fan

II. A nochdadadh ciod ar staid trìd gràis philleadh sibh chum buachaill agus Easbuig bhur n' anama .

Tha sibh air bhur pilleadh chum an ti sin, a thainig o neamh gu talamh, a dh'iarraidh agus a thearnadh an ni sin a bha cailte. Chum an ti sin, a bha ann an corruich ruibh airson bhur seacharain, gidheadh a dh' of-rail iobairt air bhur son, agus a dh' iol bhur cionta le fhùil phrìseil fein . Chaidh Criosd a leonadh airson bhur n' eas-aontais, a bhru-thadh airson bhur cionta, chum tre chreach-da gu'm bitheadh sibhse air bhur flànuadh. 'Se so am buachaille math a leag fios anam airson nan caorach ; neach, a rinneadh na pheacadh, ged nach b' aithne dha pe-

cadh chum gu'm bitheamaid-ne air ar dean-amh 'nar fireantachd Dhe ann-san; neach a dh' fhuiling am firean airson nan neo-fhìrean chum gu'n d' thugadh e finne dh' ionnsuidh Dhe, ; le dochas daingean agus le dà-nadas cloinne, gu'm fuigh finn tràcair agus gràs chum cobhair ann an àm ar feuma.

Tha fibh air bhur pilleadh a dh'ionnsuidh an ti sin, a ghiùlain ni 'mhàin bhur trio-blaide, ach a thug buaidh air bhur naimhde, mar cheann a phobuill. Na phearsa fein chuir e a's an armachd uachdranachda agus cumhachda; agus tha a shoirbheas mar gheall, gu'm fuigh fibhse buaidh iomlan orra fa dheoigh. Feudaidh iad ionnsuidh a thoirt oirbh, ach cha n' urrain iad bhur ciùradh, oir le fuil an uain gheibh fibh buaidh. Ann an ùine ghrad bruthaidh Dia na sìth Satan fui' ur cosraig, agus cuiridh se oran nuadh 'n'ur beul, 'nise ta flàinte agus neart, agus rioghachd ar De-ne, agus cumhachd Chriosd air teachd oir thilgeadh fios fear-casaid ar bràithre, a bha gan casaid ann an làthair ar De-ne a là agus a dh' oidhche.

Tha

Tha fibh air bhur pilleadh chum an ti sin, a ghabhas ann an deigh fo cùram àraidh dhibh, agus a dhionas fibh mar dhream a cheannaich e le fhuil fein. Air a buachaille fo Israeil, air an Easbuig, air an fhearr-coimhead fo anama, cha n' aom codal no suain air àm sam bith! 'S minic a dh' oibrich e faorsa dhuibh ann àm bhur feum, 'nuair a bha fibh gu mi-thaingeil a' deanamh tàir air, agus ga dhiùltadh. 'S tric roimhe fo a dhion e fibh, mu'm b' aithne dhuibh a chairdeas, mùn d' iarr fibh a choghnà; ach anis tha shùil do ghnath oirbh, tha chluas do ghnàth fosgailte d'ar glaodh, tha ghairdeana fiorruidh do ghnàth muncuairt duibh; agus uime sin feudaidh fibh gu dàna a radh; 's e 'n Tighearna mo sholus agus mo shláinte, co a chuireas eagal orin? 'Se 'n Tighearna neart mo bheatha, co a chuireas faitcheas fu'm? Feuch, 'se Dia mo shláinte; ni mi earbsa, agus cha bhi mi fui' eagal; 'se 'n Tighearna Jehohba mo neart agus m' òran, agus tha e air fàs dhamh na shláinte.

Tha fibh air bhur pilleadh chum an ti sin
a tha

a tha ni mhàin uile-chumhachdach ga'r diònnadh o chunnart, ach mar an ceudna iomlan àn truacantas chum co-fhulang maille ruibh 'nar teinn, agus chum sòlas a thoirt dhuibh 'nar triobloidibh. Tha esan macanta agus tràcaireach, foighidneach agus iriosal, tha e a' tional nan uan le làimh, agus ga'n iomchar na uchd, agus treoirichidh se gu mìn iadsan anns am bheil uain. Tha e gabhail truas re 'n anmhuinneachd, tha e toirt maitheanas dhoibh 'nan seachrainibh ; tha e ga'n caomhnadh 'nuair a tha iad fann, agus a' feitheamh orra, 'nuair a tha iad fuidh èàcail ; agus ni, nach urrain leigh sam bith eile a dheanamh, tha e toirt neart 'nuair a tha iad fann, agus flàinte, 'nuair a tha iad fui' èàcail ; tha e ni mhàin a' toirt dhoibh lon ach mar an ceudna rùn a ghabhail ; tha e g'a bheannachadh, agus a' toirt eifeachd dha chum am beathachadh .

Ciod tuille a their finn ? Tha am buachaillie agus an t-Easbuig anama fo do ghnàth a' gabhail cùram dhiu eadhon gu bàs. Agus cha 'n eil e ga'n treigfin air an àm uamhunn fo, ach tha e a' dol a steach maille riu do'n ghleann

ghleann domhuin, dorchadh, tha e le luirg
 ga'n cumail suas, agus mar sin tha e toirt sò-
 las dhoibh le bata a neart, as gu bheil iad ag
 imeachd trìd a ghlinn gu duineil, gun eagal
 uilc sam bith a bhith orra, do bhrì gu bheil
 esan maille riu. 'S lionmhor aireamh an
 dream sin do na naoimh a fhuair mòr-onoir
 air an doigh so. Neartaich Criodh eadhon
 cuid a bha trìd eagal a bhàis re am beatha
 uile fui' dhaorsa, chum buaidh a thoirt air
 Righ nam fiadh, 'n àm mionaide deireann-
 ach agus chum a radh maille re Pol, o bhàis
 c' àit am bheil do ghath ! o uaigh, c' àit am
 bheil do bhuaigh ? No mu tha sgàile an an-
 moich co thiugh, is nach urrain iad an làmh
 sin fhaicin, a tha gàn cumail suas, gidheadh
 meudaichidh an sgàile so an iongantas, an
 taingealachd, agus an aoibhneas, 'nuair aig
 ceann eile a ghlinne a sgapas an deadh bhua-
 chaille air falbh e, agus a sheasas e nan làth-
 air na uile ghlòir ; 'nuair a chuireas e gu
 cairdeil fàilte orra, agus a bheir se iad suas
 chum achaidhean tarbhach a Chanaan nea-
 mhaidh ; ann an sin mar a tha e air a radh
 ann an leabhar Taisbean Eoin, cha bhi ocras
 orra tuille, no tart ni 's mò, cha mhò a
 luidh-

luidheas a ghrian orra, no teas air bith. Oir beathaichidh 'n t-uan ata 'm meadhon na righ-chaithreach iad, agus treòraichidh se iad gu tobraichibh do uisge na beatha. Mar fo nochd mi bhur staid thaobh naduir, agus trìd gràis. Mar fhoghnadh òn ionlan, se mo rùn anis a nochdadhbh, cionnas is còir dhuibh feitheamh air Criod. Agus air

I. 'S còir feitheamh air le mòr irioslachd'

Se fo an sgeudachadh is fhearr a tha coifhreagradh re'r staid, co dhiu a tha sinn a' gabhail beachd dhinn fein, mar dhream a thuit, no tha air ar togail; mar pheacairean no mar naoimh. An d' fhuair sinn maith-eanas; aon uair bha sinn air ar dìteadh. Am bheil sinn air ar naomhachadh? Aon uair bha sinn neo-ghlan. An d' fhuaradh sinn? aon uair bha sinn caillte. Am bheil sinn beo? Uine bheag roimhe so bha sinn marbh; agus tha sinn fhathafd beo le gràs De; 'sesan a dh' ath-bheothaich sinn, agus ni h-e sinn fein; 's eisean a tha cuir dealachadh oirn, agus cha 'n eil ni againn ach na fhuair sinn uaithe. Cha deachaidh uabhar

ma

ma seadh, gu cinnteach a dheanamh airson
an duine. San

II. 'S còir feitheamh air Criosd le taingeal-
achd agus teas-ghràdh .

'S còir dhuinn cliu a thoirt do 'n athair,
nach do chaomhain a mhac fein, ach a thug
thairis è mòr iobairt air ar soin-ne. 'S còir
cliù a thoirt do Chriosd, nach do chaomh-
ain e fein, ach air dha cruth seirbhisich a
ghabhail air, strioched e do ocras agus tart,
do fhaire agus sgios, do dhi meas agus cràdh,
agus eadhon do 'n bhàs, agus do 'n uaigh,
chum tre thoilteanas a bhàis, gu 'm bithea-
maid-ne beo gu fiorruidh. 'S còir cliu a
thoirt do spiorad nan uile ghràs, a tha gar
dlù-cheangal re Criosd, a tha a' cuir re'r n'
anama an t-slàinte a choisín esan, a tha 'g
ath-nuadhachadh ar naduir truaillidh, agus
ga'r deanamh iomchauidh fa chomhair oigh-
reachd nan naomh san t-solus. Cia math a
tha an laoidh mhollaiddh fin a' co-fhreagradh
re cuimhneachadh bàis Chriosd; a sheinn ar-
mailte neamh 'nuair a thug iad sgeul air a
bhreith, glòir do Dhia 's na h-àrdaibh air
tal-

talamh sìth, deadh-gheann do chlann nan daoine.

III. 'S còir feitheamh air Criosd le bròn airson ar peacaidh, agus le rùn naomha gun oilbheum ni 's mò a thoirt dha.

Am bheil Criosd air a nochdadadh aig a bhòrd, air a chèusadh fa chomhair ar sùl? Agus an urrain sinn amharc airfan a lot sinn, gu'n bhròn a dheanamh airson na 'm peacaidhean fin, a bha mar mhathair-aobhair fhulangais? 'S còir do gach fear-communnaich treimh-dhireach a radh, ciod an gnothuch tuille a th' agam-sa re iodholaibh? An ni nach aithne dhomh e, a Thighearna, teagaisg thusa dhomh, agus mar a rinn mì peacadh, cha dean mi fo ni 's mò. Ann fa

IV. 'S còir do mhothuchadh d'ar 'n an-mhuinneachd fein, agus d'ar feum air coghnàdh Chriosd, a bhi ghnàth maille ris an rùnso.

Eadhon 'nuair a tha sinn air ar pilltinn chum Easbuig ar n' anama, mu tha Criosd
g'ar

g'ar treigfin, tha ffinn air ball a' tuisleachadh, agus a' tuiteam. Tha an làmh, a thug ffinn air ar n'ais, 'nuair a bha ffinn a' dol air seacharan, do ghnàth feumail g'ar cumail fuas, agus g'ar treòruchadh air ar n' aghaidh san t-fli-ghe, gus an ruig ffinn talamh a gheallaidh. As m' eugmhaisse, ars' a Criofd re fhior-dheisciobuil, cha n' urradh fibh ni sam bith a dheanamh. An ni a tha daoine a' toiseach le fein-earbsa, tha so gu minic a' criochnachadh le masladh. Thuirt Peadar le uaill re mhaigh-istir, ged a threigeas iad uile thu, cha treig, nise, gidheadh threig eisean ni 'mhàin e, ach le mionnan agus mallachadh dh' aicheadh se gu'm b' aithne dha riamh e. An neach a tha cuir earbsa na chridhe fein 's amadan e. Feuch, ars' am faigh, an t-anan a tha air a thogail fuas, cha 'n eil e treimh-dhireach. Cia feumail ma feadh a chomhairle, an ti a tha faoilsin gu bheil e a' seafamh, thugadh e fainear nach tuit se. Maille re so fa

V. 'S còir làn-earbsa a chur ann an cumhachd agus ann am firinn Criofd.

Ged a thuirt Pol nach b' urrain e eadhon deadh smuain a smuainteachadh a's eug-

mhais coghnàdh Dhe ; gidheadh thuirt an neach ceudna gu h-ullamh, trìd Criosd a thà ga'm neartachadh, 's urrain mi gach ni a dheanamh . Am buachaille math sin a fhuair finn 'nuair a bha finn air seacharan, 's urrain e ar treòruchadh ann an slighe na fireantachd ; agus ni e so air sgàth ainme fein . 'S iad so a gheallannadh càirdeil do gach neach a tha air a philleadh na ionnsuidh, 's leòir mo ghràs-sa dhuit . Na biodh eagal ort, oir tha mise maille riut ; na bi fuidh gheilt, oir 's mise do Dhia, neartaichidh mise thu, agus bheir mi dhuit coghnàdh, agus cuimaidh mi suas thu le deas làimh m' fhìreantachd .

'S iad so na h-aigneidh is còir dhuinn alt-rum, agus 'se fo an rùn anama, leis an còir dhuinn feitheamh air Dia ar Slanuighear . Leis na n-aigneidh, agus leis an rùn so, ma feadh, cuairticheamaid altair naomha, a guidhe gu'm bi an fheisd so, le bheannachadh, air a dheanamh eifeachdach chum ar creidimh a neartachadh, chum ar gràdh a lasadh suas, agus chum ar dochas a bheòthachadh . Guidheamaid, leis an làn a gheibh sinn, gu 'm

'm bi ffinn air ar neartachadh chum dol air ar
 n' aghaidh 'n ar slighe trìd fàsach an t-saoghail
 so, gus an ruig ffinn talamh na sìth; far
 am faic ffinn, aghaidh re h-aghaidh buachaill
 agus Easbuig ar n' anaima, agus far mu'n cu-
 airt do Righ-chaithir Dhe agus an uain, an
 seinn ffinn gu fiorruidh maille ris na Naoimh,
 dha-fan a ghràdhhaich ffinn, agus a dh' ionn-
 laid ffinn o ar peacaibh na rhuil-fein, agus a
 rinn righridh dhinn agus sagarta do Dhia,
 agus do Athair fan; dha-fan gu roibh glòir
 agus cumhachd gu faoghal nan faoghal.
 Amen.

SEAR-

SEARMOIN VII.

SALM CXXX. 3.

*A Thigbearna, nan combaraichteadh leatsa
lochdaidh, co O Thigbearna, a fheasadh ann
ad' fhianuis.*

'S iad ceartas agus tràcair na h-iomlaine sin
do nadur Dhe, ris am bheil gnothuch again-
ne gu h-àraidh mar pheacairean. 'S eigin,
uime sin, do bheachd foilleir do na h-iom-
lainidh so, a bhi mar bhùn-steidh aig fior-
dhiadhachd. Tha e foilleir gu bheil beachd,
araon do cheartas agus do thròcair feumail,
chum am peacair a thoirt gu aithreachas. 'S
eigin dha a chionta agus a thruaighe fhaicin,
maille ris an t-flighe air am fuigh e gu cinn-
teach, agus amhàin saorsa òn staid so. Tha
am beachd ceudna feumail do 'n fhior-
chriosduidh, fhad fa tha e na staid nco-iom-

lan

lan air an àm. Tha am beachd fo feumail do'n fhein-aicheadh, a bhuineas dha, tha do'n islicheadh, agus do'n aithreachas is còir a bhi aige mar ghnàth-obair.

Ach 's eigin ann an fo a thoirt fainear, ged a tha mòran a' labhairt mu na h-iomlaine fo, gidheadh gu bheil an aireamh gann, a tha gu ceart ga'n tuigfin. Tha aig daoine an dara cuid, eolas neo-iomlan, no cinnteadh an-mhunn do cheartas De, agus an lorg sin tha iad a' deanamh tair air a thròcair. No air an làimh eile, tha iad ullamh gu beachd an-dàna ghabhail da thròcair choitchionn, agus ann an lorg sin gu tàir a dheanamh air a gheur-cheartas. Tha ni 'mhàin an dream sin a' deanamh fo, a tha gu tùr fuidh chumhachd a pheacaidh. Tha eadhon clann De fein ullamh, an dara cuid am beachd d'a mhòrachd, agus d'a naomhachd a chall, bu chòir am bròfnachadh chum seirbhis a thoirt dha le urram agus eagal diadhaidh, no le lcigeil air dearmad aire thoirt d'a thròcair tha iad ullamh gu tuiteam ann an eagal diblidh leis am bheil iad a' toirt eas-onoir do Dhia, agus a' ciùradh an sìth fein.

Tha

Tha Daibhidh 'nar steidh teagaifsg a' toirt beachd̄ foilleir araoī do cheartas agus do thròcair Dhe. Tha cuid a' faoifsin gu'n do sgriobh e 'n t-salm so, 'nuair a thuit e am peacadh mòr; agus cuid eile gu'n a' rinn e so, 'nuair a thugadh mòr-chunnart a pheacaidean d'a chuimhne. Gun aire thoirt dà thròcair, se mo rùn beachd̄ a thoirt dhuibh dà cheartas. Agus chum so a dheanamh, le coghnàdh Dhe, bheir mi oidhirp air

I. An ni a tha e 'g radh mu so a mhìn-eachadh.

II. A dhaighneachadh o fhocal De, agus o fhiosrachadh dhaoine.

III. Foghnadh ionchuiddh a dheanamh.

I. Tha mi gus an oi sin a mhìn-eachadh, a tha e 'g radh mu cheartas De.

Ma chomharaicheas thusa, O Thignearna,
peacadh co is urrain seafamh. Tha na briathra
fa a' cur an ceil, gu'n roibh aige mothuchadh
domhain da pheacadh, agus dearbh-chinnte

chinnte nach b' urrain se e fein fhireanach. adh ann an làthair Dia na naomhachd. Tha Dia uile fhiofrach, tha e làthair anns gach àite, 's aithne dha ar sinuaintidh agus ar slighe, agus uime sin, 's eigin làn-solas a bhi aige air ar peacaidhean gu leir. Cha be rùn Dhaibhidh, leis na briathra a chur an ceil, gu bheil peacaidhean sam bìth ann, do nach 'eil Dia a' toirt aire; oir tha fo ea-comafach. Ach a reir coslais tha e 'g ainmeach lochdaidh a chomharachadh, do reir cleachduighean chùirtean talmhaidh, far am bheil am breith-eamh 'g àithne gach ni chur sios, ann an aghaidh a chiontaich, a tha feumail chum breith a ti-oirt. Anns a' bheachd fo, be a bhrigh nan comharaicheadh Dia mar sin an lochdaidh, s gu'n deanadh e peanas orra airson gach h-aon da 'n roibh iad ciontach, gu 'm bitheadh e gu dùr ea-comafach a leithid so do dh' fheuchain a sheasamh.

Cha ruig mi leas innseadh, nach 'eil a cheist fheòraich, co a sheasas, a' ciallachadh gu bheil teagamh sam bith fa chùis, no gu bheil neach re fhaotain as urrain an d'fheuchain fo a sheasamh; ach ann an àite sin, tha 'g aich-

'g aicheadh so air mhogh ro neartmhòr. A-ris, cha n' fheud sinn a shaoilfinn, gu 'm be rùn Dhaibhidh, leis a cheist a chur gu coit-chionn, co a sheasas, a chùis-chasaid a thionndadh uaithe fein, agus a pheacaidhean a dheanamh na bu lugha, le dream eile a dheanamh ceart co chiontach ris fein. Tha mòran 'fan t-saoghal a deanamh so, a tha a' saoilfìn ma tha mòran ciontach do pheacadh àraidh gu bheil an aireamh a' deanamh cionta neach sam bith na 's lugha. Ach tha fior spiorad an aithreachais a' toirt beachd eile dhuinn, tha so a' suidheachadh ar sùilean air ar lochda fein, tha plàighean àraidh ar cridh-achan, gu 'n aire a thoirt do pheacaidhean dhaoine eile ach amhàin mar dhearbhadh air truailleachd ar naduir. Se so, ma feadh, do reir coslais fior sheadh na 'm briathra, nan deanadh tusfa, O Thighearna, peanas airson gach lochd, cha b' urrain an duine is naomha air thalamh seafamh ann ad' làthair. Bheir sinn anis oidhirp 'fan

II. An fhirinn so a dhearbhadh o fhocal De, agus o fhiosrachadh dhaoine.

Agus

Agus feudaidh sinn ann an so a thoirt fainear, gu bheil so do ghnàth air a theagafsg am focal De, agus do ghnàth air aidmheil leis an dream a bha iriosal aithreachail. Mar so tha Daibhidh, 'g radh na tionnsgain am breith-eanas led' sheirbhiseach, oir an ad' làthair cha d' theid neach ata beo fhìreanachadh. Air an doigh cheudna tha Job ag radh, tha fhios agam gur ann mar so gu firinneachata, oir cionnus a bhios duine ccart am fianuis De? Ma ni e strìth ris, cha 'n urradh e freagradh a thoirt da airson aon am mìle; tha e glic an cridhe, 's treun an neart, co riamh a chruadhaich e fein na aghaidh 's a thug buaidh air? Bhcir beachd foilleur do mhòrachd Dhe, do naomhachd a naduir, do leud, gloinne, agus nadur spioradeil a lagha an fhirinn so dh' achaidh chum ar cridheachan, agus dearbhaidh ì cia truaillidh na creatuir-ean finn. Bheir so oirn eughach maille re Job, feuch, ata mi truaillidh, creud a fhreagras mi? Cuiridh mi mo làmh air mo bheul. Agus a-ris, chuala mi sgeul ort le èisdeachd na cluaise, ach a nis ata mo shuil gad fhaicinn. Uime sin, 'ta mi gabhail gràin dhiom fein, 'agus a' deanamh aithreachais

ann an dus agus an luaith. Their gach fior-aithreachan maille re Daibhidh co is urrain a sheacharain a thuigfin? glan thusa mi o loch-da diomhair. Bithidh eadhon 'na bheachd a chumail suas gach là, na theisteas air faighidin Dhe, nach 'eil 'ga sgrios a reir a thoilteanas. Maille re Solamh their e. is ann do thròcair an Tighearna, nach 'eil finn air ar milleadh, do bhri nach fàillnich a thruacantis; tha iad gach madain nuadh dhuinn, 's mòr, o Ðhe, t-fhirinn. Ach chum a dhear-bhadh air mhogh na 's riachdaile, nach urrain sibh seafamh, guidheam ar n'aire do na tri nithe a leanas. Agus fiosfraichibh air

I. Cia lionmhòr dleasdanas a leig sibh air dearmad, a bu chòir dhuibh a chur an gniomh.

'Nar n' agairt ann an leigeil air dleasdanais air dearmad, 's eigin toiseach le mì thaingeach-lachd, agus an di-chuimhn' air Dia. Cia truaillidh sam bith a choguis, no cia mòr ata i air a dalladh le leith-bhreith, gidheadh 's eigin aidimheil, gu bheil gach neach an comain ùghdaир a bhith fear-coimhid a bheatha
agus

agus tobar a thiodhlacaibh? A'ch an dò mhothuich fibhse so? Ann an àite sin nach robh fibh neo-chuimhneachail air a charraig a ghin fibh, agus air an Dia a dhealbh fibh? 'Se fo toiseach a pheacaidh, agus tobar farfusing gach peacadh eile. Bu tròm an agairt a thug Daniel an aghaidh Righ mòr, agus cha d' thug thu glòir do'n Dia sinn, aig am bheil t-anail 'na làimh, agus do'm buin do shlightidh gu leir. Se fo an dearbhadh is riachdaile air truailleachd ar naduir, gu bheil daoine ni 's mo a di-chui:nhneachadh Dhe, mar is mo a tha e toirt dhoibh do nithe maith na beatha so; agus gu bheil an taingealachd na 's lugha, mar is mugha maitheas De dhoibh.

Ach tha ni 'mhäín an dream sin, aig am bheil an coguisean gu tùr nan cadal, a' leigeil an dleasdanais air dearmad, ach mar an ceud-na a mhuintir aig am bheil tuille eolais. Cia lionmhòr dleasdanas a leig fibhse air dearmad? An do mhothuich, agus an do chuir fibh an ceil taingealachd air son tiodhlacaidh do-aireamh Dhe, araon talmhaidh agus spioradeil dhuibh fein, agus d' ar teaghlaichean? Cia mòr am mughadh eidir ar taingealachd

agus

agus ar commainean? Ciod am feum a rinn fibh do thiodhlacaibh Dhe 'na sheirbhis? Ciod am math a fhuair fibh o thoirbheatas a fhreasdail, o bhuillean a fhreasdail o òrduighean àoraidh o fhirinn an t-foisgeil o chothrum foglum fhaotain, agus aoradh a thoirt, o dheadh eisiomplairidh o chomhairle chairdeil? Ciod a rinn fibh chum leas dhaoine eile? Cia tric a thug fibh lon do'n fheumach sòlas do'n bhrònach, eollas do'n ain-colach, comhairle do'n neo-churamach, agus a rinn fibh peanas air an dream a bha aingidh? Tha mi an dùil nach do leig fibhse air dearmad feum a dheanamh d'ar n' aimfir agus d'ar talanna; gidheadh tha aobhar irioslicheadh aig an dream is fhearr do bhrì gun do chuir iad an dleasdanais air mhogh co neo-ionlan an gniomh.

Mo thruaighe! a bhràithre 's mòr mearrachd an dream sin a tha a' saoilsin, nach 'eil mòr-chron am peacaidhean dearmaid. Cia mòr mealladh na 'm peacairean sin, a tha a' saoilsin, nach 'eil e ceangailte orra feirbhis a thoirt do Dhia, agus a tha ga'n toilleachadh fein leis an leithsgeul bhochd so, nach

nach 'eil iad a deanamh cron do neach sam
bith ach dhoibh fein. Eisdeadh an dream
so le crith re 'm breith bhrònach air an là
mhòr, tilgibh an seirbhiseach mi-tharbhach
sin do dhorchadas iomallach: ann an sin
bithidh gul agus giosgan fhiacall. Tha 'n
dleasdanais so gun amharus reusanta, thug-
aibh do'n Tighearna a ghlòir, a bhuiineas
d'a ainm. Agus 'si so suim dleasdanais an
t-soisgeil, cha leibh fein idir sibh, ach chean-
nachadh le luach sibh, uime sin thugaibh
glòir do Dhia le'r cuirp, agus le'r spioraid
a's le Dia.

II. Thugaibh fainear cia tric a bhrist
sibh lagh Dhe, an lagh a chaidh a sgriobh-
abh air bhur cridbeachan, agus a tha air a
thaitsbeanadh 'na f hocal.

Mu's aithne dhuibh farsuingeachd, agus
nadur spioradeil an lagha so, 's eigin dhuibh
bhi deirbhte gu'n do bhrist sibh e gu min-
ic 'nar smuaintidh, 'nar briathraibh, agus
'nar giùlan. Air

I. Cia lionmhor peacaidh bhur sinuain-
tidh.

tidh ! Tha 'm peacadh suidhichte 'fa chridhe ; 's ann an so a tha a righ-chaithir agus a Thighearnas . Tha gach ni aingidh, nar giùlan a' fruthadh o aingidheachd a chridhe . Agus gach neach aig am bheil eolas air focal De, cha faoil gu bheil peacaidhean an cridhachan beag . Thugaibh fainear au sgèul a tha air a thoirt mu chionta an t-sean t-saoghal Gen. VI. 5. Agus chunnaic Dia gun robh aingidheachd an duine air an talamh mòr, agus gu'n robh breathnachadh smuaintidh a chridhe mhàin olc an comhnuidh . Thugaibh fainear an ni a tha 'n duine glic ag radh, gleidh do chridhe leis an uile dhichiol, oir as tha tobraichean na beatha . Thugaibh fainear an ni a tha 'm faigh ag radh an ainm Dhia, 'ta mise an Tighearna a' rannsachadh a chridhe, ta mi dearbha nan airnean, eadhon chum a thoirt do gach neach reir a shlighe, agus a reir toradh a ghnio-mhara .

Cia lioninhor smuaintidh a ghabh, agus a dh' altrum fibh 'n ar cridheachan, eas-onorach do Dhia, neo-thaingeil airson a thiodhlacaidh, agus neo-fhoighidneach fui' bhuelle

a fhreasdail? Cia lionmhor smuaintidh far-medach, mi-rùnach a thaobh bhur bràithre? Cia lionmhor smuaintidh macnuiseach, agus tograiddh mi laghail? Cia lionmhor smuaintidh sanntach faoghalta agus glòir mhian-nach? Guidheam oirbh a thoirt fainear nach peacaidhean so da 'm bheil finn gu h-ainmic, no le buaireadh àraidh ciontach, ach an àite sin tha finn gach là agus uair ciontach do mhòran diu. Mu tha peacaidhean aon là, ma seadh co lionmhor, cia mòr cionta ar beatha gu h-iomlan? Cia math an reusan a th' againn a radh maille ris an fhaigh cia fhad a ghabhas smuaintidh diomhain comh-ñuidh an taobh astigh dhinn? San

II. Thugaibh fainear peacaidh ar briathra.

Cha nè mo rùn ann an so mòran a radh, mu bhreugan, toibheum agus cùl-chaineadh; ged nach 'eil mòran a' toirt fainear, gu bheil iad fein ciontach do na peacaidhean so, gid-headh tha iad ullamh ni's leòir gu radh, gu bheil iad coitchionn anns an t-saoghal. Ni mo a labhras mi mu bhriathra salach, ged

tha iad tuill' is bi-chea ameasg dhaoine. Ach a thuill' orra sin, tha peacaidhean eile na teanga co lionmhor, is nach urrain an Criosduigh is faicilliche a bhi gu tÙr saor dhiu. Bha eadhon an duine macanta Maois air a bhuaireadh chum labhairt gu h-obann le bhilibh. Tha an t-Abstol Seumas air mhogh riachdail a' cur an ceil araon cia cummante, agus cia ciurail peacaidhean na teangaidh III. 2—8. Agus chum nach faoil neach air bith, gu bheil cionta na 'm peacaidhean so beag, eisdibh re briathra Chriosd. Matha XII. 36, 37.

III. Thugaibh fainear peacaidhean bhur giùlan.

'S iad fo gach gniomh aingidh leis am bheil finn gu h-àraidh a' toirt oilbheum do Dhia; gach gniomh mi-mheasfarra, leis am bheil finn gar ciùradh fein, agus gach gniomh ea-corach, carrach, fairneartach, leis am bheil finn a ciùradh ar bràithre. Thugamaid fainear na peacaidhean sin gus am bheil finn air ar buaireadh le'r n' obair à-raidh, no le'r n' aois agus rùn inntin, no le'r

le 'r staid, no leis a chom mun fin, ris am bheil dàimh againn. Tha cuid ea-trom, agus cuid eile gruamach; tha 'n oige an luidhe re aimeadachd; fairfeachd aois re glòirmhiann agus sean aois re sannt. Tha na nithe so ni 'mhàin peacach, ach mar an ceudna gar fàgail sgaoilte do iomadh peacadh eile. A nis mu bheir finn fainear na nithe so le cùram. 'S eigin aidmheil a reir focal De, gu bheil ar peacaidhean ni 's mo ann an aireamh no fulteine ar cinn, no eadhon gainneamh na tràighe. Fa dheoigh mu bheir finn fainear ar peacaidhean a reir ar dàimh agus staid 's an t-saoghal, mar fheara-poïda, agus mar mhnàthan, mar pharanta agus mar chloinn, mar mhaighstirean agus mar sheirbhifich, mar uachdarain agus mar iochdarain, mar mhini steirean agus mar phobul, chi finn gu 'm bi an aireamh comhòr, a's gur eigin dhuinn a radh maille re Daibhidh, " Ma chomharaicheas tusa aingideachd, a Thighearna; a Thighearna, co a shefasas . "

III. Thugaibh fainear peacaidh ar nithe naomha.

Q

'Seigin

'Seigin do'n fhear-aoraidh a 's gloinne air talamh maitheanas iarruidh am peacaidhean a nithe naomha. Gun aire a thoirt do cheal-goireachd, agus do eud fàlsail ann an aoradh, cia fad a tha finn a' teachd an deigh làimh, eadhon 'nuair a tha finn a' toirt aoir-rip ar dleasdanas a chur an gniomh le caileigin do threimh-dhireas. O cia neo-chùramach, cia fuar finn ann an aoradh Dhe! Cia lionmhor smuaintidh luaineach, diomhain agus faoghalta, a tha 'nar cridheachan, 'nuair a tha ar cuirp an tigh Dhe! Mu bheir finn fainear glòir agus mòrachd Dhe, a tha cur aimeadachd, eadhon, a leith a naomh; an urrain finn a radh gu'n d' rinn finn riamh ùRNAIGH leis an urram spioraid bu chòir! Mu bheir finn fainear irioslachd do labhairt De ann an gabhail suim d'a chreutairean, agus faibhreas do rannsachaidh a ghràis do pheacairean, an urrain finn a radh, gu'n do mhothuich ai cridheachan' riamh a ghràdh mar bu chòir.

Cia h-ainmic a dh'eisd finn leis an aire, leis an urram, agus leis a ghràdh sin bu chòir re foisgeul na sìth! Cia h-ainmic a chuir finn ann an gniomh ar dleasdanais d'ar bràithre

thre, o ghràdh do Dhia, agus o sheirc do dhaoine! Cia tric a bha sinn cothromach o eagal dì'-meas! Cia tric a phàigh sinn ar n' ainmheach o eagal ar creideas a chall. Cia tric a bha sinn feirceil, fial o dheigh air cliu! Cia tric cairdeil o eagal droch ainm! Cia tric macanta o eagal gun duisgeadh ar n' uabhar agus ar n' ardan corruiich dhaoine! Ma rann-saicheas sinn ar giùlan mar is cubhaidh, 's eigin dhuinn gu leir aidmheil, gu bheil ar fireantachd a'm fianais De mar luideaga falach. Uime sinn, n' àite duais iarruidh airson ar n' oibre, 's eigin maitheanas anna ; n' àite beachdachadh air ar toilteanas fein, 's eigin air tràcair Dhe 'mhàin, mar bhun-steidh ar dochais. Mar fo thug mi aoirrip briathra Dhaibhidh araon a mhìneachadh, agus a dhaghneachadh. Tha mi anis a' dol air m' aghaidh 'fan

III. Chum foghnàdh a dheanamh. Agus air

I. Cia mòr mealtaireachd a pheacaидh?

Cia iongantach doille inntin pheacairean?
 Cia fo-dheanamh an ni aire a thoirt do na
 peac-

peacaidhean a dh' ainmich finn! Peacaidhean dearmaid, agus deanadais; peacaidhean an simuainte, am briathra, an gniomhara, an aghaidh Dhe, an aghaidh dhaoine, agus 'nar n' aghaidh fein. Gidheadh mo thruaighe! cia lionmhor iad a tha ain-eolach do na peacaidhean da 'm bheil iad ciontach, agus a tha uime sin a' codal gu ciùin! Smuaintichibh, a bhràithre, an tràth air ar staid. Se eolas air ar cunnart an ceud cheum chum faorsa. Nach 'eil lagh Dhe scriobhte air oibre gu leir? Nach 'eil e scriobhte air ar coguisean? Nach 'eil è air a chur an cuimhne dhuibh gu minic le giùlan a fhreasdail? 'An d' thigeadh coi'-lion breitheanas o Dhia, mar bitheadh mòran do lochdaibh air talamh? Tha gach olc nadurail a' cur an ceil peacadh an duine'. Tha droch aimsfir, tha saoghal aingidh, tha corp breòite, uile a' nochdadh dhuinn ar staid pheacach. Agus gidheadh, cia dall am peacair do 'n t-sealladh, cia boghar do 'n rabhadh, cia neo-chùramach mùn d' fheuchain ata re teachd! Mosglaibh, tha mi guidhc, fhad 'fa tha sìth re fhaotain, agus beachdaichibh air bhur cunnart, fhad 'fa tha cothruim agaibh teicheadh uaithe. 'San

II. Mar urrain an dream a's naomha feasamh am fianuis De, mar urrain feoil sam bith a bhi air fhireanachadh 'na làthair, cia eagalach staid na 'n daoine finn, a tha ciontach do pheacaidhean mòra, air an antromachadh air ionadh doigh, agus air an cur gu minic an gniomh ! Tha 'n dream so air uairibh a' treigsin scirbhis De, an t-eagal gun duisg an coguisean 'nan aghaidh ; ach ma tha a h-aon diu a làthair guidheam car tamuil an aire. An robh a h-aon agaibh ciontach do striopachas, adhaltranas, murta, mionnan, misg' breugan, gaduidheachd ; smuaintich-ibh le crith air na chuala fibh ! Eisdibh air sgàth ar n' anama, eisdibh air sgà fiorrui-gheachd, eisdibh air sgà Criosd. O gu'n d' thugadh spiorad De an fhirinn dhachaidh chum bhur cridheachan, agus gu'n deanadh se i, beo agus cumhachdach, agus ni's gèire no claidheamh da fhaoibhair. 'S furasda dhuibh anis na peacaidhean finn a cheiltin air an deanadh daoine peanas, agus eadhon uaill a dheanamh as na peacaidhean sin, a 's eigin do dhaoine a ghiùlan ; ach eisdibh agus cuimhnichibh an da earran a leanas do fhocal De. Ata na n-uile nithe lomnochd agus fcs.

fosgàilte do shùilibh an ti ris am bheil againne gnothuch. Agus a-ris, is ni eagalach e tuitcam an làmhaibh an De bheo. 'San

III. Ma se rùn Criosduigh sam bith a choguis a ghleidheadh maoth agus firinneach; ma se a rùn mothuchadh domhain a bhi aige d' a chionta; ma se a rùn an dorus a dhruideadh an aghaidh uabhair, no fhogradh matha e air teachd asteach; ma se a rùn imeachd gu h-iriosal agus faicilleach, 's còir ar beatha a chaitheamh mar ann am fianuis De, 's còir finn fein a shuidheachadh gu minic mar an ñ an làthair a chaithir-bhreitheanais. Is furasda an ni sinn fein fhireanachadh am fianuis dhaoine, nach urrain ach beag iarrайдh, agus o 'm feud finn mòran a cheiltin. Ach 's cuidthromaiche agus 's dorra gu mòr amharc suas chum an Dia finn, a tha na shuidhe air righ-chaithir a naomhachd. Tha efan a rannsachadh nan airnean, agus a chridhe; tha 'n t-olc gràineil 'na bheachd. Mar fo 'nuair a dh' agair a chàirdean Job dhion se e fein gu dùineil, chum e ionracas gu daingean, agus cha do leig e uaithe e; ach co luath fa labhair Dia am meud a chumhachd

achd air ball dh' aidich e a ghràinealachd, agus chuir é a làmh air a bhilibh. Air an doigh cheudna, an neach leis am miann a bhi faicilleach an aghaidh ceilg a chridhe miodal a chairdean, agus buaireadh an t-saothal, caitheadh e a bheatha do ghnàth, mar ann am fianuis an De bheo.

SEAR

SEARMOÍN VII.

EABHR. IV. 16.

Thigeamaid uime sin le danachd gu righ-chaitheir nan gras, chum gu faigh sinn trocair, agus gu'n amais sinn air gras chum cobb-air ann an am feuma.

'S iomadh cuireadh càirdeil, agus earail dhian, a tha Dia 'na fhreafdal, agus gu h-àraidh 'na fhocal a' toirt dhuinn teachd gun dàil 'na ionnsuidh fein. Cuireadh is cairdeile, agus comhairle is fhearr, cha d' fhuair sinn riamh, agus cha 'n fhuigh gu brath air talamh no am briathraibh steidh mo theagaisg. Am bheil cuireadh chum biadh a ghabhail, a' toirt sòlas do 'n duine ocrach; am bheil chum deoch fhaotain do'n neach a tha paiteach; am bheil chum fois a mhealtuin, do'n dream

dream a tha sgìth ; am bheil chum flàinte a shealbhachadh dhoibh-fin a tha tinn ; 's mu-gha gu mòr an sòlas is còir dha a thoirt dhuinne, gu bheil finn a' faotain cuirreadh teachd an ionnsuidh Dhe, chum 's gu 'm fuigh finn tràcair agus gràs uaithe . Tràcair fhaotain, 'se fo ar faorsa o dhiteadh, ar dionadh o sgrios ; gràs fhaotain, 'se fo ar naomhachadh air talamh, agus ar n' ulluchadh fa chomhair neamh . Teachd chum Dhe, 'se fo ar dleasdanas ar sochair ar sonas ; teachd chum tràcair agus gràs fhaotain, 'si fo ar n' obair àraidih air talamh . Air gach àm, 's còir dhuinn an cuirreadh fo a ghabhail, an obair fo a dheanamh, an dleasdanas fo a chuir an gniomh, tràcair agus gras De iarruidh le dùrachd . 'S còir dhuinn fo a dheanamh gu h-àraidih air an àm, ma se ar rùn comh-dhàil shòlasach a chumail re Criosd aig a bhord . Buidheachas gu'n robh do Dhia, gu bheil an cuirreadh fo againn, glacamaid i gu toileach taingeil . Gar stiùradh fan obair fo, le coghnadh Dhe, fiosfraicheamaid air

I. Ciod is còir dhuinn a dheanamh .

Gach dleasdanas, a tha Dia 'g aithne da phobull, tha e gu foilleir a' cur an ceil. Tha 'r dleasdanas àraidih air an àm, air fhoill-seachadh gu riachdail 'nar steidh teagastg. Agus air

i. Tha e air àithnec dhuiinn teachd.

Tha fo a' cur an cuimhne dhuiinn, gu bheil sinn do thaobh naduir, agus trìd a pheacadidh air seacharan o Dhia, agus o fhior-shon-as. Chum sonas fhaotain, 's eigin dhuiinn pilltin o'n pheacadh, agus teachd air ar n'ais a dh'ionnsuidh Dhe. 'Nuair a tha ar cuirp an aon àite, tha iad air an sgaradh o àite eile; agus chum an toirt a dh'ionnsuidh an àite, o 'm bheil iad air an sgaradh, tha e feumeil dhuiinn gluasachd, noimeachd air mhogh àraidih. Ceart mar fo, 'nuair a tha cumhachda agus aigneidh ar n' anama suidhichte air cuspairean peacach talmhaidh, gan sgaradh o'n pheacadh ga'n toirt chum Dhe, 's eigin d'ar n' anama gluasachd o'n aon, chum an aon eile. Tha eolas spioradail a' toirt Dhia, agus a ghràis 'nar beachd, tha creidimh flàinteil a' gabhail greim do'n t-sealladh fo,

so, tha fior-ghràdh gar toirt a dh'ionnsuidh Chriosd, agus a' dlu-cheangal ar n' anama ris. Tha Dia a' toirt dhuinn a ghràis agus a spioraid, chum na gràsa so oibreachadh annain, agus ar toirt d'a ionnsuidh fein. Le coghnadh Dhe, duisgibh ar n' anama, le eolas creidimh agus gràdh, dluthuichibh ris, agus thigibh d'a ionnsuidh. Tha e air àithne dhuinn 'fan

2. Teachd gu righ-chaithir nan gràs.

Mar is còir dhuinn, feitheamh air Dia, agus teachd d'a ionnsuidh, 's còir gu h-àraidh far am bheil e ga nochdadadh fein gu cairdeil dhuinn. Tha Dia le làthaireachd a' lionadh gach àite, chà n' urrain eadhon neamh nan neamh a chumail. Tha e ga h-àraidh an neamh na shuidhe air a righ-chaithir, mar athair, mar uachdaran, agus mar bhreith-eamh an domhain gu leir. 'Nuair a pheacach sinn an aghaidh Dhe, agus a bha finn gun fhear-saoraidh a dhioladh ar cionta, nan d' thigeamaid gu righ-chaithir ceartais De, cha b' urrain dùil a bhi againn re ni sam bith, ach diteadh agus peanas. Ach buidheachas da ainm sheas ar flànuighear suas air ar son,

phàigh

phàign e ar n' ainmheach, dhiol e ar cionta, choifin e flàinte iomlan da phobull. An lorg dha-san a shlàinte a chriochnachadh, shuidh an t-athair air cathair nan gràs chum buntain gu cairdeil re dheisciobuil. Tha àite-tàmh air ainmeach cathair, chum a mhora-lachd a chur an ceil ; tha righ-cathair, chum a nochdadadh gu bheil e a' toirt a thiodhlac-aibh gu fial agus pailt, agus righ-chathair nan gràs, do bhrìgh gu bheil e gan toirt gu faor. O na tha mòr-fheum againne air tiodhlac-aibh Dhe, o nach urrain finn an toilltin, no an cosnadh, 'sann gu righ-cathair nan gràs is còir dhuinn teachd, ma se bhur run foirbheas fhaotain. Thigibh ma seadh a dh' ionnsuidh Dhe, thigibh gu righ-chathair nan gràs, cuiribh ar n' uireasuibh an ceil, agus bithibh taingeil gu bheil an comas agaibh. Fiosraicheamid anis 'fan

II. Cionnas is còir dhuinn teachd.

Tha e air àithne dhuinn 'nar steidh-teagaisg, teachd le dànochd gu righ-chathair nan gràs. Tha da sheorsa do dhànochd ann, dànochd dhiadhaidh, agus dànochd pheacach.

Tha

Tha dànachd pheacairean air a dheanamh
 'suas do uabhar, do fhein-speis, do fhein-
 earbsa, cruas-cridhe, do ain-eolas air Dia,
 agus do aimeadachd. Tha 'n dànachd so
 gràineil am beachd Dhe, cha d' thoir e sinn
 gu bràth d'a ionnsuidh, cha n' fhuigh sinn
 leatha tiodhlacaibh spioradail uaithe. Tha
 dànachd dhiadhaidh a-ris air a dheanamh su-
 as do eolas air tràcraig agus maiteas Dhe,
 do chreidimh ann an iobairt iomlan Chriosd
 do dhearbh-bheachd da chairdeas, agus do
 làn-earbsa ann an Dia, gu' n d' thoir e trà-
 cair agus gràs dhuinn. Tha an dànachd fo
 a' fogradh as ar n' inntin eagal tràillidh, dì-
 misnich agus agairt coguis; tha e ga lion-
 adh le urram agus eagal cloinne Dhe, tha
 e gar stiùradh chum eughach ris, Abba A-
 thair. Tha 'n dànachd fo ghnàth aig an
 dream sin, a tha deirbhte gu bheil Dia trà-
 caireach, graismhor; no a blais gu bheil
 Chriosd cairdeil math. B' ann leis an dàn-
 achd fo a chleachd Jacob o shean ris an ain-
 geal, agus a fhuair e beannachadh uaithe.
 B' ann leis an dànachd fo, a bha a Bhain-
 treach 'san t-soisgeul dian sheasmhach, agus
 foighidneach na h-athchuinge re Chriosd, agus
 leis

leis an d' fhuair i fa dheoigh foirbheas. B' ann leis an dànachd so, a ghlaodh Pol na theinn tri uairean re Dia, agus a fhuair e gràs agus neart uaithe. Si 'n dànachd dhiadhaidh so a bheir misneach d'ar n' inntin, dùrachd d'ar cridheachan, an iarraidh Dhe, agus a thogas suas ar n' anama, le tograiddh di-an, agus le lan-earbsa chum caithir nan gràs. Ma se ar rùn onoir a thoirt do Dhia, agus foirbheas fhaotain ann an obair ar n' anama, 's còir dhuinn an dànachd so altrum le càram. Ach fiosraichead mid anis 'fan

III.- C' arson is còir dhuinn teachd gu caithir nan gràs.

Is math an ni dlùthachadh re Dia, 's math teachd gu caithir nan gràs; ach ma se ar rùn foirbheas fhaotain, 's còir fios a bhi againn air ar gnothuch arайдh. Tha ar gnothuch chum caithir nan gràs air a chur an ceil 'nar steidh-teagaisg, 's còir dhuinn teachd chum 's gu 'm faigh sinn tràcair agus gun ruig sinn air giàs, agus gu'n dean sinn so chum çobhair ann an àm ar feime.

leith.

Guidheam bhur 'n aire do na nithe fo fa leith. Agus air

i. 'S còir dhuinn teachd chum 's gu'm faigh finn tràcair.

Do chreatair ciontach aingidh, air a dhìteadh gu cothromach, air a chlaoidh le eag-al, air agairt gu geur le choguis, agus buailteach do sgrios, 's mòr feum agus luach tràcair. 'S ann le tràcair Dhe, a tha finn air ar deanamh rëidh ris trìd an t-sluanigh-ear, a tha ar peacaidhean air an duthadh as, a tha e gabhail ruin mar a chairdean, agus a builleachadh nithe feumail oirn. Tha feum againn ar tràcair Dhe, ni 'mhàin gar fireanachadh air tùs, ach mar an ceudna chum na peacaidhean sin a dhuthadh as o àm gu h-àm, da'm bheil finn gach là ciontach, agus chum mothuchadh air maiteanas a thoirt dhuinn. Gun tràcair Dhe, tha ar staid cunnartach, brònach, bochd anis, agus bitbidh i truagh gu fiorruidh. 'S ann àm ar feime 'mhàin a mhothuicheas finn luach na tràcair so. 'Nuair a chunnaic Bel-shasar an lamh-scriobhaidh air a bhalla, mar chomh-

chomhara gu' n robh sgrios a dlùthachadh ris; 'nuair a bhuaill a choguis gu goirt Judas, agus a chunnaic e a chunnart, bheireadh iad le cheile mile saoghal airson tràcair Dhe. 'Nuair a bha Balac righ Mhoab, air a chlao-idh le eagal, o mhothuchadh air a chionta, thairg e gu toileach airson tràcair Dhe, mile do mhilte reidhe, no deich mile do aimhni-chean olaidh no eadhon a cheud-ghin mhic. Cosinhuil riufan tha finne ciontach, tha mòr fheum againne air tràcair; as eugmhais so tha finn caillte. Buidheachas do Dhia, gu bheil e na shuidhe air caithir nan gràs, gu bheil slighe nuadh agus bheo, air a coisfreagadh na ionnsuidh, agus gu bheil comas againne teachd, chum 's gu 'm fuigh finn tràcair. Thigeamaid ma feadh le aigneidh a phobuill, le creidimh, le aithreachas, agus le earbsa, chum 's gu 'm fuigh finn an ni sin a tha co fheumail dhuinn, eadhon tràcair Dhe a dhuthadh amach ar peacaidhean, agus a thoirt teisteads dhuinn air a chairdeas. Ach 's còir dhuinn teachd san

2. Chum 's gu 'n ruig finn air a ghràs.

'Se gràs, càirdeas De trìd an t-flànuighear, agus 'se fo a tha foillseachadh ar n' inntin a' naomhachadh ar cridheachan, a' neartachadh ar n' anama, g'ar deanamh tarbhach ann an deadh oibre, agus g'ar n' ulluchadh fa chomhair neamh. Tha 'm faigh Ifaiah a' teagastg gu bheil ar n' aingidheachd gar sgaradh o Dhia, agus o ghràs, agus gu bheil ar peacaidhean a' folach a ghnuis uainn. Trìd Chriosd mar ar slighe le coghnadh agus stiuradh an spioraid, 's eigin dhuinn teachd air ar nais o shligh e a pheacaidh a chuid a chuid an ionnsuidh Dhe, gus an ruig sinn air a ghràs. Tha Dia le thròcair gar dusgadh o chodal a pheacaidh, agus gar deanamh rëidh ris fein; tha e nochdadh, agus a taigse a ghràis, chum togradh ar n' anama a tharruing amach na dheigh, agus gu misneach a thoirt dhuinn feitheamh air Dia na òrduighean chum greim fhaotain dheth. Tha gràs De feumail, ni 'inhàin g' ar foillseachadh, g' ar n' iompuchadh, g' ar naomhachadh, agus g' ar neartachadh air tùs; ach mar an ceudna an deigh laimh chum solus, fòlas agus neart a thoirt dhuinn, anns gach dleasdan, trioblaid agus buaireadh. Mar so ged a fhuair

Peadar air tùs gràs, gidheadh 'nuair a dh'iarr Satan a chriaradh mar chruthneachd, rinn Criosd ùrnuigh air a shon, agus thug e gràs a's ùr dha. Agus ged a fhuair Pol gràs gu philt, gidheadh 'nuair a bhuir teachdaire Shàtain e, bha feum aige air tuille do ghràs Dhe fhaotain, ghuidh e fo le dùrachd, agus fhuair e araon gràs agus neart. Air gach àm tha mòr-fheum againne air gràs De, g' ar stiuradh, g' ar neartachadh agus g' ar dionadh. 'S còir dhuinn ma seadh, gu h-ullamh earbsach agus taingeil, dol gu caithir nan gràs, trìd an t-flànuighear, chum 's gu 'n ruig finn air a ghràs fo, a tha co luach-mhor, agus co fheumail dhuinn. Ach 's còir dhuinn ni 'mhàin dol chum caithir nan gràs tròcair agus gràs iarraidh, ach 's còir dol gu h-àraidh 'fan

3. Chum cobhair ann an àm ar feime.

'Nuair a tha finn a' toirt oilbheum do Dhia, no gar truailleadh fein le peacadh à-raidh; 'nuair a tha ar dleasdanais tuille 's duilich, ar naimhde tuille 's laidir, agus ar triob-

triòblaide tuille 's tràm air ar son, 'se fo àm
 ar feime, 's còir dhuinn le dùrach l cobh-
 air iarruidh. 'Nuair a tha finn a' tuiteam
 aim peacadh sam bith, se maitheanas a cho-
 bhair a tha feumail dhuinn, agus chum na
 criche fo 's còir dhuinn tràcair jarraidh.
 'Nuair a tha finn truaillidh làg no brònach,
 'se gràs De a chobhair a tha coi fhreagradh
 re 'r staid, agus is còir dhuinn fo a ghuidhe
 gu dian. Chum cobhair gu ceart a dhean-
 amh oirn an àm ar feime, tha cuibhrionn
 àraidh do ghràs De feumail, 'nuair a tha
 dleasdanais chruaidh againn re chur an gni-
 omh, a tha gar n' ulluchadh chum feitheamh
 air Criosd, aig a bhòrd, tha ann an àm
 buaireadh, ann an là trioblaid agus aig uair
 a bhàis. Air na h-amanuibh fo, 's còir
 dhuinn an gràs sin iarruidh, a tha feumail
 dhuinn, agus a' coi'-fhreagradh re 'r staid.
 Air an àm fo, 's còir dhuinn gràs iarruidh,
 chum ar nadur a ghlanadh, ar n' aithreachas
 a dheanamh na 's doimhne ar creidimh a
 neartachadh ar gràdh a lassadh suas ar n'
 ulluchadh chum co-dhàil a chumail re Criosd
 agus ar deanamh an deigh làimh umhal,
 tairis dha. 'S iad fo ar dleasdanais àraidh,

teachd.

teachd le dànanachd chum caithir nan gràs, chum 's gum fuigh sinn tròcair agus gràs, agus' gum fuigh sinn so chum cobhair ann an àm ar feime. G' ar bròsnachadh chum na nithe so a dheanamh, fiosraicheamid 'sa

IV. Ciod a misneach a tha Dia a' toirt dhuinn teachd mar so d'a ionnsuidh.

Cha 'n 'eil Dia a' gairm neach sam bith chum cogaidh air a chostas fein. O na tha phobull ain-eolach annta fein, tha e ga 'n teagaisg, agus o na tha iad anmhunn, tha e ga 'n neartachadh ; tha e cuideachd a' cur an ceil nan nithe sin a tha coi-fhreagairt chum misneach a thoirt dhoibh, chum an stiuradh agus am bròsnachadh na shlighe. 'S na ran-naibh roimh ar steidh teagaisg, tha 'n t-Abstol againmeach nithe 's còir misneach a thoirt dhuinn ann an teachd a dh' ionnsuidh Dhe. Agus air

I. Tha àrd-shagairt mòr againn.

'Nuair a tha 'n t-Abstol ag innseadh, gu bheil Dia na shuidhe air righ-chaithir nan gràs

gràs, is còir da fo fa leith misneach a thoirt dhuinn teachd d'a ionnsuidh. Ach chum an tuille misnich a thoirt dhuinn, tha e mar an ceudna air innseadh, gu bheil àrd-shagart mòr againn, eadhon Iosa mac Dhe. O na tha fìnn truaillidh, cha n' urrain fìnn teachd dhinn fein chum Dhe; agus o na tha fìnn ciontach, cha n' urrain fìnn teachd gun charaid, a dh' ofraileas iobairt a dh^h iolas ar cionta, agus a ni fìnn rèidh re Dia. Chum cionta a phobtuill a dhioladh, agus an rèite a dheanamh suas re Dia, bha na h-àird-shagairt o shean ag ofrail na 'n iobairtean a bha esan ag àithne. Chum ar ciontaidh-ne a thoirt air falbh, agus ar deanamh 'nar cairdean do Dhia, tha àrd-shagart mar tha Iosa, flànuigh ear an t-saoghal, tha mac an De bheo. Dh' ofrail Criosd e fein mar iobairt, bha an iobairt iomlan, bha làn-thaitneach do Dhia, dhiol i ar cionta, choisín e leatha tràcair agus gràs. Anis o na tha Dia na shuidhe air caitheir nan gràs, agus o na tha àrd-shagart mòr againn, a tha toirt fainear ar leas, agus a' guidhe air ar son, feudaidh pobull Chriosd, a bhi deirbhte, gu'm fuigh iad tràcair agus

gràs

gràs, agus gach tiodhlacadh eile a tha feumail dhoibh. Anns an

2. Chaídh ar n' àrd-shagart a steach do na neamhaidh.

Tha 'n t-Abstol Pol a' teagafsg dhuinn, gu 'n d' fhuiling Criod; ni 'mhain airson ar n' eas-aontais ach gu 'n d' eirich e suas a-ris airson ar fireanachaидh. Ann an lorg obair a chriochnachadh, dh' eirich e o na mairbh, chaith e do neamh, shuidh e aig deis làimh an athar, fhuair e feilbh air glòir. Chaith e do na neamhaidh chum àite-comhnuidh ul-luchadh do phobull, chum na tiodhlacaibh a' choisin e a bhuilleachadh orra, agus chum an spiorad a chuir anuas. Tha dol Chriosd do na neamhaidh gu riachdail a' dearbhadh gu'n robh an t-athair làn-thoillichte leis, gu 'n do choisin e flàinte iomlan d'a phobull; agus tha bhi an neamh a' dearbha, gu bheil e ghnàth a' toirt sainear ar leas, agus ullamh gu flàinte a' thoirt dhuinn. Tha 'n t-Abstol Pol a' co-dhunadh, gu bheil Criod comasach ar tear-nadh chum na cuid is fhaide, do bhrigh gu bheil e beo gu fiorruidh gu eidir ghuidhe a dhean-

dheanamh air ar son. Ciod tuille is urrain finn iarruidh, gu misneach a thoirt dhuinn dol chum caithir nan gràs? Tha againn Athair cairdeil caomh, air a dheanamh rèidh ruinn ann an Criosd; tha againn flànuighear a dhiol ar cionta, a choisín dhuinn slainte, a chaidh do na neamhaidh, a tha toirt fainear ar leas, agus a ghnàth a' deanamh eidir-ghuidh-e air ar son. Tha againn ann an so gach ni is urrain finn iarraidh, chum a dhearbhadh gu'm fuigh pobull Chriosd, tràcair, gràs agus gach tiodhlacadh eile a tha feumail dhoibh. Ach a-ris 'fan

3. Tha co'-fhulangas aig Criosd re'r n' anmhuinneachd.

'Se 'n caraid fin, da 'n aithne ar staid, as mugha ghnà a ghabhas truas ruinn, agus is ullamh a bheir coghnadh dhuinn. Mar dhearbhadh ma seadh gu bheil Criosd do ghnàth ullamh gu cobhair a dheanamh oirn, tha finn a leughadh, gu'n do ghabh se air ar nadur, gu 'n robh e 'nar staid, gu'n d' fhuiling e buaircadh, agus gu'n robh e anns na h-uile nithe cosmhuil re bhraithre. 'S aithne dha fan gu math

niath ar nadur, ar staid, ar n' anmhuinneachd, ar n' uireasfuibh; gach namhaid a tha toirt ionnsuidh oirn, gach buaireadh da 'm bheil finn buailteach, gach dleasdanas a th' againn re chur an gniomh, agus gach trioblaid a tha teachd 'nar caradh. Agus mar is aithne dha ar staid, tha aige, mar ar caraid, co'-fhuslangas ruinn do ghnàth, agus tha so ga' bhròsnachadh, chum cobhair a dheanamh oirn, chum tiodhlacaidh feumail a thoirt dhuinn. Tha eolas air ar staid, tha cho'-fhuslangas ruinn a' deanamh a chridhe farsuing, blàth, à chùram mòr, agus a làmh do ghnàth finnte ga 'r stiuradh, ga 'r dionadh, agus ga 'r beannachadh! 'Solasach gu'n amharus staid deisciobuil Chriosd, tha 'n t-athair na shuidhe air caithir nan gràs, ullamh chum gabhail riu; tha Iosa, an àrd-shagart, a dhiol an cionta, air dol a steach do na neamhaidh oir an son, chum an leas a thoirt fainear, agus tha co'-fhuslangas aige re 'n anmhuinneachd. Ma thig iad, ma seadh an diugh le dànochd dhiadhaidh gu righ-caithir na 'n gràs, gheibh iad 'gu cinnteach tràcair agus gràs, neart agus sòlas, agus gach ni eile a tha feumail dhoibh.

Air dhuinn mar fo briathra ar steidh-teagaisg a mhìneachadh, agus a nochdadh ciod a mhisneach a tha Criosd a' toirt dhuinn teachd a dh' ionnsuidh Dhe. Guidheam air peacairean aire a thoirt do na nithe so. Tha anama reufanta, neò-bhàsmhor agaibhse, tha iad air an lotadh gu tràm leis a pheacadh, tha mòr-fhéum aca air tràcair agus gràs. Ach mo thruaighe, ged a tha fibh ciontach truaillidh, tha fibh a' leigeil air dearmad o àm gu h-àm, teachd chum caithir nan gràs, a dh' iarraidh tràcair agus gràs o Dhia. An e ar rùn bàsachadh 'nar peacaidhean, agus truaighe shiorruidh fhulang? Mur e ar rùn gun tachair so, na cailleadh là nan gràs, na cuiribh dàil ann an obair bhur n' anama. Le bhi tuille is anmoch, chaidh an dorus a dhùnadh an aghaidh na 'm maighdeanna aimeadaich; le dàil a chur chaill Felix sonas fiorruidh. Air ghaol Dia, agus bhur n' anama fein, ruigibh caithir nan gràs air ball, agus 'nuair a gheibh fibh tràcair agus gràs, gabhaidh Criosd ruibh aig a bhòrd, agus nochdaidh e a chairdeas dhuibh.

Do fhior-dheisciobuill Chriosd, òg agus
T fean

fean, làg agus laidir ann an creidimh, 's còir do
 bhriathra ar steidh-teagaisg mòr-mhisneach,
 agus sòlas cridhe a thoirt. An e bhur rùn
 fa an diu dlùthachadh re Dia, feitheamh air
 Criost, tròcair agus gràs, neart agus sòlas
 iarruidh le dùrachd? Feuch tha bhur n' ath-
 air neamhaidh na shuidhe air caithir nan
 gràs, ullamh gu thiodhlacaibh a thoirt dhu-
 ibh. Feuch, ata Iosa bhur n' àrd-shagart
 mòr, a dhiol bhur cionta, anis anns na
 neamhaidh, a' toirt fainear bhur leas, a'
 deanamh eidir-ghuidhe air bhur son, agus a'
 co'-fhlailg maille ruibh anns gach trioblaid
 agus teinn. Ge be ciod bhur staid, 's urrain
 esan a deanamh sòlasach; ge be ciod bhur
 n' uireasuibh, 's urrain esan an deanamh
 suas; ge be ciod a tha a dhith oirbh, tha
 esan toileach am builleachadh oirbh. Thig-
 gibh ma seadh, le dànachd dhachaидh,
 thigibh chum righ-chaithir nan gràs, agus
 bòrd Chriosd, le urram agus eagal cloinne
 Dhe, le taingealachd agus làn-earbfa, agus
 gheibh sibh tròcair agus gràs, neart agus
 sòlas. Thigibh le aigneidh cloinne Dhe,
 cuairtichibh altair Chriosd, le creidimh, le
 bròn agus le gràdh. Feuch ata na h-uile
 nithe

nithe ullamh, thigibh le cridheachan fosgailte, le làn - earbsà, agus nochdaidh Dia dhuibh a chairdeas, buillichidh se a thiodh-lacaibh gu paitl oirbh. Gun deonaiche Dia so do gach h-aon againn, agus dha-fan gun robh a ghlòir.

SEAR-

SEARMOIN VIII.

ROMH. XIV. 8.

*Oir ma's beo dbuinn, is ann do'n Tighearn a
tha sinn beo: agus ma's bas duinn, is ann
do'n Tighearn a tha sinn a' basachadh: uime
sin ma's beatba no bas dbuinn, is leis an
Tighearn sinn.*

Anns an rann an lorg ar steidh teagaifsg, tha an t-Abstol a' cur an ceil, co e an Tighearna, mù bheil e a' labhairt anns na briathraibh so. Chum na criche so, ars' esan, fhuair Criosd bàs, agus dh' eirich è, agus dh' athbheothaicheadh è, chum gum bitheadh è 'na Thighearna air na beothaibh, agus air na marbhaibh. 'S esan an righ a shuidhich Dia air a shliabh naomha Sion, agus a dh' ordreich è chum a bhi na cheann as gach uile nithe

nithe d'a Eaglais. Oir mar a tha an t-Abstol so fein a' scriobhadh chum na 'm Philip-pianach, mu ìsleachadh agus mu umhlachd gu bàs, eadhon bàs na croiche, air an aobhar sin, ars' esan, dh' àrdaich Dia e gu ro-àrd, agus thug se dha ainm ofcionn gach uile ainm, chum do ainm Iosa, gu'n lùbadh gach uile ghlùn do nithibh ata air talamh, agus do nithibh, ata fui 'n talanìh ; agus gu'n aidich-eadh gach teanga gur e Iosa Criostd an Tigh-earna, chum glòir Dhe an Athar. Tha fìnn uile a' cur an ceil gu bheil fìnn a' creidfinn na firinn so, tha eadhon ar n' ainm a' ciall-achadh gu bheil fìnn ag aidmheil Chriosd mar ar maighistir. Ach 'se 'n ni sin a mhàin, mu bheil an t-Abstol a' labhairt 'nar steidh-teagaisg a dhearbhais so gu foilleir, cianteach; ann an fìnn tha neach da 'm b' aithne gu math, ciod is brigh do Criostduigheachd, mar so a' labhairt ann an ainm gach uile fhior-chreidmhich ; Oir ma 's beo dhuinn, is ann do'n Tighearn a tha fìnn beo : agus ma's bàs duinn, is ann do'n Tighearn a tha fìnn a' bàsachadh : uime sin ma 's beatha no bàs dhuinn, is leis an Tighearn fìnn. Ann an labhairt o na briathraibh so, 'se mo rùn,

Ie coghnadh Dhe fhiosrachadh air

I. Ciod e a bhi beo do'n Tighearna. 'San

II. So a ghnàthachadh mar thomhas no riaghailt, g' ar cuideachadh chum breith a' thoirt air ar staid spioradail fein.

Agus fiosfraicheamid air

I. Ciod e bhi beo do'n Tighearna.

Tha na nithe a leanas gu foilleir fillte an fo. Air

I. Gu bheil finn a' deanamh fèum da thoil. mar riaghailt stiuraidh ar giùlain.

Thaic Dia ruinn talanna àraidh, agus tha e 'g àithne dhuinn am fèum is fhearr is urrain finn a dheanamh dhiu, chum na criche sin gus an deachadh am builleachadh oirn. Is finn a sheirbhisich, agus tha obair againn r'a dheanamh, do'n èigin dhuinn cunntas a thoirt dha-fan fa dheoigh. Cha 'n 'eil e air fhagail g' ar toil fein, ciod an t-serbhis a chuireas finn an gniomh, ach 's eigin dhuinn feitheamh

air sin chum feoladh fhaotain, ag radh maille re Pol, 'nuair a thuit e gu làr, a Thighearna, ciod is aill leat mi a' dheanamh. Agus cha leòir e, gu bheil sinn a' deanamh nan nithe sin a tha Dia 'g àithne, m' ar 'eil sinn ga 'n deanamh do bhrì gu bheil e ga 'n àithne.. Tha aitheanta Dhe a' coi-fhreagradh a chum leas dhaoine fa leith, co mhath 's gach commun a chur air aghaidh, as gu bheil an dream sin a tha eas-uimhal am mòran, air an sgàth fein a' toirt umhlachd an cuid do nithibh. Ach cha ne so bhi beo do'n Tighearna, 's iadsan amhàin à tha beo dha a tha beachdachadh air ùghdaras, a tha deanamh gach ni a tha e 'g àithne, mar ghniomh umhlachd toileach, cridheil, mar earran do'n t-seirbhis a tha dligheach dha.

'San

2. 'Se bhi beo do'n Tighearna aodhirip a thoirt do ghnà esan a thoilleachadh anns gach ni.

Cha ruig mi leas innseadh dhuibh, gu bheil sinn gu luath a' toirt speis do iomadh ni a tha ciùrail d'ar n' anamaibh, agus

a tha air an dìteadh le làgh Dhe. Tha so a' deanamh iomadh earran d' ar dleasdanas, co mhi-thaitneach do'n fheoil, is gu bheil e air a choimeas le 'r flànuighear, ri làmh dheas a spionadh asainn. Cha gheilleadh neach sam bith da so, agus gu h-àraidh cha deanadh e fein e, mar bitheadh è gu h-àraidh feumail chum a chuid eile d'a chorp a thearnadh. Tha nithe triobloideach, neo-thaitneach eile ann an lorg cuid eile d' ar dleasdanais a chur an gniomh. Mar so feudaidh iad di-meas, fuath agus geur-leanmhuinn an t-saoghal aingidh so a tharruing oirn. Anis mu dh' eisdeas finn re 'r nadur truaillidh fein, no re comhairle an t-saoghal aingidh bithidh finn air ar stiùradh, chum ar dleasnais a leigeil air dearmad, no eadhon chum na nithe sin, a tha calg dhireach nan aghaidh a dhcanamh. Cha n' urrain ni sam bith, ach gnàth-rùn an Tighearna a thoilleachadh, na dleasdanais sin a dheanamh taitneach, leis am bheil finn gar n' aicheadh fein. Ach ma tha an rùn so air a shuidheachadh gu doinlain fo chridhe ni e na ceumanaibh as gairbhe d' ar dleasdanas reidh. Le dùrachd agus eadhon gu toileach, toisichidh finn re 'r

n' obair ; cha diùlt fínn seirbhís sam bith cia ciùrail, cia cruidh i, mu tha è deirbhte, gu'm fuigh fínn le so gean-math ar maighistir. Mar so bha na ceud Chriosduighean beo do'n Tighearna. Bha e na ni ro bheag na 'm beachd so gu'n d' thugadh daqine breith orra, be so an dichioll, co dhíu a bha iad a làthair no air choigrich, gu'n gabhadh am mai-ghistir riu. Mar so labhair, mar so ghiùlain 's iad iad fein, ni h-ann mar dhream a bha toilleachadh dhaoine, ach Dia a tha rannsachadh cridheachan a chreatuirean, agus a bheir do gach neach fa dheoigh do reir an gniomhara. 'San

3. 'Se bhi beo do'n Tighearna, a ghlòir a bhi againn 'nar beachd anns gach ni ata finn a' deanamh.

Labhair Pol mar fhior-Chriosduigh, agus le ùghdaraś, a bhuiineadh do Abstol 'nuair a sgriobh e mar so chum luchd-aiteachaidh Philippi. Phil. I. 12—21. Mu tha fínn beo do'n Tighearna, cha'n' iarr fínn nithe mora air ar son fein. Se so a bhitheas againn gu h-àr-aidh mar chùram gu'm bi an Tighearna air

àrdachadh ann's na h-uile nithe leinn, le'r giùlan ann ar beatha na le'r bas. Ge be ciod an staid shaoghalta a tha a ghliocas a taghadh dhuiñnn, bithidh sinn toilichte leis an staid, fin, agus bheir sinn aoirrip onoir a thoirt dhafan, le dleasdanais na staid fin a chur an gniomh le cùram. Ged 'a tha an oisig as dìblidh na theaghlaich againn, ni sinn gu toileach obair na h-oisig so, gun fharmad a ghabhaìl riu-fan a tha air an suidheachadh an staid is airde; an àite farmad a ghabhail, ni sinn gàirdeachas, 'nuair a bheir sinn fainear an dùrachd agns an foirbheas. Ma tha an Tighearna a' faotain deadh sheirbhis mà mòran d'a obair deanta, tha so g'ar toileachadh, ge be ciod na lamha, leis am bheil an obair air a deanamh. An ni a bhuiteas d' ar staid fein, ni sinn gu toileach, agus guidhidh sinn air Dia tomhas mòr da ghràs a thoirt do 'n dream, aig am bheil obair is mugha agus is onoraiche r'a dheanamh.

4. Se bhi beo do'n Tighearna, sinn fein a thoir thairis gu tur dha, agus a bheannachadh, air gach àm, ann an là trioblaid, co mhath

mhath is foirbheis, 'nuair a tha e toirt uainn, co mhath fa builleachadh oirn.

Bu mhath a dh' fhoghlum an t-Abstol an ni so, mar a tha e fein a' cur an ceil Phil. IV. 12. Tha finn a' deanamh ceann-airc an aghaidh an Tighearna, ma tha finn re monmhòr; ged a' tha 'r staid triobloid-each cruaidh. Ciod a th' againn, nach d' fhuair finn uaithe? Agus nach feud esan gu cothromach an ni as miann leis a dheanamh le chuid fein. An deigh do Dhaibhidh beachdachadh air na neamhadh, obair meura Dhe, air a Ghealaich, agus air na reulta, a dh' òrduich e, tha e mar so a' labhairt; creud e an duine, gu bheil thu cuimhneachail air? no mac an duine gu'm fiosfraicheadh leat e? Oir dhealbh thu e beagan ni 's isle no na h-Aingil, agus chrùn thu e le glòir agus onoir. Tha e ann an so a' molladh maitheas Dhe; an toirt do'n duine na cheud chruthachadh, inbhe co àrd' ameasg oibre moradh agus lionmhor. Tha caileigin do atharrachadh am briathraibh Dhaibhidh san Salm. (XLIV. 3. far am bheil e a' labhairt mu chairdeas De do 'n duine

duine 'na staid thruaillidh. A Thighearna ars' esan, ciod e an duine, gu bheil thu gabhail eolais air? no mac an duine, gu bheil thu ga thoirt fainear? Tha 'n duine cosmhuil re diomhanas; tha a laithe mar sgàile a tha dol thairis. Ach tha mi deirbhte gu'n aidich fibh, gu bheil Job a' labhairt eadhon air mhogh is riachdaile na so 'nuair a tha e 'g radh, Job VII. 17. 18.— creud e an duine, gu 'n àrduibheadh tu e? no mac an duine gu 'n suidhicheadh tu do chridhe air? agus gu 'n d' thigeadh tu gach madain ga fhaicin, agus gach mionaid ga dhearbhadh? Tha Daibhidh an labhairt mu mhaiteas De, g' ainmeach fo an duine a chuimhneachadh, agus eolas a ghabhail aqir.

Ach ann an labhairt mu chronnachadh agus triobloid, tha Job 'g ainmeach eadhon fo Dia a dh' àrdachadh an duine, agus a chridhe a shuidheachadh air. Bha e na ao-bhar iongantais aige, gu'n d' thugadh Dia aire co mhòr do chreatuir peacach; gu'n islideadh se,e fein co mòr is chum fàs na leigh dha; gun rachadh e eadhon ga fhaicin gach madain chum leughas spioradail a thoirt dha, gu'n claoidheadh se eadhon a

chorp

chorp chum leas anama. Gabhaidh gach fior-chreidmheach am beachd do gach ni a tha teachd na charaibh am freasdal De, ged a tha iad triobloideach goirt. Air dha bhi deirbhte' gur aithne do Dhia ni's fhearr no dhafan ciod a tha math air a shon pogaidh se an t-flat, agus cuiridh se failte air gach trioblaid; agus ged a tha an cupan fearbh neo-thaitneach da nadur, ged a tha an sean duine a miannachadh gu'n d' theid e seach-ad air, gidheadh teagaifgidh gràs De e chum aontachadh, agus chuni a radh re Athair maille re Criod; ni h-i mo thoill-se ach do thoill-se gu'n robh deanta. Aon uair eile

5. 'Se bhi beo do'n Tighearna, finn fein a thoirt thairis air mhogh co iomlan dha, is nach 'eil finn nar beachd fein idir beo, ach fhad fa tha finn a' toirt seirbhis dha-san, agus a' nochdadadh a chliu.'

Se so reir mo bheachd, fior-sheadh briath-raibh an Abstoil. Cha b' fhiu ni sam bith na bheachd, a bhi air ainmeach beatha, nach robh a' coi'-fhreagradh chum na criche gus an robh beatha air a builcachadh. Thomhais.

ais e aimsir, nì h-ann le laithibh, le miosfaibh, no le bliadhnaibh, ach leis an t-seirbhis a rinn e o àm gu h-àm da mhaighistir caomh, agus leis an umhlachd a thug fe dha. Gach earran d'a ùine nach robh mar fo air an caitheadh, cha robh mar bheatha idir 'na bheachd, mheas e fo mar ni diomhain, cosmhuil ris na h-uairibh a tha sinn a' caitheadh ann an codal, ni is e iomhaigh a bhàis. Is fhearr leis an fhior-chriosduigh aon là ann an cuirtibh Dhe, no mile ann an àite sam bith eile; agus maille re Daibhidh is fhearr leis a bhi na dhorfair an tigh an Tighearna, no comhnuidh a ghabhail am pailliunibh na h-aingidh-eachd. Mar fo nochd mi ciod a bhi beo do'n Tighearna. Cha leig ar n' ùine dhomh labhairt mu'n dara ni a chuir mi romham.

Deanamaid foghnàdh aith-ghearra o na chaidh a radh.

Nochd mi dhuibh ciod a bhí beo do'n Tighearna, agus tha e ceangailte oirn air iomadh doigh ar beatha mar fo a chaitheadh. Tha eadhon còir agus ceartas ag iarraidh fo. Mar a tha an t-Abstol a' teagastg, cha leinn fein

fein idir sinn, ach cheannachadh sinn le lu-
 ach uime sinn, 's còir dhuinn glòir a thoirt
 do Dhia 'nar cuirp agus 'nar spioraid is le
 Dia. Mar chreatuirean a fhuair am bith o
 Dhia, 's còir dhuinn a ghràdhachadh le 'r n'
 uile chridhe agus seirbhis, fhad 's as urrain
 sinn a thoirt dha Ach le ghràs slàinteil thug
 e sinn fuidh cheangal nuadh, fuidh cheangal
 is neartmhoire agus is cairdeile chum seir-
 bhis a thoirt dha. 'Nuair a sgrios sinn sinn
 fein, agus a bha sinn buailteach do thoradh
 uamhunn a chorruich, gu'n sùil a ghabhadh
 truas ruinn, gu'n làmh a dheanadh cobhair
 oirn, ann an fin ghabh esan truas ruinn,
 agus dh' oibrich a ghairdean treun, slàinte
 dhuinn. Thug esan an àithne chairdeil so,
 saor iad o dhòl sios do'n t-slochd oir fhuair
 mise eiric air an son. Agus ann an coi'-lion-
 àdh na h-aimsir, ar Tighearna Iosa Criofd, an
 t-Uan sin, a chaidh a mharbhadh ann an run
 De, roimh leagadh bunadh an t-saoghail,
 nochd esan e fein 'nar nadur, agus le prìs
 luachmhòr fhola, shaor e sinn o làimh ceart-
 ais, agus choifinn e slàinte ionlan agus fhior-
 ruidh dhuinn. Cionnas ma seadh is urrain
 sinn a bhi leafg 'na iheirbhis, no umhlachd a
dhiùlt-

dhiùltadh do h-aon da àitheanta. 'San air sgàth a thoilteanais a tha finn idir beo, agus am meas finn e na ni cruaidh, a bhi air ar stiuradh leisín 'nar beatha. Gu cinnteach cha'n 'eil nì is cothromraigheach na so, gu'm bith-eadh còir aige-san oirn a shaor sinn le fhuil, agus gun d' thugadh an dream fin a tha air an saoradh iad fein gu tur thairis do sheirbhis an flànuighear. Thugamid-ne fainear an ceangal so, na diùltamaid a chòir do Chriosd, ach ann am briathraibh an Abstol abraidih agus deanadh gach h-aon againn. Ma's beo dhuinn &c.

SEARMOIN VIII.

NAHUM, I. 7.

'Ta 'n Tighearna math' na dhaighneachadb
treun an la triobloid agus teinn, agus 's aith-
ne dba 'n dream, a tha cuir earbs' ann .

Se 'm fàigh Nahum, le òrdugh an De bheo,
a labhair na briathra so, chum misneach ag-
us sòlas a thoirt do chloinn Israeil, 'nuair a
bha muintir Ninebheh, àrd-chaithir riogh-
achd Assiria o shean, a' cogadh gu naimhdeil
'na 'n aghaidh, agus a' buntuin riu gu fear-
gach, buirbeil cealgach agus aingidh. Bha
staid Israeil air an àm so cunnartach, bha 'n
naimhde cumhachdach lioninhor, ach bha
Dia nan uile air an taobh, agus 'na àm iom-
chuidh thug e saorsa agus buaidh gu cairdeil

dhoibh. Fhuair an naimhde car tamuil comas, an ìleachadh gu mòr, an claoïdh gu goirt mar pheanas airson am peacaidhean, ga 'n deanamh iriosal agus aithreachail, ga 'm bròsnachadh chum cairdeas De iarruidh, agus earbsa a chuir ann, ann an latha an teinn. Ann an lorg do Dhia a phobull ìleachadh le triobloid chuir e Nahum da'n ionnsuidh chum am misneach a thogail 'suas, le sgeul a thoirt air cumhachd Dhe, a b' urrain a 'm mionaid an naimhde a sgrios, agus iadsan a thearnadh, na 'm pilleadh iad d'a ionnsuidh. Mar dhearbhadh gu'n robh Dia comasach air so, agus tuille a dhéanamh, chum a naimhde a chur fuidh cheansal, tha 'm fàigh an toiseach a chaibideil so, a' toirt sgeul uamhasach air a chumhachd, agus air a ghlòir. " 'Ta Dia, ars' esan mòr ann an cumhachd, 'ta a fhlighe 'fan iom-ghaoith, agus 'fan stoirm, 's iad na neultaidh dus a chosan; tha e cronna-chadh nà fairge agus tha i fàs tirim air ball, tha esan a' tiormachadh na'n aibhnichean gu leir. Ann an làthair Dhe, 'ta na beanntaidh mòr a' crith gu dluth, 'ta na sleibhte air ball a leaghadh, tha 'n talamh air a losgadh suas, 'ta eadhon an saoghal agus a luchd-àit-eachadh

eachadh gu leir. Co 's urrain feasamh an aghaidh laasan fheirge, co 's urrain a dhearg chorruich a ghiùlan? " 'S e so sgeul an fhàigh, agus tha e gu riachdeil a' cur an ceil, gu bheil neamh agus talamh, aingil agus daoine, muir agus tir, agus an saoghal nadurail gu leir gu tur fuidh ughdaras an De bheo. Anis o na tha Dia uile-chumhachdach, a' riaghlaadh an t-saogháil, 's urrain e naimhde a phobuill a chur fuidh cheansal, a leagadh gu lèr, a sgrios gu tur, 's urrain e iadsan a dhionadh o chunnart, a shaoradh o thriobloid, agus àrdachadh chum glòir, le ghairdean treun. Agus an ni a's urrain e, tha 'm fàigh a' gealltuin ann an steidh mo theagaisg, gun dean Dia gu cairdeil thaobh a phobuill anns gach àll; tha 'n Tighearna math, na dhaighneachadh treun an là triobloid agus teinn, agus 's àithne dha 'n dream, a tha cuir earbs' ann.

I. Gu bheil an Tighearna māth.

'Se 'n Ti fin , a dhealbh neamh agus talamh, aingil agus daoine, gach ni aig am bheil bith, gach creutair anns am bheil an deo

deo, mu bheil am fàigh an fo a' labhairt, agus tha e 'g radh gu bheil e math. Tha creatairean Dhe gu leir gach là a' blasadh a mhaitheas, 's iad an cinne-daonna gu h-àr-aidh cuspairean a chairdeis, agus a chaomh-thròcair. Mu bheir finn fainear ar nadur ar staid, ar dionadh, ar sochairean agus ar doch-as, 's eigin dhuinn aidmheil le cliu gu bheil Dia math, agus a' buntain gu cairdeil ruinn.

Thaobh ar naduir, bha sinn uile aon uair, gu'n bhith, gu'n bheatha, gu'n chuirp, gu'n anama, gu'n reusan, gu'n tuigse, gu'n treòir. Air an àm fo, ghairm Dia finn chum bith, agus an àit' ar dealbh mar chlochan an t-fleibh, mar bhruidéan na machrach, mar iasg na fairge, no mar eunlaith' an aidhir, thug è dhuinn cuirp iongantach agus sgiamhach, thug anama reusanta neo-bhafmhur. Tha ar nadur ann an luach ann an glòir, gu mòr of-cionn gach creatuir talmhaidh, tha aig ar cuirp ar ball, tha aig ar n' anama gach cumhachd, a tha feumail 'nar staid, agus 'nuair a tha sinn a' gabhail beachd, d' ar lùth agus treòir, d' ar reusan, tuigse, agus anama prìseil, agus 's còir dhuinn le taing agus cliu aid-

aidmheil, gu bheil an Dia a thug iad dhuinn
gun amharus math.

Aris a thaobh ar staid air talamh, tha Dia
an so cuideachd a' nochdadh a mhaitheis.
Anns an t-saoghal so, far am bheil ar n' àite
comhnuidh, tha gach ni ulluichte, so-fhaot-
ain, a tha feumail, sòlasach agus taitneach.
Air òrdugh Dhe, tha mùir agus tir a' taingse
dhuinn am pailteis; le beagan do shaothair
tha finn a' faotain biadh agus deoch, eadach
agus àite-comhnuidh. Tha Ghrian gu caird-
eil a' toirt sòlus dhuinn 'san là, tha Ghealach
agus na reultan 'san oidhche, chum ar cuirp a
ghleidheadh neartmhòr flan, tha oidhche agus
là, tha samhradh agus geamhradh, tha fu-
àchd agus teas a' ruidh an tòir a cheile. Tha
ar co-chreatuirean, tha ar càirdean g' ar cuair-
teachadh air gach taobh, gar stiùradh, gar
dionadh, agus gar cuideachadh, anns gach
cunnart cruaidh-chas agus teinn. Ciod teill'
a's urrain finn iarruidh? nach 'eil ar staid gu
riachdaill a dearbhadh gu bheil an Tighearn-
na math.

Ach aris thaobh ar dionadh, nochd Dia a mhaitheas gu cairdeil do gach aon againn. B' anmhunn ain-eolach sinn gu leir, 'nuair a thainig sinn a dh' ionnsuidh an t-saoghal fo, 'fiomadh tinneas agus triobloid da'n robh sinn buailteach, 's iomadh namhaid a bha 'g ar cuarteachadh, a' bagairt ar sgrios, agus snàthain caol ar beatha gu tur a ghearradh. Le teine no uisge, le leagadh no leonadh, le pailteas do lòn no le gorta, le codal no faire, le tinneas no eacail, dh' fheudadh gach aon againn a bhi air ar tasguidh 'san ùir, ùine fhada roimhe fo. Ach ged a bha sinn an àm ar n' oige, anmhunn uireasach, ged a bha rè ar beatha buailteach do iomadh ni a dh' fheudadh ar sgrios, gidheadh ghlac Dia sinn, gu cairdeil air làimh, dhion e sinn o gach cunnart, shaor e sinn o gach triobloid, agus mar dhearbhadh gu bheil e math, tròcaireach, caomh, tha sinn uile fhathaft ann an tìrnam beo.

Aon uair eile fuidhn cheann fo, tha ar fochairean agus ar dochas gu foilleir a' dearbhadh gu bheil Dia math. Ged a tha sinn ceannairceach, peacach, aingidh, chuir Dia

mhac g'ar tearnadh, le umhlachd agus le bhàs, choisin e dhuinn slainte, choisin maith-eanas agus gràs, neart agus sòlas, cairdeas De, sìth coguis, maille re sonas fiorruidh neamh. Tha 'n t-slàinte so a choisin e air a taирgse gu faor dhuinne, chuala finn uile fuaim aoibhneach an t-soisgeil, tha meadhonna nan gràs, a measg ar làmh, tha dorus na tràcair fosgailte dhuinn, tha spiorad na sìth g'ar n' aomadh g'ar brosnachadh chum gabhail re Criod. 'S iad so ar sochairean mar Chriosduidhean, tha iad solasach agus luach-mhor, agus 'se cuspair ar dochais an oighreachd ghlòirmhor, an sonas fiorruidh a choisin Criod gu daor dhuinn. Anis o na tha sinne dìblidh, truaillidh agus peacach, tha 'n Dia sin gu cinnteach math, a tha toirt dhuinn araon na sochairean agus an dochas so. Mar so anns gach beachd ata finn a' gabhail da ghiùlan d'ar taobh, chith fibh gu bheil an Tighearna math. Ach maille re so, tha am fàigh ag innseadh dhuinn 'san

II. Gu bheil e na dhaighneacha treun an là triobloid agus teinn.

Tha

Tha 'n cinne-daona gu leir, tha eadhon pobl De air talamh, air an cuartachadh le iomadh nàmhaid, an luidhe re iomadh triobloid, agus buailteach do iomadh teinn. O na sì so ar staid, tha feum againn air caraid cumhachdach gràdhach, tha air sgiath-dhidnidh, tha air daighneachadh treun. Tha daighneachadh a' coi'-fhreagradh chum ar dionadh o ionnsuidh ar naimhde, agus chum ar neartachadh gu buaidh fhaotain orra, agus mar so tha Dia a' buntain re phobull ar-aon a thaobh an naimhde spioradeil agus tal-mhaidh.

i. Tha e dionadh a phobuill an là triobloid agus teinn.

O' nàm an d'rinn an duine le pheacadh ceannairc an aghaidh Dhe, tha e fein agus a bhràithre gu minic a droch-chordadh. Tha uabhar agus fannt, tha corruiich agus mi-rùn gu minic a' buaireadh flioichd an duine, chum cogadh an aghaidh a cheile, araon mar dhaoine, agus mar rioghachda. Anis 'nuair a tha 'n naimhde a' bagairt cron a dheanamh do'n dream sin a bhùineas do Dhia, a tha toirt

toirt gràdh agus umhlachd dha, tha efan
 mar an dáighneach treún gan dion, tha o
 gach ionnsuidh agus cunnart a tha air
 muir agus tir, 'san là no 'san oidhche, nan
 codal no nam faireach. Mar so dhionadh
 Maois, 'nuair a dh' orduich righ na h-Ei-
 phit a sgrios; dhionadh Joseph 'nuair a
 chuir a bhraithre rompa a mharbhadh, dhi-
 onadh Daibhidh o chorruich Righ Saul;
 dhionadh Daniel o sgornach nan leomhan garg,
 dhionadh Jonah agus Pol o bhi air am bà-
 thadh fa chuan, agus air an sgrios le stoirm.
 Maille re so, tha Dia a' dion a chair-
 dean, mar phobull agus mar rioghachd.
 Mar so dhion e clann Israel fuidh. Mhaois,
 o bhi air am bathadh fa mhuir ruaidh, ag-
 us o bhi air an sgrios le arinait mhòr righ
 na h-Eiphit; agus dhion e iad air an àm
 o bhi air an slugadh suas se muintir Assi-
 ria.. An ni ma feadh a rinn Dia, thaobh
 a chairdean, agus a phobuill o shean, 's ur-
 rain e agus tha e toileach a dheanamh d'ar
 taobh-ne, eadhon ar dion, mar dhaoine a-
 gus mar rioghachd, an àm cunnairt agus
 teinn, araon o mhirùn agus o chorruich
 ar naimhde. 'S tric a dhion Dia roimhe

ar rioghachd, agus tha e toileach fhathasd
so a dheanamh ma philleas sinn da ionn-
suidh, agus ma bheir sinn umhlachd dha.
Ach aris anns an

2. Tha Dia mar dhaighneachadh treun,
a' cuideachadh a phobuill an àm cunnairt,
agus a' toirt buaidh dhoibh.

Tha iomadh dearbhadh againn air an fhirinn so ann am focal naomha Dhe; 's tric a chuidich Dia le phobull agus a thug e buaidh dhoibh, araon mar dhaoine agus mar rioghachd. Mar so tha Maois ag radh, be Dia m' aithreachadh mo chuideachadh, agus mo choghnadh, tha Samuel ag radh, gus an t-àm so, chuidich Dia leam; agus tha Daibhidh ag radh 's tusa a thug coghnadh Dhòmh na fag, agus na treig mi, a Dhia, mo shlainte. Lé coghnadh Dhe, fhuair Mordecai buaidh air uabhar Haman, Daibhidh air iiri-rùn Righ Shauil, Peadar agus Pol air naimhdeas nan Judhach, agus dioghaltas nan Geintileach. Le coghnadh an De bheo fhuair Maois agus clann Israél buaidh air armait mhòr righ na h-Eiphit, fhuair Jo-

N
fhuad

shua buaidh air luchd àiteachaidh Chanaain, fhuair Dhaibhidh buaidh air na naimhde lionmhòr treun a bhà mun cuairt dà. Le coghnadh Dhe, 's tric a fhuair an rioghachd againne buaidh, agus a thog ì a ceann gu h-ard ann an glòir osciùnn a naimhde guineach gu leir. Mar so chi sibh gu bheil Dia ni 'mhàin math da phobull ach mar an ceudna gan dion, ga'n cuid-eachadh, agus a' toirt buaidh dhoibh ann an àm cunnairt agus teinn. Chum maitheas Dhe, ma seadh a bhlasadh, agus a choghnadh fhaotain araon dhuinn fein agus d'ar rioghachd, fiosraichimid san

III. Ciod a's còir dhuinn a dheanamh.

Tha so air inafeadh ann an steidh mo theagaifg, 's còir earbsa a chuir ann an Dia, 's còir 'na ghràs, agus na fhreasdail airson gach ni ata feumail agus math dhuinn. Tha earbsa gar dlù-cheangal re Dia mar ar caraid, agus g'ar stiùradh chum ar càram a thilgeadh air agus dochas a cher ann, anns gach staid agus teinn. Ann an àm cunnairt agus trioblaid, tha earbsa ann an Dia gu h-àraidh

h-àraidh feumail, chum ar cinn a chumail fuas ofcionn nan uisgeachan, agus ar deanamh, glic foighidneach agus cruadalach. O na tha Dia ma seadh paitt ann an tròcair, is uile-chumhachdach, agus uile-ghràdhach. 'S còir air

1. Earbsa chuir 'na ghràs trid an t-Slàn-uighear.

Mar chreatuirean ciontach, peacach, tha mòr fheum againn gu leir air gràs De, chum ar peacaidhean a dhubbhadh a's, chum ar nadur a naomhachadh, chum ar neartachadh an aghaidh buaireidh, agus ar n' ullachadh fa chomhair neamh. An gràs so, a tha co-fheumail, choifin Criofd gu cairdeil dhuinn, agus tha e taigse gu saor 'fan t-foisgeul. 'S còir ma seadh onoir a thoirt do Dhia, 's còir d'ar flànuighear, le earbsa chur na ghràs, 's còir iarruidh gu minic dùrachdach, le ùrn-uigh an creidimh, le beo-dhochas. S còir anns.

2. Earbsa chur am freasdal De.

O na tha Dia uile-leirfinneach, uile-ghlic agus uile chumhachdach, tha neamh agus tal-amh, aingil agus daoine, tha muir agus tir, gu tur fuidh ùighdas, agus o na tha e uile mhath, tha fhreasdal caomh thar oibre uile. Le fhreasdal caomh, le ghairdean treun, tha esan a' dion a phobuill o chunnart, ga'n saoradh o thrioblloid, ga 'n tearnadh o sgrios air muir agus tir, 'san là agus 'san oidhche, ann an cogadh na sìth, an tinneas no teinn. Anis o tha Dia a làthair anns sgach àite, agus a ghnàth g'ar cuartachadh le fhreasdal caomh, 's còir dhuinn onoir a thoirt da ainm le làn-earbsa chuñr ann, gar dion agus g' ar teasairgin anns gach inbhe agus staid. 'Si 'n earbsa so ann an gràs agus am freasdal De, a ni sinn misneachail, duineil treun ann an àm trioblloid, air là cath, agus eadhon aig uair a bhàis. G' ar brosnachadh chum an earbsa so a chur ann an Dia, thugamaid anis fainear 'sa

III. Cionnas a tha Dia a' bunuinn riusan,
a tha cur earbsa ann.

Tha 'm fàigh ag ainmeach so ann an
steidh

steidh ar teagaifsg, 's aithne dhā ars' esan an dream a tha cur earbsa ann. Tha aithne na colas De, air daoine na pobull sam bith a' cur an ceill, gu bheil e gan toirt fainear a' gabhail cùram dhiu, ga'm beannachadh le làthair-eachd, agus le ghràs, ga'n stiùradh, ga'n dionadh, agus ga'n cuideachadh. Cia solafach ma seadh an ni aithne a bhith aig an Dia bheo oirn. 'Nuair a tha esan a' gabhail cùram dhinn, gar beannachadh le laithair-eachd, gar stiùradh le ghliocas, gar dion le fhreasdal, gar cuideachadh le choghnadh, co na ciod a's urrain cron a dheanamh dhuinn. 'Nuair a tha uachdaran an t-saoghal air ar taobh, gar n'aithneachadh mar a chairdean gar stiùradh agus gar beannachadh, gheibh finn dion o gach cunnart, gheibh saorsa o gach triobloid gheibh buaidh air gach namhaid; air muir no air tir bithidh finn tearuinte, am beatha no bàs bithidh finn sonadh. 'Nuair a tha sùil chairdeil Dhe oirn, agus a ghairdean treun mu 'n cuairt dhuinn, mar charraig 'san fhairge nach urrain gaoth na tonnan na stoirm a charrachadh no a bhriseadh, cha n' urrain ni no neach sam bith finne a chiuradh no a sgrios. Cia pri-

- feil

feil ma seadh sochair na dream, a tha cur earbs' ann an Dia, anns gach inbhe agus staid, anns gach triobloid agus teinn, tha efan' gan aithneachadh mar an caraid, agus a' gabhail cùram dhiu. Air dhuinn mar so a dhearbhadh, gu bheil Dia math, gu bheil e na dhaighneach treun an àm triobloid, gur còir dhuinn earbs' a chur 'na fhreasdal agus na ghràs, agus gu'n aithnich e mar a chairdean, an dream a tha cur earbs' ann, deanamaid nis' foghnadh o'n iomllan.

Mar uachdaran àgus mar bhreitheamh a chinn-e daonna, tha gràdh agus umhlachd dligheach do Dhia o gach òg agus sean, bochd agus beartach, uasal agus iosal. 'S ann amhàin le coghnadh Dhe, 'fann amhàin le bhi earbsach as agus umhal dha, a's urrain dùil a bhi againn re soirbheas, anns gach obair agus dreachd, agus nì ris an cuir sinn ar làmh'. Tha sibhse air an àm air bhur gairm chum seirbhis bhur Righ, chum bhur rioghachd, bhur luchd-ducta, agus bhur càirdean a dhion, chum buaидh, onoir agus sìth a chosnadh dhoibh. Tha

bhur

bhur dreachd, tha bhur feirbhis onorach,
 laghail, agus dligheach, tha gu h-àraidh feu-
 mail air an àm so. Tha pobull a bha aon
 uair 'nan iochdairein agus nan cairdean
 dhuinn, gu mi-thaingeil a' cogadh 'nar n'
 aghaidh agus a' toirt aorrip ar nuachdarans-
 achd a thilgeadh dhiu. Maille re so tha ar
 sean naimhde guineach, cealgach aingidh, a'
 bagairt ionsuidh a thoirt oirn, agus cogha-
 nàdh a thoirt d' ar naimhde eile. Anns an
 staid so, tha feum aig ar rioghachd air saighd-
 fheara cruadalach, duineil treun, cosmuil-
 ris na h-aithreacha o'n d' thainig finn, a
 choisin roimhe so gu minic buaidh. An e
 ar rùn-sa, mar dheadh shaighdfhearra, bu-
 aidh a chofnadhd d'ar rioghachd' onoir d'ar
 duthaich, cliu dhuinn fein, cuiribh earbs-
 ann an Dia, iarruibh a choghnàdh bithibh
 umhal dha. Na saoilibh gu'm fuigh sibh
 buaidh amhàin, le'r neart, le'r n' innleachd,
 le'r cruadal fein, oir se Dia a bheir buaidh,
 agus ma's miann leibh gu'm bith e air bhur
 taobh mar dhaighneach treun, bithibh nar
 feirbhisich dhileas dha. Na saoilibh gu
 bheil e ceadaichte dhuibh anis a bhi mi-
 dhiadhaidh, ainm Dhe, a thoirt an diomh-

anas, a shabaide a mhi-naomhachadh, àith-eanta a bhriseadh, agus a bhi' nar giùlan breugach, cealgach, misgeach, neo-ghlan, agus tuasaideach. 'Nuair a tha armait a' di'-chuimhneachadh Dhe, agus ciontach do na peacaidh so, tha iad a' toiltin peanas o làimh, agus tha esan gu minic a' toirt comas d' an naimhde buaidh fhaotain orra. Ma se bhur rùn nach tachair so dhuibh-se, bitibh diadhaidh; bha na saighd-fheara a b' fhearr o shean diadhaidh, bha Maois agus Joshua, bha Jonatan agus Daibhidh, bha Solamh agus Cornelius, agus thug Dia mar a chairdean buaidh dhoibh. Mas miann leibhse a bhi' nar gaifgich threun, thugaibh gràdh agus umhlachd do Dhia nan uile, bheir a chairdeas misneach d'ar cridhe, saoraidh eagal o gach eagal eile fibh. Le fhocal a leughadh agus eisdeachd, le shàbaid a naomhachadh, le ùrnuigh gu moch agus anmoch iarruibh a chairdeas le dùrachd, agus bitheadh ar giulan measarra cothromach agus diadhaidh. Ma bhitheas bhur giulan air an doigh so, feudaidh dùil a bhi agaibh gùm bi Dia maille ruibh, agus gun d'thoir e dion, soirbheas agus buaidh dhuibh, air muir no air tir, an cruidh chas

no teinn, an cogadh na fith a'm bàs no beatha.
 Agus gun deonaiche Dia, gu'm fuigh fibh
 uile dearbha riachdail gu bheil an Tighearna
 gun amharus math, na dhaighneach treun an
 àm triobloid agus teinn, agus gur aithne dha
 a'n dream a tha cuirearbsa ann ; agus dà ainm-
 se gu'n robh a ghloir gu suthain fiorruidh,
 Amen.

SEARMOIN VIII.

GAL. IV. 5, 6.

*Ach 'nuair a thainig coi'-lionadh na h-aimsir chuir
Dia a mbac fein uaithe, a ghineadh o mbnaoi,
a rinneadh fuidb 'n lagh, chum gun saoradh e
iadsan a bba fuidb 'n lagh, ionnas gu'm faigheamaid-ne uchd-mbacachd na cloinne.*

MAR ghaoth nàm beann no mar gheuga
maoth tha mac an duine luaineach fo-lubaidh
agus am bheil e air a stiuradh le gliocas, agus
air a chumail 'suas le coghnadh Dhe. Ma tha
e air fhagail car tamail d'a inntin dhoilleir,
d'a smuaintidh neo-sheasmhach, agus d'a
chridhè, cealgach fein, le innleachd a naimhde,
tha e gu grad a' ruidh o bharràil gu barrail,
o aon chreidimh gu creidimh eile, agus o
ghulan

ghiulan naomha gu giulan truaillidh peacach.
 Thachair fo gu foilleir do'n dream, fin a dh'
 iompuich Pol a chum creidimh Chriosd aid-
 mheil an duthaich Ghalatia. Co lùath fa dh'
 fhàg esan iad, thàinig Iudhaich Chriosduigh
 na'm measg. a bha ro-eudmhor mu lagh
 Mhaois, agus le buaireadh an abhairseir thug
 iad aoirrip a dheisciobuil atharrachadh na'm
 beachd, agus a dheanamh neo-fsheasmhach
 'nan creidimh. Chuir iad an ceil dhoibh gu
 h àraidh, gu'm faigheadh iad maitheanas pea-
 caidh, agus sonas neamh mar dhuais an oibre
 fein, agus nì h-ann gu saor trèd gràis Chriosd.
 Fhuair an t-Abstol sgeul air na nìthe fo, mho-
 thuich e air bàll cunnart a chàirdéan, agus
 mar athair caomh scriobh e an litir fo, chum
 an dream a bha ain̄-eolach a theagafg, chum
 iadfan a chaidh am mearrachd iompuchadh,
 agus iadfan a bha luaineach a dhaighneachadh,
 na'n creidimh. 'Sa chaibideil roimhe fo,
 tha e gu h-àraidh a' teagafg, nach urrain
 daoine gu bràth a bhi àir am fireanachadh,
 'se fin maitheanas peacaidh, agus sonas neamh
 fhaotain, trid an oibre fein. Tha e toirt deadh
 reusan air son fo, tha lagh Dhe 'g iarraidh
 umhlachd iomlan, cha n'urrain daoine fo a
thoirt

thoirt seachad, uime sin cha n'urrain iad a
 bhi air am fìreanachadh leis, ach tha e 'mhain
 mar mhaighistir scoil a' treòrachadh dh' a
 ionnsuidh Chriosd. Trìd na h-umhlachd a
 thug esan seachad, agus na h-iobairt iomlan a
 dh' ofrail e choisin e maitheanas agus sonas d'a
 phobul, agus rinn e iad' nan cloinnd do Dhia. Ach
 tha an t-Abstol a' teagafg an toiseach a chaibi-
 deil so, mar a tha clann rè ùine fuidh mhaigh-
 istir fgoil, gus am bheil iad a' teachd gu aois
 agus ciall, ceart mar so bha a phobull re uine
 fuidh dhaorsa an lagha, gus an robh iad air
 an ulluchadh fa chomhair teachd an t-
 flànuighear. Air do Phol na nithe so a
 theagafg agus a dhearbhadh gu foilleir tha e
 le aoibhneas ag innseadh ann an steidh mo
 theagaifg, ciod a rinn an t-athair agus am mac,
 chum an cinne daonna a shaoradh, agus
 sochairean clann De a thoirt dhoibh, Ach, &c.
 Chum misneach a thoirt dhuibh an obair bhur
 n'anama agus g'ar n'ulluchadh fa chomhair
 seirbhis àraidh an là an diu se, mo rùn le
 coghnadh Dhe, na briathra sòlafach so a
 mhìneachadh dhuibh. Agus chum na crìche
 so fiosraichaimid air

I. C'uin a thaísbein Dia faibhreas a ghràis d'a phobull.

Bu naomha, taitneach staid an duine, nuair a thainig e air tùs a làmha Dhe; gidheadh mo thruaighe pheacaich e gu luath 'na aghaidh, ach 'n àit a sgrios thug Dia gealladh priseil dha. Ghin Adhamh flioichd ceannairceach, peacach, cosmhuil ris fein, an ùine ghrad dh' fhàs an aireamh mòr, bha am peacaidhean dearg mar sgarlaid, agus do aireamh mar runnagan nan speur. Chum mi' thoilteanas a pheacaidh a chur an ceil, sgrios Dia le tuil an tàlamh so gu leir ach aon teaghlach amhàin. O Noah thainig flioichd a dh' fhàs gu grad aingidh, a thug iad fein thairis do iodhol aoraidh, agus do pheacaidhean eile, ann an aireamh agus ann an cionta do-innseadh. Cha do chlaoadh an giulan so foighi din De gu tur, ach chum faibhreas a ghràis a nochdad, ghairm Dia Abram; sgar se e fein agus a theaghlach o luchd-iodhol-aoraidh, thug iomadh gealla priseil dhoibh. A chuid, a chuid, dh' fhàs siol Abram liònmhor mar ghainneamh na tràighe, agus an lorg daorsa rè uine fhulang thug Dia gu cairdeil fuasgladh dhoibh

dhoibh, threòraich e iad chum an fhàsaich; Air sliabh Shinai, tha isbein e a thoil gu foilleir, thug e dhoibh lagh nàm modhanna, thug lagh nàm iobairtean, ga'n stiuradh 'na shlighe, ga'n ullachadh fa chomhair teachd an t-slànuighear. Le luchd-teagaifg, le sheirbhifich, le fhàidhean, gheall Dia gu minic air am àraighe fear-saoraidh a chur a dh' ionfuidh a phòbuil. Mar sheirbhifich fuidh' Uachdaran, mar chlann fuidh mhaighstir scoile, bha a phobull re ùine fuidh 'n lagh, gus am bitheadh iad iomchuidh fa chomhair saorsa. Mar sholus na Greine, bha geallanna Dhe a' fàs na b'iomlaine, agus na bu shoilleireadh, gus an d'thainig an t àm ordughte, mar àrd mheadhon-la, làn do shòlas do chlann na'n daoine. Be so coi'-lionadh na haimsir, mu bheil an t-Abstol a' labhairt, agus air an àm so thachair ni, a's còir dhuinne ghàth chuimhneachadh le cridheachan dianlaiste, araon lè aoibhneas agus le gràdh. Fiosraicheamid ma seadh 'fan

II. Ciod a rinn Dia air an àm so.

Tha oibre Dhe uile iongantach, tha iad uile làn do thròcair, cha n' urrain Aingil no
daoine

daoine gu bràth an làn-thuigfin, no cliu mar a's cubhaidh air an son a thoirt da ainm. Chum ar n' urram, ar ghràdh, agus ar n' aoibh-neas a mheudachadh 'f còir beachd a ghabhail do obair nan gràs, do reir an sgeil a tha finn a'faotain air. Tha sgeul an Abstoil an steidh mo theagaisg gu h' àraidh brioghmhor 'sfhiach e gu math ar n'aire.

I. Chuir Dia a mhac uaithe.

'Siongantach an ni, gu'n cuireadh Dia a mhac fein uaithe, air ghnothuch s'am bith; 's iongantach mar an ceudna, gu'm fàgadh am mac gu toileach uchd an Athar agus a ghliòir a bh' aige maille ris. Bha cumhachd agus gliocas ionlan, bha neamh agus talamh, aingil agus daoine, agus gach creatuir eile aig Dia mar sheirbhisich, chum obair sam bith, bu mhìann leis a chur an gniomh. Bha staid a chinne-daoine co bhochd, co bhrònach, co chunnartach, a's gam feudadh iad a bhi toilichte taingeil, na'm fuigheadh iad saorfa ge be ciod an instrümaid, a bha e a' gnàthachadh. Ach o na bha an obair, a bh'aige na bheachd, iongantach, mòr agus do-dheanamh, o na bha oscionn

òficionn cumhachd Aingil, innleachd dhaoiné, agus gach creatair eile, anns am bheil an deo, rinn e roghain air neach, a bha coi'-fhreagradh r'ar flàintuigh-ne; chuir e uaith a mhac fein. Chuir e uaithe a mhac, a ghin e o shiorruigheachd, abha coi'-ionnan ris ann an cumhachd agusann an glòir, a bha ionmhuin na bheachd, d'an d'thug e gràdh iomlan, agus anns an robh a làn toil. Chuir se a mhac o neamh gu talamh, o ghìlòir gu di'-meas, o chumhachd gu anmhuinneachd, o shaibhreas gu bòchduin, o làn shonas gu mòr-thruaighe. Chuir se air a ghnothuch a b'-fhearr, air an turus bu chairdeile, gidheadh 'san staid a b' isle, an neach bu ghìlòirmhoire, a chunnaic neamh no talamh riamh. B' iongantach gradh àn-Athar a chuir uaithe a mhac fein, air son creatuirean co diblidh, co cheannairceach agus co truaillidh. Bu mhòr, do-thuigfin gràdh à mhic a dh' ìslach e fein gu toileach, chum saorsa o thruaighe, agus làn-shonas a chofnadh dhoibh. Ach cha do chuir Dia 'mhàin a mhac uaithe ach anns an

2. Ghinneadh e o mhnaoi.

Bu mhòr a dh' ìslich Criosd e fein bu mhòr an sgàil a chuir air a ghìldòir, 'nuair a dh' fhàg è uchd an Athar agus a nochd se e fein air talamh, ach thug e dearbhadh na bu mhogha air a ghràdh, 'nuair a ghabh se air natur an duine. Feuch an ti, a dhealbh Neamh agus talamh, aingil agus daoine, ghinneadh è o mhnaoi ; feuch an ti a bha ann o shiorruigh-each dh' fhàs e na leanabh ; ged a bha e uile chumhachdach, dh' fhàs e annmhunn, ged a bha feilbh aige air gach ni, dh' fhàs e uireasach agus bochd. An àite e fein a nochdadhdh, mar phrionsa, mar Righ no mar Impire mòr, le mòr urram agus gloir, thainig neul tiugh air a Ghrein, rugadh e o pharantaidh bochd, ann an àite diblidh, ann an stapul truagh, agus nochd se e fein re a bheatha, ann an riocdh feirbhisich. Thainig esan a nuas gu toileach o'n staid a's gloirmhor chum na staid a's diblidh, chum daoine a thogail suas o'n staid a's isle, chum na staid a's airde. Tha an t-Abstòi Pol ag ràdh, gum b' fheumail da ann sna h uile nithibh bhi àir a dheanamh cosinhuil r'a bhràithribh chum gùm bith-eadh e na àrd-flàgart tròcaireach agus dileas ann an nithibh do thaobh 'Dhe chum

chum rèite a dhéanamh air son peacaidh a phobuill. A' nis o na bha e feumail do Chriosd, ar natur a ghabhail air, chum flàinte a choinsadh dhuinn, do reir ceud ghealladh Dhe d'ar fìnnfir, glinneadh e gu toileach o mhnaoi. Ach maille re so' fan

3. Rinneadh e fui 'n lagh.

Se lagh Dhe taisbeanadh a thoil, agus tha e ceangailte air a chreatuirean, an dara cuid umhlachd a thoirt dha, no am peanas sin fhulang, a tha e a'bagairt. Mar riaghait stiuraidh d'an giùlan, agus ga'n ullachadh fa chomhair teachd an t-slànuighear, dh'fhoillsich Dia da sheorsa do lagh do chloinn Israeil, lagh na'm modhanna, agus lagh na'n iobairtean. Bha e ceangailte a'ir a chinne'-daonna gu leir umhlachd a thoirt do lagh na'm modhanna, bha umhlachd do lagh nan iobairtean dligheach o chloinn Israeil amhàin. Bha lagh nàm modhanna na riaghait stiuraidh sheasfhach, bha e reusanta, dligheach feumail anns gach àll; bha lagh nan iobairtean mar eallach thrioblaideach do-ghiùlan, bha è mar mhaighistir sgoile 'g ulluchadh fa chomhair,

chomhair, agus a' treorachadh a' dh' ionnsuidh Chriosd. Chum lagh na'n iobairtean a chuir air cùl, agus a phobull a shaoradh o thraillealachd; chum umhlachd iomlan a thoirt do lagh na modhanna, agus am peanas sin fhublang, a bha e a'bagairt agus a thoill peacairean, rinneadh mac Dhe gu toileach fui'n lagh. An ti sin a thaibean lagh do'n chinne-daonna rinneadh e-fein fui'n lagh so, chum umhlachd iomlan a thoirt na'n àite; an ti a bhagair fan lagh so peanas a dheanamh air peacairean, dh' fhuiling e fein gu cairdeil am peanas so air an son. Bha umhlachd iomlan do lagh na'm modhanna feumail, chum an lagh a dheanamh onorach chum glòir Dhe a noch-dadh, agus mar eisiomplair d'a phobull; bha fulangais agus bàs Chriosd feumail, chum firinn, ceartas agus naomhachd Dhe a thaibeanadh gu foilleir. Rinneadh Chriosd fui'n lagh, chum ainmheacha phobuill do'n lagh gu tur a phàigh, le bhàs choifinn e dhoibh, saorsa o pheanas agus maithreas peacaidh, agus le umhlachd iomlan choifinn e cairdeas De agus sonas neamh. Feuch anis cia mòr a tha sin ann an comain Chriosd, a dh'fhàg gloir athair, a ghn-eadh o mhnaoi, a rinneadh fui'n lagh, chum à phobull

phobull a dhion agus a thearnadh, 'nuair a bhà ceartas De a' gairm gu dian, a rusgadh a chloidheamh, chum am buille deireannach a thoirt, agus an sgrios gu siorrudh. 'Sfuar neomhoothachail an cridhe, nach 'eil air a laffadh le gràdh, nuair a tha sinn a gabhail beachd do'n dearbhadh iongantach so air gràdh Chriosd. Ach chum beachd na's foilleire a thoirt dhuibh do shaibhreas a ghràis, agus d'ar comainean lionmhòr dha fiosfraichimid 'san.

III. C'arson a dh'iflich Criosd mar so e fein.

'Nuair a thà duine glic cumhachdach a' deanamh ullachadh mòr, tha sinn do ghnàth a' co-dhùnadh, gu bheil obair mhòr aige ra' dheanamh. 'Nuair a rinn Dia a chumhachd agus a ghliocas ma seadh ullachadh co mhòr, 'nuair a dh' iflich a mhac aìr mhogh co iongantach e fein, bhà obair ghiòirmhor gu cinnteach aige r'a dheanamh. Am briathraibh aith-ghearra, brioghmhor, tha an t-Abstol a' cur an ceilidh na h-oibre chairdeil so, agus dh' iflich Criosd e fein air.

1. Chum a phobull a shaoradh o'n lagh.

'Nuair a thoisich Criosd re obair chairdeil, bha clann Israel fuidh dhaorsa lagh na'n iobairtean, agus fuidh dhiteadh lagh na'm modhanna. Bha e feumail m'a seadh chum an sonais, saorsa fhaotain uatha le cheile. Chaidh lagh nan iobairtean òrduchadh, gan stiùradh adh' ionsuidh Chriosd, bha an iobairtean na'n samhladh air, agus 'nuair a dh' ofrail esan iobairt iomlan, chaidh a chur air cùl, mar ni neo-fheumail, agus mar fo choisinn è d'a phobull saorsa iomlan uaithe. Mar riaghailt-stiuraidh caithe'-beatha, cha d'thainig Criosd a sgrios lagh na'm modhanna, ach g'a choi'-lionadh, gidheadh mar chumhnanta beatha, choisinn e saorsa uaithe, air dha fein an umhlachd iomlan sin a thoirt seachad a bha an lagh 'g iarruidh. Agus o na bha an lagh a'diteadh chum truaighe, agus ag òrduchadh peanas fiorruidh a dheanamh air an dream, a bha gu ceannairceach, aingidh' ga bhriseadh, shaor e mar an ceudna a phobull, o'n diteadh agus o'n pheanas fo le fhulangas agus le bhàs. Mar so tha an t-Abstol fo fein a'labhairt, shaor Criosd finne o mhallachadh an

an lagha, air dha bhi air a dheanamh nà mhallachadh air ar son; oir ata e sgriobhta, 's malluichte gach h-aon a chrochar air crann. Air a chrann-cheasaidh mhallaichte, le fheoil a reubadh, le fhuil a dhòrtadh phàigh Criodainn heach pheacairean, agus choisinn e dhoibh gu cairdeil faorsa o sgrios. Dh' fhuiling esan fearg Athar chum 's gu'm mealladh iadsan a chairdeas, dh' fhuiling cràdh agus bròn, chum 's gum fuigheadh iad sòlas, dh' fhuiling è doruinn, chum 's gu'm fuigheadh iad sonas, dh' fhuiling di-meas chum 's gum fuigheadh iad glòir, dh' fhuiling bàs chum 's gu'm fuigheadh iad a bheatha mhairtheanach. Cia luachmhòr ma feadh faorsa a chreidmhich, o na phàigh mac Dhe co daor air a shon. Ann an cosnadh so bha fhulangais co mhòr, bha naimhdeas na'n Judhach co aingidh, bha teicheadh a chairdean co nàrach bha neomhoothuchadh dhaoine co iongantach, a's gu'n d'fholuich a Ghrian car tamuil le oillt agus nàir' a ghnùis. Ann an smuainteachadh, air an t-faorsa so a choisinn Criodainn, abradh gach aon againn le cridhe iriosal, taingeil, dianlaiste le gràdh, Glòir gu siorruidh gu'n robh do ghaisgeach treun na'm buadh, a choisín

mar so saorsa dhuinn. Ach dh' islich Chriosd e fein 'san

2. Chum's gum fuigheannaid uchd-mhacachd na cloinne. Trid a pheácaidh, bha daoine air an fgaradh o chàirdeas, air an diteadh le lagh, agus air an tilgeadh a mach a teaghlaich Dhe. G'an toirt air an ais na ionsuidh, tha isbein Chriosd lagh na'n iobairtean, ghleidh e iad re ùine, mar thràillean agus mar sreibhifich fui 'n lagh so, ach ann an coi'-lionadh na h-aimsir, thug e dhoibh saorsa uaithe, thug cuideachd saorsa o mhallaichadh lagh na'm modhanna. Mar so choisrig e slighe, dh' fhosgail dorus chum cairdeas Athar, agus thug e air an ais iad da theaghlaich. Mar so an dream a bha roimhe, na'n cloinn do'n Abhairseir, na'n cloinn na h'eas-umhlachd, na'n oighreachan air truaighe, air sgàth Chriosd, tha iad air an gabhail a-steach ann an aireamh, agus a' mealtuin sochairean cloinne De. Air

1. Tha iad na'n cuspairean air a ghràdh àraighe.

'Nuair a bha daoine o' shean, ag uchdmhac-achdadhbh, no gabhail a steach da'n teaghlaich clann an càirdean, no an luchd-eolaic, bha iad do ghnath a'toirt gràdh dhoibh mar an clann fein. Air an doigh so, ged a bha pobull Chriosd aon uair na'n cloinn do'n Abhairfear, gidheadh, nuair a tha iad tridfin, air an gabhail a steach do theaghlaich Dhe, tha esan a'toirt gràdh dhoibh mar a chlann àraid fein. Chà'n'eil gràdh a's dian-laiste, a's seasmhaiche no gràdh pharanta caomh da'n cloinn iomchuidh fein, agus 'se an gràdh so an iomlainneachd a tha Dia a'toirt da phobull. Tha esan a 'toirt caileigin do ghràdh, agus a' deanamh math do'n chinne'-daonna gu leir, ach 's iad deisciobuil Chriosd cuspairean a ghràidh àraid mar Athar, 's iadsan a bhuiteas da theaghlaich, 's iadsan a tha faotain a bheannachaidh, agus a' mealtuin a chairdeis, anns gach inbhe agus staid.

2. Tha iad air an dòn le'n Athair.

Tha pobull Chriosd air talamh air an coimeas re caoirich, Uain, colamain, agus clann òg, cèatuircean a tha ainmeil air son an

ain-eolais, an anmhuinneachd meud an cunnairt, agus lionmhoireachd an naimhde. Ach ged a tha iad anmhunn anna fein, air an cuartachadh le iomadh namhaid, agus ann an luidhe re iomadh buaireadh, gidheadh tha Dia, mar an Athair, a' gabhail càram dhiubh agus do ghnàth ga'n dion le fhreasdal caomh, le ghairdein treun, le Spiorad agus le ghràs. Mar Uachdaran an domhain, tha neamh agus talamh, tha aingil agus daoine, tha muir agus tir, gach creatuir agus ni a tha ga'n aiteachadh, gu tur fuidh ughdas an De bheo; agus gun a chomas cha n'urrain iad cron sam bith a dheanamh dō chuirp no do anama a phobuill. Ann an cunnart ma feadh no am buaireadh, ann an trioblaid no ann an tinneas, ann an bochduin no ann an teinn air muir no air tir, am beatha no bàs bithidh pobull Chriosd tearuinte o sgrios, o na tha Dia fein do ghnàth ga'n dion, agus a' toirt air gach ni coi'-oibreachadh chum an leas.

3. Tha iad air am beathachadh le'n athair.

Nuair a tha daoine ag uchdmhachdad
cloinne, tha iad a' toirt lòn feumail agus foghlum
ceart

ceart dhoibh ; agus ceart mar so tha Dia gu cairdeil a' beathachadh a chloinne araon an cuirp agus an anama. Bha 'm Manna agus an t-uisge, a fhuair clann Israeil, gu miorbhui-l-each san fhàsaich, nan samhla air an lòn a choifinn Criofd da phobull. Chum fo a chof-nadh air a chrann-cheusaidh, chaith fheoil a reubadh agus fhuil a dhortadh ; agus air an aobhar so tha e air ainmeach aran agus uisge na beatha. Air an là an diu theid comharan a chuirp agus fhola a fhrithealadh oirbhise, agus gach neach a dh'itheas dhiu ann an creidimh, gheibh iad lòn àraighe clann De, gheibh neart agus sòlas spioradail da'n anam-aibh.

4. Tha iad nàn oighreachan air rioghachd an Athar.

'S onorach dàimh, 'sòlasach staid, agus 's glòirmhor dochas pobull Chriosd, tha iad nan cloinn do Dhia, tha na'n oighreachan air, agus na'n comh-oighreachan maille re Criofd. Air talamh, tha iad a' faotain amhàin roimh bhlas air cairdeas an athar, ann an neamh meallaidh iad a chairdeas gu h-iomlan, gheibh iad uaithe
fonas

sonas siorruidh. Bha clann uchd mhacdaichte o
 fhean amhàin re tamul a 'mealtuin oighreachd
 an aithreacha, le bàs agus call an càirdean ;
 ach meallaidh clann De araon làthaireachd an
 an athar agus an oighreachd gu siorruidh.
 Tha an oighreachd a' gheibh iad uaithe, air
 a coimeas na fhocal ris gach ni air talamh, a
 tha luachmhor sòlasach, glòirmhor agus mair-
 reanach. Tha i coi'-fhreagrach re glòir an
 Dia, a tha ga toirt seachad, ris a phrìs a
 phàigh Criosd air a son, agus re ghràdh do'n
 dream sin air am bheil e ga builleachadh.
 Nuair a tha finn, le sùilean a chreidimh, a'
 gabhail beachd do'n oighreachd fo, maillé re
 Peadar 's còir dhuinn gu taingeil a radh. Gu
 ma beannuichtè gun robh Dia, agus athair ar
 'Tighearna Iosa Criosd, neach a reir a mhòr
 thròcair a dh'ath-ghin sinne gu beo-dhochas,
 tre ais eiridh Criosd o na marbhaibh, air oigh-
 reachd neo-thruaillidh, agus neo-shalach, agus
 nach searg as, ata air a coimhead 'sna neamh-
 aibh dhuinne ata air ar coimhead le cumhachd
 Dhe trìd creidimh chum flàinte. Mar fo chi
 sibh, ciod a choisín Criosd le islicheadh agus
 le bhàs da phobull, choisín faorsa o thràilleal-
 achd agus o pheanas an lagha, choisín uchd-
 mhacachd

mhacachd na cloinne maille ris gach tiodhlaca a tha fruthadh o'n dàimh so. Cia sòlasach ma seadh staid a chairdean, cia cubhaidh dhoibh gàirdeachas a dheanamh ann.

Deanamaid a nis foghnàdh on iomlan. Agus air

i. Ann an sgàthan fhocail, chunnaic fibh Criofd air an àm, air a cheufadh gu buir-beil, aingidh; agus an ùine ghrad 'se ar rùn, beachd a ghabhail deth, air sliabh. Chalbhari, na ordugh naomha fein. Nuair a chuala fibh sgeul air ìsleachadh, an robh fibh a' cuimh-neachadh le aithreachas agus bron, gun robh làmh agaibh na fhubhais, agus na bhàs. Mo thruaighe, b' iad ar peacaidh-ne, maille re cionta an t-saoghal, a thug e o neamh gu talamh, a thug e gu staid iosail bhochd, a rinn a bheatha trioblaideach, tuirseach, a thug guin do chorruich a naimhde, a rinn anam ro-bhrònach, a sharr e ris a chrann, a reub fheoil a dhòirt fhuil, a dh' fholuich uaithe gnuis Athar, agus a thug an Deo as. 'Nuair a bha esan a fulang bàis, chuir an saoghal naturail chuir creatuircan nea-mhothuchail an ceil am

bròn

bròn, agus choimh-fhuiling maille ris, ged a bha iad faor d'a bhàs. Mar so dh' fholuich a Ghrian a ghnùis, reubadh brat-roinn an teampuill, chriothnuich an talamh, sgoilteadh na creagan, dh' fhosgladh na h uaighean dh' eirich na mairbh. A' bheil sibhse na's neo-mhothuch-aile na Ghrian na's cruaidh-chridhaichno na creagan, ann an codal na's truime no nà mairbh; mar 'eil 's coir dhuibh a nis bròn a dheanamh airson bàs Chriosd. 'S coir a bhi brònach do bhrìgh gu'n d'fhuiling ar caraид Neamhaidh, 's coir a bhi aithreachail, agus brònach do bhrìgh gun do mheudaich ar peacaidh a chràdh, do bhrìgh gu'n d' fhuiling e air ar sonfa. Le fuath cridhe do'r peacaidhean, le bròn air an son le rùn an treigfin, le aithreach-as treimh-dhireach, neo-chealgach mar a's cubhaidh do phobull Chriosd, suidhibh siòs an diù aig a bhòrd agus ceufaibh a naimhde uile na làthair. Mar mhàthair chaomh a' caoineadh bàs cràiteach a h-aon ghin mhic bitheadh ar bròn domhain seasmhach agus sior.

2. O na choifin Criofd faorfai agus uchdmhacachd cloinne dhuibh, 's coir do fhior aigneidh

aigneidh cloinne Dhe a bhi 'nise 'g oibreachadh
 'nar n'anamaibh, thaobh ar n' Athar ar
 flànuighear agus ar bràithre. A' bheil natur
 agus rùn inntin clann De ma seadh agaibh?
 A' bheil sibh iriosal, aithreachail brònach, do
 bhrigh gun do chuir sibh corruiich air ar n'Ath-
 air, agus gun do cheus sibh ar bràthair caomh?
 A' bheil sibh a' gràdhachadh ler n'uile chridhe
 ar n'Athair ar flànuighear, fhior-chàirdean
 agus an cinne-daonna gu leir? A'bheil sibh a'
 cur làn earbsa an cairdeas De, ann an gràs
 Chriosd, mår thobar ar sòlais a nis agus sonais
 fa dheoigh? A'bheil sibh a' deanamh gair-
 deáchas, ann an duil ris an oighreachd ghlòir-
 mhòr a choisín Criod? An e ar run oscionn
 gach ni buaidh fhaotain air ar naimhde,
 umhàchd a thoirt do Dhia, ainm Chriosd a
 ghlòrachadh, math a dheanamh d'ar bràithre,
 a bhi naomha 'nar cridheachan, diadhaidh
 'nar giulan, fitheachan 'nar bàs agus sonas
 fa dheoigh? Ma bhuiteas sibh do Chriosd se
 so an rùn 'siad so na h-aigneidh is còir do'n
 bheachd a fhuair sibh air an àm do'n t-saorsa
 agus do'n uchdmhacachd a choisín esan, a
 dhusgadh agus altrum 'nar n'anamaibh, agus
 mu tha an rùn agus na h-aigneidh so agaibh,
tha

tha Criostd a' fosgladh a chridhe agus saibhreas a ghràis, chum lòn agus sòlas Spioradail a thoirt dhuibh aig a bhòrd. Mar a phobull dlùthraigibh anis ris, mar a chàirdean fosglaibh bhur cridhachan d'ar bràthair caomh; mar iolaire air a sgiathraigibh, eiribh suas trid creidimh chum Neamh gu beachd foilleir fhaotain da ghlòir, gu neart agus sòlas fhaotain uaithc. Tha Dia, tha Criostd, tha an spiorad Naomh, tha Aingil, tha daoine na'm fianuisean 'nise oirbh, bitheibh ma seadh treimh-dhireach, tairis dileas an obair sholeimte an là an diu, agus gu'n deonaiche Dia gu'm blàis gach neach a shuidheas aig a bhòrd, cia math agus cia milis Criostd, cia m'òr a thròcair, cia faibhir a'ghràs; agus da ainm-se gu'n robh a ghloir gu suthain fiorruidh. Amen.

SEARMOIN IX.

EWIN I. 12.

Ach a mbeud 'sa ghabbh ris, thug è dhoibh cumbachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsan ata creidfinn 'na ainm.

ANN an toiseach a chaibideil so, tha Eoin, an t-Abstol sin a ghràdhaich Chriosd gu hàraidh, gu riachdail a'teagafsg dhuinn, gur e Chriosd mac fiorruidh Dhe, gur e Cruithfhear agus Uachdaran an t-saoghal. Tha e air tùs a'labhairt mu dhiadhachd, agus le dhearbhadh gur e Dia, o na dhealbh e gach ni, tha e gar brosnachadh chum gabhail ris, agus earbsa chur ann mar ar slànuighear, agus finn fein a thoirt dha, gu bhi air ar teagafsg, air ar sàbhaladh, agus air ar riaghlaadh leis. Thuille air so

tha an Soisgeulaiche 'g innseadh dhuinn, gur e Criosd solus, agus beatha an t-saoghal, an ti sin amhàin o'm bheil daoine a' faotain eolas flàinteil, agus beatha spioradeil. An deigh fo tha e a' cur an ceil dhuiinn, ciod an t-suim a ghabh an cinne-daonna do'n t-flànuighear ghloirmhor so, a thainig o Neamh d'an ionn-suidh; an saoghal, a dhealbh a làmh, cha d' aithnich se e, agus na h-Judhaich, a phobull àraidh fein, dhiùlt iad gu h-aimideach gabhail ris. Bha na daoine sin gun amharus mi-thaingeil, crosda, a dhiùlt gibht do-labhairt De. Chum's nach bi fibhse air ar mealladh chum an eisiomplair a leantuin, guidheam bhur n' aire do shonas nan daoine sin a tha gu h-iriosal, taingeil a' gabhail re Criosd.

Ann an labhairt o na briathra so, tha mi cur romham.

I. Fhiosrachadh ciod è gabhail re Criosd.

II. Ciod a tha a chumhachd so a' ciallachadh, a tha an dream sin a' faotain, a tha gabhail ris.

III. Ciod

III. Ciod na fochairean a tha iad a' mealtuin ann an lorg fo, mar chloinn De.

An deigh fo ni ffinn foghnadh iomchuidh.

I. Tha mi gu fhiosrachadh ciod e gabhail re Criofd.

Tha an Soisgeulaiche ag innseadh dhuinn 'nar ceann teagaifg, gu bheil gabhail re Criofd, no creidfin 'na ainm a' ciallachadh an ni ceudna. 'Sè an ni, uime sin, a's còir dhuinn fhiosrachadh, cionnas a tha ffinn gu gabhail ris, no gu creidfin ann. Am briathraibh aith-ghearra, 's còir dhuinn gabhail ris, agus creidfin ann, mar ar flànuighear uile-chumhachdach, uile-ghradhach. Ach a chum labhairt na's min-chuischeadh.

I. 'S còir dhuinn gabhail ris mar ar Fàigh.

Ghabh Chriofd air fein o shiorruidheachd oifig eadar-mheadhonfhear eidir Dia agus daoine; agus mar ni a bhuineadh do'n oifig fo, agus a bha ro-fheumail, gheall è fior eolas a thoirt dhoibh air toil De, agus air gach dleasdanas,

dleasdanas, a bha ceangailte orra-fan a chur an gniomh. Mar an ti sin ata uile-fhiosfrach, mar mhac fiorruidh Dhe, mar an ti sin a thagh agus a dh' òrduich an t-Athair, chum a thoil a nochdadhbh do'n chinne-daonna, bha Criosd gu cinnteach comasach gach ni a thaifbeanadh gu foilleir iomlan dhoibh, a's còir dhoibh a chreidsin agus a dheanamh. O shean labhair Criosd re phobull trid fhàidh-ean agus a sheirbhifich eile; ann an laithibh fheola theagaifsg e fein iad; ann an deigh so thaifbein e toil De dhoibh le Abstoil; agus tha e a nis a' labhairt riu 'na fhocal, agus trèid a mhiniesteirean. Tha gach ni a labhair Criosd fein, tha na nitheanna a labhair fhàidh-ean agus Abstoil, air iartas agus le ùghdaras, air an cruinneachadh re cheile ann an aon-leabhar, da'n ainm am Piobul; agus tha è ceangailte oirne umhlachd na creideas a thoirt do gach ni, a tha fan leabhar so air an taifbeanadh dhuinn. A nis mu tha finn a' creidsin nan nithe so ler n' uile chridheachan, air teisteads Chriosd, tha finn a' gabhail rìs mar ar fàigh; agus tha e reusanta, dligheach dhuinn so a dheanamh gu toileach, taingeil.

2. 'S còir dhuinn gabhail re Criosd mar ar Sagart.

'Nuair a bha sliochd an duine, airson an ceannairc agus an eas-umhlachd, air an dìteadh le lagh, agus buailteach do chorruich Dhe, ghabh Criosd air fein nadur an duinne, chum cionta a phobuil a dhìoladh, agus chum lagh agus ceartas Athar a làn-thoilleachadh air an son. Mar so tha an t-Abstol Pol a' labhairt, rinneadh esan do nach b'aithne peacadh, na iobairt-pheacaidh air ar foinne, chum gu'm bitheamaid-ne air ar deanamh 'nar fìreantachd Dhe ann-fan. Le Criosd a thogail o na marbhaibh, agus le àrdachadh chum glòir, nochd an t-Athair gu'n robh e làn-thoilichte, leis an iobairt a dh' ofrail, agus leis an dioladh a thug e airson cionta a pobuill. Chum's nach leigeadh e ni sam bith air dearmad, a bhuineadh d'a oifig, dh' ofrail Criosd ni amhàin iobairt, airson a phobuill, ach tha e anis, aig deas-làimh an Athar, a ghnath a' deanamh eidear-ghuidhe air an son. A nis o na tha gach dearbha againn a's urrain finn iarruidh, gun do dhiol Criosd le umhlachd agus le bhàs, cionta gach neach a chuireas earbsa 'na iobart; agus

gu

gu bheil an t-Athair trìd eidir-ghuidheasan a' toirt da phobull gach gibht agus tiodhlaca a tha iad a' mealtuin ; 's coir dhuinn gu cinnteach gabhail ris mar ar Sagart. Se Criòsd amhain a b'urrain cionta a phobuill a dhioladh, agus sonas a chòfnadh air an fon, agus o na rinn e so, tha iadsan gun amharus dall, croisda, aimideach, mur 'eil iad gu taingeil a gabhail ris, agus a' cur làn carbsa ann.

3. 'S còir dhuinn gabhail re Criòsd mar ar Righ.

O na cheannaich Criòsd finn le fhuil phriseil fein, agus o na thug an t-Athair uachdarananachd dha, thair gach ni ann an neamh, agus air talamh, tha e ceangailte oirne air gach doigh umhlachd a thoirt dha. Ann an deigh do Chriosd eirigh o na marbh-aibh, labhair e mar so r'a dheisciobluibh, thugadh dhomhsa gach uile chumhachd air neamh agus air talamh; o so tha e foilleir gur efan uachdaran a chinne-daonna. A nis o na' sè Criòsd ar n' Uachdaran dligheach, 's còir dhuinn gach ni a dhéanamh, a tha efan ag òrduchadh, agus gach àithne a choimhead

choimhead a tha efan a' taifbeanadh dhuinn. Cheannaich Criofd, le e fein iobradh air an son, a phobull gu h-iomlàn eidear chuirp agus anama, o bhàs agus o pheanas fiorruidh ; uime fin, 's còir dhòibh iad fein a thoirt thairis gu h-iomlàn dhàsan, agus cumhachda an cuirp agus an anama a ghnàthachadh na sheirbhis. 'Se fo an ni a tha Criofd ag iarruidh uainn, fe fo an ni a's dligheach dha fhaotain, agus ma tha sinn a' toirt so dha, tha sinn a' gabhail ris mar ar Righ. Air an doigh fo 's còir dhuinn gabhail re Criofd na oifige gu leir, mar ar fàigh, ar Sagart agus ar Righ ; agus 's còir fo a dheanamh gu h-aithreachail, le teas-ghradh, le làn-earbfa, gu toileach, treimh-dhireach agus taingeil. Fiosrachimid anis

II. Ciod an cumhachd a tha Criofd a' toirt do'n dream a tha gabhail mar fo ris, cumhachd a bhi nan cloinn do Dhia.

Trìd a pheacaidh, chaill an cinne-daonna an cumhachd a mheal iad air tus, teas-ghràdh, urrain, agus umhlachd iomlàn a thoirt do Dhia, mar an Athair Neamhaidh, agus an

Uachdaran

Uachdaran dligheach. Ach mo thruaighe, thuit iad o'n staid so, thruaill an t-Abhairfeir an nadur; le umhlachd a thoirt dhà-fan dh' fhàs iad lag, ain-eolach, crofda, ceannairceach, aingidh agus na'n coigrich do-fhior shonas, co mhath is na naimhde do Dhia. Thainig Criosd o neamh gu talamh, chum cionta a pheacaidh a dhìoladh, chum oibre an Abhairfeir a sgrios, chum nadur an duine ath-nuadhachadh, agus a chum a neartachadh gu gràdh agus umhlachd a thoirt do Dhia. Gach neach a tha gabhail re Criosd, tha iadsan ann an lorg so air am fireanachadh gu faor le ghràs, air an glanadh na fhuil, air an gabhail a steach do theaghlaich Dhe, air an ath-breith agus air an naomhachadh le Spiorad. Choisinn Criosd ni 'mhàin flàinte airson a phobuill, ach mar an ceudna an Spiorad, chum an t-flàinte so a chur riù, chum an nadur ath'-nuadhachadh, chum an deanamh umhal do Dhia, agus chum an treoruchadh ann an slighe na fireantachd. A nis tha an t-Abstol Pol ag radh, a mheud 's ata air an treorachadh le Spiorad Dhe, is iad mic Dhe: oir cha d'fhuair fibh Spiorad na daorsa a rìs chum eagail; ach fhuair fibh Spiorad

na h-uchd-mhacachd, tre an eighmid Abba,
 Athair. O so chi fibh gu bheil an dream sin,
 a tha gabhail re Chriosd, ni mhàin air an
 ghabhail a steach an cumhnanta re Dia, ach
 mar an ceudna gu bheil esan a' gabhail agus
 a' buntain riu mar a chlann fein, agus ga'n
 deanamh 'nan cloinn ghràdhach, umhal dha:
 'Si so a chumhachd, a tha Chriosd a' toirt
 do'n dream a tha gabhail ris, agus is ann an
 lorg so fhaotain, a tha iad ga'n giùlan fein,
 mar as cubhaidh do dheisciobluibh an t-Slàn-
 uighear, do phobull De; agus a' mealtuin an
 t-solais, agus an t-sonais sin, a's urrain a
 mhàin tograidh an anama a shàsachadh.
 'Nuair a tha mac an duine a' faotain na cumh-
 achd so o Chriosd, tha e a' cur earbsa ann-san
 a mhàin air son flàinte, tha e a' roighneach-
 adh Dhe mar a chuibrionn, tha e ag iarruidh
 a chàirdeis os cionn gach ni, tha e a' mealtuin
 'n lorg so fochairean mòra, gràsmhor, prif-
 eil.

Tha so ga'm thoirt air m' aghaidh anns
 an

III. Chum na fochairean sin a mhìneach-
 adh, a tha clann De a' mealtuin.

Tha sochairean clann De co lionnighor, a's nach urrain sinn an ainmeach uile, agus tha iad co phrisceil, a's nach urrain sinn an luach a chur gu ceart an ceil. Ach a chum mòr-chiocras 'nan deigh a dhusgadh nar cridheachan, bheir mi aoirrip cuid diu a nochdadhbh dhuibh. Anis tha an dream a tha gabhail re Criod, agus a' faotain cùmhachd uaithe chum bhi 'nan cloinn do Dhia, ni 'mhàin air an saoradh o chionta agus o thraighealachd a pheacaidh, o dhìteadh agus o mhallaichadh an lagha, ach tha iad mar an ceudna air

i. Nan cuspairean air freasdal agus curam àraidh an athar neamhaidh.

'S aithne do Dhia a chlann fein, agus tha e, mar athair caomh, gu h-àraidh curamach mu gach ni, a bhuineas dhoibh, agus a tha feumail chum an sonais. Tha freasdal De thar gach ni, tha a làmh uile-chumhachdach, chàird-eil, gu h-àraidh mu'n cuairt d'a chloinn fein, tha esan ga'n stiùradh lé fhreasdal agus le ghliocas, ga'n dion o lochd, agus a' builleachadh orra gach ni a tha e faicinn feumail air an son. Mar so tha Criod a' labhairt ruinn

mu

mu chaoimhneas agus mu ghràdh Dhe, m' ata fhios agaibhse ata olc, tiodhlacaidh maith a thoirt d' ar cloinn, nach mò na sin a bheir ar n' athair ata air Neamh nithe maithe dhoibhsan a dh'iarras air iad. Tha Dia gun amharus a' toirt gibhte do dhaoine, nach 'eil ga'n iarruidh, agus a' gabhail cùram do dhaoine, nach 'eil taingeil dha, ach cha'n'eil e a' toirt nan gibhte so dhoibh mar dhearbhadh air a ghràdh, cha'n'eil e mar an Athair a' gabhail cùram dhiù. Ann an so ata mughadh mòr eidir clann De, agus daoin' eile, gu bheil Dia a' toirt a bheannachadh maille re ghibhte d'a chloinn fein, gu bheil e ga'n naomhachadh dhoibh, agus gu bheil iad nan geall-daighnich air gibhte a's fhearr. 'Sòlasach, taitneach, staid an ti sin aig am bheil Dia mar Athair, feudaidh e a bhi deirbhte, nach leig e ni sam bith na charadh, ach chum a mhath, gu'm bi e do ghnàth teann air, agus gu'n gabh e do ghnàth cùram dhèth.

2. Tha clann De a' mealtuin coimhchom-mun maille re'n Athair, agus tha comas aca
sheadh aig a bhord.

O na rinn Criofd iad rèidh re Dia, tha iad trìdsan mar an slighe a' teachd chum an athar, tha iad a' deanamh an uireasfuibh aithnichte dha, agus a' mealtuin coimhchomunn sòlasach maille ris. Air gach àm, agus anns gach staid, tha comas aca an ath-chuinge a chur suas re'n Athair Neamhaidh, ann an dochas re eisd-eachd agus tiodhlacaibh feumail fhaotain uaithe trìd eidir-ghuidhe an Slànuighear. Tha Dia ni 'mhàin ann an ùrnuigh, ach mar an ceudna 'na ordunaibh, g'a nochdadhbh fein dhoibh ann an gràdh, agus a' meudachadh an eolais air fein, an neart agus an coimh-fhurtachd. Tha feum aig anamaibh dhaoine air beathachadh, co mhath re'n cuirp, tha Dia, ag ullachadh lòn spioradail air an son, tha e ga'm beathachadh le fhocal agus le ghràs. Fuidh 'n t-soisgeul tha Dia a' toirt comas d'a chloinn suidhe sios aig a bhord fein, agus bàs an Slànuighear a chuimhneachadh, tha an t-aran agus am fion a tha iad a' gabhail fan t-sacramaint so, nan comharan air corp agus fuil Chriosd, no air an neart agus air an t-sòlas sin a tha efan a' toirt do anamaibh a phobuill. Tha cuid a' gabhail na sacrameint so nach buin do Dhia, agus aig nach

'eil còir biadh a chloinne fhaotain; tha daoine o ain-eolas air an staid a' toirt comas dhoibh suidhe sios aig a bhord; ach cha'n eil iad a' faotain comas, no cuirre, no lòn spioradail o Dhia, aig am bheil fior-eolas air naimhdeas an cridheachan. 'S gràsmhor an t-sochair so, a tha clann De a' faotain, tha iad a' mealtuin coimhchomunn sòlasach maille re'n Athair Neamhaidh, tha tograiddh an anama air an sàsachadh, tha iad air am beathachadh aig a bhord, tha e 'n so a' togail orra dealradh glan a ghnùis chàirdeil, tha iad a' faotain uaithe eolas, neart agus sòlas.

3. Tha clann De 'nan oighreachan air sonas fiorruidh.

Tha Dia, mar Athair caomh, ag ullachadh air son a chloinne, gach ni a tha feumail chum an deanamh sona, ni 'mhàin anns an t-saoghal so, ach mar an ceudna anns an t-saoghal a tha re teachd. Tha efan gu h-ullamh, gràsinhor a' toirt dhoibh gach ni a choisin Criofd air an son; 'n lorg gabhail ris an, tha e ga'n deanamh nan cloinn do Dhia, agus ma's clann, is oighreachan; oighreachan air Dia, agus comhoighreachan maille re

Criofd

Criosd. Tha an Slànuighear a' toirt d'a phobull ni 'mhàin còir air sonas Neamh, ach mar an ceudna ga'n deanamh iomchuidh chum bhi nan luchd coimhpàirt do oighreachd nan Naomh san t-solus. Tha spiorad De a' deanamh fianais mar-aon ra'n spiorad-fan, gu'm buinn an oighreachd so dhoibh, tha iad mar an ceudna air an feuladh leis; agus gach neach da'm bheil Dia a' toirt a spioraid, agus a tha air an naomhachadh leis, tha so mar gheall-daighnich aca, gu'm meall iad an oighreachd sin a tha neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg gu bràth as. Gach neach a tha gabhail re Criosd, tha iad air an naomhachadh le Spiorad, agus gach neach a tha air an naomhachadh, tha iad le so a' mealtuin roimh-bhlafadh air sonas Neamh, agus gach neach a tha mealtuin so, bheir Dia iad fa dheoigh chum glòir. Gheibh an dream so làn-shaorsa o pheacadh, o thrioblaid, agus o thruaighe, gheibh iad sonas co fharsuing re'm mianna, agus co mhairreanach re'n anama neo-bhàsmhòr; bithidh iad gu siorruidh an làthair Dhe, far am bheil làn-aoibhneas, agus aig a dheas-làimh, far am bheil mòr-shubhachas gu bràth. Mar so nochd mi dhuibh

cionnas

cionnas a's còir dhuinn gabhail re Criostd, ciod an cumhachd a tha e toirt do'n dream a tha gabhail ris, agus ciod na sochairean a tha iad a' mealtuin ann an lorg fo.

O na nithe a chaidh a radh, chi fibh, a mhuintir ion-mhuinn, cia mòr onoir, cia mòr sòlas, agus cia glòirmhor dochas a chreid-mhich. 'Se Criostd gibht do-labhairt Dhe, tha e g'a thairgse gu faor dhuinn, agus o na 's esan an tobar, o'm bheil gach tiodhlaca a' fruthadh anuas dhuinne, gus an gabh sin ris fein, cha'n'eil còir againn air tiodhlaca sam-bith talmhaidh no Spioradail. Air an dream sin a ghabh a cheana re Criostd guidheam amhàin, am beatha a chaitheadh mar las còir do chlann De, agus mòr thoradh a ghiùlan chum glòir an Athair neamhaidh, agus iad fein ulluchadh gu cùramach, chum bàs an Slànuighear a chuimhneachadh le taingealachd, agus teas-ghràdh. Ach ciod a their mi ris an dream sin, a tha nan coigrich do Chriostd, gun mhothachadh air a ghlòir, gun deigh air a ghràs, agus gun rùn am peacaidh a threig-sin, agus iad fein a thoirt thairis dha. Tha staid nan daoine fo gun amharus brònach,

ged

ged a tha iad tinn, tha iad a' diùltadh flàinte,
 ged a tha iad bochd, tha iad a' diùltadh
 faibhreis, ged a tha iad ain-eolach, tha iad a'
 diultadh eolas flàinteil, ged a tha iad an
 cunnart truaighe shiorruidh, tha iad a diùlt-
 adh faorsa o'n truaighe agus o'n chunnart fo.
 A dhaoine aimeadach, mosglaibh ann an tràth
 o chòdal a pheacaidh, mu'n coidil sibh codal
 a bhàis; smuaintichibh air bhur cionta agus air
 bhur cunnart, ma dhiùlt sibh gabhail re Criosd
 air an àm a chaidh seachad, na deanaibh fo
 ni's mo, ach fosglaibh gu toileach dha dorf-
 aibh bhur cridheachan, agus gabhaibh gu tain-
 geil ris. Mar dean sibh fo, cha'n'eil e cead-
 uichte dhuibh teachd a dh'ionnsuidh feisd a
 chàirdean, cha chuir esan failte oirbh, cha
 nochd se e fein ann an gràdh dhuibh. Ach
 mu ghabhas sibh risan gu h-aithreachail,
 umhal, taingeil, ma chuireas sibh carbfa ann-
 san a mhàin airson flàinte, agus mu ghnàth-
 aicheas sibh gu càramach meadhonna nan gràs,
 gheibh sibh maitheanas, sòlas agus sìth, gheibh
 sibh gràs agus glòir. Mar gabh sibh re Criosd
 anis mar bhur fàigh, bhur sagart agus bhur
 Righ, ni esan peanas oirbh fa dheoigh mar bhur
 breitheamh ; agus co a's urrainn bhur diona,

nuair

nuair a lasas fearg an Uain, 'nar n'aghaidh ?
 Mu dhìteas esan fibh, tha fibh gun amharus
 cailte gu fiorruidh, agus 's bochd an roghainn
 a tha fibh a' deanamh, mu tha fibh a' reic ar
 n'anama agus sonas Neamh, air son sòlas
 truaillidh, bàsmhor a pheacaidh. Guidheam
 oirbh aire a thoirt an tràth d'ar giùlan, agus
 gabhail re Criosd, fhad sa tha esan a' feith-
 eamh gu bhi gràsmhur ribh, chum's gun
 d'thoir e cumhachd dhuibh a bhi 'nar cloinn
 do Dhia.

SEARMOIN X.

TAISBEAN, xix. 9.

Agus a deir e rium, Scriobb, Is beannuichte iad-san ata air an cùireadb gu suipeir-bbainnse, an Uain.

ANNS a chaibideal roimhe fo, tha an t-Abstol Eoin, le deachdadadh Spiorad De, a' roimh-innseadh leagadh Bhabiloin, agus a' cur an ceil, cionnas a bhitheadh cumhachd agus glòir Dhe air an nochdadadh ann an sgrìos na nàmhaid fo. Ann am beachd dhaoine foghlaitimte, tha Babilon ann an fo a' ciallachadh baile no Roimhe, àrd-chaithir nam Pàpannach. O na thug aingidheachd Bhabiloin oilbheum do na h-Ainglibh, agus o na lot i gu minic, agus gu geur na Naoimh, tha Dia, ann an

an lorg a sgrios, ag radh riu, dean gàirdeachas os a ceann, O a Neamh, agus fibhse Abstola naomha agus fhàidhean, oir dhiol Dia fibhse oirre; agus do reir òrdugh, tha iadsan air an nochdadhbhuidhean a' feinn, laoidh mhollaidh agus aoradh do Dhia. Ann an deigh so tha iad a' faotain òrdugh laoidh eile a sheinn le h-urram agus le gàirdeachas, do bhrì gu bheil an Tighearna Dia uile-chumhachdach na Righ, agus do bhrì gu bheil pòsadh an Uain air teachd. Tha cuid a' faoilsin gu bheil suipeir bhainnse an Uain a' ciallachadh, an sòlas agus an sonas ionlan neo-thruaillidh sin, a mheallas na Naoimh fa dheoigh ann an Neamh. Ach o na tha coimhcheangal Chriosd re Eaglais air talamh, gu minic air a choimeas re pòsadh; agus o na tha an t-Aingeal ag òrduachadh do Eoin briathra ar teagaisg a scriobhadh sios, chum's gu'm fuigheadh luchd-lean-mhuinn Chriosd anns gach àl colas orra, tha e na's coslaiche gu bheil an t-suipeir-bhainnse a' ciallachadh an solas, agus na tiodhlac-aibh Spioradail sin, a tha esan a' toirt do na creidimhich air talamh. Agus o na tha Chriosd gu minic a' toirt nan tiodhlacaidh so d'a phòbull aig a bhòrd fein, feudaidh sinn gach

gach ni, a tha ann an fo air a radh mu shuip-eir-bhainnse an Uain, gu ro mhath a choimeas re Sacramaint suipeir ar Tighearna.

Ann an labhairt, uime fin, o'n cheann-teagaisg so, tha mi cur romham, trid coghnadh Spiorad Dhe,

I. Fhiosrachadh c'arson ata Criod air a choimeas re Uan; agus c'arson a dh'fheudas sinn sacramaint an Tighearna a choimeas re suipeir-bhainnse.

II. Co iad an dream a tha air an cuireadh chum na suipeir-bhainnse so.

III. A nochdadadh gu bheil iadsan gun amharus beannuichte.

Ann an deigh so ni sinn foghnadh iom-chuidh.

I. 1. Tha Criod air a ghairm Uan, o na bha Uan mar shambla air, fuidh lagh nan iobairtean.

Fuidh 'n t-sean tiomnadh bha iomadh seofsa do chreatuirean air an iobradh air son peacaidh dhaoine, agus bha iad uile nan samhla air iobairt iomlàn Criost. Ameasg gach creatuir air talamh, tha an t-Uan gu h-àraidh ainmeil air son macantas agus neo-chiontachd. Agus o na bha ar Slànuighear macant' agus iriosal an cridhe, o na bha e neo-chiontach, neo-thruaillidh, agus neo-lochdach, tha e ann am focal De gu minic air a choimeas re Uan. 'S ann o'n chosamhlachd so a tha Criost air ainmeach Uan De, agus o so mar an ceudna bha iobradh an Uain, gu h-àraidh na shamhla air an iobairt sin, a dh'ofrail Criost air a chrann-cheusaidh. Anns an iobairt lathail fui' 'n lagh, a bha iad a ghnath ag ofrail gu moch agus an-moch, cha robh iad ag ofrail creatuir sam bith eile ach Uan ; agus bha so na shamhla air Criost mar iobairt-reitich shiorruidh a phobuill, agus air fhuil-sa, a tha a ghnath a' labhairt air an son. Ann am feisid na càisg a chaidh òrduchadh mar chuimhneachan air saorsa clann Israeil o dhaorsa nan Eiphiteach, bha Uan a ghnath agus amhàin air iobradh. 'Nise o na bha faorsa chloinn Israeil, na shamhla air saorsa a chinne-

à chinne-daonna o thràillealachd a pheacaidh, bha an t-Uan a chaidh iobradh mar an ceud-na na shamhla air Criosd; oir mar a bhà clann Israel tearuinte o sgrios, ann an lorg fuil an Uain a chrathadh air an dorsaibh, mar so tha gach neach tearuinte o chorruich Dhe, a tha air an glanadh ann am fuil Chriosd. Thuill' air so, tha an t-Abstol Pòl gu riach-dail a' dearbhadh gun robh an t-Uan càisg 'na shamhla air iobairt Chriosd, oir ata eadhon Criosd ars' esan, ar n' Uan càisg' air iobradh air ar son. O na nithe so chi sibh, c'arson ata Criosd air a choimeas re Uan, tha mi anis gu nochdadadh 'fan.

2. C'arson a dh'fheudar an t-sacramaint so a choimeas re suipeir-bhainnse.

Tha an soisgeulaiche Matha ag innsidh dhùinn gu'n do shuidhich Criosd an t-sacramaint so, an deigh dha fein agus d'a dheisciobuil an suipeir a gabhail do Uan na càisg; agus tha so mar aon reusan, c'arson ata i air a h-ainmeach suipeir. Ann an talamh Iudea, agus ann an duthchaibh eile, gu h-àraidh ann an làithibh ar Slànuighean, bi an t-suipeir an lòn.

lòn a b'fhearr agus bu phailte a bha daoine a' faotain ; aig fèisid na càisge cha robh e cead-uichte dhoibh lòn sam bith eile a ghabhail, agus ghabh iad an t-Uan càisg a ghnàth an deìgh luidh' na grèine. Agus o na tha pait-eas do na nithe a's fhearr, agus a's luach-mhoire, chum anama dhaoine a bheathachadh air an ulluchadh le Criost airson a phobuill san an t-sacramaint so, tha i so mar an ceudna air a h-ainimeach suipeir. 'S ann o iobairt Chriost, agus trèid creidimh, a tha daoine a' faotain lòn spioradail da'n anamaibh ; agus do'n dream a tha gabhail na sacramaint so gu cubhaidh, agus le làn earbsa annsan, tha esan gu gràsmhur a' toirt maitheanas, na'm peacaidhean, coghnadh a Spioraid chum fà's ann an eolas agus ann an gras, neart chum an dleasdanais a chur ann an gniomh, agus a' daighneachadh an rùin chum am peacaidh a threigfin, agus chum gràdh agus umhlachd a thoirt do Dhia. Tha Criost mar an ceudna a' toirt dhoibh aig a bhòrd, gliocas ga'n stiùradh ann an slighe na fireantachd, cruadal chum cogadh an aghaidh an Abhairfeir, agus chum an ain-mianna feolmhor a mharbhadh, foighidin chum nithe trioblaideach na beatha

so a ghiùlan, agus gach ni eile a tha feumail, ga'n neartachadh chum am beatha a chaith-eadh gu cubhaidh d'a Shoisgeul fein.

Ach feudar an t-sacramaint so a choimeas ni 'mhàin re suipeir, far am bheil càirdean Chriosd a' faotain lòn no eolas agus neart; ach mar an ceudna re suipeir-bhainnse, far am bheil iad a' faotain sòlas, sìth agus aoibhneas. Aig suipeir-bhainnse 'measg dhaoine, tha gach ni am bi'-chiontas air an ullachadh, a tha coimhfhreagradh chum a chuideachd a dheanamh sòlasach, ait, agus subhach. Agus aig suipeir-bhainnse an Uain, tha Dia 'g ulluchadh airson anama dhaòine, agus gu fial a' toirt dhoibh, gach ni a tha feumail chum an deanamh subhach, ait agus aoibhin. Aig an ordugh naomha so, tha e gu minic a' nochdadh dhoibh, gu bheil e rèidh riu, tha e a' labhairt sìth re 'n anamaibh, agus a' togail, orra dealradh glan a ghnùis chàirdeil, tha e a' nochdadh dhoibh gur iad a chlann, agus tha e a' toirt dhoibh geall-daighnich an Spioraid, mar dhearbha gu bheil iad nan oighreachan air sonas Neamh. Anis o na's nì deirbhte è, o fhein-fhiosrachadh nan Naomh ann 's gach àll,

àll, gu bheil na nithe so air am builleachadh air pobull Chriosd aig a bhòrd fein, agus gu bheil iad a' toirt mòr-shòlas, agus mòr-aoibhneas da'n anamaibh, bha deadh reusan aig an Abstol Eoin an t-sacramaint' so a choimeas re suipeir-bhainnse. Mar so nochd mi dhuibh, c'arson ata Criosd, 'nar ceann teagaifg, air a choimeas re Uan, agus an t-sacramaint sin a shuidhich e na Eaglais re, suipeir-bhainnse. Tha mi nise dol air m'aghaidh anns an

2. Gu fhiosfrachadh co iad an dream ata air an cuireadh chum na suipeir-bhainnse.

Cha'n'eil daoine am bi'-chiontas a' cuireadh chum bainnis, ach an càirdean agus an luchdeolais amhàin; air a mhogh cheudna cha'n'eil Criosd a' cuireadh chum a shuipeir-se, ach a chairdean fein amhàin, agus an dream sin aig am bheil eolas flàinteil air. Chuim's gu'm meal a chuideachd, a tha aig an fhèisid ghràidh fo, sòlas agus fìth, tha e feumail gu'm bi iad uile rèidh re cheile; 's iad càirdean 'mhàin na'm measg fein, a tha aïr an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain. Ann an Soisg-

eul Mhata, Caib. 22. tha finn a' leughadh mu dha sheorsa do dhaoine, cuid a fhuair cuire chum bainnis, agus cuid eile chum suipeir-bhainse an Uain.

i. Fiosraichimid co a tha air an cuireadh gu bainnis an Uain.

Mar a dh'innis mi dhuibh a cheana, tha an co'-cheangal a tha eisdir Criodl agus Eaglais, gu minic air a choimeas re pòsadhl ann am focal De. 'Nis' o na tha e na ni soilleir, so-thuigsin do gach neach, gu bheil Eaglais Chriosd a' ciàllachadh à phobull air talamh, tha iadsan uile air an co'-cheangal ris mar gu'm beadh am bannaibh-pòsaidh a tha creidsin n'a ainm, no a gabhail ris, mar a tha e air a thairgse fan t-soisgeul; agus tha iadsan uile air an cuireadh gu bhainnis, a tha a' faotain tairgse nan gràs. Tha tairgse nan gràs, air an làimh eile, air a deanamh gu saor do gach neach, a tha cluïntín fuaim aoibhneach an t-soisgeil; tìme fin, tha gach neach a tha air am baisteadh an aïnm Chriosd, agus a tha 'n lorg sona'm buill d'a Eaglais fhaicfionnaich air talamh, air an cuireadh an 'taobh amuigh gu

gu bainnis an Uain. Si a bhainnis so, an co'-cheangal dlù càirdeil, mairreanach sin, a tha, trìd creidimh, air a dheanamh suas, eidir Criod agus a' phobull; agus o na tha Criod comasach agus toileach gach neach a shàbh-aladh, tha e gu gràsinhor a toirt cuire' do gach neach, a tha cluintin sgeul air, teachd na ionnsuidh, gabhail ris, agus creidsin na ainm. 'Nise mu' tha sinne, o mhothuchadh ceart d'ar cionta fein, agus do iomlàn-eachd glòirmhur Chriod, a' gabhail risan, mar ar fàigh, ar Sagart agus ar Righ, mu tha sinn a' creidsin a theagaitsg, a' cur làn-earbsa na iobairt airson maitheanas, sìth agus sonas, agus ma tha sinn toileach umhlachd threimh-dhìreach a thoirt da àitheantaibh, tha sinn gun amharus air ar pòsfadh, no air ar co'-cheangal trìd creidimh re Criod. O so chi fibh, gu bheil gach neach, gu bheil na peacairean a's mugha air an gairm gu bainnis an Uain, no, gu bheil Criod gu saor a' taigse slàinte do gach neach, agus a' guidhe orra teachd na ionnsuidh agus gabhail ris. Fiosraichimid anis 'fan

2. Co a tha air an cuireadh gu shuipeir-bhainse an Uain.

Tha mugha mòr eidir cuireadh an taobh a muigh chum teachd an ionnsuidh Chriosd, agus cuireadh teachd na ionnsuidh chum fochairean a phobuill a mhealtuin, agus lòn spioradeil d'ar n'anamaibh fhaotain uaithe. Tha Criod fein ag innseadh dhuinn, gu bheil mòran air an gairm, ach beag air an taghadh. Tha gach neach air an cuireadh gu bhainnis, ach cha'n'eil ach a chàirdean amhàin air an cuireadh gu Shuipeir-bhainse. 'S còir ann an fo a thoirt fainear, ged a tha mòran air an cuireadh gu bhainnis, nach 'eil air an cuireadh gu Shuipeir, gidheadh nach 'eil a h-aon air an cuireadh gu Shuipeir, ach an dream a bh'aig a bhainnis. Tha fo a' ciallachadh, gur eigin dhuinn air tùs gabhail re Criod fein, agus gur ann an lorg fo amhàin, a tha e a' toirt tiodhlacaibh spioradeil dhuinn. Tha Criod agus a ghibhte do-sgaraidh, agus gus am bheil e fein a' faotain seilbh air ar n'anama, cha'n'eil e ga'n neartachadh le aran na beatha, cha'n'eil e a' labhairt sìth riu, cha'n'eil e a' toirt solas agus aoibhneas dhoibh,

dhoibh. Ann an cosamhlachd bainnis mhic an Righ, a tha air chur fios Matha 22. a dh'ainmich mi roimhe, tha Criosd a' toirt dhuinn dearbhadh riachdail air an fhàrin so. Ameasg nan aoidheachan a thainig chum na fèisd a dh'ullùich an Righ air son bainnis a mhic, bha neach àraidh gun truscan na bainnse, se sin re radh, nach robh aig a bhainnis; co luath fa mhothuich an Righ an neach so, an àit' comas a thoirt dha, itheadh aig a bhord maille re càch, las a chorruich suas 'na aghaidh, dh'orduich e d'a sheirbheis-eachaibh air ball a cheàngal, agus a thilgeadh an iomall dorchaidais. Tha truscan na bainnse a' ciallachadh fireantachd Chriosd, tha gach neach a tha creidfin ann-fan a' faotain còir air fhìreantachd, no air an sgeudachadh leis an truscan so, agus is ann do'n dream so 'mhàin a tha Dia a' toirt cuireadh suidhe fios aig a bhord. Air an làimh eile, tha Dia fa chosamhlachd so a' teagastg dhuinn, nach fhuigh an dream sin lòn spioradeil, ach gu bheil iad a' toiltin peanas, agus an cunnart sgrios, a tha gu dàna a' teachd gu suipeir a mhic, gun chreidimh 'na ainm, agus gu'n bhi air an sgeudachadh le fhìreantachd. O

na nithe so tha e foilleir, gur iad an dream sin amhàin, o tha air an coimhcheangal re Criosd trìd fior chreidimh, agus a thug iad fein thairis gu h-iomlan dha-san, gu bhi air an sàbhaladh agus air an riaghlaadh, leis a tha gun amharus air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain.

Chum's nach duisg sinn eagal an inntin nan creidmheach anmhunn, agus chum's nach d'thoir sinn misneach do pheacairean dàna, bheir mi beachd eile dhuibh do'n ni chudthromach so. Tha giùlan agus caithe-beatha dhaoine gu riachdail a' dearbhadh, nach 'eil iad uile a' creidsin an Criosd, agus an dream nach 'eil a' creidsin ann-san, tha iad nan naimhde do Dhia, agus nan seirbhisich do'n Abhairseir. An dream, uime sin, a tha nan naimhde do chrann-ceusaigh Chriosd, a tha cur doilghios air a Spiorad, agus a tha le dimeas a' diùltadh taigse nan gràs, cha'n'eil iadsan air an cuireadh gu shuipeir. Ach an dream sin a tha mothuchadh an cionta agus an cunnart, a tha re bròn air son an easumhlachd, a tha air an deanamh rèidh re rathad na slàinte trìd fuil Chriosd, a tha gabh-

ail

ail-ris 'na oifige agus 'na àitheantaibh gu leir, agus a' cur cùl ris gach bunait dochais sam bith eile, ge b'e ciod an staid no am peacaidhean air an àm a chaidh seachad, tha Criosd 'nise gu gràsmhor ga'n cuireadh gu shuipeir, do bhrì ga'n robh iad aig a bhainnis. Ach 's còir dhuinn ann an so a thoirt fainear, gu'm feud eadhon fior-dheisciobuil Chriosd a bhi an amharus mòr mu dheimhin an staid fein, agus an dàimh risan; agus o na chaidh a radh feudaidh iad a shaoilsin nach 'eil còir aca-fan air fochairean Spioradeil a phòbuill. Ga'n saoradh o mhearrachd mu'n ni so, tha barrantas againn innseadh dhoibh, ged nach 'eil dearbhadh riachdail aca, gur iad deisciobuil Chriosd, gidheadh mu tha iad toileach am peacadh a threigsin, agus iad fein a thoirt thairis gu h-iomlan do Dhia trèd an t-Slànuighear, s' còir dhoibh so a dheanamh air tùs, agus an deigh so an cumhnanta a shèuladh le bòidean aig bord an Tighearna. Tha Criosd a' toirt comas agus cuireadh do'n dream so teachd na ionnsuidh, tha esan ag ulluchadh lòn spioradeil air son a leanabaibh, co mhath 's airson nan daoine laidir; agus mu thig iad gu shuipeir le bròn le creidimh,

agus

agus le ciocras, buinidh efan gu gràsimhor riu. Mar fo nochd mi dhuibh c'arson a dh'fheudar sacramaint an Tighearna a choimeas re suipeir-bhainnse, agus co iad an dream a tha air an cuireadh chum na suipeir so. Tha mi a nis gu dhearbhadh fan

III. Gu bheil an dream sin gun amharus beannuicht' a tha air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain.

Nochd mi dhuibh a cheana, nach 'eil Criosd a' cuireadh neach sam bith, ach fior-chreidmhich, ach a chàirdean fein amhàin. A nis' o na's ni deirbhte e gu bheil fior-chreidmhich air an saoradh ni 'mhàin o chionta a pheacaidh, agus o pheanas fiорuidh, ach mar an ceudna air an deanamh rèidh re Dia, agus nan oighreachan air sonas Neamh; tha cadhon an staid a' nochdadhbhinn, gu bheil iad gun amharus beannuichte. Oir ma's c am peacadh a tha 'a deanamh ar natuir neo-ghlan, agus neo-thaitneach a'm beachd Dhe, ma's fe so màthair-aobhair gach triobloid a tha finn a' fulang, agus gach truaighe da'm bheil finn buailteach; mu tha

na creidmhich air an glanadh am fuil Chriosd
 o shalchar a pheacaидh, mu tha iad air an
 dionadh leisfin o pheanas, agus o thruaighe,
 agus a' mealtuin càirdeas De flàinte, sòlas a-
 gus sonas an anama, tha an staid gu cinnteach
 sonadh. Co a's urrainn sonas nan creid-
 mheach a chur gu ceart an ceil. 'Se Dia an
 Athair, agus an caraid caomh, se Criofd am
 bràthair agus an Slànuighear, tha an Spiorad
 Naomh' a' gabhail comhnuidh anna agus tha
 na h-Aingil threun gu càirdeil a frithealadh
 dhoibh. Tha iad beannuichte na'n anam-
 aibh, oir tha iomhaigh Dhe air ath-nuadh-
 achadh orra ; tha iad beannuichte nan cuirp,
 oir tha iad air an neartachadh chum am buill
 a thoirt nan armaibh fireantachd do Dhia.
 A ris, tha iad beannuichte nan onoir, agus
 nan stòras, oir tha Dia ga'n fdiùradh agus
 gan neartachadh chum feum ceart a dhean-
 amh dhiu ; tha iad beannuichte na'm bochd-
 uin agus nan triobloid, oir tha Dia ga'n
 naomhachadh dhoibh. Do reir mar a tha iad
 a' fàs ann an eolas flàinteil, ann an gràs, ann
 am maitheas, agus ann an naomhachd, tha
 iad sona air talamh, agus ann an Neamhl
 far am bi iad foirfe ann an eolas, agus ann

an naomhachd, bithidh iad gu h-iomlan sona. Tha an dream a tha Criod a' cuireadh gu shuipeir air gach doigh sona, beannuichte, tha iad sona do bhùì gu bheil iad air an coimhcheangal risan, tha iad sona annta fein; tha iad beannuichte do bhùì gu bheil iad nan oighreachan air glòir agus sonas Neamh; agus tha esan ga'n cuireadh gu shuipeir-bhainnse, chum an gràsa a neartachadh, agus chum an sonas a mheudachadh. 'Nise mur 'eil sinn a' creidsin, gu bheil na daoine so beannuichte, 'n dèigh dhuinn beachd a ghabhail da'n staid, tha dearbhadh riachdail eile againn air an nì so, dearbhadh nach urrain sinn a dhiùltadh, mu tha sinn a' creidsin gu bheil Dia fior. Le òrdugh a h-aon do aingil Dhe, agus le deachdadhl a Spioraid, tha an t-Abstòl Eoin nar ceann-teagaifg ag radh, Is beannuicht' iadsan a 'ta air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain; agus chum's nach bitheamaid ann an amharus sam bith mu'n ni so, tha e mar an ceud-na ag radh, Is iad so briathra firinneach Dhe. Mu tha sinn a' creidsin gu bheil Dia uil'.fhiocrach, 's eigin dhuinn aideachadh gu bheil fhioc aige, ciad a ni an cinne-daonna

sona; agus mu tha esan ag ràdh, gu bheil an dream a tha faotain na cuire fo gun amharus beannuichte 's dàna an ni do chreatuirean an ni fo aicheadh, 's aingidh crofda an ni breugaire a dheananmh do Dhia na fìrinn. Anis o na tha ar reusan fein, fein-fhiosfrachadh nan creidmheach anns gach àll, agus focal fìrinneach Dhe ag innseadh, agus a' teagafg an ni ceudna dhuinn, tha gach dearbhadh againn a's urrain finn iarruidh no fhaotain, gu bheil an dream fin gun amharus beannuichte a tha air an cuireadh gu suipeirbhainnse an Uain. Mar so thug mi aoirrip a nochdadhbh dhuibh, c'arfon a dh'fheudar sacramaint an Tighearna a choimeas re suipeirbhainnse, co a tha air an cuireadh na h-ionnsuidh, agus gu bheil iadsan sonadh beannuichte.

Coimh dhunamaid anis le foghnà iomchuidh.

1. O na chaidh a radh, chi finn co iad an dream fin a tha air an cuireadh, agus aig am bheil barrantas teachd, gu bòrd an Tighearna; agus 's iad so a mhuintir fin a tha
creidfin

creidsin anns an t-Slànuighear, agus a tha air an deanamh rèidh re Dia trìd-sin. 'S ann airson a dheisciobuil fein amhàin, a tha Criosd ag ulluchadh na fèisid ghràidh fo, agus 's ann orra-san a mhàin a tha e a' buill-eachadh tiodhlacaibh Spioradail aig a bhòrd. Ach 's còir 'n fo a thoirt fainear, gu bheil ni 'mhàin an dream sin nan deisciobuil do Chriosd, a fhuair seula an Spioraid, agus dearbhadh riachdail gu bheil iad air am fireanachadh, ach mar an ceudna a mhuintir sin, a tha toileach gabhail ris, umhlachd a thoirt dha, agus earbsa a chur ann, mar am fear-teagaisg, an iobairt-reitich, agus an Uach-daràn dligheach. Do'n mhuintir fo uile agus dhoibh-sin amhàin tha e ceaduichte suidhe fios aig a bhòrd.

2. Feudaidh sinn fhoghluim o na chaidh a radh, ciod na tiodhlacan agus na sochairean, ris am feud dùil a bhi aig an dream sin, a tha gabhail na facramaint fo gu h-iomchuidh. Chum ocras agus tart a phobuill a shàsachadh, tha Criosd gu gràsmhor ag ulluchadh, tha e gu càirdeil a' toirt dhoibh aig a bhòrd, lòn agus sòlas spioradail da'n anamaibh.

Bheir

Bheir esan a chuibhrionn sin d'a ghràs do gach neach, a tha e faicinn feumail air an son, ga'n neartachadh chum dol air an aghaidh ann an slighe na fireantachd gus gach triobloid a ghiùlan, a chuireas esan 'nan car-aibh, agus chum gach dleasdanas a chur an gniomh a dh'òrduicheas esan dhoibh. Cha'n-eil Dia gun amharus a' toirt do gach neach, an taisbeanadh as riachdaile air a ghràdh, an taisbeanadh sin a tha fo-mhothuchail, agus a tha gineamhuin aoibhneas Spioradail san anam, tha e a' toirt so am bi-chiontas do'n dream sin amhain a tha laidir ann an creidimh, agus tarbhach ann deadh oibribh. Ach ged a tha Dia a' diùltadh an t-sòlais fo dhuinn, gidheadh cha'n-eil aobhar bròin no gearrain againn, mu tha finn a' faotain beachd na's foilleire dar dleasdanais, agus do ghràinealachd a pheacaidh; mu tha ar fuath do'n pheacadh na's mugha, agus ar rùn a threigsin na's neartmhoire; mu tha ar gràdh do Dhia, agus do dhaoine air a dheanamh na's dianlaiste agus na's tarbhaiche. Mu si fo ar staid, feudaidh finn a bhi deirbhte, gu'n do mheal ffinn comhchomunn maille re Dia, ged nach robh e fo-mhothuchail; agus gun d'fhuair

finn

finn na tiодhlacaidh a's feumaile air ar son, ged nach d'fhuair finn na tiодhlacaidh a's sòlasuiche agus a's taitniche.

3. Feudaidh finn fhoghlum o na chaidh a radh, ciod na h-aigneidh leis an còir dhuinn teachd, chum bòrd an Tighearna. O na tha gach dearbha againn a's urrain finn iarruidh, gu'n do shuìdhich Criosd an t-sacramaint so, chum tiодhlacaibh Spioradail a thoirt d'a phobull, agus gu bheil e comafach agus toileach so a dheanamh 's còir dhuinn fuidhe sios aig a bhord le creidimh, le dochas, agus le làn-earbsa na chumhachd agus na ghràdh. O na se Criosd tobar ar sonais, o na tha gach ni-aige a tha feumail chum finne a dheanamh sona, araon anis agus gu siorruidh, agus o na tha e a' taigse nan nithe so dhuinn; 's còir dhuinn ar cridheachan fosgladh gu far-fuing dha, agus gàirdeachas a dheanamh ann, mar ar cuibhrionn, mar ar Slànuighear, mar an ti sin ata uile-mhaiseach, uile-mhaith, agus uile-ghradhach. 'S còir dhuinn mar an ceudna bàs ar Slànuighear fhoillseachadh le bròn agus doilghios airson ar peacadhean, o na b'iadsan mathair-aobhair fhublangais agus a bhàis;

a bhàis ; agus le taingealachd agus teas-ghràdh air son na rinn agus na dh'fhuiling e air ar son. O cia beannuichte, sòlasach a bhithheadh ar staid, na'm b'urrain gach h-aon a shuidheas fios aig bàrd an Tighearna air an là an diu, a radh gu treibh-dhireach maille re Daibhidh ; mar thogras fiadh na fruthain Uisg, mar so ata m'anam a' ploscartaigh ad' dheigh-fa, o Dhe, ata tart air m'anam an geall air Dia, air an Dia 'ta beo. Gun deonaiche Dia gu'm bi cridheàchan mhòrain a' labhairt na'm briathra so, agus gu'm bi na nithe, a chaidh anis a radh o fhocal air am beannachadh dhuinn, agus d'a ainm naomha-fa gu'n robh a ghlòir anis agus gu siorruidh. Amen,

SEARMOIN XI.

ROMH. iv. 12.

*Neach a thugadh thairis air son ar ciontaidb-ne,
agus a thogadh suas a-ris airson ar fireanach-
aidb.*

MAR chreatair ciontach, truaillidh, tha an duine air seacharan o Dhia, tha e na thraill dìblidh do'n Abhairfeir, tha e na choigreach do fhòlas Spioradail, do fhior-fhonas. 'S ann mu'n cholluin, agus mu nithe talmhaidh a-mhàin, a' tha e a' gabhail cùram, tha anam agus nithe Spioradail gu tur as aire, tha iad gun mhaise, agus gun luach na bheachd. Tha am peacair, mar mhac strothail, air ruidh air falbh o theaghlaich Athar, tha e gu h-aim-ideach a' caitheadh a mhaoin, tha e gu h-ain-gidh

gidh a' deanamh toil a naimhde. Le cumhachd a pheacaidh, tha inntin gun folus, tha thoil air claonadhl chum an uilc, tha a chogais na tofd, a chridhe gun mhothuchadh, aigneidh truaillidh, agus ain-mianna a' leònadh anama. Fhad fa tha an duine anns an staid so, tha e ag iarruidh sonais, far nach 'eil e re fhaotain, tha e gu'n Dia agus gun dochas anns an t-saoghal, tha anam priseil a' bàsfachadh dhìth lòin 'nuair a tha an fheoil air a h-altrum le cùram.

Ach tha 'n duine, ni 'mhàin gun sòlas, agus air a fgaradh o Dhia, trìd a pheacaidh; ach tha e mar an ceudna fuidh chorruich an uile-chumhachdaich, agus gach mionaid an cunnart sgrios. Tha chionta a' toirt oilbh-eum do cheartas, agus a thruailleachd do naomhachd Dhe; agus an lorg a cheannairc, tha e air a dhìteadh, gu peanas, le lagh. Mar neach na chodal air mulach craige, agus a naimhde guineach na thoir, gu thilgeadh thairis air ball; ceart mar so tha am peacair, gun charaid treun ga thearnadh, theid a sgrios. Anis o na tha finn uile, thaobh natur, air ar diteadh le lagh Dhe, agus ea-

comafach sinn fein a shaoradh : 's còir dhuinn a fhiosfrachadh le mòr-churam, ciod a rinn Dia, chum ar cionta a dhioladh, agus ar n' anama a dheanamh sona. 'S iad fo na nithe, a tha 'n t-Abstol a' cur an ceill, agus 'se ar rùn, le coghnàdh Dhe, am mìneachadh dhuibh. Thugamaid fainear an

i. Co an Ti a chuir an t-Athair d'ar n' ionnsuidh.

Tha 'n t-Abstol, 'nar steidh-teagaisg, a' labhairt mu neach àraidh; agus chi sibh o'n rann roimhe so, gu'm b'e an neach sin, Iosa ar Tighearna. Tha an t-ainm Iosa a' cur an ceil, gu'n d'òrduich an t-Athair e, chum anama a phobuil a thearnadh agus a leughas. Tha 'n Tighearna a' ciallachadh, gur e Uach-dran dligheach an domhain, agus gu bheil e ghnàth a' riaghladh an Neamh shuas, agus air talamh a bhos. Tha Iosa a' cur an ceil a rùn; agus an Tighearna a chumhachd, chum ar deanamh rèidh re Dia, agus ar n' ullachadh fa chomhair Neamh. Tha Iosa a' teagaisg dhuinn a natur mar dhuine; agus an Tighearna a chumhachd, mar Dhia, chum flàinte

flainte a bhuisseachadh oirn, thair bolg ar naimhde gu leir.

B'e so an neach, a bha an uchd an Athar, agus a sheas 'suas air ar fion eadhon o shiorruigheachd. B'e-fan tobar sòlais, agus cusp-air dochais na'm fàidhean agus nan Naomh, fuidh 'n t-sean tiomnadh ; b'ann na ainm-se, a bha iad a' creidsin, agus b'ann trìd-sin a bha iad a' faotain gach tiodhlaca talmhaidh agus Spioradail. B'e so an Ti, a nochd e fein ann an coimhlionadh na h-aimsir, a ghabh air natur an duine, a thaisbean toil De, a chuir eisiomplair iomlan romhain, a rinn agus a dh'fhuiling gach ni, a dh'orduich an t-Athair dha. O na nitheanna àraidh, a thachair do Chriosd air an ainmeach 'nar stèidh-teagaifg, 'thugamaid fainear 'san

2. Cionnas a thug an t-Athair thairis e.

Cha'n'eil e air ainmeach, 'nar stèidh-teagaifg, co a thug thairis Criosd ; ach tha e air innseadh dhuinn, an iomadh earran eile d'a fhocal, gu'r e an t-Athair, le làn toil fein, a thug thairis e. 'Mu ghiulan an Athar, 's iad

so briathra Phoil, an Ti nach do chaomhain a mhac fein, ach a thug thairis e air ar foinne uile; cionnas nach d'thoir e mar an ceud-na dhuinn, gu saor, na h-uile nithe maille ris-an? Tha Criosd a thoirt thairis a' cur an ceil, gu'n d'òrduich an t-Athair e chum am peanas sin fhùlang, 'na chorpa agus 'na anam, a thoill peacairean; agus b'iad aim peanas so fhulangais chràiteach, agus a bhàs nàrach fa dheoigh.

Am bheil sibh a' feoraich, co no ciod gus an d'thug an t-Athair thairis e? Cha'n'eil an t-Abstol gun amharus ag innseadh so, ni mò b' urrain e sin a dheanamh, gun eachdaire Chriosd aithris gu leir, eadhon o bhreith gu bhàs. Thugadh thairis e 'n tùs do bhroinn na h-òighe Muire; agus air an àm sin thoisich fhulangais, thoisich an Teampul sin re bhi air a dhealbh, a chaidh a reubadh air sliabh Chalbhari. Am broinn a Mhathar, 'na bhreith, an àm òige, agus 'nuair a thainig e gu aois, thugadh thairis e do gheur-lean-mhuinn do thinneas, do bhochduin, do bhròn, do bhuaireadh, agus do mhaifladh.

'Nuair

'Nuair a thoifich e re obair àraidh air ta-jamh, thugadh thairis e do anacaint pheacair-ean ; do mхи-rùn, do chùl-chàineadh, agus do naimhdeas nan Iudhach ; agus gu cath cruaidh an agháidh an Abhairfeir. Ann an deireadh a laithe, thugadh thairis e do Iudas a bhrath e gu cealgach ; do na h-àrd-Shagart-aibh a thug tamait dha ; do Herod agus d'a luchd-cogaidh a chuir crùn droighin m'a cheann, agus flàt chuilce na làimh dheis, a lùb an glùin dha a'm fanoid, agus a ghabh do shilibh air. Fa dheoigh, thugadh thairis e do Philat, a dhìt e gu h-ea-corach, agus do na Saighd-fheara Romhannach a cheus e gu buirbeil. Maille re so thugadh thairis Criosd do fheirg an uile-chumhachdaich, 'nuair a bha i air lassadh 'suas, an aghaidh cionta agus mi-thaingealachd dhaoine. Mar so dh'fhuiling e cràdh 'na chorp, ach 's ann na anam a dh'fhuiling e dòruinn. Bha na nithe a dh'fhuiling e o mхи-rùn an Abhairfeir, agus o naimhdeas dhaoine, cruaidh, crà:teach, do-ghiulan ; ach an uair a dh'fhuiling e fearg an De mhèir, mar a tha Daibhidh ag radh, shearg a chridhe as mar fheur, agus loisg a chnàmh-an, mar lic an tìnntein. Thugadh Criosd,

ina dheireadh, thairis, do chumhachd a naimhde, do phiantaibh a bhàis, agus air dha a Spiorad a thoirt suas do làmha Athar, thugadh thairis a chorp le masladh do'n ùir.

B'iad so an dream, b'iad so na nithe, da'n deachadh Criosd a thoirt thairis ; bha an dream so gun amharus mi-rùnach, naimhdeil, aingidh ; bha na nithe so nàrach, cràiteach. An àm fhulangais dheireannaich, cha do ghabh a naimhde truas ris, cha d'thug a chairdean sòlas dha ; ach ged a bha daoine neo-mhothuchail, choimhfhuiling a chruithachd gu leir maille ris. Co luath sa thug Criosd suas an deo, air ball dh'fhàs a Ghrian doilleir, reubadh brat-roinn an Teampuil na mheadhon, chriothnuich an talamh, sgoilt-eadh na creagan, dh'fhosglaidh na h-uaigh-ean, agus dh'eirich mòran do na Naoimh. Bu mhòr fulangais, b'iongantach bàs Chriosd, agus bu mhiorbhuiteach na nithe, a 'thachair air air an àm sin-fiosraichimid 'san

3. C'arfon a thugadh thairis Criosd.

Tha so gu foilleir air a chur an ceilidh nar
ftèidh-

stèidh-teagaifg, thugadh thairis e air son ar ciontaidh-ne. 'Si cionta 'mhàin fior-chuspair peanais; agus mur bitheadh Criod, gu toil-each, air a dheanamh na pheacadh air ar foinne; cha b'urrain an t-Athair gu cothromach a thoirt thairis do pheanas agus do bhàs. Cha b'ann air a shon fein a dh'fhuiling Criod; oir mar a tha 'n t-Abstol ag radh, cha d'rinn esan peacadh, ni mò a fhuaradh ceilg 'na bheul; bha e naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, agus air a sgaradh o pheacaichibh. Dh'fhuiling esan fòs aon uair air son peacaidh, am firean air son nan neo-fhirean, chum gu'n d'thugadh e finne an ionnsuidh Dhe. Trìd a pheacaidh, tha daoine air an sgaradh o Dhia; agus mar a tha e air a radh fa chosamhlachd, gun robh doimhne mhòr eidir Lasarus, agus an duine beartach ann an saoghal eile; feudaidh finne cuideachd a radh, gu bheil an cionta mar dhoimhne mhòr eidir daoine, 'san Athair Neamhaidh. Dh'fhuiling Criod, ma seadh, am bàs, chum an toirt gu tearuinte thair an doimhne so, no chum an cionta a dhiòladh, agus an deanamh rèidh re Dia.

O na pheacaich an duine, bha e feumail gu'n gabhadh Criosd a natur air, chum dioladh, san natur so, a thoirt do lagh Dhe. Air a chrann-cheusaidh, dh'ofrail Criosd iobairt, chum maitheanas a chosnadh da phobull ; agus thug a natur, mar Dhia, làn-eifeachd do'n iobairt a dh'ofrail e mar dhuine. Mar so le e fein a thoirt thairis air son cionta dhaoine, dh'fhosgail Criosd dorus Neamh, a dhruid am peacadh nan aghaidh, rinn e an rathad rèidlì eadar iadsan agus Dia ; lion e gach-flochd, a chlaothaich Satan, ga'n cumail air falbh o Dhia, agus mar so thug se iad na ionnsuidh. Ach cha do stàd Criosd an so, choisin e ni 'mhain maitheanas, ach mar an ceudna sonas d'a phobull ; agus thug e dhoibh dearbhadh riachdail, gu'm fuigheadh iad an sonas so ; agus gu'n togadh e suas iad fa dheoigh, eadhon le ais-eiridh ghlòirmhor fein.

'Sa

4. Tha 'n t-Abstol ag radh, gun do thogadh suas e a-ris.

Ged a thug Dia thairis a mhac, chum a cheartas a thoilleachadh, chum a naomhachd a dhear-

a dhearbhadh, agus chum cionta a phobuil a dhioladh ; gidheadh cha d'fhàg se e fuidh chumhachd a' bhàis, ach thog se suas e air an treas là, mar dhearbhadh, gu'n robh e làntoillichte leis na rinn agus na dh'fhuiling e. Tha againn gach dearbhadh is urrainn finn iarruidh, gu'n d'eirich Criosd gun amharus, reir a gheallaidh, air an treas là. Chunnaic eadhon cuig ceud e air aon àm, chunnaic cuid diu na lotaidh 'na chorp, dh'fhan e maille riu car da fhichead, là, chual' iad a theagaisg, dh'ith agus dh'òl iad gu minic maille ris. Thuilleadh air fo, chaidh e suas do Neamh 'nan làthair, agus air an àm a gheall e, thug e dhoibh dearbhadh do-aicheun gu'n d'eirich e, agus gu'n deachaidh e 'suas do Neamh, le Spiorad a thoirt dhoibh. Chuala na h-Iudhaich fein, naimhde guineach Chriosd na h-Abstoil a' labhairt an iomadh canain ; agus chunnaic iad na miorbhuile a dh'oibrich iad nam measg.

Dh'eirich Criosd o na mairbh, ni 'mhàin chum a dhearbhadh, gu'n robh obair crioch-naichte, agus gu'n d'thug e buaidh air a bhàs ; ach mar an ceudna chum dochas

beothail a thoirt d'a chàirdean, gu'n togadh e iadsan 'suas fa dheoigh. Mar so tha 'n t-Abstol Pol a' labhairt, ach anis, ata Criost air eiridh o na marbhaibh, agus rinneadh e na cheud thoradh dhiubhsan a choidil ; oir mar is ann tre dhuine thainig am bàs, is ann tre dhuine, thig ais-eiridh na'm marbh mar an ceudna. Ach gach uile dhuine na òrdugh fein ; Criost na cheud thoradh, na dheigh sin iadsan, is le Criost, aig a theachd. O na se Criost an ceann, agus a phobull a bhuill ; feudaidh finn a bhi deirbhte, gu'n tog e suas, fa dheoigh, gach earran d'a natur fein. Ach tha 'n t-Abstol ag innseadh 'fa

5. Gu'n do thogadh suas e a-ris, air son ar fìreanachaiddh.

'Se is brigh do fhìreanachadh, ann am focal De, neach a ghairm faor o chionta, agus o pheanas, agus gabhail ris, mar gu'm bitheadh e neo-chiontach ; air a sgàth fein, no air sgàth neach eile, a thug dioladh air a shon. Mar so tha 'n t-Abstol Pol ag radh, gu bheil creidmhich air am fireanachadh gu faor, le gràs De, tre an t-faorsa ata ann an lofa Criost.

Criosd. 'Si an fhìreantachd fo, toradh iobairt-rèitich agus umhlachd ionlan Chriosd ; oir le bhàs, dhìol e ar cionta, agus choisín e maitheanas ; agus le umhlachd, choisín e dhuinn gràs agus glòir. Mar ar caraid caomh, agus ar n' urras cinnteach rinn agus dh'fhuiling Chriosd gach ni, a bha dh'fhiach-abh oirne, agus air an doigh fo, choisín e flàinte ionlan dhuinn.

Ach feoraichidh sibh, tha e coslach, cionnas a dh'eirich Chriosd suas air son ar fireanachaidh ? Mar fhreagairt do'n cheist fo, 's eigin dhuinn a thoirt fainear, gu'n robh ais-eiridh Chriosd feumail, chum a dhearbhadh, gu'm b'e mac Dhe le cumhachd, gu'n d'thug e buaidh air naimhde a phobuill, gun do thoillich e lagh Dhe, agus gu bheil e comafach an t-flàinte, a choisín e a bhuiileachadh air a chàirdean. 'Nuair a tha urras, air a thilgeadh am priosun, 'n àite neach air am bheil ainmheach, tha e air a gleidheadh gu teann, gus am bheil an t-ainmheach pàighte ; agus tha a leigeil amach a's a Phriosun, a' dearbhadh, gu bheil làn-dioladh air a thoirt. Mar fo bha Chriosd, urras pheacairean, car tamuil

tamuil am priosun a bhàis ; agus dh'eirich e a-ris air an treas la', mar dhearbhadh gu'n robh an t-Athair làn-toilliche le dhìoladh. Gach neach a tha creidfin ann an ainm Chriosd, agus a' cur earbsa 'na fhìreantachd, tha iad faor o agairt an lagha, agus tha an t-Athair a' gabhail riu, mar fhìreanaidh. Chan' iarr an lagh pàighe da uair ; agus tha ceartas Dhe ag iarruidh, gu'm fuigh a phò-bhull am maitheanas agus an sonas a choisín Criod, gu daor, air an son. Tha an t-Abstol Pol ag radh, gun d'fhoillfich an t-Athair fìreantachd Chriosd, chum's gu'm bitheadh e cothromach, agus gu'm fìreanaicheadh e an Tì a chreideas ann an Iosa.

FOGHNAKH.

Air dhuinn, mar so a chur an ceil stáid bhrònach a chinne-daonna, agus a chrioch ghràsmhor a bh'aig Criod 'na bheachd, araon 'na bhàs, agus 'na ais-eiridh ; chi sibh cia lionmhòr ar commainean dha, agus cia math a thig e dhuinn gabhail gu h-iriosal, agus gu taingeil re shlàinte. 'Nuair a bha daoine ciontach ;

ciontach, dall, agus ann an amharus mu shaoghal nan Spiorad, thug ar Slànuighear beatha agus neo-bhàsmhòireachd chum foillese, trìd a shoisgeil. Thainig esan o Neamh gu talamh, chum finne a thogail suas o'n talamh chum Neamh ; ghabh e air ar natur, chum finne a dheanamh 'nar luchd co-pairt do natur Dhe. Le bhàs thug e an gath as a bhàs, agus dhiol e cionta a phobuil ; agus le ais-eiridh, thug e buaidh air an nàmhaid deireannach ; agus tha e beo gu siorruidh gu eadir-ghuidhe a dheanamh air ar son. Agus mar a choifin e gach tiodhlaca Spioradail, a tha feumail d'ar n' ana'maibh, shuidhich e gu caomh na Eaglais gach meadhon agus òrdugh, a tha coimhfhreagrach, chum am builleachadh oirn. Tha Dia air an là 'n diu a' toirt cuirre dhuinn teachd na ionnsuidh, agus feitheamh air aig bòrd a mhic. 'S iomadh neach a fhuair math o'n òrdugh so, a tha 'n diu ann an Aros De. Ach o na tha 's gach commun Criosduigh dream neo-iomchuidh, creidmhich òga agus fior-chàirdean, labhairdhi finn caileigin ris gach h-aon diu. An

I. Thaóbh an dream ata neo iomchúidh.

Anns an aireamh neo-iomchuidh so tha peacairean dàna, agus cealgoirean truaillidh. Tha na peacairean sin gun amharus dàna, a tha, cosmhul re Felics, a' dol air an aghaidh fa pheacadh, thair bolg solus an inntin, agairt an coguisean, agus eagal breathanais. Tha'n dream so nan naimhde do Dhia, a' ceufadh Chriosd a-ris, a cuir doilghios air an Spiorad, agus a' deanamh toil an Abhairfeir. Tha 'n giulan ciontach, tha 'n staid cunnartach, gun aithreachas, gun ath-leafachadh, cha n' fheud iad aran na cloinne a ghabhail.

Tha Cealgoirean do ghnàth na'n claogh-airean diblidh. Tha iad a' gabhaile orra an t-anam Criosduigh, agus cleochda na diadhachd; ach 's ann do'n pheacadh, a tha iad a' toirt spèis. Tha an dream so, cosmhul re Judas, a brath Chriosd le pòig; no, cosmhul re Demas, ga threigfin o ghràdh do'n t-saoghal. 'Se 'n rùn feirbhis a thoirt do Dhia, agus do Mhammon, ged a tha Criosd ag innseadh, nach urrain neach sam bith so a' dheanamh. 'S mòr an tamait a tha iad a' toirt do Dhia

na

na naomhachd, agus 's mòr am feum ar bròn
diadhaidh. Ach 'san

2. Thaobh creidmhich ann'hunn.

'S aithne do Chriosd staid an dream fo, agus cuiridh se failt orra, aig a bhòrd. 'S iadsan Uain an treud, agus mar bhuachaile caomh, tha Criosd 'gan giulan na uchd. Ged a tha bhur creidimh beag, mar ghràine do shiol mustaird, gidheadh mu tha e fior, gabhaidh esan gu cairdeil ruibh. Ged a tha bhur peacaidhean lionmhor agus bhur n' eagal mòr ann an lorg fo, na caillibh bhur misneach, tha Criosd comasach agus toileach bhur tearnadh, chum na cuid as faide. Thugaibh fuath cridhe d'ar peacaidhean, agus deanaibh bròn treimh-dhireach air an son; cuiribh earbsa am fùil Chriosd, agus tilgibh bhur cùram air. Mu tha tart diadhaidh air bhur cridheachan, agus mu tha iad a' plosgartaich an geall air Dia, agus air càirdeas Iosa; tha esan gu cairdeal ag radh ruibh, thigibh am ionnsuidh s' uile ata re saothair, agus fuidh thròm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. Le beodhochas, cumaibh co' dhail ris aig a bhòrd,
agus

agus gheibh sibh lòn Spioradail d'ar n' anamaibh.

3. 'S còir do chairdean Chriosd a bhàs a chuimhneachadh le teas-ghràdh dha-san, agus le feirc do dhaoine.

'Se bàs Chriosd, an dearbhadh is foilleireadh air gràdh an Athar agus a mhic, is urrainn sinn gu bràth fhaotain ; uime fin, 's còir dhuinn an dearbhadh so do ghnàth a chuimhneachadh le mòr-thaincealachd, agus le teas-ghràdh. Ann an so ars' Pol, 'ta Dia a' moladh a ghràidh fein dhuinne, do bhrìgh 'nuair a bha sinn fòs 'nar peacairean, gu'n d'fhuiling Criosd am bàs air ar son. Ma's urrain ni sam bith, 's còir do'n mholadh iongantach so air gràdh Dhe, fior ghràdh oibreachadh 'nar n' anamaibh. Se Criosd an t-Athair, am brathair, an caraid, a thug tuilleadh gràidh dhuinn, a rinn, a dh'fhuiling, agus a choisín tuilleadh air ar son, no an saoghal, gu h-iomlan. Agus mu tha ar gràdh dha-san fior, bithidh gràdh do dhaoine do ghnàth na lorg, agus gu h-àraighe do fhior-chreidmhich. Aig an fhèisidh ghràidh so, 's còir dhuinn ar fuath,

fuath, ar mi-rùn, ar farmad, a cheusadh ann an lathair Chriosd, agus adhlacadh, le gràin, suidh bhòrd. Tha sibh, mar chairdean anis cuideachd, bitheadh aigneidh fhior-chàirdean agaibh, chum 's gum bi sibh ann an comunn a cheile gu fiorruidh.

Tha sibh uile anis, ann an làthaireachd àraidih an De bheo, agus is è rùn mòran agaibh teisteads a thoirt dha air bhùr gràdh. Chuala sibh sgeul air bhur staid naturail, air bhur commainean lionmhòr do Chriosd, agus air na nithe a rinn e air bhur son. Bitheadh peacairean dàna iriosal, agus deanadh cealgairean an tràth bròn ; agus thugadh iad le cheile fainear an giulan. Agus a thaobh a chàird-ean lag no laidir, cuireadh iad an ceil an uir-easuibh do Dhia ; cha'n'eil a lamh air a giorachadh, nach urrainn i tearnadh, cha'n'eil a chluas tràm, nach urrain i cluinntin. Do reir òrdugh, iarruibh anis gràs Chriosd, do reir a gheallanna bitheadh bhur dochas mòr do reir àithne cuimhnichibh a bhàs ; agus gn'n deonaiche Dia, gu'm fuigh sibh uile, an diu, a bheannachadh. Amen.

SEARMOIN XII.

ROMH. viii. 32.

*An ti nach do chaombainn a mbac fein, ach &
tbug thairis e air ar soin-ne uile, cionnas nach
tabhair e mar an ceudna dhuinn gu saor na
b-uile nithe maille risan?*

'NUAIR a tha dithis dhaoine a' droch-cord-adh, tha finn gach là a' faicin, gur dorradh gu mòr an t-ea-corach a bhrofhnachadh chum sìth agus rèite a' dheanamh 'suas a-ris, no an neach air an d'rinn e an ea-coir. 'Se a's aobhar do'n ghiulan aingidh fo gu bheil an t-ea-corach deirbhte da chionta, gu bheil e ann an lorg fo a' saoilsin, gu bheil fuath aig an neach eile dha, agus gur e a rùn a sgrios; agus 'fhad fa tha 'm beachd fo aige, cha bhi e reidh

e reidh ris air chor sam bith. Tha 'n rùn-inntin so, air gach doigh, aimideach, ea-co-rach, agus aingidh; ach mo thruaighe! tha sliochd an duine g'a altrum, agus g'a nochdadadh le'n giulan, ni 'mhàin thaobh ain bràithre, ach mar an ceudna thaobh an Athar Neamhaidh.

Mar so nochd coguis chiontach gu moch a' cumhachd, eadhon an giulan ar ceud sinnfir. Co luath fa blrist iad lagh Dhe, chunnaic iad a'n lomnochd, mhothuich iad an cionta ruidh iad gu grad o làithaireachd, agus thug iad aoirrip aimideach iad fein fholach gu tur o ghnùis. 'S math a tha 'n sliochd a' leantain an eisiomplair anns an ni so, oir fhad fa tha iad na'n staid naturail, tha iad a' saoilsin, gu bheil Dia na namhaid guineach, fuileacdach dhoibh, agus uime sin, tha iad a' teicheadh uaithe, a' cogadh na aghaidh, agus a ghnàth a briseadh àitheanta.

O nach e rùn Dè an cinne-daonna a sgrios, ach an toirt air an ais na ionsuidh fein, tha e air iomadh doigh a' taisbeanadh dhoibh a għroc ār, a chairdeas agus a għradd, chum an eagal

eagal tràillidh a sgapadh air falbh, agus naimhdeas naturail an cridheachan a sgrios. Tha gach tiodhlacadh, a tha daoine a' meal-tuin na dearbhadh riachdail air gràdh Dhe, agus tha e ga'n toirt dhoibh, ga'n deanamh earbsach a mhaiteas, gràdhach, taingeil agus umhal. Ann an toirt dhoibh a mhic fein mar flear-saoraidh, tha Dia a' builleachadh orra an tiodhlaca, a b'fhearr a bh'aige, eadhon a thiodhlaca do-labhairt ; tha e toirt dhoibh, anns am cheudna, an dearbhadh a's neart-mhoire, a b'urrain e air a ghràdh. Anis o na tha daoine do ghnàth earbsach a caraid dilfa, air son tiodhlacaibh feumail eile, 'nuair a tha e toirt dhoibh, an tiodhlaca a's fhearr a th'aige, agus an dearbhadh a's riachdaile air a ghràdh ; tha 'n t-Abstol a' comhdhùnadh 'nar steidh-teagaifg o na thug Dia cheana dhuinn, gu'm feud dochas bunaiteach a bhì againn ris gach tiodhlaca eile, a tha feumail chum leas ar n'anama. An ti, ars' esan, nach do chaomhainn, &c. Ann an labhairt o na briathra so, chuin misneach agus sòlas a thoirt do chàirdean Criod, ann an seirbheis àraighe an là an diu, tha mi cur romham trid coghnadh Spioraid De, fhiosrachadh air

I. Cionnas a bhuin an t-Athair re mhac.

'Nuair a pheacaich an duine an aghaidh Dhe, rinn e tar air ùighdaras, thug e oil-bheum d'a cheartas, agus d'a naomhachd, agus dh'fhàs e ann an lorg fo buailteach do pheanas, agus do bhàs. Chum sliochd an duine a shaoradh o sgrios, agus a dheanamh naomha sonadh; Ann an comhairle na fith, sheas Criod a suas air an son, gheall e 'n natur a gabhail air, gheall e umhlachd iomlan a thoirt 'nan àite, agus am bàs cràiteach a thoill iad, fhulang. Anis o na bha na nithe so uile feumail chum glòir Dhe, agus slàinte dhaoine, ann an coimhlionadh na h-aimsir, dh'iarr an t-Athair uaithe gach h-aon diubh. Chum labhairt na's mìn-chuifische

I. Cha do chaomhainn an t-Athair e.

B'e Criod dealradh glòir an Athar, agus fior-iomhaigh a phearsa; b'efan a inhas gràdhach, anns an robh a làn toil; agus-bha e coimhionnan ris ann an cumhachd agus ann an glòir. Tha Dia do ghnàth a' toirt gràdh do gach Ti, agus do gach creatuir, do
reir

reir an natur, am maife' agus am buadhann-aibh; agus o na bha Criofid uile mhaifeach, agus iomlan na bhuadhannaibh, thug an t-Athair gu cinnteach gràdh iomlan dha. Ach ged a bha a ghràdh d'a mhac iomlan. seasmhach, dian-laiste gidheadh cha do chaomhainn se e. Cha do chaomhainn se e o shoñas Neamh agus uchd fein fhàgail, o sgàil car tamuil a chur air a ghlòir, agus o natur truaillidh an duine a ghabhail air. Cha do chaoimhainn se e o sgios, ocras agus fuachd, o bhochduin agus tinnis; o bhuaireadh an Abhairfeir, o ana-cainnt pheacach, o gheur lean-mhuin a naimhde, agus o theicheadh nàrach a chàirdean. Ged a chuir e 'suas ath-chuinge dhùrachdach ris, cha do chaomhainn se e o chupan an t-fearbhais òl; ach air dha a chur 'na làimh, ghleidh e ann an sin è, gus an dol è eadhon an deireadh amach. Cha do chaomhainn se e o bhròn inntin, o fheirg fein fhuiliang 'na anam, o bhàs nàrach, cràiteach, fadalach, agus o bhi air a chur fa dheoigh le mafladh 'fan ùir. 'Si caonadh an earran a's lugha do thròcair, ach cha d'thug an t-Athair eadhon an earran fo d'a mhac, chum 's gu'n taisbeanadh e iomlaineachd a thròcair do'n chinne

chinne-daonna. Ann an àite Criofd a chaomhnadh, chum fhuath do'n pheacadh, agus a ghràdh do anamaibh dhaoine gu foilleir a dhearbhadh, le cruaidh-dhioghaltas, ghairm Dia gu dian air a cheartas eiridh suas 'na aghaidh. Mosgail o chloidheimh, an aghaidh mo bhuaachail, agus an aghaidh an duine, a's coimhionnan dhomh, deir Tighearna nan fluagh. Tha so a' cur an cuimhne dhomh a thoirt fainear 'fan

2. Gu'n d'thug an t-Athair thairis a mhac.

Cha'n'eil an t-Abstol ag ainmeach co na ciod d'an d'thugadh thairis e, agus bha aobhar math aige, a bhi na thosd mu'n ni fo; oir thugadh thairis e do choimhlion namhaid agus truaighe, a's nach b'urrain e an ainmeach uile, gun eachdaire a bheatha aithris o bhreith gu bhàs. Thugadh thairis e air tùs do bhroinn na h-òighe Muire; eadhon air an àm sin thoifich ìleachadh, thoifich fhulangais. Oir air an àm fo, chaidh an teampul sin a dheasachadh agus a dhealbh, a reub a naimhde fa dheoigh le lamha aingidh air sliabh Chalbhari.

Chalbhari. 'Nuair a rinneadh e 'na fheoil, agus a nochd se e fein air fàsach an t-saoghal fo, thugadh thairis e do anmhuiinneachd, do thinnis, agus do uireasfuibh ; agus co luath fa thainig e chum inbhe duine, thugadh thairis e do shaothair, do bhochduin, do mhafladh agus do bhròn.

Ach ged a bha na nithe fo trioblaideach, maflach, gidheadh bha iad amhàin na'n roimh-bhlafadh air an eas-onoir, agus air a chràdh a dh'fhuiling Criosd an deigh làimh. Mar so thugadh thairis a rè àm a mhinistreileachd aìr talamh do bhuaireadh an Abhair-seir, do ana-cainnt, do dhi-meas, do ana-creidimh pheacairean. Thugadh thairis e do Iudas, a bhrath e gu cealgach ; do na h-àrd-Shagartaibh a chàin e gu h aingidh ; do Herod agus d'a luchd cogaidh, a rinn fanoid air, a chuir crùn droighinn ma cheann, agus flat chuilce na làimh dheis, agus a ghabh do shilibh air. Thugadh thairis e do Philat, a dhit e gu h-ea-corach ; do na Saighdfheara Romhanach a cheus e le buirbe. Thuilleadh air so thugadh thairis e do fheirg an uile-chumhachd-aich, 'nuair a bha i air laffadh 'suas an aghaidh

aghaidh peacaidhean dhaoine. Dh'fhuilling Criosd cràdh 'na chorp; ach is ann na anam a dh'fhuiling e doruinn. Bha na nithe a dh'fhuilling e o naimhdeas dhaoine craiteach, piantachail, do-ghiulan; ach b'iad fulangais anama a dh'fhàisg na braona morà fola o chorp; bi fearg an De mhòir, ann am briath-raibh Dhaibhidh, a shearg a chridhe as mar fheur, agus a loisg a chnàmhan mar lic an tinntein. 'Nuair a dh'fhuilling e fearg dhaoine 'na chorp, bha e mar chaora balbh; ach 'nuair a dh'fhuiling e fearg Dhe na anam, thuirt e r'a dheisciobluibh, ata m'anam robhrònach eadhon gu bàs; agus ghlaodh e le ïolach àrd, mo Dhia, mo Dhia, creud far threig thu mi !

Mar so thug an t-Athair thairis a mhac, chum gach earran do ainmheach pheacairean a phàighe, agus chum gach ni fhulang a thoill iadsan. Nach bu tròm eallach a pheacaidh a leag gu lär Slànuighear an t-saoghal; agus nach bu shearbh cupan fhulangais, a tharruing gearran co ghoirt uaithe. O na dh'fhuiling esan feudaidh sinne fhoghlum, cia domhain cionta a pheacaidh, cia mòr am

peanas a tha e a' toiltin, agus cia do-thuigfin gràdh Dhe do'n chinne-daonna, a thug eadh-on aon-ghin mhic thairis gu bàs air an son. Air dhuinn mar so cuid do na nithe fin ainmeach, gus an d'thugadh thairis Criold, fiòraichimid anis 'fan

II. C'arson a thugadh thairis e.

Tha an t-Abstol, 'nar stèidh-teagaitsg, a' toirt freagradh do'n cheist so, le innseadh gu'n d'thugadh thairis e, eadhon air ar soin-ne uile. Le so tha e cur an ceil, nach b'ann air son a ghiulain fein a dh'fhuiling e; oir o na bha e naomha, neo-lochdach, agus air a sgaradh o pheacaichibh, cha robh e buailteach do fhulangais sam bith, agus cha b'urrain an t-Athair, gu cothramach a thoirt thairis gu bàs. Agus mar dhearbhadh gur ann air ar soin-ne, a dh'fhuiling esan, tha an t-Abstol ag radh, rinneadh esan do nach b'aithne peacadh, na pheacadh air ar soin-ne, chum's gum bitheamaid air ar deanamh 'nar fireantachd Dhe ann-san. Ach thugamaid fainear air mhogh na's riachdaile, c'arson a thugadh

thugadh thairis e. Agus an seadh coitchionn dh'fhuiling e.

i. Air son sliochd an duine gu leir.

Tha e foilleir o fhocal De gu'n robh eifeachd co mhór san iobairt a dh'ofraile Criosd, a's gu'n do choisin e léatha flàinte air son gach neach, a bha, a tha, agus a bhitheas gu bràth air aghaidh na talmhuin. Anis o na choisin e flàinte a tha coimhfhreagradh re staid agus uireafsuibh sliochd an duine gu leir, o na tha e tairgse flàinte dhoibh, agus a' toirt cothrum do'n chuid a's muglia dhiu eolas spioradail fhaotain agus meadhonna nan gràs a ghnàthachadh, feudaidh sinn le barrantas a radh, gu'n d'fhuiling e bàs air son an dream so uile. Ach a thuilleadh air so, tha sliochd an duine gu h-iomlan gu mòr an commain Chriosd mar an eidir-mheadhoin-fheair; oir is ann air sgàth na gheall, na rinn agus na dh'fhuiling esan, a chaidh air tùs an caomh-nadh ann an tir nam beo, agus a tha iad o'n àm fin a' faotain am beatha, an neart, an treoir, an ciall, an tuigse, an lòn an eadach, maille ris gach tiodhlaca talmhaidh eile a tha iad

iad a' mealtuin. Anis o na tha an cinne-daonna uile an commain bàs Chriosd, air son tiodhlacaidh talmhaidh agus Spioradeil a chosnadh dhoibh, feudaidh finn an seadh coit-chionn a radh, gun d'thugadh thairis e air an son gu leir. Ach a-ris 'fan

2. Thugadh thairis e gu h-araidh air son a phobuill fein.

'S iad pobull àraidh Chriosd, an dream a thagh an t-Athair o shiorruigheachd, a tha air an gairm, agus air an aomadh gu h-cifeachdach air talamh, chum gabhaile ris, chum creidfin, 'na ainm, agus chum geilleachdain dha le'n uile chridhe. Ghiulain Criofd cionta sliochd an duine gu leir, ach b'e ainmheach a phobuill a phàigh e gu h-àraidh. 'S ann air an son fa gu h-àraidh a dh'fhuiling e bàs, agus a choisín e slainte. An toirt a mhic thairis gu bàs, b'e an ni àraidh a bh'aig Dia na bheachd, a ghlòir a tha isbeanadh, a naomhachd a nochdad, a ghradh a d'inear-bhadh agus b'iad na nithe ceudna, a bh'aig Criofd 'na bheachd, 'nuair a dh'fhuiling e gu toileach bàs malluichte na croiche. B'iad peacaidhean

peacaidhean a phobuill fein, a rinn buaireadh an Abhairfeir trioblaideach, agus naimhdeas nan Iudhach cràiteach ; biad so a sharr e ris a chrann a reub fheoil, a dhòirt fhuil, a dh'fholainc uaithe gnùis Athar, agus a rinn anam ro-bhrònach. Mar so thugadh Criosd thairis gu h-àraidh, chum piann, trioblaid, agus bàs, air son gach neach a tha creidfin na ainm, co dhiu a tha iad bochd no beartach, òg no sean, foghluimte no ain-eolach, tuir-seach no aoibhneach, air an ath-nuadhachadh an de, no iomadh là roimhe so. Agus mar a choisín Criosd gu h-àraidh slàinte do'n dream so, 'san doibh-fin gu h-àraidh a tha e toirt taigse nan gràs, 's ann orra-san a tha e builleachadh tiodhlacaibh Spioradail, agus 's iad-san a gheibh uaithe a bheatha mhairreanach. Cha'n'eil an Dia sin ata uile-ghlic, a' deanamh ni sam bith an diomhanas ; o ghràdh truacanta, thug e thairis a mhac, chum leas a chinne-daonna gu leir ; agus o ghràdh àraidh, thug e thairis e air son an dream fin, a bha fhios aige, a ghabhadh gu toileach araon re Criosd agus re shlàinte. Mar so chi sibh, ciod a bh'èig an Athair 'na bheachd, an toirt thairis a mhic, agus c'arfon a thug se thairis

e ; mar ar caraid dileas gràdhach, dh'fhuiling Criosd am bàs air son ar n' eas-aontais, agus dh'eirich e 'suas a-ris air son ar fireanachaидh. Fiosfraichimid 'nise 'fan

III. Ciod an dearbhadh a th' againn o bhas Chriosd, gu'm fuigh a phobull na h-uile nithe maille risan ?

Tha na h-uile nithe ann an fo a' ciallachadh, gach tiodhlacadh talmhaidh agus Spioradail, a tha Dia a' faicin feumail chum sòlas sìth agus leas a phobuil, araon air talamh, agus ann an Neamh. Tha focal De gu riachdail a' dearbhadh, gu'n do choisin Criosd d'a phobull na h-uile nithe, le umhlachd agus le bhas ; agus gun do choisin e iad, chum am builleachadh orra. Ach siosfraichimid 'n fo ciod an dearbhadh a th' againn, gum fuigh pobull Chriosd na h-uile nithe maille risan. Agus air

i. Tha ar reusan fein a' teagafg fo dhuinn.

Se Criosd, mar gu'n abramaид, an tobar tarbhach, fior-ghlan domhain sin, o'm bheil a' fruthadh,

fruthadh, do'n chinne-daonna gach tiodhlac-adh talmhaidh agus Spioradail. Anis 'nuair a tha Dia a' toirt d'a phobull Criost fein to-bar na beatha, gheibh iad gu cinnteach an tuigse, an toradh, agus gach ni a tha fruthadh uaithe. Mar so 'nuair a tha duine a' faotain o chàraig, còir iomlan air oighreachd, tha e faotain 'san am cheudna còir air gach ni, a tha a' cinntin no fas orra ; agus ceart mar so buinidh Dia re phobull thaobh nan tiodhlacaidh a choisin Criost, mайл risan gheibh iad na h-uile nithe.

2. Tha geallanna Dhe a' dearbhadh fo dhuinn.

Bithidh oidhche agus là, bithidh dorchadas agus solus air an deanamh nan aon, theid Neamh agus talamh na's luaithe thairis, na bhriseas Dia na fìrinn a gheallanna priseil d'a phobull fein. Ciod, ma seadh, a tha e a' gealtuin? Tha na h-uile nithe da' phobull. Mar so tha Criost fein a' labhairt, ge b'e ni a dh'iarras fibh a'm' ainm-sa, ni mise sin, chum 's gu'm bi an t-Athair air a ghloruch-adh anns a' mhac. Ann an aite eile, tha Dia

Dia 'na fhocal, mar so a' gealltuin agus ag
radh; Is leibhse 'na h-uile nithe, màs e Pol, no
Apollos, no Cephas, no an saoghal, no beatha,
no bàs, no nithe a 'ta làthair, no nithe a 'ta
re teachd, is leibhse iad; agus is le Criost
sibhse; agus is le Dia Criost. Ann an so chi
sibh, gu bheil gach ni air an gealtuin do pho-
bull Chriosd, a tha feumail chum leas agus sò-
las an anamaibh. Anis o na tha Dia uile-
chumhachdach, 's urrainn e a gheallanna a
choimhlionadh, agus o na tha e uile-fhior,
coimhlionaidh e gu cinnteach iad.

3. Tha eidar-ghuidhe Chriosd a' dearbhadh gu'm faigh a phobull gach ni.

Tha focal De a' teagastg dhuinn, gun do
choisin Criost le umhlachd agus le bhàs,
maitheanas agus gràs, neart agus sòlas, sìth
agus sonas d'a phobull; agus gu bheil e anis
an Neamh ghnàth guidhc air Athair, na nithe
so, agus gach ni feumail eile a thoirt dhoibh.
Gach ni a tha Criost ag iarraidh, tha e ag
iarruidh gu cothromach, do bhrìgh gun do
choisin e iad, agus cha'n'eil an t-Athair air
àm sam bith ga dhiultadh. O eidar-ghuidhe
Criost

Chriosd ma seadh, tha an t-Abstol Pol a' co-dhùnad, gur urrain e a phobull a thearnadh, no gach tiodhlacadh feumail a thoirt dhoibh. Tha e fòs comasach, ars' esan, air an droing a thig chum Dhe trìdsan a shlànuchadh gus a chaidh a's fhaide, do bhrìgh gu bheil e beo gu fiorruidh gu eidar-ghuidhe a dheanamh air an son. Tha an t-Abstol ceudna, ann an aite eile, a' reufannachadh araon o eidar-ghuidhe Chriosd, agus o mhugha mòr staid a phobuill, 'nuair a dh'fhuiling e am bàs, agus a tha e a' deanamh eidar-ghuidhe air an son. Ma fe, ars' esan, air bhi dhuinn 'nar nainhde, gu'n d'rinneadh rèidh re Dia sinn tre bhàs a mhic, is mòr is motha air dhuinn a bhi air ar deanamh rèidh, a shabhalar tre a bheatha, is è sin trìd eidar-ghuidhe finn. Mar so tha ar reusan fein a' cur an ceil, tha geallanna Dhe, agus eidar-ghuidhe Chriosd gu foilleur a dearbhadh gu'm fuigh a chàirdean gach ni maille Chriosd. O na is ann mar so a tha a chuis, tha deadh aobhar aca gun amharus gairdeachas a dheanamh ann, feitheamh air le dochas beothail, agus dluthachadh ris le'n uile chridhe. Air dhuinn anis gach earran

d'ar stcidh-teagaifg a mhìneachadh, mar choimhdhùnadh do'n iomlan fuilingibh domh labhairt re dà sfeorsa dhaoine 'nar measg. Agus

i. Tha briathra ar teagaifg a' cur an ceil cionta agus cunnart naimhde Chriosd, a tha gach là a' cogadh na aghaidh, a tha nan feir-bhisich dhilis do'n Abhairseir, agus leis nach miann am peacaidhean a threigfin. 'S bochd staid, 's aimideach giulan, agus 's mòrc unnart an dream so. Tha iad gach là, gach uair, gach mionaid fuidh chorruich an uile-chumhachdaich, air an sgaradh o chairdeas, air an dìteadh le lagh, agus buailteach do bhàs fiorruidh. Anis mu bha fuath Dhia do'n pheacadh co mhòr, a's nach do chaomhainn e a mhac fein, 'nuair a sheas e 'suas air son pheacairean, gu cinnteach cha chaomhainn e an dream fin, a tha diultadh gabhail re Criosd, agus a tha ciontach, ceannairceach ; aingidh. Ma leag peanas a pheacaidh, ma seadh, eadhon Slànuighear an t-saoghal gu làr, ciod a dh'eireas dhoibhsan d'an eigin am p:anas fein a ghiulan ; bithidh iad gu cinn-teach

teach air an sgrios gu siorruidh. Ann an là trioblaid, aig uair a bhais, bithidh iad gun charaid, gun chùltaic, gun choghnadh; aig là bhreitheanais, thèid an cur air laimh chli a bhreitheamh, agus ditidh csan le feirg iad, chum truaighe fhiorruidh fhulang. Ma se an rùn an truaighe so a sheachnad, guidheam orra an tràth, gabhail re Criod, agus an anama a thiomnadha thairis na lamha.

2. Tha briathra ar steidh-teagaifg gu math a' coimhfhireagradh chum misneach agus sòlas a thoirt do chairdean Chriosd. 'San air an son-sa a thug an t-Athair thairis gu bàs e, is ann doibh-san a choisinn e flàinte, agus o na thug e dhoibh a cheana a mhac, tha e anis a' taingse na h-uile nithe maille risan. 'S còir do'n dream so, ma seadh, feitheamh air Criod, agus a bhàs a chuimhneachadh le bròn cridhe, le teas-ghràdh, le dochas beothail, agus le làn earbsa.

Tha bròn air son peacaidh gu: amharus cubhaidh aig bòrd an Tighearna o nz bha sinn

finn uile ag aontachadh le bas, agus o na mheúdaich sinn ler cionta gu mòr fulangais ar caraid Neamhaidh. Tha teas ghràdh mar an ceudna dligheach, 'nuair a tha sinn a' cuimhneachadh bàs Chriosd, a dh'fhuiling e air ar soin-ne, agus leis am bheil e gu h-iongantach a' molladh a ghraidh fein dhuinne. 'S còir dhuinn mar an ceudna dluthachadh ris le dochas agus earbsa, 'nuair a tha sinn a' faicin comharan a bhàis, leis an do choisin e flàinte d'a phobull, agus a bhòrd deasfuichte, chum toradh na slainte so a thoirt dhoibh.

Leis na h-aigneidh dhiadhaidh so ag oibreachadh 'nar cridheachan, cuartaichibh anis altair Dhe, agus foillsichibh bàs Chriosd. Cia mòr b'ur n' uireasfuibh, 's urrain efan an deanamh suas; ge b'e ciod a tha a dhith oirbh, ma fibh fhior-chairdean, tha efan toileach am builleachadh oirbh. Fosglaibh ma seadh ar beil gu farsuing, agus lionaidh Dia gu paitl iad; cha'n'eil fibh an cumhangachd an Dia, n'a bithibh cumhang ann ar n' innibh fein. Cofmhuiil re Abram, A-thair

thair nan creidmheach, bithibh anis laidir ann an creidimh, le so bheir fibh glòir do Dhia, agus gheibh fibh lòn Spioradail d'ar n'anamaibh. Gach ni a tha feumail chum ar leas, tha Dia anis ullamh gu bhuisseachadh oirn ; oir an Ti nach do chaomhainn a mhac fein, &c.

SEARMOIN XIII.

II. CORIN. viii. 9.

*Is aithne dbuibh gràs ar Tighearna Iosa Criosd,
ge do bha e saibhir, gidheadb gu'n d'rinneadb
bochd e air bhur son-ja, chum gum biodb sibhsè
saibhir trid a bhochduinn san.*

THA againn anns na briatha so sgeul riachdail air gràs ar Tighearna Iosa Criosd. Tha an t-Abstol ag radh gur aithne do gach fior-chreidmheach an gràs so, se sin chual' iad ni 'mhàin an sgeul so, chreid iad e, agus 's urrain iad cunntas a thoirt air do dhaoine eile; ach 's aithne dhoibh e le'm fiosrachadh fein, bhlais iad cia milis e, agus mhotnuich iad a chumhachd na'n cridheachan.

Tha

Tha an t-Abstol ag ainmeach iomadh ni, 'nar steidh-teagaifg, chum an gràs so a mholladh dhuinn, agus 'se mo rùn air an àm, le coghnadh Dhe, am mìneachadh dhuibh fa leith.
Air

I. Thugamaid fainear staid Chriosd, mu'n d'fhàs se bochd.

Bha esan saibhir, ach cha n'urrain briathra sam bith a chur an ceil, cha n' urrain inntin sam bith a thuigfin, cia saibhir a bha e. Mar a tha Eoin ag radh, anns an toiseach bha am focal, agus bha am focal maille re Dia, agus b'e 'm focal Dia. Bha e so air tus maille re Dia. Rinneadh gach ni leis, agus a's eug-mhais cha d'rinneadh aon ni a rinneadh. Agus tha Pol ag radh, Col. i. 16, 17. Is ann leis-an a chruthaicheadh gach uile nithe ata air Neamh, agus ata air talamh, faicfinneach, agus neo-fhaicfinneach, ma's àrd-chaithraichean iad, no tighearnais, no uachdranachda, no cumhachda ; is ann leis-an a chruthaicheadh na h-uile nithe, agus air a shon. Agus ata esan roimh na h-uile nithibh, agus trìd-fan ata na h-uile nithe a' coimhsheasamh.

Tha

Tha an t-Abstol ceudna an àit' eile ag radh gur e dealradh glòir an Athar agus fior-iomh-aigh a phearsaidh, gur e oighre nan uile nithe, gu'n do chruthaicheadh leis an faoghal, agus gu bheil e cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd.

Tha finn a' meas an neach sin faibhir, aig am bheil ni 'mhàin pailteas air a shon fein, ach mar an ceudna chum uireafuibh dhaoine eile a dheanamh suas. Cia faibhir, ma seadh, 's eigin dha-fan a bhi, aig nach 'eil uireafuibh sam bith e fein, agus aig am bheil ion-mhas co iomlan 'fan àm cheudna, as nach urrain e fàs na's lugha, ged a tha dream eile gun aireamh a' faotain gu pailte dheth. Cha'n'eil eadhon creatair ann, nach d'fhuair am bith uaithe-fan, agus nach 'eil gu tur an commain dha air son gach ni ata iad a' fealbhachadh, no ris am bheil dùil aca! 'Se fo faibhreas an ti sin, mu bheil an t-Abstol a' labhairt. Ach thugamaid fainear anns an

II. A bhochduin sin gus an d'thug se gu toileach e fein,

Air do'n Abstol Eoin sgeul a thoirt dhuinn air ceud staid ghlòirmhor Chriosd, tha e 'g innseadh gu'n d'fhàs e bochd, le natur an duine a ghabhail air no le fàs na fheoil, agus le comhnuidh a ghabhail 'nar measg-ne. 'S riachdail an doigh air am bheil Lucas a' cur an ceil a bhochduin, le sgeul a thoirt air a bhreith. Do reir ordugh an Impire Riomhاناich, chaidh Ioseph agus Muire 'suas do Ierusalem, chum gum bitheadh an ainmeana air an sgriobhadh an cìs-rola. Agus tharladh, am feadh a bha iad an sin, gu'n do choimhlionadh laith' a h-inbhe-se, chum i bhi air a h-aisead. Agus rug fi a ceud-ghin mhic agus phaisg fi e am brat-speilidh, agus chuir fi e na luidhe am prasaich, do bhrìgh nach robh àite aca san tigh òsda. Agus mar a bha e bochd na bhreith, bha rè a bheatha gu h-iomlan, gus an do chriochnaich e a churfa air fliabh Chalbhari. Bha e eadhon co bochd, as an uair a bha mòran a' leantuin agus a' molladh a mhinistreileachd, gu'm b'urrain e gu firinneach a radh, tha tuill aig na Sionnaich, agus neid aig eunlaith an aidheir ach ni'm bheil aig mac an duine ionad anns an cuir se a cheann fuidh.

Ach cha bi fo a bhochduin bu mhiosfa, gus an d'thug e gu toileach geill. Mar a tha 'n t-Abstol ag radh, rinn se e fein, no dh'aontaich se a bhi air a dheanamh na dhuine, gun chliu. . Oir ged a bha mòran air uairibh ga leantuin, agus ga mholladh, gidheadh bha 'n dream so bochd, diblidh. Bha daoine beartach, foghlumte, agus cumhachdach na'n Iudhach a' gnàthachadh gach meadhon, chum a dheadh ainm a sgrios, agus chum a dheanamh fuathach gràineil do'n phobull. Cha robh am mi-run toillichte, gus an d'fhuair iad a ghlacadh gu buirbeil, a dhìteadh gu h-ea-corach, agus a cheufadh gu h-aingidh mar thràill. Mar fo dh'fhàs ar Slànuighear bochd, ni h-ann a dh'aindeoin ach gu toileach, mar a tha Pol ag innseadh Phil. ii. 6, 7, 8. Neach air bhi dha ann an chur Dhe, cha do mheas e na reubuinn e fein a bhi coimhionnan re Dia : ach chuir se e fein ann an neo-mheas, agus ghabh se air fein dreach feirbhisich, agus rinneadh e ann an cos' las dhaoine: Agus air dha bhi air fhaghail ann an cruth duine, dh'irioslaich se e fein, agus bha e umhal gu bàs eadhon bàs na croiche. Ach fiosraichimid

III. Co iad an dream : Air son an d'fhàs e mar fo bochd ?

Se fo an treas ni, a tha air ainmeach 'nar steidh teagaifg ; agus tha e gu riachdail a' molladh faibhreas gràis De dhuinn. Agus dh'fhàs e bochd air ar soin-ne, fliochd an duine, creatairean o'n dè, agus aig am bheil am bunait san dus. Tha finn a' faotain ar beatha, mar thiodhlaca o neach eile ; tha gach ni a tha g'ar cumail a suas an taobh amuigh dhinn ; 's eigin dol a mach ga'n iarreidh ; agus an làmh a tha g'an ulluchadh, feudaidh an toirt air falbh, no am beannachadh fin a dhiùltadh, a ni iad eifeachdach chum ar beatha a chumail suas. Mu tha Dia a' folach a ghnùis, tha finn fuidh thrioblaid ; mu tha e toirt air falbh ar n'anail, tha finn air ball a' bàsughadh.

Mar fo tha finn uile bochd, agus bochd, mar chreatairean, 's eigin dhuinn a bhith ; ach mu bheir finn fainear gu bheil finn mar an ceudna 'nar peacairean, tha bochduin na fhocal a tha tuille 's anmhunn chum ar staid bhrònach a chur an ceil. Feudaidh duine a bhi bochd, agus gidheadh a bhi gun ainmheach ;

mheach ; ach tha 'm peacadh ni 'mhàin na bhochduin, ach mar an ceudna na ainmheach mòr. A-ris, feudaidh duine, a tha fuidh ainmheach, a bhi fallain, laidir ; agus le obair a dheanamh gu dùrachdach, feudaidh e ni 'mhàin nithe feumail fhaotain dha fein ach mar an ceudna ainmheach a phàighe. Ach mo thruaighe, tha 'm peacadh na thinneas, co mhath 's na ainmheach, se tinneas ar n'anma è, se a tha caitheadh ar neart, se a tha gar deanamh araon ea-comafach agus neo-thoileach, ni sam bith a dheanamh clum flàinte agus neart fhaotain. Aon uair eile, feudaidh an duine, a tha fuidh ainmheach teicheadh o fhear-fiacha ; ach c'ait am feud am peacair teicheadh nach 'eil Dia a làthair ; agus comafach a ghlacadh, a dhìteadh agus peanas a dheanamh air. Tha sgeul ar Tigh-earna mu mhuintir Laodicea, gu math a' coimhfhireagradh ris gach h-aon do shiol Adhamh na'n staid naturail, tha iad uile ain-niseach, agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd ; agus mo thruaighe cha n' aithne dhoibh so. Agus an d'fhàs esan a bha faibhir, esan d'an d'thug finn oilbheum, esan aig nach robh feum sam bith oirn, esan a chaidh

chaidh seachad air creatuirean a b'airde in-bhe, a' leigeil leo an truaighe sin a shealbhachadh air an d'rinn iad roghain, an d'fhàs esan tha mi 'g radh, bochd air ar soin-ne? Cia iongantach a ghràs! Agus cia do-thuigfin, mar cuirreadh e fein an ceil dhuiinn e! Ach thugamaid fainear

IV. Ciòd a chrioich gus an d'rinn e so?

Theireamid gu'm bitheadh an neach sin gu h-àraidh cairdeil, fial, a phaigh ainmheach nach b'urrain sinne a phàighe, chum le bhi air ar faoradh o'n callaich so, gu'm fuigheam-aid an deigh làimh lòn ulluchadh le saothair air ar son fein. Theireamaid gu'm bitheadh an neach sin na bu chairdeile gu mòr, a thog-amaid a suas air ball oscionn bochduin agus eagal dìth, le nithe feumail na beatha so a thoirt dhuiinn. Ach bha crioch na b'airde na so aig gràs Chriosd, dh'fhàs esan bochd chum gu'm bitheamaid-ne saibhir; se sin làn-shonadh. Ann an so tha ghràs a' dealradh le mòr-ghlòir. Ach co is urrain sgeul a thoirt air an ni nach fhaca sùil, nach cuala cluas,

cluas, agus nach d'thainig an cridhe an duine.

Ach chum caileigin do choghnadh a thoirt dhuibh gu breith a thoirt air saibhreas gràis Chriosd, ainmichidh mi earran no dha do fho-cal De. Annsan, ars' an t-Abstol, 'ta ag-ainne faorsa tre fhuil, eadhon maitheanas na'm peacaidhean, reir saibhreas a ghràis; oir trid-fin tha gach uile neach a chreideas air a lhaoradh o gach uile nithibh. Maille re maitheanas ceud thiodhlaca a chumhnanta, tha sìth re Dia do ghnàth dlùth-cheangailte; oir ars' Pol, air dhuinne a bhi air ar firean-achadh tre chreidimh, ata fioth-chaint againn re Dia, tre ar Tighearna Iosa Criosd. An lorg fo, tha creidimhich air an gabhail a steach do theaghlaich Dhe, ni h-ann mar sheirbhisich ach mar chloinn; oir do mheud fa ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi na'n cloinn do Dhia. Agus cha'n'eil fo amhàin mar ainm onorach air a thoirt dhoibh, ach tha mar an ceudna natur cloinne aca. Do reir fo tha e air a radh, gu bheil iad na'n luchd coimhpait do natur na diadhachd; gu bheil Criosd a' gabhail comhnuidh annta le Spiorad, air mhogh

mhogh 's nach iadsan 'ta beo, ach efan ata beo anna. A-ris mar tha aca ni 'mhàin ainm ach mar an ceudna natur cloinne, tha cuid-eachd an cuibhrionn ; oir mar a tha Pol a' reufannachadh, ma's clann iad is oighreachan, oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille re Criod. Agus ciod a chuibhrionn a gheibh iad ? Tha so air ainmeach beatha shiorruidh, ionmhas 'sna Neamhaibh nach fàilnich, rioghachd nach fheudar a ghluafad, agus oighreachd neo-thruaillidh, nec-shalach, agus nach searg as. Tha Pol eadhon ag radh mu chreidmhich, is leibhse na h-uile nithe, mu se an saoghal; no beatha, no bàs, no nithe ata làthair, no nithe ata re teachd, is leibhse iad uile, agus 's le Criod sibhse, agus 's le Dia Chriosd. Ach thugamaid fainear 'fa

V. An dlùth-cheangal a tha eidar bochd-uin Criod agus faibhreas a phobuill.

Bithidh an dlùth-cheangal fo foilleir mu bheir sinn fainear, le isleachadh toileach, le'r natur a ghabhail air, leis gach uile fhìreantachd a choimhlionadh, agus le e fein a thoirt mar ofrail, agus mar iobairt do Dhia, gu'n d'àrdaich

d'àrdaich Criosd lagh Dhe, gu'n do dhiol e a cheartas, agus le so gu'n d'fhosgail e flighe, tre am feud tràcair gu faor; onorach, a bli air a builleachadh eadhon air a chiontach as mughá. Le so chaith am peacadh a dhiteadh 'fan fheoil, no 'fan natur cheudna a thug oilbheum; agus le mhac (a chur a-mach) òrduchadh na iobairt-reitich, tríd creidimh na fhuil, tha e nochdadhbh fhìrean-tachd, co math re thròcair, an toirt maithreas peacaidh. Agus 's eigin da chreatuirean reufanta gu leir aidmheil, gu bheil e uile-chothroinach, co mhath is uile-ghràsmhor, 'nuair a tha e fireanachadh an dream ata creidfin ann an Iosa. Chaith mac Dhe a leonadh air son ar cionta-ne chaith a bhruthadh air son ar n' eas-aontais: ghiulain e ar peacaidh-ne na chorp fein air a chrann. Agus uime sin, cha'n'eil anis dìteadh sam bith do'n dream ata ann an Iosa Criosd; oir mar a tha 'n t-Abstol a' reufannachadh, co chuireas coire sam bith a leith daoine taghta Dhe? 'Se Dia 'ta fireanachadh: co a dhíteas? 'Se Criosd a fhuair bàs, seadh tuille fòs, a dh'eirich a-ris, agus ata air deas làimh Dhe, neach ata mar

an

an ceudna ag deanamh eidar-ghuidhe air ar soin-ne.

Agus mar a tha bas na iobairt Chriosd a' saoradh gach neach a tha creidfin ann o chionta a pheacaидh ; tha àrdachadh mar dhuais a bhochduin a' toirt còir dha gach tiodhlaca a bhuilleachadh orra, a tha feumail chum an deanamh saibhir air talamh, agus sona ann an Neamh. 'Nuair a chaidh Criosd suas air an ionad àrd, thug e bruid am braighdeanas, fhuair e tiodhlacaيدh do dhaoine, eadhon air son an dream a bha ceannairceach, chum gu'n gabhadh an Tigh-earna Dia comhnuidh na'm measg. Agus anis, tha gach uile chuimhachd, ann an Neamh agus air talamh, air an toirt thairis dha, tha e g'a nochdadhbh fein an làithaireachd Dhe, ni 'mhàin mar àrd shagart chum toilteanas iobairt a thagradh, agus a phobull a bheannachadh ; ach tha e mar an ceudna a' suidhe aig deas làimh an Athar, mar an Righ sin a shocraich e air a shliabh naomha Sion. As fo tha e a cur amach Aingil, mar spioraid frith-ealaidh, chum frithealadh do oighreacan a gheallaidh, gus an ruig iad tigh an Athar, far

an àrdaichead iad chum suidhe maille re Criofd air a chaithir, agus chum làn-aoibh-neas a mhealtuin gu siorruidh. Air dhuinn mar fo sgeul a thoirt air gràs Chriosd, am fàs bochd chum a phobull a dheanamh faibhir, fiosraichimid fan

VI. Ciod e eolas a bhi agàinn air a ghràs fo.

Tha da sheorfa do eolas ann, eolas cinn agus colas cridhe, tha an t-aon falsail, agus an aon eile fior; tha an aon neo-tharbhach, agus an aon eile a' giulan deadh thoradh. Gar stiùradh chum breith a thoirt, co dhiu a tha, no nach 'eil eolas agaibh air a ghràs-fo, guidheam bhur n'aire do na nithe a leanas. An do mhothuich sibh riamh gu bheil an gràs so feumail dhuibh, agus gur e so amhain a thearnas sibh o'n fheirg ata re teachd? Am faca sibh sibh fein, le folus focail De, mar dhream a tha ainniseach, agus bochd agus truagh agus dall agus lomnochd; mar dhream a tha air an dìteadh le lagh Dhe, agus a tha ca-comasach dhiu fein ni sam bith a dheanamh ga'n tearnadh? Fui'n mhothuchadh so d'ar

d'ar staid chaillette, am faca fibh cia feumail Criosd, agus cia math a tha e a' coimhfhreagrach r'er staid? Am Faca fibh iomlaineachd iobairt; agus an d'fhuair fibh làn-dearbhadh gu bheil e comasach agus toileach iadsan a thearnadh chum na cuid is faide a thig chum Dhe trìd-san? Air bhur stiùradh leis a bheachd fo do Chriosd, a' gabhail misnich o chuirreadh chàirdeil teachd na ionnfuidh, agus air bhur coimheigneachadh le àithne Athar, chum creidsin 'na ainm an do ghabh fibh ris mar thiodhlaca do-labhairt Dhe do dhaoine? An do ghabh fibh ris gu h-iomlan, mar bhur fàigh g'ar teagaisg, agus ar righ g'ar riaghlaadh, co mhath 's bhur sagart chum bhur cionta a dhìoladh? An do ghabh fibh ris, mar air a dheanainh dhuibh le Dia 'na ghliocas, 'na fhireantachd, 'na naomhachd agus 'na shaorsa? An do mhothuich fibh gu h-àraidh a ghràs a' riaghlaadh bhur gnèth-inntin agus bhur giulan? An do theagaifg e dhuibh, mar a tha Pol a' labhairt, gach uile mhi-dhiadhachd agus ain-mianna saoghalta aicheun, agus bhur beatha a chaitheadh gu measarra, gu cothromach agus gu diadhaidh? 'Se fo amhàin a dhearbas gu riachdail gur aithne dhuibh gràs Chriosd.

Tha

Tha finn a' leughadh mu chreidimh mharbh, mu dhochas an-dàna, mu shìth fhàlsail, mu ainm a bhi beo, ach cha'n'eil 's na nithe so gu leir ach didein na'm breug, a theid gu grad a sguabadh air falbh. Ach far am bheil fior-chreidimh an t-soisgeil air ainmeachadh, tha e air a nochdadadh, ag oibreachadh tre ghràdh agus a' toirt buaidh air an t-saoghal. Tha dochas an t-soisgeil a' brosnachadh an dream aig am bheil e, chum iad fein a ghlanadh, mar a tha Dia glan. Tha sìth Dhe a' gleidheadh an inntin agus an cridhe, tha è ga'n neartachadh an aghaidh ionnsuidh an naimhde. Tha so mar shocair aig an dream a tha fuidh ghràs, nach 'eil aig a pheacadh tighearnas orra. Tha iad a' nochdadadh gu bheil iad beo san Spiorad; le gluasachd̄ san Spiorad, tha iad a' dearbhadh gu bheil iad air eiridh maille re Criod, leis na nithe sin iarruidh ata shuas, far am bheil Criod na shuidhe aig deis làimh Dhe. Do reir nan comharan riachdail so, ma seadh, thugaibh anis breith co dhiu is aithne no nach aithne dhuibh gràs Chriosd. Mar aithne dhuibh e, iarruibh eolas air gu'n dàil, iarruibh so an gnàthachadh meadhonna nan gràs, an leughadh

adh agus an eisdeachd fhocail, agus ann an ùrnuigh dhùrachdach re Dia. Iarraibh eolas air gràs Chríosd le dian-thogradh, mar ni a tha feumail chum bhur beatha spioradail, chum ar fòlais anis, agus bhur sonais fa dheoigh. Ach mu 's aithne dhuibh gràs Chríosd a cheana, guidheam oirbh air

1. Glòir a thoirt do Dhia air son na's aithne dhuibh dheth; agus aidmheil gu h-ioriosal gur esan amhàin a dh'fhosgail bhur suilean, agus a thionndaidh fibh o dhorchadas gu solus. Co a rinn eidar-dhealachadh oirbh-se o dhaoine eile? Tha an t-Abstol a' toirt freagradh ceart do'n cheist so; Is e Dia, a thuirt ris an t-solus foillseachadh à dorchadas, a dhearlaich ann bhur cridheibh-ne, thoirt solus eolais glòire Dhe, an gnùis Iosa Criosd. Ni h-ann dhuibh-se, ach d'a shaor-chairdeas, a tha a ghlòir, ma feadh, dligheach. 'San

2. Thugadh an solus maidne so misneach dhuibh dochas ris an là iomlan altrum. Cha deanadh Criosd e fein gu cinnteach folamh, agus cha n' fhàsfadh e bochd, gun làn dearbhadh gu'm fàsfadh cuid taibhir leis. Agus far am bheil Criosd a' toiseachadh deadh obair, tha

tha fo na gheall cinnteach gu'n d'thoir se i air a h-aghaidh chum fairfeachd; oir mar is e ùghdar, 'se mar an ceudna fear-criochnaich creidimh a phobuill. Deanaibh, uime sin, gairdeachas, ann an dochas re glòir Dhe. Àgus gus am bheil fibh a' faotain feilbh air fo, thugaibh fainear 'fan

3. Na meadhonna sin uile a ghnàthachadh, a dh'òrduich Criosd chum tomhas nas mugha da ghràs fhaotain, araon a thaobh eolais agus eifeachd. 'A measg meadhonna eile, tha sacramaint na suipearach gu h-àraidh luach-mhòr, o na chaidh a h-òrduchadh chum na ceart chriche fo, a thoirt taisbeaniadh foilleir dhuinn do ghràs Chriosd, am fàs bochd air ar soin-ne, chum tre a bhochduin, gu'm bith-eamaid-ne air ar deanamh faibhir. Ann an fo thia sinn gà fhaicin ni 'mhàin ann an staid ro-iosal, air a nochdadhl gu foilleir air a cheusadh fa chomhair ar sùl; ach mar an ceudna a' taigse dhuinn, agus le comharan faicfinneach a' builleachadh oirn, an faibhreas dorannsachaidh a choisin e le fhùil, agus a tha e le eidar-ghuidhe a' deanamh cinnteach. Mar cheann na h-Eaglais tha 'n faibhreas fo aige, agus

agus tha e le Spiorad a' toirt da bhuill an to-mhas fin dheth a tha feumail dhoibh. Dlu-thaicheamaid, ma seadh re bòrd an Tighearna ; le creidimh, le gràdh, agus le cliu tain-geil ; agus 'nuair a tha sinn a' toirt buidh-eachas dha, air son na's aithne dhuinn a cheana da ghràs, guidheamaid air taisbeanadh na's foilleireadh a thoirt dhuinn, a bheir neart agus sòlas d'ar n'anamaibh, fhad fa tha sinn air chuairt air talamh, gus an ruig sinn ann t-àite-comhnuidh glòirmhor fin far am bheil solus agus gràdh ìomlan, far am faic sinn Dia, mar a tha e, agus far am meal sinn e gu fiorruidh. Gun deonaiche Dia gun ruig sinn uile an t-àite so fa dheoigh, agus dhà-san gu'n robh a ghlòir. Amen.

SEARMOIN XIV.

LUC. xv. 18, 19.

*Eiridb mi, agus theid mi db'ionnsuidb m' Athar,
agus their mi ris, Athair, pheacaich mi n'
aghaidb fblaitheanais, agus a'd làtbairfa; a-
gus cha'n fhiu mi tuilleadh gu'n goirte do
mbacfa-dbiom; dean mi mar aon do d' luchd
tuarasdail.*

'Se an gleann iofal, ciuin a tha air uisgeach-
adh le driùchd Neamh; 'se fo an t-àite, a tha
blàth, tarbhach le teas na Greine; is ann an
so a tha feur arbhar, agus meas gu pait a'
fàs, is ann an so a tha daoine a' gabhail tàmh.
Amhuil so, se an cridhe iriosal, brònach àite-
comhnuidh an De bheo, se so Teampul ion-
mhuinn an Spioraid, se so fior-chuspair tròcair
Chriosd,

Chriosd, se so a tha air ullachadh fa chomhair a ghràis, se so a ghiulaineas deadh thoradh.

O àm leagadh brònach Adhamih, gu ruig an là an diu. tha an t-Abhairfeir gu breugach ag innseadh do pheacairean gu bheil Dia cruaidh-chridbeach, an-iochdinhor, nach gabh gu bràth riu-fan, a dhuisg a chòrruich, nach dean e tràcair orra, agus nach leig e dhoibh dol as gun sgrios. Tha peacairean, mo thruaighe, a' creidsin nan nithe so, agus tha an eagal ga'n cumail fadda o Dhia. Anis o na tha e gu h-àraidh feumail, g'ar saoradh o thraillealachd an Abhairfeir, agus g'ar toirt an ionnsuidh Dhe, gum bi fios cinnteach againn, gu bheil esan tràcaireach, cairdeil, agus ullamh chum gabhail ruinn, tha finn, air an fhirinn sin, a' faotain iomadh dearbhadh riachdail laidir. Mar dhearbhadh air so, tha Dia 'gar caomhnadh an tir na'm beo, tha e lionadh ar cupain le nithe maith na beatha so, tha e do ghnàth g'ar dionadh le chùram, agus g'ar cumail suas le choghnadh. Mar dhearbhadh air so, 'nuair a bha finn gu tur cailte, sholair e fear-saoraidh air ar son, chuir

e a mhac gràdhach fein g'ar n'iarraidh agus thug se eadhon thairis e g'ar tearnadh chum trioblaid, truaighe, agus bàis. A nuair a bha Criosd a bhos air talamh, araon 'na ghiulan agus le theaghasg, nochd e gu minic, cairdeil, gu'm be a rùn gabhail re peacairean, agus tràcair a dheanamh orra. Dhuisg a chairdeas do pheacairean corruiich nan ludhach, agus labhair iad gu tàireil, aingidh na aghaidh. Ga'n saoradh o'm mearrachd, agus chum a mhaitheas a chur an ceil, labhair esan iomadh cosamhlachd, labhair fa leith comhad a mhic strutheil.

Tha 'n comhad so gu h-àraidh briogh-mhor, tha e gu foilleir a' teagaig dhuinn tràcair agus cairdeas an De bheo. Tha 'n t-Athair a' cur an ceil Dia an t-Athair, an sean mhac na h-Iudhaich, agus am mac strutheil na Geintilich. Mar shamhla air na h-Iudhaich, tha an sean mhac a' deauamh uaill a shocairean, agus a shleirbhis, tha e mi-shleirceil agus sanntach, tha e re gearràn agus maoidh-eamh, nuair a tha Athair a' buntain gu cairdeil eadhon re bhràthair fein. Mar shamhla aris air na Geintilich, tha am mac strutheil a'

fàs sgith do theaghlaich Athar, tha e 'g iàrruidh a chuibhrionn da mhaoin, tha e gealtain deanamh air a shon fein, tha e a' fàgail a chàirdean, an tòir sòlais agus sonais, tha e, gun foirbheas, a' caitheadh a mhaoin, tha e le aimeadachd a' teachd chum bochduin agus truaighe, tha so ga dhusgadh o chodal, tha e fàs iriosal, aithreachail, brònach, tha e anis deigheil air cairdeas Athar, tha e gu grad a dol na ionnsuidh. O na tha 'm mac struthieil na shamhla air fior-aithreachain anns gach àll, agus o na tha dearbhadh cinnteach againn gu'n d'fhuair e foirbheas, g'ar brosnacl aill chum aigneidh altrum, agus eisiomplair a leantuin, 'se mo rùn, air an àm, le coghnadh Dhe, a bhriathra agus a ghiulan a mhìneachadh dhuibh. Agus air

I. Tha e cur roimhe eiridh.

'S brònach leagadh, agus 's iosal staid pheacairean ! tha iad air tuiteam o fhior-naoimhachd, o chairdeas De, o shonas Neamh ; tha iad air tuiteam sios an liontaibh an Abhairfeir, an eabar a pheácaidh ; thà 'n anama priseil air fàs gun mhaise, gun lùth, gun treoir.

Trìd

Trìd a pheacaidh tha 'n anaima, a chaidh a dhealbh, naomha, maifeach, do reir iomhaigh Dhe, anis ciontach truaillidh, do reir iomhaigh an Abhairfeir; tha na suilean a chaidh a dhealbh, chum beachdachadh air Dia, agus air a ghlòir, anis gun leir-fin air na nithe fin; tha 'm beul a chaidh a dhealbh, chum a chliù a sheinn, anis a' toirt ainm an diomhanas; tha 'n reusan a chaidh a dhealbh mar Uach-daran air am paisibh, anis na thràill dìblidh gun chumhachd, tha 'n cridhe a bha aon uair làn do ghràdh do Dhia, agus do sheirc do dhaoine, anis naimhdeil mi-sheirceil, truaillidh; tha 'n duine a bha aon uair na oighre air Neamh, anis na oighre air Ifrionn. Cia iosal, brònach anis Staid a pheacair, cia mòr a chunnart, cia uamhasach am peanas, da'm bheil e buailteach! 'Nuair a tha Criofd le ghràs ga dhusgadh, agus a nochdadadh dha a chionta, agus a chunnart, tha e toirt aoirrip a pheacaidean a threigfin le gràin agus bròn. Mar so le coghnadh Dhe, tha e 'g eiridh o eabar a pheacaidh se anis a rùn agus a mhiann seasamh gu direach na shlighe; cosmhuil re Pol, air ordugh Chriosd, tha e anis ag eiridh

e'n

o'n talamh. Ach cha'n'eil e a' stad an so,
anns an

II. Tha e cur roimheimeachd.

Eiridh mi, ars' am mac strutheil agus theid mi, co luath sa mhothuich e a staid. An neach a tha na luidhe ann an toll, air a chuartachadh le naimhde, agus gach mionaid an cunnart bais, tha e gnàthachadh lùth a chasan neart a chuirp, innleachd inntin, agus gach meadhon eile ata na chomas, chum eiridh gu grad, agus imeachd gu luath chum dìdein. Amhuil so tha 'm peacair ath-bheothaichte ga ghiulan fein ; oir air dha a chionta agus diomhanas nithe talmhaidh fhaicin, tha anam, aigneidh, agus a smuaintidh air an sgaradh o'n pheacadh, agus o'n t-saoghal, agus agimeachd a dh'ionnsuidh Dhe agus Neamh. Oir mar a tha 'n corp agimeachd, 'nuair a tha e dol o aon àite gu àit' eile, mar so tha an t-anam agimeachd, 'nuair a tha e dol o aon chuspair gu cuspair eile, se fin o'n Abhairfeir agus o'n t-saoghal, dh'ionnsuidh Dhe agus Neamh. Tha 'n t-anam air tùs a' faotain neart chum eiridh, agus an deigh so chum

chumimeachd; cosmhuiil re duine a tha fàs flàn an lorg teasaich, no tinneis tròm sam bith, tha a mhisneach agus a neart a' fàs ni's mò a chuid a chuid, gus àm bheil e ag imeachd gu treun. Le adhaltranas agus morta, fhuair Daibhidh leagadh brònach, agus bha e rè ùine na chodal; ach co luath fa dhuisg Natan e, dh'eirich e air ball, le creidimh, aithreachas agus bròn, dh'imich se air ais a dh'ionnsuidh Dhe. Tha 'm mac strutheil 'fan

III. A' cur roimhe dol a dh'ionnsuidh Athar.

Dh'fhàg esan Athair cairdeil, fial, o'n robh e a' faotain gach ni taitneach feumail, an dochas re tuilleadh sonais fhaotain, ach an àite so, fhuair e bochduin, agus truaighe. 'Na chunnart agus 'eigin mhòir smuaintich e air saibhreas agus cairdeas Athar, shaoil e fhathasd gun gabhadh e ris, agus chuir e roimhe dol d'a ionnsuidh. Ann an là a bhochduin agus a chunnairt, co ionnsuidh a theid mac, ach a dh'ionnsuidh Athar fein; is ann an so a gheibh

gheibh e cridhe blàth, comhairle chairdeil, làmh ga dhion, agus nithe feumail chum uireasuibh a dheanamh suas. Cosmhuil ris a mhac strutheil, tha peacairean a' fàgail Dhe agus a sheirbhis ; tha iad a' ruidh le ciocras a dh'ionnsuidh an t-saoghal, agus seirbhis an Abhairfeir ; ach 'nuair a tha è mothuchadh, gu bheil an saoghal, mar mhuime choimhich fhuar, a' diultadh fior shòlas dhoibh, agus nach 'eil ach truaighe re fhaotain an seirbhis an Abhairfeir, se an rùn pilltin a dh'ionnsuidh Dhe. 'Nan teinn tha iad ag amharc muncuairt doibh, tha iad 'a'-feoraich le togradh, "co a nochdas dhuinne math;" tha fhios aca gu bheil Dia ann, gu bheil gach ni feumail aige, gu bheil e trocaireach cairdeil, math, agus ullamh chum gabhail riù, ged a dhuisge iad gu minic a chorruich ; uime sin maille re Peadar tha iad anis ag radh "co " ionnsuidh a theid finn, ach ad ionnsuidh-se " 'mhàin, agad-sa ta briathra na beatha " mairreanaich." Mar so tha tràcair maithseas, agus cairdeas De, ann an Iosa Criofd, a' toirt misneach do pheacairean ath-bheothaich-te dol air an ais le dochas d'a ionnsuidh.

Air

Air dhuinn mar fo a nochdadhbh, ciod a chuir
am mac struthieil roimhe a dheanamh, thug-
amaid fainear 'fa

IV. Ciod a chuir e roimhe a radh re Athair.

Mar a bha na nithe, a chuir e roimhe a dheanamh, glic, dligheach agus cubhaidh,
bha mar an ceudna na briathra a chuir e roimhe a labhairt ; agus is cubhaidh do fhior aithreachain anns gach àll na briathra ceudna a ghnàthachadh, ann am pilltin a dh'ionnsuidh Dhe. Agus air

i. Tha e cur roimhe ainmeach Athair.

S' dluth, cairdeil an dàimh, a tha eidar Athair agus a mhac, is cruaidh, neo-imhothuchail cridhe a phàranta sin, anns nach 'eil an t-ainm fo Athair o mhac fein, a' dusgadh truacantas, caoimhneas agus gràdh. Leis an ainm fo, tha 'm mac a' cur an ceil, a dhàimh re pharanta, a dhiolghios air son gach oilbheum a thug se dha, a dheigh air a chairdeas,

deas, agus carbfa 'na mhaitheas agus 'na ghràdh. Agus co 'n t-Athair, is urrain a chridhe a ghlaffadh, 'nuair a tha a leanabh fein mar fo a' labhairt ris? 'na co 'n t-Athair anns an staid fo, is urrain nithe feumail a dhiultadh dha? 'Nis mar tha ar Slànuighear a' labhairt, " ma's aithne dhuibhse ata olc " tiодhласаіbh maith a thoirt d'ar cloinn, " nach мò 'na sin a bheir bhur n' Athair ata " air Neamh nithe maith dhoibhsan a dh'iarras " air iad." 'S ann o Dhia a tha parantaidh talmhaidh gu leir a' faotain an truacantas agus an gràdh agus o'fo feudaidh finn a bhi déirbhte, gu bheil gràdh an De bheo, araon iomlan agus do-labhairt. 'Nuair a tha fior-aithreachain a' teachd d'a ionnsuidh, a' lùbadh sios 'na lathair, g'a ainmeach Athair, agus le so a' cur an ceil an dàimh ris, an doilghios air son am peacaidh, an rùn umhlachd a thoirt dha, agus an carbfa 'na ghràs, tha truacantas agus gràdh Dhe air ball a' laffadh a fuas, tha e ga'n glacadh an ùchd a ghràidh, tha e gu cairdeil a' gabhail riu, ged a' bha iad roimhe fo aimideach aingidh. Anns an

2. Chuir e roimhe a pheacaidh aidmheil.

B'e rùn a mhic strutheil, ni 'mhàin gràdh, ach mar an ceudna tràcair Athar a dhusgadh, agus uime sin, 'nuair a dh'ainmich fe e Athair, dh'aidich e gu h-ullamh a pheacaidh dha; maille ris a Phubliocanach le bròn cridhe, thubhairt e, pheacaich mi. An dream a tha Dia a' dusgadh, agus a' tarruing le ghràs d'a ionnsuidh, tha iad do ghnàth mar so ga'n giùlan-fein, tha iad a' faicin an cionta agus an cunnart, tha am peacaidhean anis mar ealach thròm air an inntin, tha iad fuathach, gràineil nam beachd. Tha iad gràineil na'm beachd, mar ni fuathach do Dhia, mar ni cunnartach, ciùrail, milteach da'n anamaibh fein; agus mar a tha duine ann an eacail, gu h-ullamh ag aidmheil a thinneis do Leigh cairdeil, fiosfrach, a chum's gum fuigh è leughas uaithe, tha iadsan anis le bròn ag aidmheil am peacaidh do Dhia, a chum's gum fuigh iad maitheanas agus gràs uaithe a leughas an anama.. O na tha iad deirbhte, gur aithne do Dhia an staid agus an giulan, tha iad a' nochdadh an aithreachais le'm peacaidh aidmheil gu h-ullamh, tha 'n treimh-dhireas

le'n aidmheil gu leir, tha 'n deigh air maith-eanas, le'n aidmheil do Dhia. 'San

3 Chuir e roimhe an tromachadh a pheacaidh aidmheil.

'Nar steidh-teagaifg, tha e 'g aidmheil da ni, a dh'an-tromaich gu mòr a pheacaидh, eadhon gun do pheacaich e 'n aghaidh fhlaitheanais, agus an làthair Athar. 'S dàna, aingidh an ni do mhac ceannairc a dheanamh an aghaidh ùghdaraish Athar, ach 's miosfa gu mor so a dheanamh na lathàir fein; rinn am mac strutheil an da ni so, mhothaich è gu'n do mheudaich gu mòr a chionta; agus air an sòn anis, bha aithreachas domhain, bha a chaoidh cruaidh. Mar so tha 'm fior-àithreachan a' faicin, ag aidmheil, agus a' caoidh an-tromachadh lionmhòr a pheacaидh; 'nuair a tha a shuilean air am fosgladh, tha e a' faicin gu foilleir, gun do pheacaich e gu minic dàna an aghaidh fhlaitheanas, 'se fin an aghaidh ùghdaraish an De bheo, a thá chomhnuidh anns na Neamhaibh shuas, agus eadhon an làthair Athar Neamhaidh. Cia mòr aingidheachd an dream,

dream, a tha peacachadh an aghaidh ùgh-daraïs Dhe, agus eadhon na làthair fein ; 's olc an ni lagh ar Righ a bhrisfeadh, 's miosa fo a dheanamh an aghaidh òrdugh àraidh, ach 's miosa gu mor fo a dheanamhn a làthair fein. Tha gach peacadh da'm bheil finne ciontach mar fo air an an tromachadh, tha iad uile air an cur an gniomh an aghaidh-fhlaitheanais, agus an làthair Dhe. Tha 'n creidmheach a' mothuchadh meud a chionta, tha e gu h-ullamh ag aidmheil agus a' caoich an-tromachadh a pheacaïdh, maille re Daibhidh, tha e le bròn, cridhe ag radh, a d' aghaidh, a d' aghaidh-fa 'mhàin, pheacaich mi, o Dhe. Anns a

4. Chuir e roimhe iriosflachd inntin a nochdadh.

'Nuair a thainig am mac strutheil chum aithreachais, mhothuich agus dh'aidich e ni 'mhàin a pheacaïdhean agus an an-tromachadh, ach mar an ceudna a mhi-thoilteanas. Mar fo tha 'm fior-aithreachan do ghnàth gu h-ullamh ag aidmheil a mhi-thoilteanais : le ruidh air falbh o theaghlaich Àthar, le cùl a chur

chur re chairdeas, agus le giulan ea-cosmhuiil
 re chloinn a bhi aige, tha e treigfin agus a'
 call a chòir mar mhac, no cosmhuiil re Efau,
 tha e reiceadh a chòir air son sòlas truagh a
 pheacaidh. 'Nuair a tha 'n t-aithreachan a'
 toirt fainear a mhi-thoilteanais, tha e air ball
 a' fàs iriosal, agus tha anis gu h-iriosal ag
 aidmheil, " cha 'n fhiu mi tuilleadh o A-
 " thair, gun goirte do mhac dhiom." Ach
 ged a tha e mar so ag aidmheil nach fhiu e
 gun goirte mac dheth, gidheadh mar neach a
 tha deirbhte gur ann an teaghlaich, Athar a-
 mhàin a gheibh e fior-shonas, tha e a' cur an
 ceil a dhian rùn a bhi na theaghlaich tha e 'g
 innseadh gum bitheadh è toillichte eadhon
 leis an staid a b'isle na thigh, " dean mi,
 " ars' esan, mar aon dod" luchd-tuarasdail."
 Maille re Daibhidh tha e 'g radh " b'fhearr
 " leam a bhi am dhorsoir an tigh mo Dhia
 " no comhnuidh a ghabhail am pailluin na
 " h-aingidheachd :" no maille ris a mhnaoi
 'san t-soisgeul mar fuigh e aran na cloinne,
 tha e toillichte leis an sbruileach a tha tuit-
 eam o'n bhord, agus a tha air an toirt do
 chonnaibh an teaghlaich. Mar fo tha e iriof-
 al, co mhath is brònach, mar a bhuineas do
 in hac

mhac aimideach, aingidh. Ach fiosraichimid
anis 'fa

V. Cionnas a ghabh Athair ris.

Fhuair Athair a mhic strutheil fios air
giulan aimideach, agus air bochduin a mhic ;
agus o na bha è 'n duthaich choimhich, gun
charaid, gun choghnadh shaoil e gu'n robh e
gu tur cailte, agus dhuisg fo a thruacantas
Athaireil. 'Nuair a chunnaic an t-Athair
caomh fo a mhac cailte a' teachd an cian,
'nuair a tharruing se dlu air, agus a mho-
thuich e aithreachas, iriosflachd-inntin, agus
earbsa 'na chairdeas, ghabh se truas ris, ruidh
e na ionnsuidh, ghlac se e an uchd a ghràidh,
agus phog se è mar Athair gràdhach aoibh-
neach. Chum a mhac a shaoradh o eagal,
chum dochas agus sòlas altrum na inntin, a-
gus chum aoibhneas fein a nochdad, dh'òr-
duich an t-Athair a sgeudachadh air ball, a
sgeudachadh mar a mhac-fa, mar a mhac-fa
fa chomhair feisd, agus dh'òrduich anns an
àm cheudna feisd mhòr aoibhneis air ball
ullachadh. Mar fo agus eadhon air mhogh
gu

gu mòr na's cairdeile, tha Dia a' gabhail re fior-aithreachain ; tha e nochdadhbh dhoibh slighe chumimeachd na ionnsuidh, tha e a' toirt dhoibh gliocas ga'n sdiuradh, tha neart chumimeachd innte, tha e toirt dhoibh misneach chum pilltin, tha e ga'n glacadh air làimh, tha e gu cairdeil ga'n treorachadh na ionnsuidh fein. Agus 'nuair a tha iad a' pilltin, tha 'n Athair a' gabhail truas riu, tha e ruidh nan coimhdhàil le throcair, tha e gabhail riu le gairdeachas, tha eadhon na h-Aingil naomh a' deanamh gairdeachas, ann an aithreachas pheacairean, agus gu cinnteach tha gairdeachas an Athar Neamhaidh gu mòr na's mugha. Co luath 'fa tha chlann a' pilltin gu theaghlaich, le bròn, iriosflachd agus earbsa, tha Dia ga'n sgeudachadh, tha le fireantachd Chriosd, tha le iomhaigh fein ; mar so tha e ga'n deanamh maifeach, agus iomchuidh fa chomhair na feisd, a tha e 'g ullachadh air an son. Si 'n fheisid so bòrd Chriosd, far am bheil a chairdean a' faotain aran agus uisge 'na beatha, 'nuair a tha iad a' pilltin an ionnsuidh Dhe, agus a tha iad air an sgeudachadh le fireantachd Chriosd. Si so an fheisid

fheisd is fhearr is sòlafaiche, a's urrain daoine a bhlaifadh air talamh ; ann an fo tha ar n'anama a' faotain neart agus sòlas, ann an fo tha Dia a' nochdadhbh faibhreas a ghràis, Criosd aoibhneas nar tearnadh, agus leis an fheisd fo tha sinn air ar n' ulluchadh fa chomhair sonas Neamh.

Ann an cursa a fhreafsdail tha Dia air an là 'n diu ag ullachadh feisd fa chomhair gach neach, a tha faicin cionta a pheacaidh, diomhanas nithe talmhaidh, a tha pilltin na ionnsuidh, agus a tha na'm mic aithreachail dha ann an Iosa Criosd. Nochd mi dhuibh air an àm ciod a rinn am mac strutheil, ciod a tha fior aithreachain do ghnàth a' deanamh agus cionnas a tha Dia a' gabhail riu. Ciod, ma seadh, bhur staid-sa, a bhraithre, an do lean fibh eisiomplair a mhic strutheil, tha a cheist so cudthromach, do reir mar a fhreagras bhur coguisean i, bitheadh bhur giulan air an àm. Mu tha fibh fhathasd air seacharan o Dhia, mu tha fibh a' caitheadh bhur talanna gu faoin, mu tha fibh a' cur earbsa an nithe talmhaidh, mu tha fibh ag imeachd

an

an flighe a pheacaidh, ma tha sibh gun bheachd d'ar cionta, gun rùn pilltin gun aithreachas, gun bhròn, gun irìoslachd, agus gun earbsa ann an cairdeas De; tha e dàna, aingidh, cunnartach agus mi-cheaduichte dhuibh, fuidhe an diu aig bàrd Chriosd, agus itheadh aig feisd ar n' Athar Neamhaidh. Ach ma tha beachd, giulan agus aigneidh a mhic strutheil agaibh, ma tha sibh, cosimhùil risan, aithreachail iriosal agus carb-fach a gràs De, ma theich sibh chum an t-Slànuighear, ma dh'eirich sibh o eabar a pheacaidh, ma phill sibh chum bhur n' Athar, tha e an diu 'g ulluchadh feisd air bhur son agus gabhaidh se le aoibhneas ruibh. Feuch tha feisd aoibhneis bhur n' Athar ullamh, tha esan anis a' fosgladh a lamhan agus a chridhe gu farfuing chum gabhail ruibh, tha bhur Slànuighear a' gealtain e-fein a nochdadhe ann an gràdh d'ar n' anamaibh. Thigibh, ma feadh, fhiodh-eisciobuil an t-Slànuighear, thigibh le bròn air son bhur peacaidhean, thigibh le earbsa ann an cairdeas De, thigibh le aoibhneas ann an flàinte Chriosd, thigibh le rùn

onoir a thoirt dha, thigibh chum gràs, neart,
 agus sòlas fhaotain uaithe, g'ar deanamh tair-
 is, seasmhach 'na sheirbhis. Agus gun deon-
 aiche Dia soirbheas dhuibh, agus da ainm-se
 gun roibh glòir. Amen.

SEARMOIN XV.

II. CORIN. xii. 9.

*Agus a dubhairt e rium is leòir mo ghràs-sa
dhuit: oir ata mo chumbachd air a dheanamh
fuirfe ann an anmbuinneachd.*

ANNS na rannáibh roimhe so, tha 'n t-Abstol a' toirt sgeul air taisbeanadh iongantach a fhuair e, muncuairt do cheithir-bliadhna-deug, mu'n do sgriobh è an litir so. Tha e 'g innseadh, gun deachaidh a thogail 'suas gu Pharras, no 'n treas Neamh (co dhiu 'sa cholluinn, no a's a' choluin, cha b' aithne dha,) ann an fin chual' e briathra nach robh dligh-each, no comafach do dhuine a labhairt. Tha e coslach, gu'n dò thachair so uine bheag an lorg iompachaiddh, agus gu'n robh aig Dia leis

leis na bheachd, an dara cuid a shaoradh o'n amharus, agus o'n eagal, a dh'fheudadh a ghiulan roimhe sin a dhufgadh, no ga neart-achadh an aghaidh gach cruidh-chàs agus trioblaid a thigeadh na charaibh an deigh-làimh. Shaoileadh neach nach bitheadh e furasda droch fheum a dheanamh do thaifbeanadh co glòirmhor. 'Nuair bu mhiann leis an Abhairfeir an Slànuighear a bhuaireadh chum aoradh a thoirt dha, rinn e fo le beachd agus t-airgse le a thoirt dà do riaghachda an t-saoghal, agus dh'fheudadh am buaireadh fo gun amharus finne a sgrios. Tha nithe talmhaidh gu math a coimhfhreagradh chum ar n' ain-mianna a dhufgadh, agus chum ar cridheachan a ghaoid o Dhia; ach cha ruig sinn a leas gu cinnteach a bhi fuidh eagal cunnairt o thaifbeanadh Neamhaidh. Cha n' fheud e bhi, gu'n dean glòir an t-saoghal eile, gu'n dean taifbeanadh do na nithe ata shuas, air an d'aithn' Dia dhuinn ar n' aigneidh a shuidheachadh, cha n' fheud e bhi gun dean fo cron dhuinn.

Agus gu cinnteach cha bhi sinn an cunnart, 'nuair a bhitheas sinn air ar faoradh o fhuigheal

fhuigheal na truailleachd. Ach tha ffinn a' foghlum, o na thachair, gu'm feud, 'nar staid anmhunn, thruaillidh air an àm, eadhon beachd do Neamh a bhi na rib d'ar n' anam-aibh. Mar a tha ffinn a' leughadh 'fan 7. rann bha Pol an cunnart a bhi air àrdachadh thair tomhas, tre ro-mheid an taisbeanaidh, agus uime sin thugadh dha sgolb 'fan fheoil, teachdaire Shatain ga bhualadh. Tha na briathra so a' cur an ceil gu'n robh am buaireadh cruaidh, goirt; agus o thoradh tha e foilleir, gu'n deachaidh òrduchadh ann an tràcair, agus gu'n robh è gu math a coimh-fhreagrach chum a leas. Tha 'n Naomh ainmeil sin, a chaidh ùine bheag roimhe so a thogail suas gu Phàrras, anis ga ìsleachadh fein eadhon co iofal ris an dus. Tha e tuit-eam fios air a ghluinibh, agus a' guidhe le dùrachd saorsa o dh'fheuchain. Tha e a-ris agus a-ris a' cur suas ath-chuinge, ach cha'n-eil e a' faotain freagradh. Mheudaich so gu cinnteach a thrioblaid. Bha teachdaire Shatain ga bhualadh gu goirt, agus bha Dia, le bhi na thosd, a reir coslais a' diùltadh eisdeachd da ùrnuigh. Ach dh'oibrich eadhon so chum a leas; mhothuich e ni's mo an-mhuinneachd

mhuinneachd fein, dhlùthraig e na bu teinniè re cathair na trocair, agus chuir e suas ùr-nuigh le tuilleadh dùrachd. Air son fo ars' esan, san 8. rann, ghuidh mi an Tighearna tri uaire, gu'n imicheadh e uam. Fa dheoigh thainig am freagradh am briathraibh steidh mo theagaifg, agus thuirt e, 's leòir mo ghras-sa dhuit.

Feudaidh fibh a thoirt fainear, an deigh gach ath-chuinge a chuir e 'fuas, nach d'thug an Tighearna dha an ceart ni a dh'iarr e; ach thug e ni b'fhearr, dha agus ni a bha na b'fhearr a coimhfhreagradh re staid. Bha feum aig Pol a bhi air a neartachadh an aghaidh uabhar spioradail, bha sgolb 's an fheoil feumail chum na crìche sò, agus cha bhithheadh e na ni cairdeil a shaoradh air ball; uime sin ghleidh an Tighearna e car tamuil ann an teinn, ach gheall è 'san àm cheudna gràs ga chumail fuas. Cha n' fheudar mar gu'n abradh Criod, teachdaire Shatain a chur air falbh, an t-eagal gu'n di'-chuimhnich thu gur ann annam-sa àta do choghnadh; ach sefaidh mi teann ort, agus neartaichidh mi thu, chum am buaireadh a ghiulan. Le sò mothuichidh

mothuichidh tu araon d'anmhuiinneachd fein, agus cumhachd mo ghràis-fe agus bithidh t-anaim air a dhòn an da chuid o an-danadas, agus o mhi-earbsa ; da ni a tha le cheile mill-teach do'n t-feirbhis a bhuineas dhomhsa, agus do fhonas mo phobuill. Do reir a bheachd so do na briathra, se mo rùn le coghnadh Dhe, air

I. Air cur air ar faicil an aghaidh uabhair spioradail, agus fein-earbsa.

II. A nochdad, chum misneach a thoirt dhuibh, gu bheil gràs nì's leòir ann an Criosd, g'ar neartachadh an aghaidh gach buair-eidh. Agus ann an fin foghnadh a dheanamh.

i. Tha mi gu aoirrip a thoirt air bhur deanamh faicilleach an aghaidh uabhar Spioradail agus fein-earbsa, le nochdad dhuibh o fhocal De, cia anmhunn, bochd an staid anns am bheil fibh air tuiteam leis a pheacadh. Air

i. Dh'fheadainn

i. Dh'fheadainn iomadh earran do fhocal ainmeach, a tha gu riachdail a' cur an ceil truailleachd ar natuir, agus gu bheil finn eacomasaich finn fein a shaoradh o'n staid so; ach tha so air a theagasc ann an coimhlion earran, is nach ruig mi leas ar n' uine a chaitheadh na'n ainmeach. Nach 'eil ar flainte trid Iosa Criod gu foilleir a' cur an ceil gu bheil finn ciontach, truaillidh an-mhunn. Nach 'eil geallanna Dhe, gu'n d'thoir e air falbh an cridhe cloiche, agus gu'n d'thoir e dhuinn cridhe feola, a' cur an ceil, gur iad so oibre Dhe amhain, agus nach urrain an duine nithe co mhòr a dheanamh air a fhion fein? An d'thugadh Dia àithne dhuinn ùrnuigh a dheanamh air son na'n tiodhlacaibh priseil so, na'm b'urrain finn am faotain le'r gliocas no le'r neart fein? Nach deanamaid, eadhon fanoid air Dia, leis na nithe sin iarruidh a th'againn a cheana, no a dh'fheudas finn fhaotain, 'nuair is toil leinn, as eugmhais a choghnaidh? Nach 'eil e air innseadh dhuinn, gu bheil gach tiodhlaca math agus iomlan o'n àird' a' teachd anuas o Athair na foillse? Nach 'eil e air a radh 'sgach àite, gu bheil finn air ar naomhachadh le

Spiorad De? Nach 'eil na naoimh air an ainmeach obair Dhe, air an cruthachadh ann an Iosa Criosd chum deàdh oibre, a dh'òr-duich Dia roimh làimh chum gu'n gluaiseadh iad anna? Nach 'eil gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas agus measarrachd air an ainmeach toradh an Spioraid? Anis ma bheir sinn breith air focal De, mar a tha sinn a' toirt air leabhraichean eile, 's eigin aidmheil gu h-ullamh o na chaidh a radh, gu bheil gràs De gu h-àraidh feumail dhuinn. 'San

2. Tha 'n sgeul so air a dhaighneachadh le teistead nan Naomh.

'Tha iadsan uile, air mhogh ro-ioriosal, ag aidmheil an cionta, an truailleachd, agus an anmhuiinneachd, tha iad a' diultadh cliu gach ni math a bha anna, agus a' toirt glòir gach ni a bha iad, a' sealbhachadh, no ris an robh duil aca, do shaor ghràs De. 'S riachdail an doigh air am bheil Daibhidh a' caoidh a chionta. Feuch, dhealbhadh mi ann an cionta, agus am peacadh ghabh mo mhathair mi 'na broinn. Agus cia domhain am

beachd a bh'aige da anmhuinneachd chum e fein a ghanadh, 'nuair, a labhair e mar so re Dia. Cruthaich annam, o Dhe, cridhe glan, agus ath-nuadhaich Spiorad ceart an taobh a stigh dhiom. Ach chum nach saoileadh neach air bith, gu'n do labhair Daibhidh mar so, mar leith-sgeul air son a ghiulan truaillidh, eis dibh re briathra Phoil Romh. vii. 18—25. Ann an so tha agaibh neach, nach robh a bheag gaoraid air na h-Abstolaibh a b'airde, agus aig an robh aon uair beachd mòr d'a mhaitheas fein, gu treimh-dhireach ag aid-mheil a thruailleachd naturail, a' caoidh fuigheall corp a pheacaidh, agus a' toirt cliu gach tiodhlaca, agus gach gràs a bh'aige do Dhia. Oir mar so, ann an àite eile, tha e a' labhairt, le gràs De ata mi mar a tha mi, agus cha robh a ghràs, a chaidh a bhuisseachadh orm, gu'n bhrìgh, ach shaorthaich mi ni's mo no iad uile, gidheadh cha mhise, ach gràs De a bha maille rium.

Ciod a fdiùr Pol chum labhairt mar so? ciod ach a ghràdh do'n fhirinn? Gach neach a dh'fheuch an neart, gach neach a thug aoirrip seasamh an aghaidh buaireadh, agus an

an dleasdanais a chuir ann an gniomh ; aid-
 ichidh iad gu h-ullamh an ni ceudna. An do
 mhothuich sibhse cumhachd gràis De ? An
 do bhlais agus am faca sibh gu bheil an
 Tighearna math ? 'S cubhaidh gu cinnteach
 d'ar n'anmaibh, a bheannachadh. Ach bith-
 ibh iriosal, cuiribh stàd air ball air gach
 smuainte àrd a tha 'g eiridh 'suas. Thugaibh
 fàinear c'ait am bheil sibh, agus co sibh.
 Tha sibh fhathasd air an talamh, tha cuid
 do'n fhàsaich romhaibh, 's eigin dhuibh dol
 trid gleann agus sgaile dorch a bhàis mu'n
 d'cheid sibh a steach do thalamh a gheallaibh.
 Tha fuigheal mòr do thruailleachd fhathasd
 'nur natur tha iomadh àmhaid a' toirt ionn-
 fuidh oirbh an taobh a muigh, agus an taobh
 a stigh ; tha faighde teinteach an droch Spio-
 raid ag itealaich gu tiugh air gach taobh ;
 agus cha n'urrain ni na's lughà no làmh uile-
 chumhachdaich Dhe bhur dòn agus bhur cu-
 mail 'suas, agus bhur toirt air bhur n'aghaidh
 gu tearuinte gu crioch bhur túris. Ma tha
 sibh a' cur earbfa sam bith annaibh fein, ma tha
 sibh a' cur earbfa fa ghiàs a fhuair sibh a
 cheana, mar gu'm bu leòir so, air son an àm
 ata re teachd gheibh sibh gu grad dearbhadh
riachdail

riachdail araon, d'ar n'ain-eolas, agus d'ar n'aimideachd. Tha feum agaibh air gràs lathail, co mhath is air aran lathail; oir ma tha sibh air bhur fgaradh o Chriosd, cha'n-urrain sibh ni maith sam bith a dheanamh. Mar so tha e-fein a' labhairt Eoin xv. 5, 'S mise an fhionain, sibhse na geuga: an ti a dh'fhanas annam-sa, agus mise ann-san, bheir esan mòr-thoradh uaith: oir as m'eugmhais-se cha n'urradh sibh aon ni a dheanamh. Thugaibh fainear, nach toisich sibh re ni sam bith 'nar neart fein; oir an ni ris am bheil sibh a' toiseach (nar neart fein) am fein-earb-sa, criochnaichidh e gu cinnteach araon ann an làire, agus ann an calldach bhur dochais. Rachaibh-se, ma seadh amach ann an ainm Tighearna nan flogh, ag radh maille ris an Righ mhaith sin Iehosaphat, o Thighearna, cha n'aithne dhuinne ciod is còir dhuinn a dheanamh, ach tha ar suilean riut-sa.

Mar so nochd mi dhuibh o fhocal De, agus o theistead nan Naomh, gu bheil sliochd an duine, ciontach, truaillidh agus anmhunn. Rian mi so gar deanamh iriosal, agus deigh-eil air gràs agus coghnadh fhaotain o Chriosd.

As

As eugmhais a ghràis, 's anmhunn finn,
 gheibh gach namhaid buaidh oirn, leis gach
 buaireadh tuitidh finn gu h-ullamh gu làr.
 Cia brònach a bhitheadh ar staid, mar bith-
 eadh gràs re fhaotain, agus cia taingeil is còir
 dhuinn a bhi, gu bheil aig Criosd gràs re
 bhuilleachadh oirn. (Air àm eile, bheir mi
 aoirrip a nochdadadh, gu bheil ni's leoir dò
 ghràs aig Criosd air son gach h-aon againn;
 agus gu'n deonaiche Dia gu'm mothuich finn
 ar feum air, agus gu'n iarr finn e le durachd,
 agus dha-fan gu'n robh a ghlòir. Amen.)

Agus mar a tha pailteas do ghràs aige, tha
 e g'a thairgse gu-saor, tha e guidhe oirn
 gabhail ris. 'Nuair a tha sibh a' mothuchadh
 bhur n'anmhuiinneachd, na caillibh bhur
 misneach, ach beachdaichibh air ceannard
 treun bhur flàinte; agus 'nuair a tha sibh a'
 mothuchadh bhur truailleachd, na d'thugaibh
 sibh fein thairis do an-dochas, ach beachd-
 aichibh air Criosd, a tha saibhir ann an trà-
 cair, agus ann an gràs. 'Se rùn bhur Slàn-
 uighear a nochdadadh dhuibh, ciod sibh, chum
 le'r bochduin fhaicin, gu'n ruidh sibh gu
 diän na ionnsuidh, agus gu'n glaodh sibh gu
 cruaidh

cruaidh risan, a tha toileach cobhair a dheanamh oirbh. Mar so bhuin e re phobull anns gach àll 'nuair a bë a rùn an toirt na ionnsuidh fein. An d'thug Dia dhuibhse beachd d'ar staid, is comhartha so air mhaith, bithibh iriosal agus aithreachail. An ti a dhuisg fibh, bheir e dhuibh solus, bheir neart agus gràs.

SEARMOIN XV.

II. CORIN. xii. 9.

*Agus thuirt se rium, 's leoir mo gbràs-sa
dhuit.*

ANNS na briathra so tha againn am freagradh cairdeil a thug a Shlànuighear do Phol, 'nuair a bha e air a bhualadh gu goirt le teachdaire Shatain. Bha a staid air an àm cruaidh, bha a dh'fheuchain mòr, agus ann an lorg so bha mòr-fheum aige air coghnadh. Uine bheag roimhe so, chaidh an t-Abstol àrdachadh gu mor, fhuair e taisbeanadh glòir-mhor, ach ga ghleidheadh iorasal san àm cheudna fhuair e sgolb san fheoil, thainig Teachdaire Shatain g'a bhualadh. 'Na theinn agus 'na chruaidh-chas, ghlaodh e re Dia, rinn

rinn e urnuigh, rinn trì uairean, rinn le durachd ; ghuidh e air Criod a shaoradh o bhuaireadh ; mar ni nach robh, chum a leas, dhiult Criod faorsa dha, ach fhreagair e gu cairdeil ann am briathra steidh mo theagaifg, 's leòir mo ghràs-sa dhuit.

Ann an labhairt o na briathra so air àin eile, nochd mi dhuibh o fhocal De agus o theisteas nan naomh, gu bheil sliochd an duine gu leir ciontach, truaillidh agus anmhunn, agus gu bheil mòr-fheum aca air gràs. Agus 'se mo rùn anis, le cognadh Dhe, 'fan

II. Bhur sinuainteadh a stiuradh chum a ghràis iomlain-sin ata ann an Criod leis an urrain e an dream a's anmhuinne' da phobull a neartachadh chum buaireadh, an Abhairfeir a ghiulan, agus leis am fuigh iad fa dheoigh buaidh iomlan air an naimhde Spioradail gu leir.

Tha 'n teagasg, so gu h-àraidh sòlasach, agus gu math a' coimhfhreagradh chum earbsa agus aoibhneas a ghineamhuin anns gach fior-

fior-chreidmheach. Cia bochd, brònach a bhithheadh ar staid, na'm fuigheadhmaid beachd d'ar n'anmhuinneachd, gun fhios c'ait am bheil cobhair re fhaotain, agus gu h-àraidh gún dochas gun deantar cobhair oirne. Ach buidheachas do Dhia cha ni fo ar staid. Oir air

i. Tha tobar do ghràs, a tha ghnàth a' fruthadh air fhosgladh gu farsuing d'ar beachd.

Már so tha Eoin a' labhairt, agus rinneadh am focal na fheoil, agus ghabh se comhnuidh 'nar measg-ne (agus chunnaic finn a ghlòir, mar ghlòir aon-ghin mhic an Athar) làn gràis agus firinn. Agus tha Pol ag radh, b'e deadh-ghean an Athar, gu'n comhnuich-eadh gach uile iom-laineachd anns-an. Agus a-ris anns-an ata uile iom-laine na diadhachd a' gabhail comhnuidh gu corporra. Tha ag-ainn ann an so ni 'mhàin lànachd, ach gach uile lànachd, tha eadhon iom-laine na diadhachd a' gabhail comhnuidh ann an Criost gu corporra. Nise ciod na briathra is urrain gràs ni's leoir a chur an ceil, mar cuir na briath-

ra fo? Ach am feud dùil a bhi againne, gu'n d'theid an gràs fo a bhuilleachadh oirn? Feudaidh gun amharus. Oir 'fan

2. Tha focal De a' teagafg gu bheil an gràs fo air a thasgaidh ann an Criost chum leas a phobuill.

Cha ruig mi leas earranna àraighe do'n Scriobtuire ainmeach, chum so a dhearbhadh, o na tha e foilleur o fhocal De gu leir, far am bheil Criost air a nochdad, mar neach a tha gabhail air fein oisig eadar-mheadhon-fheair, mar neach a bha beo, agus a fhuair bàs ni h-ann air a shon fein, ach air sgàth an dream a thug an t-Athair dha. O so tha e air ainmeach an ceann, agus creidmhich buill a chuirp. Tha e air a choimeas re fionain, agus iadsan re geugan a tha fàs o fo, agus a tha tarruing am brigh agus an sùth gu leir o'n fhionain. Tha fàidheadoireachd Ifaiah, a ghabh air Slanuighear chuige fein an sinagog Nasaret, na dhearbhadh riachdail air an fhirinn so. Tha Spiorad an Tighearna Dia orm, do bhrìgh gu'n d'ung an Tighearna mi a shearmonachadh deadh sgeil do na daoine macanta;

anta; chuir se mi a cheangal 'suas a chridhe bhruite, a ghairm saorsa do na braighidibh, agus fosgladh a phriosuin dhoibh-se ata cean-gailte: A dh'òrduchadh dhoibh-san ata caoidh ann an Sion, a thoirt dhoibh maife air son luatha, oladh a ghairdeachais air son do-broin, eadach a' mhollaidh air son Spiorad bruite; chum gu'm bitheadh iad air an ainmeach craobhan na fireantachd, planndachadh an Tighearna, chum gu'm bitheadh esan air a ghlorachadh. Tha e an so air innseadh gu foilleir, gu'n deachaidh Criofd ùngadh, agus a lionadh leis an Spiorad, eadhon chum na crìche fo gu'n d'thugadh e d'a phobull an to-mhas sin do ghràs a bhitheadh feumail a reir an staid. Tha e air innseadh

3. Gu bheil Criofd air gach àm toileach agus ullamh a ghràs a thoirt da phobull a reir am feum.

Tha ain-eolas mu so a' gleidheadh iomadh Criosduigh ann an staid bhrònach, bhochd. Ged a tha fhios aca, gu bheil uile iomlaine na diadhachd a' gabhail comhnuidh ann an Criofd, agus gu bheil pailteas do ghràs aige chum

chum leas a phobuill, gidheadh tha iad air an
 claidh le amharus agus eagal nach 'eil e toil-
 each gràs a thoirt dhoibh-fan. Tha 'n teagal
 agus an t-amharus so ann an caileigin 'g eir-
 idh 'suas o'm mothuchadh d'am mi thoilltean-
 as fein, agus gu h-àraidh o'n bheachd fhall-
 fail, a tha 'n t-Abhairfeir, an àrd namhaid, a'
 toirt dhoibh, ga'n gleidheadh air falbh o tho-
 bar na tròcair, agus ga'm fuadachadh o'n
 t-Slànuighear uile-chumhachdach sin air an
 do leag Dia an cobhair. Ach buidheachas do
 Dhia ! tha fhocal a' toirt dhuinn argumeint a
 tha neartmhòr ni's leoir chum an t-Abhair-
 feir a chuir na thosd. Tha deadh-ghean ar
 Tighearna air a dhearbhadh air mhogh co
 shioilleir anns gach earran d'a fhocal, is nach
 urrain finn a bhi ann an amharus mu dheimh-
 in. Mar a tha e air innseadh an foisgeul
 Eoin, air an là dheireannach, là mòr sin na
 feisde, sheas Iosa agus ghlaodh e, ag radh,
 ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e
 m'ionnsuidhse agus oladh e ; an ti a chreideas
 ionnam-fa, fruthaidh as a bhroinn aimhnich-
 ean do nisge beo : Ach labhair e fo mu'n
 Spiorad, a bha iadsan a chreideadh ann-fan,
 gu fhaghail. Agus ann an leabhar taisbean

Eoin

Eoin tha e air a nochdadhbh, a 'seasamh aig an dorus, agus a' bualadh, leis na briathra gràsmhor fo 'na bheul, mu dh'eisdeas neach sam bith re'm ghuth, agus gu'm fosgail e 'n dorus, thig mi na ionnsuidh agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumfa. Cia caomhainm, Iosa, an Slanuighear ; cia cairdeil an dàimh anns am bheil e a' seasamh re phobull, mar am buachaile, an caraid, am fear-posda, am bràthair ? Nach deachaidh a bhuaireadh, chum gu'n d'thugadh e coghnadh dhoibh-fan a tha air am buaireadh ? Agus an urrainn finn a bhi ann an amharus mu ghràdh an ti sin, a dh'fhàs na fheoil d'ar feoil agus a ghiulan ar trioblaide, eadhon chum na criche fo, gu'm bitheadh e gràsmhor ? Feudaidh finn eadhoin an fhirinn fo a dhearbhadh o ghiulan thaobh a phobuill. Tha gach naomh a tha 'n diu mu chathair riaghail, a fhuair buaidh le fùil agus Spiorad an Uain, a' toirt fianais do'n fhirinn fo : Agus tha mi ann an dochas, gu bheil iomadh mile an diu air talamh, a dh'fheudas le taingealachd agus aoibhneas an seula a chur ris an fhirinn cheudna, agus a radh maille re Eoin, a's a làn-fan fhuair finn uile, agus gràs air son

son gràis. Dh'fheudamaid tuilleadh a radh air a cheann so, ach 's leòir na chuala fibh chum a nochdad, gu bheil gach aobhar mis-nich aig Criosduighean teachd le dànadas gu caithir nan gràs, chum gu'm fuigh iad tro-cair, agus gu'n ruig iad air gràs chum cobhair an àm am feuma. Agus uime fin ainmichidh mi amhàin 'fa

4. Gun d'thoir gràs Chriosd, 'nuair a tha e air fhaotain, gu cinnteach buaidh air gach nàmhaid, agus air gach ni a tha cur na agh-aidh.

An ti fin ata na ùghdar, tha e mar an ceud-na na fhear-criochnaich do chreidimh a pho-buill; oir tha a thiodhlaca agus a ghairm gun aithreachas. Cha bhrisd esan a chuilc bhrùite, agus ni mùch è an lion as am bheil deatach, gus an d'thoir e 'mach breitheanas chum buaidh. Ged a tha gràs, mar shruthan, beag, gidheadh tha 'n tobar o'm bheil e teachd fiorruidh. Far am bheil Chriosd a' toiseach deadh obair, bheir se è chum foir-feachd, agus cha 'n fhàg se cuspairean a ghràidh, gus an dean se iad cosmhuil ris fein, uile-

uile-ghlòirmhor an taobh a stigh agus an taobh a muigh, agus gus an nochd se iad d'a Athair gu'n lochd agus gu'n smal.

Mar so thug mi aoirrip a nochdadadh dhuibh, gu bheil gràs ni's leoir aig Criosd air son a phobuill, ge be ciod an staid; agus nach ruig neach sam bith, a thig na ionnsuidh, a bhi fuidh eagal, gu'n cuir se folamh iad air falbh. Tha iad air an gleidheadh, ni h-ann le'n neart fein, ach le cumhachd Dhe trid creidimh chum flàinte. Cia taitneach, cia sona staid an dream, a tha air an dlùth-cheangal re Criosd. O feinnibh òran nuadh do'n Tigh-earna, agus a chliu ann an coimhthional nan naomh. Deanadh Israel gairdeachas fan ti a dhealbh agus a shaor e, agus bitheadh clann Shion aoibhneach na'n Righ. Leigibh dhomh anise an t-iomlan a choimhdhùnadadh le comh-airle na dha. Agus air

i. Feudaidh dùil a bhi agaibh re coimh-chogadh bhur naimhde 'nar slighe chum Neamh. Bheir bhur trua illeachd fein iomadh ionnsuidh oirbh, agus bheir bhur naimhde iomadh aoirrip bhur pilleadh air bhur n'ais.

Nuair

Nuair a tha Criosd air a dhealbh annaibh; bithidh Ifrinn gu leir roimhe cheile, agus cuiridh na Spioraid aingidh a tha ann an sin rompa gach cron is urrain iad a dheanamh dhuibh. Ni daoine aingidh fanoid oirbh, cuiridh bhur sean chompanaich fa pheacadh an cuimhne bhur lochda dhuibh, agus bheir iad aoirrip bhur t-arruing air bhur n'ais do'n flighe fein. Feudaidh duil a bhi agaibh ris na nithe so, dh'fhuiling pobull Dé iad anns gach all; agus ma tha fibhse ga'm fulang, tha ann an deadh chàs, tha maille re deadh chommunn. Bithibh foighidneach agus treun, deanaibh gairdeachas agus bithibh subhach air ma dh'fhuilingeas fibh air sgàth Chriosd, 's mòr gun amharus bhur duais ann an Neamh.

'San

2. Biodh agaibh gnàth-mhothuchadh d'ur n'anmhuiinneachd fein.

Na bithibh àrd-inntineach, ach fuidh eag-al, do reir comhairle an Abstol. Ni fibh amhàin obair da rireadh, 'nuair a tha fibh a' deanamh obair leis a choghnadh a tha fibh air an àm a' faotain: bithidh feum aig a ghràs

ghràs a tha fibh an diu a' faotain, air tuille am maireach gu ath bheothachadh. Oir tha Criosd a' toirt a thiodhlacaidh àraidh air an doigh sin, chum's gu'n cuimhnich a phobull do ghnàth earbsa a chur ann-fan, agus ga'n deanamh dùrachdach an deanamh feum do na meadhonna sin a shuidhich esan chum am beatha spioradail a' neartachadh. 'San

3. Bitheadh smuainte urramach agaibh d'ur Tighearna.

Ge be ciod a tha 'n t-Abhairfeir a' cur an ceill, creidimh fo, gu bheil cridhe Chriosd cairdeil, agus gu bheil a làmh fial. Tha e gu h-àraidh feumail, gu'm bi, beachd ceart agaibh do Chriosd, agus gu'm bi fios agaibh, gu bheil tràcair agus neart air an tasgaidh ann-fan air bhur son. Na beachdaichibh co mhòr air bhur naimhde, as air ceannard bhur flàinte ; cuiribh a gheallanna an aghaidh am bagraidh, a ghràs uile-fhoghainteach an aghaidh am mi-rùin. Bithibh ma seadh duineil, treun, agus gheibh fibh gu cinneach buaidh ; an ùine ghrad brùthaidh Prionnsa na sìth, agus Leoghan treabh Iudah an t-Abhairfeir.

fuidh 'ur co-saibh, agus cuiridh se an t-oran molaidh so 'nur bilibh. Anis àta flàinte agus neart agus rioghachd ar De-ne, agus cumhachd a Chriosd air teachd ; oir thilgeadh sios fear-casaid na'm bràithre, a bha ga'n casaid an làthair ar De-ne a là agus a dh'oi'che.

'Sa

4. Cuimhnichibh a ghnàth gu bheil an gràs foghainteach so re fhaotain amhàin le ùrnúigh agus ath-chuinge.

'Se mo rùn, ars' Dia, gu'n iarr pobull Israeil so uam chum gun dean mi e air an son. Agus chi sibh gu'm b'eigin do Phol ùrnuigh a dheanamh trì uairean, mu'n d'fhuair e am freagradh a tha air a chur sios 'nar steidh-teagaifg. Tha ùrnuigh a gleidhidh na slighe fosgailte eidar an ceann agus na buill ; so 'n teachdaire a tha dol o thalamh gu Neamh, agus a tha pilltin leis gach tiodhlaca feumail. Na leigibh ma seadh air dearmad an dleas-danas cuidthromach so. Ach deanaibh ùrnúigh an creidimh, deanaibh urnuigh a ghnàth, agus guidhibh air Criost bhur teagafg chum ùrnuigh, gu ceart a dheanamh, chum's gu'n iarr

iarr agus gu'm fuigh sibh, agus gu'm be bhur
n' aoibhneas iomlan. Agus anis, a bhràith-
re tha mi g'ar taiceadh re Dia, agus re focal a
ghràis, àta comasach air sibhse a thogail 'suas,
agus oighreachd a thoirt dhuibh a' measg na
muintir sin uile ata air an naomhachadh.
Amen.

SEARMOIN XVI.

TAISB. iii. 21.

*Dhà-san a bhuadhaicheas, bheir mi comas suidhe
maille rium, air mo Righ-chaithir, eadbon fòs
mar a bhuadhaich mi fein, agus a tha mi am
shuidh', maille rem' Athair, air a Righ-chath-
air.*

*N*U AIR a chaidh Criosd 'suas do Neamh, a-
gus a shuidh e aig deas-làimh an Athar, cha
d'fhàs e neo-chuimhneachail air leas a pho-
buill. Ach an lorg seilbh a ghabhail air
glòir, a reir a gheallaidh chuir e anuas an
Spiorad, chum comhnuidh a ghabhail anna;
agus tha e fein beo gu siorruidh gu eidar-
ghuidhe

ghuidhē a dheanamh air an son. Agus mar a thug Criostd buaidh air a' naimhde, se a rùn gu'm buaidhaicheadh a chairdean mar an ceudna, chum mar a dh'àrdaicheadh esan gu glòir, gu'm bitheadh iadsan gu fiorruigh maille ris.

Tha iomadh ainm aig Criostd am focal De, a chur an ceil a dhàimh r'a dheisciobuil, agus a ghiùlan dá'n taobh; ann am briath-raibh stèidh ar teagaifg, tha e gu h-àraidh air ainmeach an Ceannard. O na bha 'n naimhde lionmhòr, o na bha iomadh triobloid aca r'a ghiulan, agus iomadh cath ré chur, tha esan o Neamh, agus le beul Eoin, a' labhairt riu gu riachdail, chum misneach agus sòlas a thoirt da'n anamaibh. An ni fo a gheall Criostd da dheisciobuil o fhean, tha e a' gealtuin do gach h-aon againne, air an là 'n diu, agus 's fhiach a bhriathra gu math ar n' aire. Agus chum am minceachadh dhuibh, fiosraichimid an

I. Ciod e buadhachadh, mar Chriosduigh-ean.

Tha buadhachadh a' cur an ceil, gu bheil finn a' faotain buaidh air naimhde àraigdh, a tha cogadh 'nar n' aghaidh, agus a' bagairt cron a dheanamh dhuinn. Tha focal De a' teagafsg, co iad ar naimhde, agus ciod an rùn. 'S iad ar naimhde, an Diabhol an saoghal, agus an fheoil; agus 'fe 'n rùn, ar n'inntin a dhalladh, ar n'anama a thruailleadh, agus ar sonas a sgrios. Chum buaidh, ma seadh, fhaotain orra, 's eigin dhuinn an

i. Seasamh gu duineil nan aghaidh.

'Se gliocas à Chriosduigh air, uairibh, e-fein a chumail fadda o ionnsuidh a naimhde, agus teicheadh o shlighe a bhuaireidh. Ach 'nuair nach fhuigh e, gun pheacadh, slighe a bhuaireidh a sheachnadh, 's eigin dha seasamh gu duineil, agus cath na creidimh a chogadh gu treun. Tha 'n t-Abhairseir, mar Leomhan beucach, do ghnàth ag iarruidh co-thrum, gu ionnsuidh a thoirt oirn; agus a' dusgadh droch smuaintidh 'nar n' inntin. Tha 'n Saoghal a' nochdadadh nithe, a tha taitneach d'ar n' ain-miannaидh, agus gu tric a' dusgadh ar n' an-tograigdh peacach. Agus tha n' fheoil

'n fheoil a-ris, le miann agus ciocras, le mio-dal agus ceilg, gu minic g'ar brath thairis do lamha ar naimhde eile.

'Nuair a tha ar naimhde mar so, no air doigh sam bith eile a' toirt ionnsuidh oirn, chum feasamh le buaidh nan aghaidh 's eigin dhuinn gliocas, misneach, agus cumhachda eile ar n' anama a dhufgadh, agus a chur air ghleus. Cuiribh, arsa Seumas, an aghaidh an Diabhoil, agus teichidh se uaibh; agus tha Peadar ag àithne dhuinn, cur na aghaidh, Seasmhach 'nar creidimh. Tha Pol ag radh, na bithibh air bhur cumadh ris an t-saoghal. Agus aris, ceusaibh an fheoil, maille r'a h-ain-miannaibh agus a h-an-tograibh. 'Nuair a tha fibh air bhur buaireadh gu peacadh sam bith, cuimhnichibh gu bheil Dia a làthair, gu bheil Criosd air bhur taobh, mar thearmunn treun, agus gheibh fibh saorsa o'n bhuaireadh. Mar so theich Satan o ar Slànuighear air ball, co luath sa ghlac fe cloidh-camh an Spioraid, focal De. Ach chum buaidh fhaotain, 's eigin dhuinn 'san

2. Meadhonna ceart a ghnàthachadh.

O fhior-eolas air ar staid, ar n' anmhuinn-eachd, ar naimhde agus ar cunnart, tha Criosd ag radh ris gach h-aon againn, dean-aibh faire agus ùrnuigh, chum's nach tuit sibh am buaireadh. Tha faire agus urnuigh feumail, araon ga'r gleidheadh o bhuaireadh; agus g'ar cumail o thuitem, 'nuair a thig a'm buaireadh n'ar caraibh. An dream a tha re faire gun urnuigh, tha iad fein-earbsach, agus a' deanainh tàir air coghnadh Chriosd; agus an dream a tha re urnuigh gu'n fhaire, tha iad easumhal do Chriosd, cealgach, leafg agus neo-churamach. 'S eigin do dheagh Shaigh-dearan an lamha agus an coffan a ghnàthachadh ann an là cath. Amhuil so, tha gnàth-fhaire agus ùrnuigh feumail le cheile dhuinn, an duthaich ar naimhde, agus an tìr a bhuaireidh. 'S ann leo le cheile a fhuair na Naoimh o shean buaidh; agus 'nuair a leig iad a h-aon do na dleasdanais so air dearmad, thuir iad air ball gu nàrach ann an eabar a pheac-aidh.

Ach maille re so, chum buaigh fhaghail,
 's eigin dhuinn uile armachd Dhe, a ghabhail
 gu taingeil, a chuir umainn gu seolta, agus a ghnàthachadh mar fhior-laoich. Tha
 sgeul againn air an armachd so, agus àithne
 feùm glic a dheanamh dhìth Ephes. vi. 13—
 19. S' aithne do Chriosd gu math, neart agus
 innleachd naimhde a' phobuil, agus gach
 doigh air an d'thoir iad ionnsuidh orra; agus
 mar an Ceannard glic, treun, tha e 'g ullachadh
 air an-son, agus a' builleachadh orra, an
 armachd sin, le feum iomchuidh, a choisneas
 buaidh. 'S mòr luach agus feum fireantachd,
 creidimh, agus focail De 'nar cath Spioradail.
 Tha fireantachd g'ar sgeudachadh, agus g'ar
 dòn o agairt an lagha, agus o dhiteadh ar
 coguisean; tha creidimh a' tarruing o Chriosd
 gràs agus coghnadh, chum ar n'anama a
 bheathachadh; agus tha focal De, mar
 chloidheamh geur, a' cur teicheadh air ar
 naimhde; agus a' fdiùradh ar n' aigneidh agus
 ar sinuaintidh asuas chum Neamh, o'm
 bheil ar misneach a' teachd. Gach neach,
 gach pobull, aig nach 'eil an armachd so, tha
 iad nan clàodhairean dibli, agus nàn tràillean
 aimideach do'n Abhairseir. Saighdear gun

armachd, 's baogh laoch e 'n comhnuidh.
Ach chum buaidh fhaotain, 's eigin dhuinn
'fan

3. A bhi seasmhach 'nar cath Spiorad-
ail.

Mar a tha 'n sean-fhocal ag ràdh, cha
Ghlòir a dhearbas ach gniomh. 'S aimid-
each an Saighdear, a thilgeas dheth armachd,
agus a leigeas anail, an teas-meadhoin a chath.
'S iad an dream, arsa Criofd fein, a bhuan-
aicheas gus a chrìch, a bheir buaidh, agus a
theid a thearnadh. Bithibh, arsa Pol, seasmhach
neo-chorrach, a' sìr-mheudachadh an
obair an Tighearna; air dhuibh fios a bhi
agaibh, nach bith bhur faothair diomhain
anns an Tighearna.

Cha'n ann le aon aoirrip, no le aon tulgadh
treun, ach lé gnàth-shaothair, a bheir an
Criosduigh buaidh air a naimhde, agus a
theid e a steach do Neamh. Bithibh firinn-
each, arsa Eoin, gu bàs, agus gheibh sibh
crùn na beatha. 'S eigin do chreidmheach a
bhi seasmhach ann an gnàthachadh meadhon-
na

na nan gràs, ann an giulan ann an triobloid-idh, ann an cur an gniomh an dleasdanais gu leir, agus ann an cogadh an aghaidh an naimhde Spioradail, gus am fuigh iad leis a bhàs, làn-bhuaidh orra, agus làn-sheilbh air sonas Neamh. Do'n dream mar fo a bhuadh-aicheas, tha Criofd a' gealtuin fan

H. Gu'n suidh iad maille ris, air a Righ-chaithir.

'S glòirmhor an duais, a tha 'n fo air a' gealtuin air son aon seirbhis, is urrain a phobul, le choghnadh fein, a thoirt do Chriosd. Tha suidhe, maille ris air a Righ-chaithir, a' cur an ceill, ni 'mhàin gun d'theid a chair-dean àrdachadh gu mòr-onoir; ach, mar an ceudna, gu'm meal iad fior-shòlas, agus làn-shonas. Thuilleadh air so, tha suidhe a' ciallachadh, nach bith an staid muigheach, mealltach, ach gum bi an onoir, an sìth, an sonas do ghnàth a' meudachadh, agus gu'm mair iad eadhon gu fiorruigh.

O na chaidh an duine a dhealbh, chum cairdeas De agus glòir a mhealtuin, tha mòr dheigh

dheigh aig a fhliochd air sòlas agus onoir, eadhon 'nan staid thruaillidh air an àm. Ach mo thruaighe ! 'S iad onoir agus sòlas talmhaidh amhàin a tha iad ag iarruidh ; agus chum àm faotain, 's mòr an t-saoghair a tha iad a' gabhail, agus 's iomadh meadhon, a tha iad a' gnàthachadh, agus eadhon air uairibh gu mi-laghail. Tha 'n obair gu minic goirt, agus an duais dibli mealltach.

Tha cairdean Righridh agus dhaoine mòra, a tha rè ùine, a' feitheamh orra, agus a' suidhe maille riu, air am meas mòr agus sona ; agus tha iad gu minic an lorg fo, làn do uabhar agus do mhòr-chùis. Cia do-thuigfin sonas cairdean Chriosd a mheallas a ghnùis, agus a bhitheas maille ris gu fiorruigh, agus ni h-ann car tamuil, ann an lathareachd Athar Neamhaidh. An ni a thuirt Bàn-righ Sheba mu Sheirbhisich Sholamh 2 Chron. ix. 7. ; feudaidh finne, agus moran tuilleadh a radh mu phobull Chriosd, " Sona do dhaoine, agus " sona ata do sheirbhisich, a tha ghnàth a' " seafamh a'd' làthair, agus ag eisdeach re'd' " ghliocas." (Cha suidh) creidmhich, gun amharus, maille re Chriosd, mar fhianaif-

ean, cosimhuil ris na h-Abstoil fein ; ach suidhidh iad mar chàirdean, chum bhi air an deanamh nan luchd co-pàirt d'a onoir, d'a shonas, agus d'a shìth. Ma tha inhiann oirbh, a bhi mòr agus sona gu siorruigh, fègraibh as bhur cridhachan uabhar feargach, fann-tach, ciurail an t-saoghal fo, agus iarruibh fior-onoir o Chriosd. Ach fiosraichimid anis fan

III. Ciod an dearbhadh a th'againn, gu'n suidh laoich chairdeil Chriosd maille ris, air a Righ-chaithir. Agus mu bheir finn fainear, na stha fillte, am briathraibh Eoin, chi finn gu bheil againn gach dearbhadh a's urrain finn iarruidh 'fa chùis. Air

i. Tha Chriosd ag ainmeach, O Neamh na thachair dha fein, mar dhearbhadh gu'm fuigh a phobul onoir agus sìth fa dheoigh. Ged' a tha ar naimhde lionmhor, cumhachdach agus cealgach ; gidheadli thug efan buaidh orra. Mar a tha Pol ag radh, chuir e as an armachd uachdararanachda agus cumhachda, rinn e ball fampuil diu gu follaifach, a' toirt buaidh chaithrim orra. Le bhàs
dhiol

dhiol e cionta a phobuil, thug e 'n gath as an namhaid deireannach so ; agus le ais-eiridh ghlòirmhor, thug e làn-bhuaidh, araon air a bhàs, agus air an uaigh. Bhuaidhaich ar Slànuigheur, ni 'mhàin air a shon fein, ach mar an ceudna air son a chairdean. Agus mar a bhuaidhaich e, fhuair e 'n duais, a chaidh a ghealtain ; co luath fa chaidh e suas do Neamh, shuidh e aig deis làimh Dhe, anns na h-ionadaibh àrda. Se fo sgeul, focal na firinn, agus tha sinn aimideach, aingidh, mar creid sinn e. 'San

2. Tha Criosd a' gealtuin, gu'n suidh creid-mhich maille ris.

Chum misneach agus sòlas a thoirt da'n anamaibh, tha Criosd a' gealtuin, do bhùi gu bheil mife beo, bithidh fibh-se beo mar an ceudna. A-ris, ann an tigh m' Athar-sa, 'tha iomadh àite-comhnuidh, mar biodh e mar sin dh'innsin-se dhuibh ; 'tha mi dol dh'ulluchadh àite dhuibh ; agus ma theid mi, agus gu'n ulluch mi àite dhuibh, thig mi ris, agus gabhaidh mi fibh am' ionnsuidh fein, chum far am bheil mife, gu'm bi fibhse mar an ceudna.

ceudna. Agus 'nar steidh-teagaisg, tha Criosd a' labhairt mu dhuais fein, mar ni a fhuair e a cheana, gu h-àraidh mar cheann a phobuil. Tha againn ann an so iomadh gealladh, agus an coimhlionadh, mar dhearbadh gu'm fuigh finn uile duais, ma bheir finn buaidh, le coghnadh agus le Spiorad Chriosd. Mar creid finn geallannna an Athair agus a Mhic, tha finn a' deanamh breugaire do Dhia, tha finn a' toirt an tamaitl as mugha do Chriosd. Ma tha finn a' creidsin fianais dhaoine, tha fianais De na's mugha; uime fin, 'scòir dhuinn onoir a thoirt dha, le gheallanna priseil a chreidsin. 'San

3. Tha cuir 'nuas an Spioraid, a' dearbhadh fo.

Tha Criosd mar so a' labhairt ann an Sois-geul Eoin, 's feumail dhuibh, gu'n d'theid mi air falbh chum m' Athar; oir mar falbh mi, cha d'thig an coimhfhurtair d'ar n' ionnsuidh; ach ma dh'fhalbas mise cuiridh mi e d'ar n' ionnsuidh; Choimhlion Criosd an gealla fo, aig feisid na Cuingis, deich is da fhichid la, 'n deigh dha dol suas, ehum Neamh.

Neamh. Agus dhearbh na h-Abstoil, gu'n d'fhuair iad an Spiorad, le iomadh Ca'nain air ball a labhairt, le iomadh miorbhuile oibreachadh, agus le mòr thoradh do naomhachd a ghiulan, chum cliu agus glòir Dhe. An Spiorad fo a chuir e 'nuas, tha e ghnàth maille re phobul, tha e a gnàth ag oibreachadh anna. 'S esan, anns gach àll, a thug misneach agus sòlas do fhios-chreidmhich, is a neartaich iad chum buadhachadh fa chath, agus a rinn iad ionchuidh, chum suidhe maille re Criosd, air a righ-chaithir.

A-ris, tha Soirbheas an t-foisgeil anns gach àll, agus an dochas beothail anns an d'fhuair iomadh mile Criosduigh bàs, gu riachdail a' cur an ceil, gu'm fuigh cairdean Chriosd a chuid eile d'an duais fa dheoigh, a reir a gheallaidh. O nas esan an Ceann, agus a phobul a bhuill, ghabh se feilbh air glòir dhoibh-san, co mhath's dha fein. O na nithe so gu leir, tha e foilleur, gun suidh maille re Criosd ann an glòir, gach neach a tha gu treun a' cogadh suidh bhrataich deadh chomhfrag a chreidimh, gach neach a tha toirt gràdh ionraic, agus umhlachd sheasmhach dha,

dha. Cia glòirmhor duais agus dochas a chreidmhich ; cia aimideach an dream, a' tha nan tràillean dibli do'n Abhairseir. Cogam-aid uile anis gu treun, chum's gu'm feud finn, aig uair a bhàis a radh, maille re Pol, gach h-aon fa-leith, chog mi deagh chomhrag, chriochnaich mi mo chùrsa, ghleidh mi an creidimh. 'N lorg so tha air a thasgaidh fam' chomhair crùn na fìreantachd, a bheir an Tighearna, am breitheamh firinneach, dhomh anns an là fin ; agus ni h-ann dhomhsa a-mhàin, ach dhoibh-fan uile mar an ceudna, leis an toil a theachd-sa.

FOGNADH.

Mar so nochd mi dhuibh, ciod a th'aig pobl Chriosd ra dheanamh air talamh, agus ciod an duais, a tha efan a' gealtain, a bhuiileachadh orra. C' àit am fuigh fibh maighistir co mhath, co treun, co chairdeil ? Co nach cogadh gu duineil fuidh sdiùradh, o na tha e a' toirt län-dearbhadh dhoibh, gu'm fuigh iad mar dhuais am buaidh, crùn na beatha ; agus maille re so, oighreachd neo-thruaillidh,

Y y

neo-

neo-shalach, agus nach searg gu bràth as. Ciod is urrain an Diabhol, an saoghal, no an fheoil a bhuiileachadh, no a thairgse, a tha co phriseil, no co mhairreannach? 'S cuid-thromach an ni a tha Criost fein a' feoraich, agus 's fhiach a cheist gu math ar n' aire. Creud an tairbh ata ann do dhuine, ged a chofnadh è an saoghal uile, agus anam fein a chall? Tha peacairean, mar dhaoine gun chiall, a' call araon an cuirp agus an anama.

Ach tha feirbhisich Shàtain, ni 'mhàin nan Amadain, ach mar an ceudna nan claodhair-ean diblidh. Tha iad a' leigeadh le'n àmhaid an riaghladh, agus an sdiùradh do reir a thoil, agus an iomain, o pheacadh gu peacadh. Tha 'n staid tràillidh, agus gun duais air an àm, agus gheibh iad fa dheoigh truaighe shiorruigh. Tha 'n àmhaid fo, air an àm, a' deanamh miodal re peacairean, chum am mealladh; agus le fo tha e ga'n ulluchadh gu bhi na'm buill-fanoid, agus nan aobhar gràin do Dheamhain, agus do dhaoine aingidh gu fiorruigh. Na creidibh am breugaire, nach do choimhlion gealla riamh. Na sgriosaih

na

na n-anama a dhealbh Dia ; na caillibh an duais a choisín Criosd.

As toil le daoine glice do ghnath, deagh mhaighistir, agus duais air son an saothair. Se Criosd, am maighistir math, a bheir duais do gach neach, agus gu h-àraidh da shaighdeara treun, a reir an giulain, agus a reir am buaigh. 'Nuair is e miann an Abhairfeir, bhur tilgeadh fios gu iochdar Ifrinn, 'se a rùnsa bhur n' àrdachadh chum làithaireachd agus glòir Dhe.

Fhad 'fa tha là nan gràs agaibh, coguibh, mar chairdean dilis Iosa, deagh chomhrag a chreidimh, agus gabhaibh greim do'n bheatha mhairreanaich. Na caillibh bhur misneach air àm no ann an staid, sam 'bith ; oir ged a tha bhur naimhde lionmhor, 's neart-mhoire esan ata leibh, no iadsan uile ata 'nar n' aghaidh. G'ar taiceadh fein, le làn earbsa, re Ceannard bhur flàinte, gluaisibh trìd fàsach an t-saoghal fo ; bithibh dilis, bithibh treun, agus suidhidh sibh fa dhcoigh, maille re Criosd, air a Righ-chaithir. 'S iomadh Laoch trèun a dh'fhuiling buaireadh agus cràdh

cràdh air talamh, a tha 'n diu muncuairt
do'n chaithir-Rioghail ann an Neamh; a'
seinn le gairdeachas cliu an Uain. Cuimh-
nichibh do ghnàth briathra Phoil, agus thug-
adh iad misneach d'ar n' anamaibh. Eabh.
xii. 1-4. Uime fin, &c. Amen.

SEARMOIN XVII.

EPHES. v. 6.

*Na mealladb neach air bitb fibb le briathraibb
diombaineach, &c.*

O'n treas rann do'n chaibideil so, tha 'n t-Abstol a' cur an ceil ciod iad na peacaidhean fin, air son am bheil fearg Dhe a' teachd air cloinn na h-easumhlachd. Ach chum nach saoil daoine, gu bheil fearg Dhe amhàin a' dusgadh ann an aghaidh na'm peacaidhean fin, tha e air innseadh ann an iomadh earran d'a fhocal, gu bheil teine Ifrinn air ulluchadh air son an t-seirbhisich leisg mhi-tharbach, co mhath a's aingidh, air son an ti a tha caitheadh

caitheadh a' bheatha gu faoin, co mhath 'fan
 Ti a tha deanamh so an ruidh-teireachd agus
 am meisg, no ann an seomradair-eachd agus
 am macnus; air son an ti ata diadhaigh, co
 mhath is esan ata na namhaid dith. Tha 'n
 t-Abstol, ma feadh, ni 'mhàin 'nar steidh-
 teagaisg, a' toirmeasg oibre an dorchadais,
 ach mar an ceudna 'fan g. rann a' cur an
 cuimhne dhuinn toradh an Spioraid, is còir
 a bhi againn, eadhon maitheas, agus ionracas
 agus fìrinn. Agus tha e deanamh so a theag-
 asg dhuinn, gu bheil e feumail g'ar. dòn
 o'n fheirg ata re teachd, ni 'mhàin gu'n sguir
 finn do'n olc, ach gu'n dean finn am math;
 ni 'mhàin nach gluais finn mar chloinn an
 dorchadais, ach gun gluais finn mar chloinn
 an t-soluis. Tha Spiorad De an iomadh earr-
 an d'a fhocal a' teagaisg an ni ceudna. Mar
 so tha finn a' foghlum gu'r eigin dhuinn ni
 'mhàin gun ar talanna a chaitheadh air ar
 n' ain-mianna, mar chlann struithail, ach gur
 eigin mar sheirbhifich dhileis feum cubhaidh
 a dheanamh dhiu; gur eigin ni 'mhàin gu'n
 an saoghal a ghràdhachadh, ach gur eigin do
 ghràdh an Athar comhnuidh a ghabhail ann-
 ain; gur eigin ni 'mhàin gach uile mhi-
 dhiadhachd

dhiadhachd agus ain-mianna saoghalta aich-eadh ach gur eigin ar beatha a chaitheadh gu meafarra, gu cothromach agus gu diadhaidh. Gach ni ata teachd an deigh làimh air so, tha e buailteach do fheirg Dhe. Tha gun amharus mugha tomhais do'n fheirg so, ach tha 'n tomhas as lugha araon fiorruidh agus do-ghiulan. Ann an labhairt ni's fhaide o na briathra so, 'se mo rùn le coghnadh Dhe, a nochdadadh air

I. Gu bheil am peacadh na cheilg ro-mhòr.

II. Gu bheil daoine toileach a bhi air am mealladh leis. 'San

III. Gu bheil mòran bissidh, durachdach, gar mealladh chum a pheacaidh.

i. Tha mi gu nochdadh gu bheil am peacadh na cheilg ro-mhòr.

Mar dearbhadh air an fhìrinn so feudaidh sinn a thoirt fainear air

i. Gu bheil daoine air am brosnachadh chum a pheacaidh, ni h-ann le'n reusan, ach le'n ain-mianna.

Mar so tha 'n t-Abstol Seumas a' labhairt, tha gach duine air a bhuaireadh, 'nuair a thairngear, agus a bhreugar e le ain-mhiann fein. Tha 'n fhìrinn so foilleir do-aicheadh. Tha mòran re saothair chum an leith-sgeul a ghabhail, 'nuair a tha iad a' cur peacadh sam bith an gniomh, ach cha n'urrainn neach sam bith a rádh, gu'n d'rinn e so le comhairle a reusain. Aidichidh, eadhon, peacairean an fhìrinn so. Nach 'eil iad, car ùine, a' gabhail mòr-shaothair, chum an coguisean a mhùchadh agus a chuir nan tosf? Nach 'eil iad a' gabhail pàirt maille re'n an-tograidh an aghaidh an tuigse; no mar urrain ni's fhearr a dheanamh, nach 'eil iad, maille re Felics, a' cur dàil ann an aithreachas? Nach 'eil iad a' seachnad iad fein a cheasnachadh le cùram, agus sealladh cùil a ghabhail da'n giulan? Anns na nithe so uile, tha iad air an sdiùradh le'n ain-mianna; gidheadh ann an là triobloid agus aig uair a bhàis, tha iad a' dìteadh a pheacaidh mar ni nàrach mi-reusanta.

Agus

Agus cionnas is urrain a chùis a bhi air doigh eile? An urrain neach sam bith na thuigse a radh, gu bheil am peacadh na's taitniche no naomhachd, breugan no fìrinn, ea-coir no teartas, misg no measarrachd? Co is urrain a radh, gu'm bitheadh e ni's mò chum glòir Dhe, agus leas an t-saoghail, gu'm bitheadh an cinne-daonna 'nan luchd ea-coir, murta, bhreugan, misg agus neo-ghloinne, no gu'm bitheadh iad cothromach, feirceil, measarra agus geanmnuidh. Feudaidh daoine na peacaidhean sin a chur an gniomh, ach 's gann aireamh an dream, aig am bheil do dhàandas am molladh, agus a radh gur fhearr iad no na subhailcean, a tha Dia 'g earrail orra?

Air an làimh eile, co riabh a ghabh aithreachas, do bhrigh gu'n robh e subhailceach, diadhaidh? no co riabh a ghabh näire d'a ghniomhara math, 'nuair a thainig iad gu h-obann chum an t-soluis? Do reir so tha ar Slànuighear fein ag radh, Eoin iii. 19, 20, 21. Tha so gu foilleir a' dearbhadh gu bheil am peacadh na ni cealgach. Ach chum so a

Z z dheanamh

dheanamh ni's foilleireadh, feudaidh sinn' a thoirt fainear 'san

2. Ge be ciod a tha 'm peacadh a' gealtuin, nach 'eil math seasmhach re fhaghait uaithé.

Mar dhearbhadh air so tha e foilleir, nach 'eil am peacadh a' gealtuin ni sam bith fiòrruidh, no ann an saoghal eile. Cha do shaoil duine riamh gu'm b'urrain e Dia a thoilleachadh, le bhi talmhaidh, collaidh, diabhlaidh. Cha n' urrain duine sam bith neo-bhàsmhorachd a ghealtain dha fein le ain-mianna a shàsachadh ; 'se an dochas is àirde is urrain a bhi aige nach bi saoghal eile ann. Tha 'm peacadh amhàin a' gealtuin nithe maith na beatha so, agus cia folamh, cia teagmhach, cia truailllidh iad ! Mar a tha Solamh ag radh, àta na h-uile nithe làn do shaothair, cha n'urrain an duine a chur an ceil ; cha'n 'eil an t-sùil toilichte le faicin, no a chluas le clunntin.

'Agus ma tha ni sam bith an so, tha còir an duine mhath, air a chuid a's lugha ceart co
mhath

mhath re còir a pheacair, air nithe maith na beatha so. Agus a thuilleadh air sin, 's urrain e an sealbhachadh gu'n agairt a choguis, agus fealla cùil a ghabhail d'a fhòlas gun eag-al. Tha so cuideachd a' meudachadh a fhòlais, gur urrain e beachdachadh air nithe maith na beatha so, mar thiodhlacaidh Dhe, mar theisteas air a chairdeas, agus mar roimh-bhlàssadh air sonas Neamh. Tha feum glic d'ar tiodhlacaidh talmhaidh a' ginnmhuin sìth an taobh a stigh dhinn a' cosnadh meas dhuinn; 'nuair a tha struithealachd a' dusgadh ar coguisean, a' caitheadh ar maoin agus a' sgrios ar cliu.

A-ris tha 'm peacadh a' deanamh ar staid làn do mi riaghailt, agus ar beatha làn do thrioblaid. 'S ainmic a tha daoine math a' bàsachadh na'n ionracas. Cha n' ann o naomhachad ach o'n pheacadh, a tha nithe cràiteach na beatha so a' fruthadh? Ciod a tha caitheadh ar maoin, a' brisfeadh ar sìth, a' sgrios ar deagh ainm agus ar slàinte, agus a' dusgadh mi-riaghailt 'fan t-saoghal? 'Sè 'm peacadh gu foilleir a tha a' deanamh so. Tha 'm peacadh ma seadh gu cinnteach na ni cealgach,

tealgach, o na tha e a' toirt uainn dochas re Neamh, agus an àite sòlas o, thoirt air talamh, a' deanamh ar beatha fearbh, trioblaid-cach, brònach. Anns an

3. Tha 'm peacadh a' tarruing anuas corruich Dhe oirn.

Tha so gu minic agus gu foilleir air a theagafg am focal De. 'S eigin dhuinn uile, ars' Pol, bhi air ar nochdadhl ann an làthair caithir-bhreitheanais Chriosd; chum's gu'm fuigh gach neach na nithe a rinn e sa cholluinn, do reir an ni do rinn e, ma's math no olc e. Ann an sin mar a tha Chriosd fein ag radh imichìdh na daoine aingidh chum peanais shiorruidh. Agus tha Pol ag innseadh, gu bheil fearg Dhe air a foillseachadh o Neamh an aghaidh gach uile-mhi-dhiadhachd agus ea-còir dhaoine. Agus a-ris tha e 'g radh, dhoibhsan ata conspoideach, agus nach 'eil umhal do'n fhirinn, ach ata umhal do'n ea-coir, bheir Dia diom agus fearg; trioblaid agus amhgar air gach anam duine ata deanamh uilc.

Agus

Agus na faoilibh gu bheil e na ni mi-
ghnàthaichte gu'n d'thugadh Dia na naomh-
achd fuath do'n pheacadh? gu'n d'thugadh
an ti sin is e gràdh fuath do choimhstri: gu'n
d'thugadh Spiorad glan fuath do ain-mianna
brùideil; gu'n d'thugadh an ti ata iomlan
a'm maitheas fuath do fhein-speis agus sannt.
Is ni deirbhte e, gu bheil am peacadh na
chuspair air corruiich Dhe, agus gu'n glac
peanas gu grad an t-aingidh. Gach neach a
bheir fo fainear 's eigin dhoibh aideachadh,
gu bheil am peacadh na ni cealgach, oir ciod
is urrain e a ghealtuin an coimeas re sonas
Neamh a chailleas finn leis, re corruiich Dhe,
re truaighe shiorruidh is eigin dhuinn flu-
lang air a fhon. Tha fo a' cur an cuimhne
dhomh a nochdadadh 'fan

II. Gu bheil daoine toileach a bhi air am
mealladh leis a pheacadh.

Tha 'n fhirinn fo foilleir agus do-aicheadh.
Mar dhearbhadh air fo, chi ffinn daoine gu
h-an-dana a' saoilfin gu'm fuigh iad maithean-
as, ged a tha iad a' dol air an aghaidh ann an
slighe a' pheacaidh, an aghaidh àitheanta a-
gus

gus bagraidh Dhe? Cia uaithe a tha e fruthadh gu bheil iad a' deanamh an ni a tha iad a' diteadh? Gu bheil iad a' tuiteam a-ris 's na peacaidhean, d'an do ghabh iad aithreachas, agus a chuir iad rompa a bhi faicilleach 'nan aghaidh? Gu bheil iad a' leigeil leo fein a bhi air am mealladh a-ris leis na h-innleachda, agus tuitim leis a bhuaireadh cheudna? Gu bheil iad eadhon a ruidh chum peacaidh agus truaighe, mar a ruidheas an teach chum a chatha, ged a tha iad a' faicin lochda agus bàs na'n slighe? Ciod is reusan do na nithe sin uile, ach eadhon so? Ged a tha ar reusan agus ar diadhachd a' teagastg dhuinn aon ni, tha ar togra g'ar n' aomadh agus g'ar brosnachadh chum ni eile, agus tha finn air ar mealladh do bhùrì gur miann leinn so. Mar bitheadh a chùis mar so, ciod an reusan math is urrain finn a thoirt, gu bheil am peacadh co lionmhòr, 'nuair a tha finn a' toirt fainear na'n nithe a tha g'ar brosnachadh chum naomhachd, agus chum a pheacaidh. Tha air an aon làimh cairdeas De, air an làimh eile cairdeas dhaoine aingidh; air an aon làimh math fiorruidh, air an làimh eile, sòlas dìbli, bàsmhor; air an aon làimh làn-dearbhadh

bhadh an Spioraid, agus a' chumhachd, air an làimh eile briathra faoin; air an aon làimh Maois agus na fàidhean, Criosd agus Abstoil, air an làimh eile luchd-fanoid, ata 'g imeachd reir an ain-mhiann fein. Anis o na tha 'n t-olc na's coitchionn na naomhachd, tha togradh dhaoine chum an uilc gu cinnt-each mòr. Bha treud Chriosd beag, agus bu tearc iad a bha 'g amas air slighe na beatha, eadhon 'nuair a bha e fein a' searmonachadh, agus ag oibreachadh miorbhuite chum fhì-rinn a dhearbadh. Tha so ga'm thoirt air m' aghaidh 'fan

III. Gu bheil mòran ullamh, agus a' toirt aoirrip am bràithre a mhealladh.

O thoifeach an t-saoghal gu ruig an jà 'n diu, bha aig an Abhairseir do ghnàth pailteas do sheirbhisich dhilis. 'S lionmhòr aireamh an dream sin anns gach àll a chaith mòran d'an ùine agus d'an cumhachd, d'an gliocas agus da'n stòras, ann an deanamh dhaoine éile ceart co olc riu fein. Tha Pol ag radh mu na laithibh deireannach, agus fàsaidh droch dhaoine agus mealtoirean ni's iniosa,

agus

agus ni's miosfa, a' mealladh, agus air am mealladh. Tha iomadh ni a' buaireadh dhaoine aingidh chum iad fein mar so a ghiulan; tha 'n t-Abhairfeir, a tha 'g oibreachadh annta gu treun; tha rùn an coguisean a chuir nan tosf, agus an làmh a dheanamh làidir le pailteas do chuideachd. Agus tha 'n rùn so ga'm brosnachadh chum iomadh meadhon a ghnàthachadh a bhuaireadh am braithre. Tha iad a' buaireadh cuid le'n comhairle, cuid le'n eisiomplair, cuid le'm fanoيد. Anns gach àite tha pailteas a tha ullamh chum am bràithre a mhealladh tha 'n dùrachd agus an eud mòr, ged a tha 'n obair dibli, an duais beag, am maighistir fallsail agus cruidh. 'Nuair a tha peacairean mar so g'ar buaireadh, do reir comhairle Sholamh na aontaichibh leo. Cuimhnichibh gur naimhdeas an agbaidh Dhe cairdeas an t-saoghal so. Cuimhnichibh gu bheil Criost fein ag radh, ge b'e neach a ghabhas näire dhiomfa, agus do'm bhriathraibh anns a ghinealach adhal-tranach agus olcfa, dhethse gabhaidh mac an duine näire, 'nuair a thig se ann an glòir Athar, maille ris na h-Ainglibh naomha.

Anis ma tha 'm peacadh cealgach, ma tha
 fibh do thaobh natuir toilleach a bhi air bhur
 mealladh leis, agus ma tha moran a' toirt
 aoirrip bhur mealladh, 'na e feumail dhuibh
 gu foilleir a bhi gu h-àraidh faicilleach. 'S
 luachmhòr na h-anama a tha air an taiceadh
 ruibh, agus o na tha 'in peacadh ga'n leòn-
 adh gu goirt, agus a' bagairt an sgrios, 's
 còir dhuibh a sheachnad mar an nàmhaid is
 mugha. O na tha bhur cridhachan fein gu
 h-àraidh cealgach agus aingidh, bithibh faic-
 illeach 'nan aghaidh, cumaibh bhur tograidh
 fuidh smachd, na geillibh dhoibh na bithibh
 air bhur sdiuradh leo. O na tha daoine ain-
 gidh gach là g'ar buaireadh, na eisdibh riu,
 na imichibh na'n slighe, na duisgeadh an
 naimhdeas bhur n'eagal, na leigibh le'm fa-
 noid bhur tarruing chum an uilc. An àite
 geill a thoirt d'ar cridhachan fein, na do
 dhaoine aingidh, thugaibh geill d'ar Slàn-
 uighear beannaichte, iarraigibh a chairdeas, a-
 gus gluaisibh na shocair. Ma dhlùth-leanas
 fibh risan, gheibh fibh solus agus neart gheibh
 dionadh o gach nàmhaid, cobhair an àm
 gach teinn, agus buaidh air gach buaireadh.
 Cuimhnichibh gu bheil bàs agus breitheanas

romhaibh, deanaibh faire an aghaidh bhur naimhde, seasaibh gu daingean fa chreidimh, bithibh duineil, bithibh laidir. Agus gu'n deonaiche Dia gu'n cuir fibh le foirbheas cath na creidimh, agus gu'n gabh fibh greim do'n bheatha mhairreanaich. Amen.

SEARMOIN XVIII.

II. THESS. ii. 3.

Na mealladh neach sam bith sibh air aon chor:

MAR dhaoine agus mar Chriosduighean, 's cubhuidh dhuinn gu minic smuainteachadh air ar staid, ar peacaidhean aidmheil, agus maithreas iarruidh trid an t-flànuighear-fhear. Le òrdugh Seanadh na cearnadh so do'n rioghachd, tha finn an diu a' cruinneachadh an ceann a cheile, chum ar cionta a chaoidh, agus earrail oirbh o bhreitheanais De, teicheadh o'n fheirg ata re teachd 'S ni foilleir e do gach neach gu bheil gach seorsa do pheacaidh lionmhor 'nar measg, 's ni cinnteach e mar an ceudna, gu bheil iad gràineil am beachd Dhe, agus gu bheil e bagairt

airt peanas a dheanamh oirn. Leis gach cogagh, a tha 'g eiridh 'suas nar n'aghaidh, agus leis gach calldach a thainig air beartas, faibhreas, agus mar-sainteachd ar duthcha', tha Dia na fhreasdal ag innseadh le guth àrd, gu bheil e gu'n amharus ann an corrui ch ruinn. Tha Dia gu h-àraidh a' cur so an ceil, le ni a riann Parlamaid Bhreatan air a bhliadhna so fein, eadhon an dorus a dhruid ar finnsir le cùram, fhosgladh aris ann an Saftan do na Papanaich, naimhde guineach agus nimhneach ar leas talmhaidh agus Spioradail. Ciod a bhrofnaich a Pharlamaid chum so a dheanamh, tha e gun amharus duilich innseadh ach 'fni cinteach nach robh iad air an fdiuradh le gràdh do anaimaibh dhaoine. Gun chomas o Dhia, cha n'urrain daoine ni sam bith a dheanamh, agus tha e coslach gu'n d'thug e comas, an dorus fhosgladh do na Papanaich, mar pheanas air an rioghachd sin air son am peacaidhean. Agus o na tha sinne ciontach maille riu, mar pheanas oirn air son ar mi'-thaincealachd do Dhia, tha a Pharlamaid a' bagairt an dorus cèudna fhosgladh, air a gheamhradh so, ann an Albain. Ged nach
 do

do thachair so fhathasd, agus ged a tha dochas againn ann an Dia, nach tachair e, gidheadh tha na Papanaich a cheana air fàs dàna, tha iad a' cruinneachadh gu follaisach, tha iad a toirt aoirrip, reir an cleachda, an dream ata ain-eolach a mhealladh, agus a rib. Fhuair iad a cheana, tha mi cluinnntin, a h-aon no dithis do'n choimhthional so, agus tha dùil aca gu'm fuigh iad tuilleadh, o na tha cuid do na Gaidheil gun sgoil gu'n leughadh agus air bheag eolais air nithe Spioradail. Mar bhuachaile an treud, tha e ceangailte ormsa, rabhadh a thoirt dhuibh air bhur cunnart, agus gach ni dligheach a's urrain mi a dheanamh, g'ar dìona o mhadraidh allta. Reir òrdugh na Seanadh ma seadh 'se mo rùn air an àm le coghnadh Dhe, beachd foilleir a thoirt dhuibh do theagastg fàllfail, do ghiulan buirbeil fuileacach nam Papanach, agus earrail oirbh a bhi faicilleach na'n aghaidh seasmhach 'nar creidimh, agus diadhaidh 'nar caithe'-beatha. Air

I. Tha mi gu beachd a thoirt da'n teagastg fallfail.

Gach ni a tha mi gu chur a's an leith air an àm, tha iad air an toirt gu firinneach o'n leabhairchean fein, le dream a ransuich iad le càram, oir cha n'e ar rùn sgeul fallsail a thogail orra. Ach 's eigin dhomh aon ni a thoirt fainear dhuibh, agus 'se so e, gach earran d'an teagasg, a' tha mi-thaitneach ann an duthaich, sam bith, tha iad air ball ag aicheadh gu bheil iad, a' teagasg an ni sin, ged a tha gu follaish ach na'n duthchaibh fein. Air an àm 's eigin dhuibh an teagasg a ghabhail air m' fhocal-sa, agus tha mi an duìl gun dean sibh so le dearbh-bheachd, nach e mo rùn bhur mealladh le breugan anns an àite so. Maille re mòran do nithe aimideach, aingidh eile tha na Papanaich, gu h-àraidh a' teagasg na'n nithe a leanas. Air

1. Tha iad a' teagasg nach 'eil e ceaduichte do'n phobull focal De a leughadh.

'Se soisgeul na sìth an dilib, a dh'fhàg Criosd aig a phobul, mar an solus agus an sòlas air talamh, gidheadh tha na Papanaich a' diultadh so do gach neach, ach an Sagairt fein. C'arson a tha iad a' deanamh so? Tha iad

iad fein ag radh, gu bheil pobull (aimideach) ain-eolach an cunnart dol am mearrachd air toil De, le fhocal a leughadh. Ach si 'n fhirin, gur e 'n rùn am pobull a ghleidheadh an dorchadas, chum's gun creid 's iad iadsan, agus gu'm bi iad umhal dhoibh anns gach ni. Ach ciod a tha Criofd ag radh mu'n ni so? Am bheil ag àithne da luchd-leanmhuinn gu'n fhocal De a leughadh. An àite so, tha e 'g radh Eoin v. 39. rannsuichibh na scriobtuire. Agus ann an leabhar Gníomhaireachd xvii. 11. tha muinntir Bhorea air am molladh, do bhàru gu'n do rannsuich iad focal De. Nach do thaisbeann Criofd toil De, nach d'òrduich a scriobhadh, chum's gum bitheadh e air a leughadh le phobull anns gach àll. Nach do scriobh Pol agus na h-Abstoilean eile an Litrichean chum Eaglaisean ionlan, an fluagh co mhath is na ministirean, agus nach d'òrduich e dhoibh an leughadh. Ma 's ann mar so a tha a chuis, tha giulan Eaglais na Roimh, ann an diultadh comas am piobull a leughadh, araon aimideach agus aingidh.

, 2. Tha e a' teagafg gur còir an ùrnuighean follaisach a dheanamh ann Laidin.

Tha

Tha 'n cleachda, tha 'n t-òrdugh so gun amharus iongantach agus do thuigfin. 'S ole-imte an t-seirbhis ùrnuigh fhollaifach, 's còir don phobull ann an so am ministeur a lean-tuin, ach cha'n'eil e an comas doibh, so a dheanamh, ma tha e deanamh ùrnuigh an Canain, nach 'eil iad a' tuigfin. Ach am bheil òrdugh Dhe ac' air son a chleachda so? Ann an àite so tha Pol ag radh i Corin. xiv. 14—20. Si so breith Phoil, agus mar dhear-bhadh, gur còir ùrnuigh a dheanamh ann an Canain Naturail gach pobuill, thug ar Slànuighear cumhachd d'a Abstoil labhairt ann an iomadh Canain. Tha eachdaire, cuid-eachd a' teagastg dhuinn, nach robh ùrnuigh fhollaifach air a deanamh ann an Laidin a-mhain, car Se-ceud bliadhna an deigh bàs Chriosd. O so tha e foilleir gu bheil an cleachda araon neo-cheudaichte agus ùr. Ach c'arson a thà e a measg na'm Papanach? Cha'n'eil e an comas dhomhsa reusan sam bith eile a thoirt air a shon, ach so 'nuair a tha 'm bàghar olc, 'stoil leis an fhear-reic do ghnàth buth dorcha', chum a reiceadh ann. Tha iad a' teagastg 'san

3. Gur còir ùrnuigh a dheanamh re Naoimh agus aingil.

Tha focal De a' teagastg dhuinn, nach 'eil ann ach aon eidir-mheadhon-fhear eidar Dia agus daoine eadhon Iosa Criofd. Cha'n'eil na Papanach toillichte leisan, tha iadsan a' deanamh urnuigh re eidir-mheadhon-fhearan eile, eadhon Aingil agus Naoimh. Am 'bheil Dia ag àithne an aoraidh so? An àite sin tha Pol ag radh na ainm Colos. ii. 18, 19. Agus tha ffinn a' leughadh Taifb. xix. 10. Gu'n do dhiult an t-Aingil le uamhas aoradh an Ab-stoil Eoin. Tha e mar an ceudna aimideach ùrnuigh a dheanamh re màthair ar Slànuigh-ear, do Aingil agus do Naoimh, o nach 'eil ach Dia amhàin a lathair anns gach àite, agus comasach air urnuigh a chluinntin. Thaobh iomhaighean oir a dheanamh, agus aoradh a thoirt dhoibh, tha so gu riachdail air a dhiteadh 'san dara àithne. Ach mo thruaighe! chum iad fein a dhìonadh, agus air pobull a mhealladh, tha iad a' duthadh na h-àithne so gu tur a's an leabhairchean. Chum an aimideach san teagastg so a nochdadh, guidheam bhur n'aire do sgeul mu ni a thachair san

duthaich so fein. Bha fuidh mhoir-fhear Panpanach, tuathanach bochd do'n chreidimh ag ainne, aig an robh gabhail fhearin, a bha teann air ruidh mach, agus be rùn a faotain a's ùr. Chum na criche so labhair e re Seamarlain a Mhoir-fhear labhair re cuid da chair-dean, ach cha do ghabh iad suim dheth leig iad a ghnothach air dearmad. Le mòr-eagal gu'n cailleadh e fhearan ; rainig an duine bochd fa dheoigh a mhaigistir fein. Fhuair e guth dheth, chuir e an ceil a ghnothach. 'Nuair a chual e a sgeul ghabh am Moir-fhear truas ris, agus dh'òrduish a ghabhail a thoirt dha air ball. Mar Phapanach eudmhòr be rùn math cuideachadh a dheanamh do anam a thuathanach, chum na criche so, thug se a stigh e do sheamar mor, nochd se dha 'n sin iomhaigh iomadh Aingil agus Naomh. 'S bochd ars' esan do staid-fa, tha thu gun charaid ann an Neamh ach feuch tha 'n dream sin uile a' deanamh ùrnuigh air mo shon-fa. Fhreagair an tuathanach, cha'n'eil mòr-eàrb-fa agam fein annta, mar fhearr iad no na Seamarlain agaibh-se ; 's tric a labhair mi riù mu'n ghabhail bheag fhearin so, ach cha d'fhuair mi riamh mo ghnothach, gus an do labhair

labhair mi ris a mhòir-fhear fein. Agus ceart mar fo, an dream nach iarr tiodhlacaidh Spioradail o Dhia, trid an t-Slànuighear amhàin, gu bràth cha n' fhuigh an gnothach. Tha iad a' teagasg 'fa

4. Gu bheil sinn aig a bhòrd ag itheadh agus ag òl fior-fhuil agus feoil Chriosd.

'Se a th' agam an so am bheachd, an ni
ris an abair na Papanaich nuadh bhriodhach-
adh. Leis an fhocal so, tha iad a' teagasg, gu
bheil an taran agus am fion, co luath so tha
iad air an coisfreagradh leis an t-fhagart air
ball air an tionndadh chum fior-fhuil agus
feoil Chriosd. Tha 'n teagasg so calg-dhireach
an aghaidh teisteads ar sùl, ar làmha, ar bol-
adh, ar blas, agus ar reusan; agus uime sin
tha feum aca air dearbhadh laidir o fhocal
De, g'a dheanamh cinnteach. Am bheil so
aca? Tha iad fein ag radh gu bheil, eadhon
briathra Chriosd, 'nuair a shuidhich e'n t-sa-
cramaint so, an oidhche mu'n do bhrathadh
e. Thuirt ar Slànuighear gu'n amharus, se
so mo chorpa-sa air a bhrisseadh; 'si so m'
fhuil-sa, air a dòrtadh. Ach mar dhear-
bhadh

bhadh foilleir, gun robh an t-aran agus am fionn amhàin 'na'n comharan air a chorp agus fhuil, bha e air an àm so beo maille re dheisciobuil, bha chorp gun bhrisfeadh, bha fhuil gun dòrtadh. Cionnas, ma feadh, a b'urrain iadsan fhior-fheoil itheadh, no fhuil ol, 'nuair a bha e beo agus flàن na'm measg? No cionnas, ni a tha 'n aghaidh natur, cionnas a's urrain an corp agus an fhuil cheudna, a bhi am mìle àite, air an itheadh, agus air an òlc le mile neach 'fan àm cheudna. Tha 'n teagafsg so air gach doigh mi-reusanta agus aimideach, tha e mar an ceudna aingidh, tha e buaireadh dhaoine, chum an t-aoradh sin a thoirt, agus an earbsa sin a chur san aran, agus san fhion, as còir a thoirt agus a chur ann an Criosd amhain. 'S math a labhair duine glic o Arabia mu'n ni so. Dh'imich mi, ars' esan feadh gach duthaich air talamh, ach cha do thachair dream riamh orm co aimideach, aingidh, re seorsa do Criosduighean da'n ainm Pàpanaich, oir tha iad gu minic ag itheadh le'm fiaclaibh, an Dia da'm bheil iad a' toirt aoraidh. Tha iad a' teagafsg 'fa

5. Gu bheil mòran an lorg am bàis a' dol
do àite glanaidh eidar Neamh agus Ifrionn.

'Se fo 'n t-àite ris an abair iad Purgatoreachd,
agus tha iad a' teagafsg, gu bheil gach neach,
'n deigh am bàis a' dol don àite fo, nach 'eil
math ni's leoir chum dol do Neamh, no olc
ni's leoir chum dol do Ifrionn. Ciod a tha
focal De ag radh mu'n àite fo? Tha na scriob-
tuire gu tur na'n tosd mu dheimhin tha
'mhàin a' labhairt mu dha àite an saoghal eile
fa chomhair dhaoine, eadhon Neamh agus
Ifrionn. Ach ciod is feum do'n àite fo? tha
iadsan a' teagafsg, gu bheil daoine ann air an
glanadh o'm peacaidhean. Ach tha fo gu
tur neo-fheumail, mas creidmhich iad, oir
tha 'n t-Abstol Eoin a' teagafsg gu bheil fuil
Chriosd ga'n glanadh o gach uile pheacadh.
Agus mar creidmhich iad, co luath fa theid
an deo asda, cha'n fhuigh iad aithreachas no
maitheanas gu bràth. Ach cionnas a tha na
Papanaich a' toirt anama dhaoine as an àite
fo a dhealbh iad fein? tha le urnuighean an
fagart. Agus am bheil iad a' deanamh nan
ùrnuighean fo a nasgaidh? cha'n'eil air chor
sam bith, ach 's eigin do dhaoine páigheadh

air

air an son, agus pàigheadh gu daor cuideachd, mu fe an rùn anama am bràithre a chur do Neamh. Choisín Sagairt na'm Papanach, anns gach àll, tuilleadh le fo, no le aon teagafg a th'aca, agus air an aobhar fo cha deal-aich iad ris, ged a tha e calg-dhireach an aghaidh focal Dhe, agus reusan dhaoine. Maille re fo tha iad a' teagafg 'fan.

6. Gur urrain na Sagairt maitheanas peacaidh a thoirt do'n phobull.

Tha iad air uairibh ag aicheadh fo's na duchaibh againne, ach cha'n'eil e 'n comas doibh aicheadh, araon mar theagafg agus mar chleachda an Eaglais. Oir is ni deirbhte e o'n leabhraichean fein, gu bheil iad araon a' toirt comas do dhaoine peacaidhean àraidh à chur an gniomh agus a' toirt maitheanas annta, ma tha iad a' pàigheadh gu ceart air an son. Tha eadhon prìs àraidh air a chur air gach peacadh na'm measg, gheibh duine maitheanas uapa an adhaltranas na morta air son leith-chrùn. Agus chum's gu'm bi sios aige' air cionta gach neach, 's eigin do gach h-aon am peacaidhean aidmheil, agus pàigh-eadh

eadh do'n t-Sagart air son an aidmheil agus am maitheanas. Mar so o shannt agus chum airgiod fhaotain, tha iad a' suidhe an cathair Dhe, tha a' gabhail orra ni a's urrain esan amhàin a dheanamh, maitheanas a thoirt seachad ; cosmhuil re Simon an draoithe, tha iad a' faoilsin, gu'm feud tiodhlacaibh Dhe, a bhi air an reiceadh agus air an ceannach. Tha 'n giulan so dàna aingidh. Gun tuille moille chuir oirbh fui'n cheann so, tha iad a' tcagafg 'san

7. Gu'm feud iad mionnan agus bòidean a bhrisfeadh do mhuintir na creidimh againne.

Tha na Pàpanaich a' faoilsin, gur e math na h-Eaglais a chur air aghaidh, am math a's mugha, agus ged a tha iad a' deanamh cròn chum na crìche so, gu bheil eadhon sin cead-uichte agus ceart. Mar so ma tha neach sam bith a' cur an aghaidh an creidimh agus an aoraidh, tha iad a' faoilsin gu bheil e feumail chum leas na h-Eaglais, agus an creidimh, an neach so a chuir gu bàs, agus gur còir so a dheanamh, ged a tha iad air an ceangal le mionnan

mionnan agus bòidean, gun chron sam bith a dheanamh dha. Agus ma tha Papanaich fuidh riogh, nach 'eil da'n creidimh, tha iad a' teagasg, gur còir am mionnan dha a bhriseadh, agus ceannairc a dheanamh na aghaidh, ma gheibh le so math a dheanamh da'n Eaglais. Am bheil an teagasg iongantach, milt-each so a reir toil Dia na firinn agus na trocair? Gun amharus cha'n'eil. 'Nuair a tha na Papanaich a' teagasg, gur còir ar bòidean agus mionnan a bhriseadh chum leas na h-Eaglais, tha Dia gu minic ag àithneadh dhuinn ar boidean agus mionnan laghail a choimhlionadh. 'Nuair a tha iadsan a' teagasg, gu'm feud sinn cron a dheanamh chum math na h-Eaglais; tha esan a' teagasg, nach còir cron air àm sam bith a dheanamh, chum's gun d'thig math as. Tha 'n teagasg air gach doigh an aghaidh toil De agus leas a chinneadaonna; tha e gràineil agus milteach 's iomadh neach 's gach àll a chuir e gu bàs; cha'n'eil e an comas do'n Abhairseir fein ni a's mioffa a theagasg. Mar fo dh'ainmich mi dhuibh cuid do na nithe a tha na Pàpanaich a' teagasg, agus tha mi an dochas gu bheil sibh uile anis deirbhte, gu bheil an teagasg fàllfail,

fàlfail, agus gu math a' coimhfhreagradh, chum daoine a mhealladh, chum an anama a ribeadh, chum airgiod agus onoir, a chofnadh da'n Sagairt. An lorg am beachd so a thoirt dhuibh da'n teagafsg, rachamaid air ar n'aghaidh fan

II. Gu beachd a thoirt da'n giulan buir-beil.

'Nuair a tha na Pàpanaichi, gann ann an airmeamh, agus fuidh smachd, mar a bha anis rè ùine anns an rioghachd so, tha iad gu minic gan giulan fein, mar choimhearsnaich agus mar dhaoine, gu ciùin, fiothchail agus cairdeil. Ach g'ar sdiùradh chum breith a thoirt air an diadhachd, 's eigin dhuinn beachd a gabhail da'n giulan thaobh an naimhde, nuair a tha 'n làmh an uachdar aca, agus comas an toil fein a dheanamh. Le'n giulan thaobh an naimhde chi sinn gu foilleir nach iad deisciobeul Chriosd. Thaobh ar naimhde, tha ar Slànuighear ag àithneadh, biodh gràdh agaibh d'ar naimhdibh, beannaichibh an droing a mhallaicheas sibh, deanaibh maith do na daoine air am beag sibh, agus dean-

aibh ùrnuigh air son na muintir ata buntain ribh gu naimhdeil, agus ata gar geur-leanmhuin; chum gu'm bi sibh nar cloinn aig bhur n'Athair ata ar Neamh. 'Se fo òrdugh Chriosd thaobh a naimhde; ach co iad naimhde na'm Papanach? 'S iad fo na'm beachd fein, na protestanaich, no an Eaglais ath-nuadhaichte gu leir, no gach neach nach 'eil a' cordadh riu-fan nan creidimh agus nan aoradh. Agus cionnas a'tha iad a' buntain riu? an àit' an gràdhachadh, tha ga'm fuadhachadh, an àit' am beannachadh, tha ga'm mallachadh, an an àit' ùrnuigh a dheanamh re Dia air an son; tha ga'n 'toirt thairis do'n Abhairfeir, tha nuair a tha comas aca ga'n geur-lean-mhuin, agus ga'n cur gu bàs. 'S iomadh dearbhadh a th'againn air an fhìrinn fo, a's còir oillt agus uaimhas a dhusgadh 'nar n'inn-tin. Re ùine bha e na chleachda aig Pàp na Roimh, air là àraidh do'n bhliadhna, gach h-aon do'n Eaglais ath-leasaichte, feadh an t-saoghail, gach neach a bha dealachadh riu-fan nan creidimh, bha e na chleachda aca an dream fo a thoirt thairis do'n Abhairfeir, eidar chuirp agus anama. Anns an t-Hol-laint, an Saffan, agus an Albain, 's iomadh

mile

mile neach, òg agus sean, bochd agus beartach, a chuir na Pàpanaich gun iochd gu bàs. 'Nuair a chaidh Riogh Seumas, Righ deireannach na h-Albain do Shaffan, agus a shuidh e gu siothchail air an Righ-chaithir, shaoil na Papanaich gu'm bitheadh e na charaid dhoibh. 'Nuair a mhothuich iad nach robh, dhuisg fo 'n corruiich, be 'n rùn peanas a dheanamh araon air-fan, agus air a chairdean. Chum na crìche fo, lion iad Seilleir-ean tigh na Parlamaid le fudar, agus chuir iad rompa an Riogh, a chlann, agus daoine mòra na rioghachd gu leir, a bhithheadh cruinn 'sa Pharlamaid, a losgadh, agus a chuir am mionaid gu bàs. Le freasdal De, fhuaradh fios air an rùn, chaidh stàd a chuir orra, chaidh an Righ agus a chairdean a dhion o sgrios. Tha sgeul na's uamhasaich na fo ag-ainn re innseadh ann an aon oidhche mhùrt Papanaich na Frainge corr as deich mìle fichid do na Protestanaich bhochd, a shaoil gu'n robh iad tearuinte measg chairdean. Thach-air ni bu ghràinaile na eadhon fo, mharbh iad ann an Eirin an aon là do chloinn, do mhnàthan agus do dhaoine corr agus ceud mìle. Se fo giulan na'm Papanach rinn iad na

nithe fo, agus mòran tuille na's 's urrain sinn innseadh air an àm. O'n giulan ma seadh feudaidh sibh breith a thoirt, am bheil an diadhachd-fan tearuinte do dhaoine, agus a reir soisgeul Chriofsd, nuair a dhòirt iad a cheana uiread do fhuil an naimhde, agus a tha iad fhathasd a' deanamh so far am bheil cumhachd aca. Gach neach a bheir gu ceart fainear teagafsg agus giulan na'm Papanach, mar 'eil iad air an treigfin le Dia, dionaidh so o'n rib gu cinnteach iad. Ach chum sibhse a dhòn o'n cuilbheirteibh se mo rùn anis 'fan

III. Comhairle no dha a thoirt oirbh.

Cha 'n è ar rùn air chor sam bith, gu'n d'thig ciuradh no sgrios air na Papanach; cha'n'eil ar diadhachd-ne-no ar n' Eaglais a' teagafsg dhuinn an lochd a mhiannachadh, no cron a dheanamh dhoibh. 'Se ar rùn amhàin sinn fein agus ar pobull a dhion o dhream a tha na'n naimhde follaifach d'ar leas talmhaidh agus Spioradail. Tha e feumail gu h-àraidh rabhadh a thoirt dhuibh air an àm, o na tha e air a bhagairt, gu'm fuigh Papanach, na h-Albain

h-Albain fuasgladh o'n lagh, mar a' fhuair iad a cheana an Saffan agus Eirin. Mu gheibh iad comas teagafsg anns an duthaich agus 'fa bhaile so, tha iad fein an dochas mòr, agus tha cuid fuidh eagal, gu'm fuigh iad greim do chuid do na Gaidheil. Tha daoine glic a' toirt fainear, gu bheil na Papanach gu minic a' faotain greim do'n dream sin a tha ain-eolach agus aingidh. O na tha cuid do na Gaidheil bhochd gun sgoil, tha Goill an àite fuidh eagal, gu'm fuigh iad greim gu h-ul-lamh dhiu; agus ma thachras so, their iad gur miosa na Gaidheil, na fluagh cummantan Gall. Nar leigeadh Dia, gum bi aig neach fain bith re radh o ar giulan agus cùl-sleamh-nachadh, gur e an coimhthional so as ain-eolaich agus is aingidh sa bhaile.

G'ar deanamh faicilleach, guidheam bhur n'aire do aon ni, a tha a' nochdadhbh ura foilleir ciod an seorsa dhaoine na Pàpanach. Tha finn a' faotain-sgeul, gu bheil aig an Easpuig an Dùn-eidin ochd-mile pund Saffanach chum Proseitich a dheanamh. Do dhaoine bochda tha e a' toirt ochd scillin-deug agus da scillin-shaffanach san t-seachdain, mar dhuais air son gabhail

gabhair re'n creidimh. Tha eadhon fo na dhearbhadh gu bheil an creidimh fallsail. Am bheil sibh a' leughadh fa phiobull, no an cuala' sibh riamh, gu'n d' thug Criostd no Abstoil, no dheisciobuil airgiod do neach sam bith chum an creidimh aidmheil? Cha do thachair fo riamh; tha e 'mhàin feumail ann an creidimh fàllsail, airgiod a thoirt seachad, chum daoine a bhuaireadh agus a mhealladh. Agus an dream a tha gabhair an airgioid iò, ged a tha e an ainm deirc, tha iad gu soilleir a' reic an anama do na Papanaich, agus do'n Abhairseir. Bithibh faicilleach an aghaidh a bhuaireidh fo, agus thugaibh fainear nach d'thoir sibh eisdeachd dhoibh nach dean sibh deisboireachd riu. Si fo an obair àraidh, agus am beachd dhaoine ain-eolach tha iad gu h-àraidh deas orra. Thaobh an dream nar measg aig am bheil fgoil agus tuigse, cha'n'eil mi fuidh eagal sam bith mu'n deimhin'. Ach ma bheir iadsan ata ain-eolach eisdeachd, dhoibh, agus ma ni iad deisboireachd riu, mar a thachair do Ebhe air tùs, 'nuair a rinn i deisboireachd ris an Abhairseir, theid iad gu cinnteach an rib, agus tuitidh iad gu làr. Maille re fo, guidheam oirbh a bhi diadhaidh,

'n fin cha' bhi fibh an cunnart co mhòr o chreidimh na'm Papanach; oir tha 'n creidimh so 'mhàin taitneach do dhaoine aimid-each agus aingidh. Thugaibh fainear fan àm cheudna, nach miannaich fibh an lochd, nach dean fibh cron dhoibh; 'n àite so 'nuair a tha fibh gar dion fein, deanaibh ùrnuigh re Dia air an son-sa, gu'm fosgail e 'n sùilean, gu'm mugh e an creidimh agus an giulan.

Mar so thug mi beachd dhuibh do theaghasg fàllsail, agus do ghiulan aingidh na'm Papanach, agus thug mi comhairle na dha oirbh, a tha coimhfhreagradh re'r staid air an àm. Tha sinn an cunnart, gu'm fuigh na Papanaich aris fuasgladh 'nar meafg, agus ann am fhreasdal De, 's iad ar peacaidhean gu cinnteach mathair-aobhair a chunnairt so. 'S ann mar pheanas air son ar n'aingidheachd agus mi-thorradh na h-Eaglais, a tha Dia a' toirt fuasgladh do choimhlion triobloid 'nar carabhb. Ma se ar rùn ma seadh, gu'm bith Dia leinn gar dion agus gar saoradh, 's còir dhuinn air an là 'n diu ar peacaidhean aid-mheil agus a chaoidh, agus a chuir roinchein, ann an neart Chriosd an treigsin gu leir 'nar caithe-

caithe'-beatha. Tha na nithe so feumail dhuinn, mar dhaoine fa leith agus mar phobull, agus 's ann 'mhàin le'n deanamh a's urrāin dùil a bhi againn, gu'm buanaich Dia ar sochairean priseil, agus gu'm buin e gu cairdeil ruinn. Bithibh ma seadh treimb-dhireach 'nar n'aidmheil, agus 'nar n'aithreachas, agus mar theisteas air so, bithibh an deigh làimh na's diadhaidh 'n ur giulan, na's curamaich' an gnàthachadh meadhonna na'n gràs, agus nas dùrachdaiche ann an cur an gniomh bhur dleasdanais. Guidheam oirbh aon tair eile a bhi faicilleach an aghaidh na'm Pàpanach Tha Dia na fhianais, gu'n d'thug mi dhuibh rabhadh air bhur cunnart, agus gu bheil mi faor d'ur fùil. Mu ghlasas iadsan fibh nan rib, bithibh deirbhte, gu'n eirich na chuala fibh air an àm a-suas am breisheanas fa cheoigh 'n ur n'aghaidh. Agus 's bochd a bhitheas a chàis, ma's eigin dhomhsa, a tha 'nis mar bhuachnile oirbh, air an àm sin teisteads a thoirt 'n ur n'aghaidh, mar dhream a chùl-fleamhnaich o shoisgeul Chriosd, o chreidimh an Aithreacha. 'S mèr da'm fùil phrifseil a dhòirt iadsan, chum an creidimh so chaotain agus fhàgail againne. Gu'n neart-aicheadh

aicheadh Dia gach aon againn, chum bhi seaf-mhach fa chreidimh so, agus an toradh sin a ghiulan a tha efan ag iarraidh. Agus mar choimhdhùnadh do'n iomlan, guidheam bhur n'aire do bhriathra Phoil ann an lorg stèidhmo theagaisg; far am bheil e labhairt gu riachdail mu na Pàpanaich, agus ag earrai air Criosduighean anns gach àll a bhi faicilleach na'n aghaidh 2Thess. ii. 3.

SEARMOIN XIX.

ROMH. XIV. 8.

*Oir ma's beo dbuinn, is ann do'n Tighearna ata
finn beo; agus mas bàs duinn, is ann do'n
Tighearna 'ta fìnn a' fagbail bàis; uime fin
ma's beatba no bàs dbuinn, is leis an Tighe-
earn fìnn.*

'S iad so briathra Phoil, seirbhiseach dilis
Chriosd, d'am b'aithne gu math a thoil, d'am
b'aithne an t-seirbhis a tha dligheach dha.
Tha 'n t-Abstoil an so a' toirt sgeul air a
ghiulan, a bhuineas do chreidmhich, air an
ni is coir a bhi aca na'm beachd. Mar sheir-
bhifich Dhe, mar dheisciobuil Chriosd, 's coir
duinn fìnn fein a choisfreaga gu tur da sheir-
bhis,

bhis, agus aoirrip dhùrachdach a thoirt esan a ghloireachadh anns gach ni, araon 'nar beatha agus 'nar bàs. 'Se fo ar dleasdanas, se fo an dleasdanas a tha 'n t-Abstol ag earrail oirn, agus air àm eile thug mi aoirrip a mhìneachadh dhuibh. Nochd mi gu bheil a bhi beo do'n Tighearn a' ciallachadh air

I. Gu bheil finn a' deanamh feum da thoil mar riaghait-sdiuraidh ar giulan. 2. Gu bheil finn a' toirt aoirrip do ghnàth esan a thoilleachadh anns gach ni. 3. Gu bheil finn a' cumail a ghlòir 'nar beachd anns gach ni ata finn a' deanamh. 4. Gu bheil finn gar toirt fein gu tur thairis dha, agus ga bheannachadh air gach àm, an là trioblaid, co mhath is foirbheas, 'nuair a tha e toirt uainn co mhath 's an uair a tha e builleachadh oirn. 5. Sinn fein a thoirt thairis air mhogh co iomlan dha, is nach 'eil finn 'nar beachd idir beo, ach fhad fa tha finn a' toirt feirbhis dha-san, agus a' nochdadh a chliu. Tha mi nise dol air m'aghaidh chum an dara ni a gheall mi a dheanamh.

II. Eadhon so a ghnàthachadh mar riag-ailt no mar thomhas, g'ar cuideachadh chum breith a thoirt air bhur staid Spioradail fein. Chum na crìche so, 's eigin dhomh bhur n'aire a ghuidhe, agus freagradh coguis fhior do na ceistean a leanas.

I. Cionnas a tha ughdasas Dhe a' druthadh air bhur cridheachan ?

Cha'n'eil mi a' feoraich, co dhiu a tha na nithe a tha sibh a' deanamh air an ordachadh le Dia. Thug mi roimhe fainear, gu'm feud sibh sibh fein ann an so a mhealladh. Tha Dia 'g àithne iomadh ni mar dhleasdanas, nach 'eil neo-thaitneach d'ar natur, eadhon 'nar staid thruaillidh ; oir is ann uaithe fein gu h-àraidh a chaidh sinn air seacharan ; agus ged a tha iomadh páis borb, neo-chàird-eil a' fruthadh o so, gidheadh cha'n'eil fuath naturail againn d'ar bràithre, ach ann an àite sin tha ar natur g'ar brofnachadh chum an leas a mhiannachadh, agus eadhon a dheanamh, mur 'eil so ciurail dhuinn fein. Air an aobhar so, cha 'n urrain sinn a radh gu bheil duine beo do'n Tighearna, do bhri gu bheil e cothromach,

cothromach, caomh, agus a' deanamh math do'n dream, ris am bheil e air a dhlùth-cheangal. Oir tha na nithe so taitneach am beachd dhaoine, tha iad ainmeil, cliuteach, agus am bi'-chiontas cha 'n'urrain duine ni's fhearr a leas fein a chur air aghaidh, no leis na nithe so a chur an gniomh. Ach ma tha e ga'n deanamh amhàin, no gu h-àraidh, chum a leas fein, cha'n'urrain e a radh gu bheil e beo do'n Tighearna; tha e 'mhàin a' toirt seirbhis dha fein, agus uime sin 's eigin dha duais a thoirt dha fein cuideachd. Mar e a rùn seirbhis a thoirt do'n Tighearna, mur e a rùn gach ni a dheanamh o ghràdh dha, agus o mhothuchadh air ughdasas, cha'n'urrain dùil a bhi aige, gu'm fuigh e duais uaithe.

'San

2. Co is miann leibh a thoilleachadh, agus ciod an cairdeas, a tha fibh gu h-àraidh ag iarruidh.

Ma tha fibh gu h-àraidh, no 'mhàin ag iar, ruidh cliu dhaoine, cha'n'eil fibh gu cinnteach beo do'n Tighearna. 'Ta sinne, ars' Pol, a' deanamh ar dichill, co aca a bhios sinn a là-thair

thair no air choigrich, gu'm bi finn taitneach do Chriosd. Bha na Phairisich aris a' toirt deirc gu pailt, bha iad a' deanamh ùrnuigh gu minic, bha iad le guth àrd, bha rè uine fhadda; ach bha iad a' deanamh nan nithe so uile, chum gu'm faiceadh le daoine iad; agus air an aobhar so dh'ainmich Criosd iad nan cealgairean, agus bhagair peanas a dheanamh orra. Cha'n'eil a leithid so do chealg-oireachd gu'n amharus cu:nmainte 'nar measg; oir cha'n'eil mòran a' toirt tuilleadh fa chòir do dheirc no a' caitheadh tuilleadh fa chòir do dh'ùine an ùrnuigh, agus uime sin cha ruig finn a leas a ghuidhe orra, gun bhi tuilleadh is math. Ach nach 'eil fibh a' mothuchadh annaibh fein seorsa eile do chealgaireachd, a tha cosmhul re so? Am bheil fibh ceart co ullamh, chum na dleasdanais sin a chur an gniomh, leis am bheil fibh gar n'aicheadh fein, is a tha fibh na dleasdanais sin a tha taitneach no tarbhach. Am bheil fibh gu diomhair, mar a tha, no a' toirt aoirrip a bhith am follais. No am bheil fibh gar cumadh fein re toil bhur cuideachd? An urrain fibh fibh fein a dhìeadh, ann an aontachadh le eagal barailean agus cleachdain an t-saoghal?

ail? Nach d'aom cleachda cummainte an t-saoghal fibh chum iomadh ni a dheanamh, a bha neo-thaitneach d'ar n'inntin fein? Agus nach 'eil fibh air bhur bacadh o na nithe sin a dheanamh, a tha bhur coguisean ag innseadh bu chòir dhuibh a chur an gniomh an t-eagal gu'n tarruing so oirbh fanaid, no cronnachadh an dream sin, a tha eadhon air bheag suim 'nar beachd? Ma se fo bhur giulan, bheir bhur cridhachan fein teisteads 'nar n'aghaidh, nach robh fibh fhathasd beo do'n Tighearna.

3. Ciod an speis a th'agaibh do onoir bhur Tighearna?

Am bheil fibh toileach, air a sgàth, fàs 'nar ni sam bith, ni sam bith a dheanamh, no ni sam bith fhulang? Am bheil fibh toileach seirbhis a thoirt dha, eadhon anns an inbhe is dibli na theaghach? No ma se bhur rùn eirigh ni's airde, an ann chum tuilleadh do mhath a dheanamh, an ann chum faothair na's moth a ghabhail, agus seirbhis na's fhearr a thoirt d'ar maighistir, no a leigeas þur staid dhibli leibh air an am? 'Nuair a tha

tha fínn gar faicin, a' streapadh suas co luath
 fa dh'fheudas fibh, am feud fínn a shaoilfin,
 gur e so a th'agaibh 'n ur beachd? Tha e
 foilleir gur còir da so bhi agaibh 'n ur
 beachd, oir an ti a thainig, ni h-ann chum
 gu'n deanta frithdealadh dha, ach chum frith-
 dealadh a dheanaimh, cha'n'eil esan a' gleidh-
 eadh seirbhiseach diomhanach sam bith ma
 phearsa; mar a tha prionnsaidh an t-saoghal
 so, aig am bheil feum air an leithid sin do
 nithe ga'n deanamh mòr. Na h-Aingil a tha
 treun an neart, tha iad a' deanamh a thoil,
 tha iad ag eisdeachd re ghuth, agus tha obair
 aca r'a dheanamh: mar a tha 'n t-Abstol ag
 radh, tha iad uile na'm Spiorada frithelaaidh,
 air an cur amach chum frithelaaidh dhoibh-
 fin a bhitheas na'n oighreachan air flàinte.
 Agus cia ard a tha daoine air an togail,
 cha'n'eil an àrd inbhe ga'n faoradh o sheir-
 bhis a dheanamh do Dhia, ni's mò no 'n
 dream is dibli. Feudaidh daoine a shaoilfin,
 gu bheil iad le'n inbhe air an faoradh o sheir-
 bhis De, agus mo thruaighe tha tuilleadh sa
 chòir a' saoilfin so, ach tha 'm barrail aimid-
 each, aingidh. Ann an àite an faoradh, tha
 Criosd ag radh, gach neach d'an d'thugadh
 mòran,

moran, gun iarrar moran uatha, agus mar is
 mugha an talann a tha air a thaiceadh ruinn,
 mar 'eil finn a' deànamh feum ceart dheth,
 mar is mugha fa dheoigh a bhitheas ar dit-
 eadh agus ar peanas. 'Sa

4. Ciod a tha deànamh ni sam bith gu h-à-
 raidh taitneach 'nar beachd?

Aon ni ars' Daibhidh, mhiannaich mi o'n
 Tighearna, agus iarruidh mi e gu minic, a
 bhith am' chomhnuidh feadh mo là ann an
 aros De, a dh'fhaicin maise an Tighearn, agus
 ohum sgeul fhaotain air na Theampull. Agus
 tha Pol ag radh meafam no h-uile nithe 'nan
 calldach airson ro-oirdheirceis eolais Iosa
 Criosd mo Thighearna: air son an d'fhuiling
 mi call nan uile nithe, agus meafam gur aø-
 lach iad, chum gu'n cosnam Criosd. Ma sibh
 fior-dheisciobuit Chriosd, bithidh gach uile ni
 luachmhor taitneach 'nar beachd, do reir ar
 dàimh risan. 'S fhearr leibh am piobul, no
 leabhar sam bith eile, do bhùri gur e fo focal
 agus tiomnadhar ar Tighearna. Ni sibh gaird-
 eachas aig ath-theachd gach Sàbaid, do bhùri
 gur e fo là 'n Tighearna. Gabhaidh sibh

tlachd 'sna nàoimh, agus measaидh fibh iad mar dhaoine oirdheirc na talmhain, do bhù gu bheil iad taitneach do'n Tighearna, agus gu bheil ionhaigh orra. Bithidh urnuigh dhuibh na h-obair thaitneach, do bhù gu'm fuigh fibh le so cothrum commun a bhi ag-aibh maille re'r Tighearna. Agus measaيدh fibh mar an obair as taitniche agus is onor-aiche, math à dheanamh do chuirp, agus gu' h-àraighe do anamaibh dhaoine, o na ni so fibh cosmhuil re'r Tighearna, a chaidh mun-cuairt a' deanamh math, agus a dh'fhàg eisiomplair againne chum gu'n leanamaid a cheummannan. Mar so measaيدh fibh gach ni do reir an dàimh re Criofd.

Na ceistean so agus an leithid, feoraichibh d'ar cridheachan fein mar ann an làithair an Dia sin, da'n aithne iad gu h-iomlan ; an Dia sin a ni fibh gu grad aithnichte dhuibh fein, agus do dhaoine eile cuideachd, anns an là 'fan d'theid gach cleochd a tharruing dhibh, agus an nochdar fibh mar a tha fibh ann an làithair an t-saoghal gu h-iomlan.

Co-dhùnaidh sinn anis, le chur an cuimhne dhuibh cuid do na ceanglaichean àraidh àta oirbh, chum bhi mar fo beo do'n Tighearna. Agus air

i. Mar 'eil sinn beo do'n Tighearna, tha sinn a' cur an aghaidh a ghràidh iongantaich a nochd e, 'na thoirt fein na ofrail agus 'na iobairt do Dhia air ar son. Tha focal De a' cur fo gu riachdail an ceil. Ghiulain esan ar peacaidhean na choròp fein air a chrann, chum air dhuinne bhi marbh do'n pheacadh, gu'm bitheamaid beo do fhireantachd. Thug esan è-fein air ar son, chum gun faoradh e sinn o gach uile aingidheachd, agus gu'n glanadh e sinn dha fein nar pobull sonraighte, eudmhòr mu dheadh oibre. Fhuair esan bàs air son nan uile, chum iadsan àta beo, nach biodh iad a so suas beo dhoibh fein, ach dhasan a dh'fhuiling am bàs air an son, agus a dh'eirich aris. Agus tha Eoin ag radh, chum na criche fo dh'fhoillsicheadh mac Dhe, chum gu'n sgriosadh e oibrigh an Diabhoil; se sìu chum's gu'n ulluicheadh e daoine fa chomhair Neamh, le oibreachadh a Spioraid, co mhath is Néamh a chofnadh dhoibh le toil-

teanas fhola. Anis ma 's è 'n ni a bh'aig Criosd na bheachd anns na rinn è, anns na dh'fhuiling è, agus anns na choisín e, ar deanamh naomha agus beo dha fein; 's còir dhuinn gu cinnteach a bhi beo dha.
'San

2. 'S còir a bhi beo do'n Tighearna, mar a tha speis againn do onoir at maighistir, agus do chreideas a shoisgeil. Le giulan diadhaidh naomha cuiridh sinn na'n tosd daoine ain-gidh, bheir sinn uapa an cothrum, a tha iad ag iarruidh, chum toibheim a thoirt do'n ainm urramach a tha air ainmeach oirn. Le giulan naomha, bheir sinn dearbhadh riach-dail do'n t-saoghal, gu bheil fòisgeul Chriosd na mheadhon eifeachdach slàinte, agus gu bheil Chriosd gun amharus na Shluanighéar. Tha mòr-eifeachd gun amharus àin am bàs Chriosd, 'nuair a tha e brofnachadh an dréam a tha creidfin ann, chum bàsachadh do'n pheacadh. Cha n'urrain sinn a bhi fuidh amharus gu bheil e beo, agus gu bheil gach uile-chumhachd an Neamh agus talamh air an toirt dha, 'nuair a tha sinn 'gá fhaiçin béo na

na bhuill, le ghràs uile-bhuadhach, agus 'nuair a tha e toirt orra-fan a bhi beo dha-fan. Ach air an làimh eile, ma thà a dheis-ciobuil truaillidh, peacach, tha iad a' deanamh an cròn is mò is urrain iad d'a chàs, tha iad a' toirt cothrum da naimhde a radh, nach 'eil eifeachd na fhoisgeul, chum cridheachan an dream fin a riaghladh, agus an caithe-beatha ath-leasachadh, a tha ga aidmheil.

Brofnaicheadh na nithe fo, ma seadh, gach h-aon againn, chum bhi beo dha-fan, a fhuair bàs, agus a dh'eirich, agus a dh'ath-bheothaich, chum gu'm bitheadh e na Thighearn air na beathaibh agus air na marbhaibh. Agus 'nuair a tha finn ag amharc 'suas air son a choghnadh fin, a tha ni 'mhàin a' toirt mis-neach dhuinn, ach ag àithne dhuinn dùil a bhi againn ris, rachamaid air ar n'aghaidh na neart, labhramaid amhàin mu fhireantachd, chum 'nuair a gheibh finn bàs gu'n caidil finn an Iosa, da'm bheil finn anis beo, agus gu'n d'thoir finn ar euirp thairis do'n t-Slan-uighear ann an dochas beothail re ais-eiridh ghloirmhor. An fin theid gealladh priseil

Christie

Chriosd a choimhlionadh ma ni neach air bith
 feirbhis dhomh-sa, leanaidh e mi ; agus ge be
 àite am bi mise, ann an fin bithidh mo sheimh-
 bhiseach mar an ceudna ; ma ni neach feir-
 bhis dhomh-sa bheir m'Athair onoir dha.
 Amen.

SEARMOIN XX.

Coloss. ii. 6.

*Uime sin. mar a ghabb sibb chugaibb an Tighearn
Iosa Criofd, gluaisibb ann.*

ANNS a chaibideil so, far am bheil ar stèidh-teagaifg, tha 'n t-Abstol ag earrail air na Criosduighean aig Colosse, a bhi seasmhach na'n creidimh, fantuin bunataich ann an Criofd; agus aire mhath a thoirt, nach bith-eadh iad air am mealladh le briathraighean snas-mhor, agus le beul-aithrisibh dhiomhaoin dhaoine. O na thoisich an dream sin gu math, gus am bheil an t-Abstol 'an so a' scriobhadh, be a rùn coghnadh a thoirt dhoibh, chum dol air an aghaidh ann an flighe

slighe na fireantachd, thair bolg an naimhde gu leir. Bha fior-eolas aige gu'n amharus air an natur, air an staid, agus air gach buaircadh, da'n robh iad buailteach; tha e a' toirt rabhadh dhoibh air an cunnart, agus tha e gu càirdeil a' teagafg dhoibh, cionnas bu chòir dhoibh iad fein a ghiùlan. Chaidh Criosd a shearmonachadh dhoibh, agus gabh iad gu toileach ris; ach bhá iad ann an cunnart, earbha a chur na'n gliocas, agus na'n neart fein, chum seasamh an aghaidh an naimhde, agus chum an dleasdanais a chur an gniomh. Ga'n dìon o na sinuaintidh aimideach fo altrum na'n inntin, tha è gu riachdail ag innseadh dhoibh, gur e Criosd tobar an gliocais agus an neart Spioradail, agus tha e a' guidhe orra gluasachd ann.

Cofimhuiil ris na creidmhich fo, dh'aidmich mòran againne ar creidimh ann an Criosd, agus chuir sinn l'an ceil le'r giulan, gu'n do ghabh sinn gu toileach ris. Tha sinn an ùine ghrad, gu dol air ar nais a dh'ionnsuidh an t-saoghail, far an d'thoir ar naimhde Spioradail iomadh ionnsuidh eile pírn. Ciod, ma seadh, a's còir dhuinn á dheanamh, chum

Dia a thoilleachadh, chum ar creidimh a dhearbhadh, agus chum seafamh an aghaidh ar naimhde ; tha 'n t-Abstol ag innseadh fo dhuinn, agus 'se fin, gluasachd ann an Criost. Le coghnadh Dhe, bheir finn anis àoirrip, an dleasdanas cùidhrómach fo a mhìneachadh dhuibh, agus earrail oirbh le dùrachd, agus chum fo a dheanamh gu foilleir, thugam-aid

ft. Fainear, co 'n Ti, a tha air a nochdadh dhuinn, mar chuspair ar creidimh.

Tha 'n t-Abstol ag ainmeach an Ti fo, an Tighearn Iosa Criost ; agus 'se fo 'n Ti ris an còir dhuinne gabhail, agus anns an còir dhuinn gluasachd. Thaobh natur, tha finn uile air seacharan o Dhia, tha finn anmhunn, truaillidh, dall, tha finn cailte dó fhior-shonras : ach chuimhnich Dia oirn' an trocair, chuir e o Neamh a' mhac fein gar n'iaruidh, agus gar tearnadh. Tha 'n Soisgeul a' nochdadh mac Dhe d'ar creidimh, mar ar Tigh-earna ; mar an Ti, aig am bheil còir naturail air ar n'umhlachd anns gach ni, o na chruthaich e finn ; agus aig am bheil mar an ceud-

na còir Spioradail, o na cheannuich e sinn le
 fhùil phriseil fhein. Thuilleadh air fo, 's
 esan an Tighearna, o na tha e a' riaghlaigh an
 t-saoghal le fhreasdal, a' toirt d'a phobull
 gach ni a tha iad a' mealtain, agus ga'n dìon
 o chumhachd an naimhde. Ach 'se Mac
 Dhe Iosa, co mhath 'san Tighearna; tha 'n
 t-ainm fo a' ciallachadh, gu bheil e na Shlàn-
 uigh-fhear, gu bheil e coimseach agus toileach
 ar n'anama a leughas o thinnis tròm a pheac-
 aidh. 'Se fo an t-ainm, a dh'òrduich Aingeal
 o Neamh do Joseph a thoirt dhà, eadhon mu'n
 robh e air a bhreith; agus o na 's esan an
 Lèigh Spioradail, glòirmhor, a chuir Athair
 nan gràs d'ar n' ionnsuidh, tha aige gu cinnt-
 each r'a thoirt d'a phobull, gach ni a tha
 feumail, chum an anama a dheanamh slàn
 naomha, maiseach agus sona. Mar dhear-
 bhadh air fo, tha e air innseadh dhuinn, gur
 è 'n Slànuighear fo Criod; 'se sin re radh,
 an Ti a thagh, a dh'ùng, agus a dh'òrduigh
 an t-Athair, chum an cinne-daonna a thearn-
 nadh. Fuidh 'n t-sean tiomnad, dh'òrduich
 Dia gach neach ùngadh, a bha esan a' gairm
 chum oifig fàigh, Sagairt no Righ a ghabhail
 orra: agus bha 'n ùngadh a' ciallachadh,

gu'n

gu'n robh Dia a' toirt dhoibh, agus gu bhuill-eachadh orra, o àm gu h-àm, gach ni a bha feumail, chum an oifig a chur an gniomh. Air an doigh cheudna, leis an ainm fo Criost a thoirt d'ar Slànuighear, tha Dia a' teagasg dhuinn, gu bheil e làn-ulluichte air son o-bair, gu'n d'thug esan gach ni dha air talamh, a bha feumail chum an t-àllainte fo a bhuilleachadh orra. 'Se fo 'n ti glòirmhor, gràsmhor, maifeach, a tha Soisgeul na fith a' taisbeanadh d'ar creidimh, mar ar n'Uachdar-an, mar ar Slànuighear, mar ar muinghin threun, eadhon an Tighearn Iosa Criost. Thugamaid anis fainear 'fan

II. Ciod e gabhail re Criost.

Tha fhios agaibh uile gu ro-mhath, ciod e gabhail air mhoth naturail, re gibht sam bith, a tha air a taigse dhuibh ; agus 'se fo a glacadh gu toileach, agus a gnàthachadh chum ar leas agus ar sòlas fein. Tha creidimh do'n anam, ceart mar a tha 'n làmh agus an t-sùil do'n chorp ; tha creidimh a' toirt Chriost am beachd an anama, gu ghlacadh gu toileach, agus gu taingeil a' deanamh feum dheth.

Tha

Tha creidimh a' nochdadhbh Chríosd dhuinn,
 mar ar n' Uachdaran dligheach, agus tha 'n
 t-anam an lorg fo 'g eilleachdain gu h-ullamh
 dha: Tha creidimh mar an ceudna g'a nochd-
 adhbh dhuinn, mar ar Leigh Spioradail, mar ar
 Slànuighear. uile-chumhachdach, uile-ghràf-
 mhòr, agus tha 'm beachd fo gar brosnach-
 adh, chum finn fein a thoirt thairis da, agus
 a thilgeadh gu tur air a chùram, gu bhi air
 ar leughas, agus air ar flànuchadh leis. Ach
 inu'n bheil daoine mar so a gabhail re Criofd,
 seigin-dhoibh o mothuchadh, gu bheil iad
 ceannaiiceach, eas-umhal, gu bheil an naimh-
 de Spioradail tuilleadh 's laidir air an son;
 gu bheil an anama eas-lan, tinn, agus an
 cunnart bàs fiorruidh. 'Nuair a tha iad a'
 mothuchadh sc, agus a foghlum o fhocal De,
 gur e Criofd an Uachdaran Spioradail, gur e 'n
 Slànuighear a dh'òrduich Dia; tha 'n anama
 air ball a' fosgladh chum gabhail ris, tha iad
 gu h-ullamh ga'n toirt fein thairis dha, eidar
 chuirp agus anama, gu bhi air an teagafg, air
 an tearnadh, air an riaghadh, agus air an
 dion leis. Mar so tha iad a' gabhail re
 Criofd, mar am fàigh, an Sagart, agus an
 Riogh; tha iad an lorg fo toileach gach ni a
 dheanamh

dheanamh, a tha taitneach dha-san ; 'fè 'n rùn an gibhte agus an talanna, buill an cuirp, agus cead-faithe an anama a ghnàthachadh, do reir mar a tha esan ag òrduchadh dhoibh. 'Se fo gabhail re Criod, no creidsin na ainm, mar a tha 'n Soisgeul ga thaisbeannadh dhuinn.

O nach 'eil ach ro-ghaoirid, o na dh'aid-mhich mòran agaibh-se bhur creidimh ann an Criod, gu soleimte aig a bhòrd fein, tha mi an dochas gu'n do ghabh sibh ris, agus gur e bhur rùn anis fo a dhearbhadh, le thoil a dheanamh. Ma se fo gu'n amharus bhur rùn, bheir mi aoirrip innseadh dhuibh, cionnas a's còir dhuibh sibh fein a ghiùlan. Tha fo a' cur an cuimhne dhomh fhiosfrachadh annis an

III. Ciod e gluasachd ann an Criod.

Tha 'n giùlan a's còir do'n chreidmheach a bhi aige anns an t-saoghal fo, air a choimcas am focal De, re iomadh ni talmhaidh, chum beachd fo-thuigfin a thoirt dhuinn dheth. Air uairibh, tha e air a choimeas re blàr

blàr no cath, do bhrì gu bheil mòran de naimhde Spioradail againn, ris an eigin dhuinn cleachda gu cruaidh, agus cogadh gu duineil. Aris, tha e air a choimeas re rèis; do bhrì gu bheil an turus fada, ar n' ùine gaoirid teagmhach, agus do bhrì, ann an lorg so, gu bheil mòr-fheum againn, air cabhaig, cùram, saothair, agus eud. Ann ar stèidh-teagaisg, agus ann an iomadh earran eile, tha giùlan a chreidmhich air a choimeas re gluasachd, no imeachd ann an flighe àraidh. Agus mar a tha Dia 'g àithneadh so d'a phobull, tha e a' taisbeanadh dhoibh na flighe, anns an còir dhoibh imeachd, agus 'si so 'n t-flighe sin, a tha a' treorachadh chum na beatha mhairreanaich. Tha gluasachd gu h-àraidh a' ciallachadh d'a ni. Air

i. Gu bheil an creidmheach bissidh, deanadach.

'S iad na nithe, mu'n còir dha a bhi bissidh deanadach, ann an smachdachadh a phàisibh agus ainmiannaibh feòlinhor ; am fàs ann an eolas, an creidimh agus an gràdh ; agus ann an cur an gniomh a dhleasdanais do Dhia, do dhaoine,

dhaoine, agus dha fein. An duine sin a tha gluasachd air slighe àraidh, tha e do ghnàth bissidh, do ghnàth caruchadh o àite gu h-àite, do ghnàth toirt ceum agus ceum eile 'na thurus, gus am bheil e a' ruigheachd ceann-uidhe. Ceart mar so, 'n duine a tha gluasachd ann an slighe statuin Dhe, cha'n'eil e a' seafamh, gu'n cheum a thoirt air a thurus no fàs leafg, sgìth agus fann; ach tha e do ghnàth a' deanamh na h-oibre, a tha a Shlànuighear ag earbfa ris, agus Athair Neamh-aidh ag àithneadh dha; tha e do ghnàth a' deanamh toil De, gus am bheil e a' ruigheachd ceann-uidhe, rioghachd Neamh.

2. Tha e do ghnàth a' dol air aghaidh fانت-slighe.

An duine sin a tha a' gluasachd, tha e do ghnàth a' dol air aghaidh 'na shlighe, tha e gach uair agus là a' dluthachadh ni's mò re ceann-uidhe. Air an doigh cheudna, 'se araon dleasdanas agus rùn a chreidmhich, a bhi do ghnàth a' dol air aghaidh ann an slighe na fireantachd; 'se sin, a bhi fàs na's neartmhoire na chreidimh, na's dian laiste na ghràdh, na's naomha

naomha na chridhe na's diadhaidh na ghiùlan, agus na's tarbhaiche 'n deadh oibre. Tha fhios aige gu math, ma tha e car tamuil a' stàd na thàmh air an t-slighe, gu bheil è 'n cunnart a bhi air a sgrios ; (ceart mar a tha eadhon an Braddan laidir, air a bhàthadh fan t-fruth, ma tha e rè ùine a fantuin gun charuchadh). O nas ann mar so a tha a chùis, tha 'n creidmheach do ghnàth a' toirt aoirrip, maille ris an Abstol Phol, ' na nithe ata air ' cùl a dhi-chuimhneachadh, agus a bhi g'a ' shìneadh fein chum na'n nithe ata roimhie, ' a' dian-ruidh a dh'ionnsuidh a cliomharth- ' aidh chum geall àrd ghairm Dhe ann an ' Iosa Criòsd.' O na nithe so chith fibh, ciod a's bri do-ghluasachd, thugamaid anis fainear anns an

3. Ciod e gluasachd ann an Criosd.

Tha e air innseadh dhuinn ann am focal De, gu bheil an creidmheach ann an Criosd, mar a tha geug anns a chraoibh ; no mar a tha 'n corp, agus na buill air an coimhchean-gal ris a cheann. 'S ann o'n chraoibh, a tha na geugan a' tarruing brìdh, leis am bheil iad

a' fàs, agus a tha 'ga'n deanamh, ùrmhor, duilleagach agus maifeach; agus 's ann o'n cheann, a tha buill a chuirp a' faotain an riaghait agus an ordugh. Tha focal De mar an ceudna a' teagastg dhuinn, gur e Criosd tobar beatha agus neart, eolais agus gliocais a phobuill; nach urrain iad ni math sam bith a dheanamh a's eugmhais, agus gu bheil esan a' toirt dhoibh gach ni a tha feumail, chum an deanamh umhal, naomha, sona. Chum na nithe so fhaotain o Chriosd, tha e feumail, gu'm bi sinn 'na fhochair, gu'n glèidh sinn teann air, gun dian-lean sinn ris, le dùrachd-cridhe, gu'n glac sinn le creidimh na tiodhlacaidh, a tha e a' tairgse, gu'n gnàthaich sinn na meadhonna, a shuidhich e na Eaglais, agus gu'n iarr sinn eifeachd a Spioraid. 'S ann mar so a tha Criosd a' toirt tiodhlacaidh Spioradail d'a phobull, agus 's ann mar so a's eigin dhùinne, sinn fein a ghiùlan, ma se ar rùn feirbhis thaitneach a dheanamh do Dhia, agus dol air ar n'aghaidh ann an slighe na fireantachd.

Tha giulan nan creatairean, a tha 'g ait-eachadh na talmhain, co-mhath a's dhaoine

chaobh nithe an t-saoghal fo, gu foilleir a' teagasg dhuinn, gur còir dhuinn gach ni a dheanamh am fochair Chriosd, ann an dochas re ghràs, ann an earbsa re choghnadh. Tha gach creatair a' cumail teann air am paranta, agus ag iarruidh an coghnadh, ga'n sdiùradh agus ga'n neartachadh an àm an òige ; tha iad mar an ceudna 'g iarraidh cul-taic an àm cruaidh-chais agus cunnairt, ga'n dìon o chumhachd an naimhde. Mar fo tha 'n searrach, agus an laogh agus eoin an aidheir gu leir do ghnàth ga'n giùlan fein. A-ris, 'nuair a tha aoghluimte òg a' foghlum dreachd, o mhaighistir fiosrach, tuigseach, cumhachdach, cha'n'eil e a' deanamh ni sam bith, gun choghnadh agus seòladh fhaoitain o mhaighistir. No an uair a tha duine ann an duthaich choimhich, far am bheil mòran do ghaduichean dàna, na do fhiadh-bheathaiche guineach, ciùrrail ; ma tha ceann-iùil fiosrach càirdeil aige, tha e 'gimeachd do reir a chomhairle, tha e g' iarruidh a choghnadh an àm a theinn, an t-eagal gu'm bi e air a sgrios.

Tha 'n creidmheach, fhad sa tha e bhos air talamh, ain-colach, anmhunn agus eagalach ;
tha

tha e ea-comasach dheth fein, chumimeachd anns an t-flighe, a tha treoruchadh chum beatha, no chum seafamh an aghaidh na'n naimhde, a tha g'a chuairteachadh air gach taobh. O na si so a staid, agus o na se Criosd amhàin a tha toirt dha gràs, neart agus glio-cas, chum a dhleasdanais a chur an gniomh, chum seafamh an aghaidh buaireidh, agus chum fàs gach là an creidimh, an gradh, agus an naomhachd, 's còir dha fanntuin ann do ghnàth,imeachd na fhochair, a ghràs agus a Spiorad iarruidh le dùrachd. 'Se fo gluasachd ann an Criosd, a bhi do ghnàth bissidh, agus gach là a' meudachadh ann an obair an Tighearna ; gach ni a dheanamh an neart, agus trìd gràs ar Slànuighear, gach ni a dheanamh o ghradh dhà-fan, agus chum glòir ar n'Athar neamhaidh. Tha so g'am thoirt air m'aghaidh, gu fhiosfrachadh anns an

IV. Ciod e gluasachd ann an Criosd, mar a ghabh finn ris.

Chum an ni so a thuigfin, cha'n'eil againn amhàin ach a chuimhneachadh, ciod an staid

anns

anns an robh finn, no ciod am beachd a
 bh'againn do'n pheacadh, do Chriosd, agus do
 nithe Spioradail, 'nuair a dh'aom Spiorad De
 finn air tùs chum gabhail ris. Air an àm fo,
 mhothuich finn ar cionta mar eallach thròm
 air ar n'inntin, chunnaic finn ar cunnart
 mòr, bha Ifrionn, mar gu'm beadh fosgailte
 fa chomhar ar sùl, bha lagh Dhe a' bagairt ar
 sgrios, agus a cheartas ar tilgeadh fios air ball
 ann an iomall dorchadais. Air an àm fin
 cuideachd, bha sgeul air maitheanas aoibh-
 neach, bha geailanna an t-soisgeil priseil, agus
 an Slànuighear uile-mhaifeach 'nar beachd;
 bha finn làn-thoíllichte leis an dearbhadh a
 thug e dhuinn, gu bheil e comasach agus toil-
 each ar tearnad. Thuilleadh air fo, thug-
 finn fuath do'n pheacadh, bha finn brònach
 air a shon; thug finn gradh dian-laiste do
 Chriosd, bha finn taingeil air son a shlainte,
 bha mòr-dhèigh againn air càirdeas De; be
 ar rùn, oscionn gach ni coimhchommunn a
 mhealtuin maille re'r n'Athair Neamhaidh,
 agus r'a mbac Iosa Criosd. Ma ghabh finn
 gu'n ambarus re Criosd, mar a tha e air a
 thairgse dhuinn san t-soisgeul, bi fo staid ar
n'anama

n'anama, 'nuair a ghabh finn ris air tùs, agus a thoisich finn air gluasachd ann.

Anis o na b'i so ar staid, 'nuair a ghabh finn re Criofd, 'se gluasachd ann mar a ghabh finn ris, am beachd ceudna a bhi againn do'n pheacadh, am fuath ceudna dha, am bròn ceudna air a shon, agus an rùn ceudna a threigfin. Maille re so, 's eigin dhuinn am beachd ceudna a bhi do Chriosd, da ghlòir, da chumhachd, agus d'a thròcair ; 's eigin dhuinn an gràdh ceudna a bhi againn dha, an dèigh cheudna air càirdeas De, agus an rùn ceudna eoimhchommann a mhealtuin maille ris. Mar 'eil am beachd agus am mothuchadh ceudna againn, thaobh nan nithe so uile, a bh'againn air tùs, 'nuair a gheill finn do Thighearna na glòir, cha'n'eil finn a gluasachd ann, mar a ghabh finn ris, cha'n'eil finn a gluasachd, mar a's cubhaidh d'a phobull. Do thaobh aithreachas, no fuath do'n pheacadh, agus bròn air a shon ; 's còir dhuinn a bhi cosinhuil re tobar, a tha do ghnàth a' ruidh fa gheamhradh, agus 'fan-t-samhradh, co dhiu a tha 'n aimsir fliuch no tirim,

tirim, fuar no teath. A-ris a thaobh gràdh do Dhia; do Chriosd, do nithe Spioradail, agus do naomhachd, 's còir dhuinn a bhi cosmhuil re amhuinn mhòr, a tha ghnàth a' ruidh gu dian, agus a' meudachadh mar a tha i a' dol air a h-aghaidh, gus am bheil i fa dheoigh air a taomadh 'fan fhairge. Ma tha finn a' gluasachd ann an Criosd, mar a ghabh finn ris, cosmhuil re Daibhidh, tha ar peacaidhean do ghnàth fa chomhar ar sùl; tha finn a' toirt aoirtrip am peacadh a threigfin, agus cogadh an aghaidh ar naimhde, Dia a ghràdhachadh, agus àitheanta a choimhead, le'r n'uile chridhe, agus le'r n'uile dhùrachd, mar a rinn finn air tùs. Dh'fhosgail finn ar n'anama gu toileach do Chriosd, 'nuair a ghabh finn ris air tùs, agus ma tha finn a' gluasachd ann, mar a ghabh finn ris, tha finn, a' deanamh so gach là ni's mo agus ni's mò, (cosmhuil re solus na Greine, a fosgladh ni's mò agus ni's mo, mar a tha a Chrian ag eiridh oirn.) 'Se so gluasachd ann an Criosd, mar a ghabh finn ris, buanachadh gu seafinhach 'nar ceud bhròn, 'nar ceud ghràdh, agus 'nar ceud rùn, feirbhis an Abhairseir gu tur a threigfin, agus umhlachd.

umhlachd thaitneach a thoir do Dhia. Mar fo nochd mi dhuibh, co e cuspair ar creidimh, ciod gabhail re Criofd, ciod gluasachd ann an Criofd, agus ciod gluasachd ann, mar a gabh sinn ris.

Deanamaid anis foghnadh iomchuidh.

'Nuair a tha duine a' gabhail seirbhis, 'nuair a tha e 'gealtain fanntuin dlù air a mhaighistir, agus obair a dheanamh, do reir a chomhairle, agus do reir òrdugh, tha e ceangailte air na nithe so uile gu toileach a dheanamh. 'Nuair a tha Saighdfhear a' dol chum cogaidh, agus a' gealtuin a bhi firinneach d'a cheannard, 's eigin dha a ghealladh a choimhlionadh, 's eigin dha an àm a chath a bhi duineil, cruadalach, treun, 's eigin dha a bhi freagarach d'a cheannard, ma se a rùn cliù agus duais fhaotain. Ceart mar fo, 'nuair a tha finne a' gabhail re Criofd, mar ar maighistir, ar Ceannard, agus ar Slànuighear; agus 'nuair a tha sinn a' nochdadh gu follaiseach le'r giùlan, gu'n do ghabh sinn ris, tha fo mar argumaid neartmhòr gar brosnachadh,

chum

chum gluasachd gu firinneach ann. Dh'aidh
mìch mòran agaibhse bhur creidimh ann an
Criosd, eadhon aig a bhòrd fein, agus feor-
aicheam anis dhìbh, c'arson a ghabh sibh ris?
'Sann gu cinnteach chum slàinte sìth agus leas
bhur n'anaima a chur air àn aghaidh; 's ann
chum neart, gliocas agus gràs fhaotain uaithé,
chum bhur n'anama a leughas, agus a naomh-
achadh, gar neartachadh chum buaidh a thoirt
air bhur naimhde, chum bhur dleasdanais a
chur an gniomh, agus chum ulluchadh fa
chomhair senas Neamh. Ach mar gluais sibh
ann an Criosd, mar gleidh sibh teann air, mar
bi sibh na fhochair, mar gnàthaich sibh mea-
dhonna na'n gràs, mar iarr sibh a Spiorad,
mar cuir sibh earbsa 'na chumhachd agus 'na
ghràdh, cha n'urrain dùil a bhi agaibh ris na
nithe so, cha n'fhuigh sibh iad air chor sam-
bith. Thugaibh fainear, nach aicheadh sibh
le'r giùlan an dèidh làimh, 'an ni a dh'aidh
mìch sibh aig bàrd Criosd, 'se fin, gun do
ghabh sibh ris, agus gur è bhur rùn gluasachd
ann. 'Nuair a theid sibh air bhur n'ais àn
ionnsuidh an t-saoghal, ma ni sibh bhur toil
fein amhàin, agus mu dh'imicheas sibh na'r

gliocas, agus na'r neart fein, tha fibh ag aich-eadh, gur e Criosd bhur Maighistir, cha'n'eil fibh a' gluasachd ann.

Tha cuid san eisdeachd, a dhiùlt gu dàna a nochdadh le'n giùlan, gu'n do ghabh iad re Criosd, agus a's ni eagalach e, gu'n diùlt iad mar an ceudna gluasachd ann. A mhuintir aimideach, tha anama priseil, neo-bhàsmhor agaibh ; tha fibh do ghnàth ag eiridh moch, agus a' luidhe an-moch, chum nithe feumail fhaòtain d'ar cuirp ; gidheadh mo thruaighe, tha fibh a' leigeil le'r n'anama bàs-achadh dhìth lòin, ged a dh'ulluich Criosd pailteas air an son, agus ged a tha e gu saor g'a thairgse dhuibh. Ach dh'fheudadh e bi, gur e bhur rùn, tuilleadh do shòlas a pheacaidh a mhealtuin, agus bha fibh eagalach, gu'n cuireadh suidhe aig bòrd Chriosd cail-eigin do ghrabbadh oirbh. Ma se so bhur beachd, tha bhur staid ciontach, cunnartach, brònach ; gu'n deanadh Dia tròcair oirbh, gu'n deonaicheadh Criosd maitheanas dhuibh.

Tha cuid eile, tha coslach 'san eisdeachd, a nochd air an àm so, air tùs gu' follaisach aig a bhòrd, gu'n do ghabh iad re Criofd. A mhuintir mo ghraidh, thug bhur naimhde gu' math fainear bhur giùlan, thug iad fainear e le corrúich agus oilbheum, ach cha do chailil iad 'fheadhaisd' an dochas agus am misneach, bheir iad iomadh ionnsuidh eile oirbh; uime fin, 'ma' se bhur rùn a bhi seasmhach, scòir dhuibh gluasachd ann an Criofd. Seachnaibh droch chuideachd, fèachnaibh buaircadh, na leigibh le droch smuaintidh àite-tàmh fhaotain 'nar 'n inntin, gnàthaichibh le cùram meadhonna na'n gràs, bithibh gu minic, dùrachdach aig caithir na tròcair.

Fa dheoigh, tha mòran, tha mi 'n dochas, 'san eisdeachd, a għluais a cheana re ùine ann an Criofd ; agus dħlùthaich ris air an àm aig a bhòrd, chum nquadh neart fhaotain uaithe. A mhuintir mo chridhè, rachaibh gu duineil, treun air bhur n'agħaidh, dh'fheudadh ē bi, nach 'eil agaibh ach ceum no dha eile re thoirt 'nar turus, gus an ruig sibh gu tearuinte ceann ar n'uidhe. Tha Dia, Aingil,
agus

agus daoine na'm fianaisean air na rinn sibh ;
 gheall sibh an cath a chur gu cruadalach,
 gheall sibh ruidh gu luath 'fan rèis. Thig
 am bas an ùine ghrad, mar theachdaire 'n
 Tighearna, gar faoradh o bhuaireadh, o
 thriobloid agus o bhròn ; bitibh, ma seadh,
 firinneach gu bàs, agus bheir Criofd dhuibh
 crùn na beatha. Gu'n deonaiche Dia, gu'm
 bi mòr-mhath air a dheananmh do anamaibh
 gach aon againn, leis na nithe a chunnaic,
 leis na nithe a chuala, agus leis na nithe a
 rinn sinn air an là an diu.

SEARMOIN XXI.

GNIOMH. XX. 32.

Searmoin dealachaidh—Glaschu.

*Agus anis, a b'raithbré, tha mi gar taiceadh re
Dia agus re focal a ghràis, ata comasach air
sibhse a thogail suas, agus oighreachd a thoirt
duibh, am meaig na muinntir sin uile, ata air
an naombachadh.*

Cofinhuil re Mhaighistir Neamhaidh, bha
Pol do ghnàth bissidh, do ghnàth a' dol mun-
cuairt, o bhaile gu baile, agus a' deanamh
math do anamaibh dhaoine. Mar a shuidh-
ich e iomadh Eaglais, ann an iomadh duth-
aich agus baile, ghabh e do ghnàth cùram
Athaireil dhiu. Air dha Eaglais a shuidh-
eachadh

eachadh a'm baile mòr Ephesus, dh'fhan e maille riu car tri bliadhna, ga'n daighneachadh 'nan creidimh, agus a' teagasg dhoibh flighe na beatha.

Na thurus deireannach chum baile Ierusalem, chaith Pol air tir aig Miletus, baile mòr, a bha teann air Ephesus. Agus o nach robh uin' aige, dol a dh'fhaicin a chairdean, chuir e fios air Seancirean, agus Criosduighean ainmeil a bhaile finn, agus labhair e riu mar an Athair Spioradail. Ga'm brosnachadh gu eud, ann an seirbhis Chriosd, chuir e 'n cuimhne dhoibh a theagasg, a dhùrachd, agus a ghiùlan na'm meafsg. Bha a choinneamh so gun amharus cairdeil, bha 'n colluadar sòlafach, diadhaidh, bha an dealachadh gu h-à-raidh brònach. Tha e a' labhairt, ni 'mhàin ris a phobull, ach, mar an ceudna, re Ministeriean òga; agus tha e, 'n lorg an dleasdanais a chur an ceil a' gabhail a chead diu, le rùn cairdeil, agus am briathraibh drughteach; agus anis a bhràithre, &c. Chum na briathra so a mhìneachadh, fiosfraicheamid an

5. L. Coiris a tha Pol ga'n taiceadh.
 B'aithne do'n Abstol gu math an duine, gu bheil e ainniseach, anmhunn ann fein, agus gu bheil mòr-fheum aige air cùl-taic agus coghnadh, araon a thaobh nithe talmhaidh agus Spioradail. B'aithne dha gur i so staid cadhon an dream is fhearr air talamh, agus uime sin tha e ga'n taiceadh risan, a b'urrain cùram a ghabhail diu, agus ris a mheadhon a dh'òrduich esan ga'n dìon. Tha e mar an caraid glic, ga'n taiceadh r'e Dia, agus re fhocal. Air

1. Tha e ga'n taiceadh re Dia.

O na bha 'n t-Athair, ain Mac, agus an Spiorad Naomh, a' coimh oibreachadh ann an dealbh, agus ann an tearnadh dhaoine, tha iad do ghnàth a' gabhail cùram dhùi.

1. Se Dia an t-Athair, Uachdran an domhain, tha e làthair anns gach àite, tha làmh treun, tha ghliocas iomlan, tha ghràdh do shliochd an duine seasmhach, dian. Tha 'n saoghal gu leir an crochadh risan, tha 'n domhan

dòmhan gu h-iomlan air a chumail suás leis. Mar a tha Iob ág radh, tha e glic an cridhe, agus treún an neart; 'se a dh'atharráicheas na sleibhte, 's gù'n fhios aca air, 'se a thiònndas iad bùn óscionn na chorruich; se a chrithas an talamh a's àite, a's a chuireas air chrith a bhùnaite socrach; mu bheir e aithne do'n Ghrèin, cha n'eirich i, agus tha na reultan air an glaessadh suas leis. 'S ann ris an Dia uile-chumhachdach, uile-ghlie fo, a tha deanamh a reir a thoil, an Neamh shuas agus air talamh a bhos, a tha Pól a' taiceadh a chàirdean.

2. Tha e a-ris ga'n taiceadh, no ga'n toirt thàiris do Chriosd, gu bhi air an teagafg, air an sdiùradh, air tan dionadh, agus air an riaghlaadh leis. Se Criosd fear-sdiuraidh a phobuil, trìd fàsach an t-saoghail fo; mar so tha e fein ag radh, 's mise an t-sligie, an fhirin, agus a bhàthà, agus cha d'thig aon neach chum an Athar, ach triomfa. 'S efan mar an ceudna an àrd-Shagart, chum au cionta a dhìoladh, 'se fear-deanamh na sìth, agus tha e beo gu fiorruigh, gu eidir-ghuidhe a-dheanamh air an son. An àm cruaidh-chàs,

buaireidh

buaireidh agus triobloid, tha a ghràs foighainteach air an son; tha e a' toirt a ghath as a bhàs, agus a' toirt dhoibh seilbh air glòir Neamh. O na ghabh e air o shiorruigheachd obair ar flàinte, agus o na chuir e so 'n gniomh air talamh, 's ann ris gu h-àraidh is còir dhuinn a phobul a thaiceadh. San

3. Tha e ga'n taiceadh re Spiorad na sìth. 'Nuair a chaidh Criosd suas do Neamh, reir a gheallaidh, chuir e 'nuas an Spiorad, chum a shlàinte a chur ra'n anamaibh. Mar so labhair e fein r'a dheisciobuil, ach an Coimh-fhurtoir, an Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair uaithe a'm' ainm-se, teàgaisgidh e dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh, e 'n cuimhne dhuibh gach ni, a labhair mise ruibh. Ach tha 'n Spiorad ni 'mhàin g'ar teagastg, ach mar an ceudna a' cuideachadh ar n'anmhuiinneachd, a' toirt sòlais 'n àm triobloid, gar deanamh tarbhach ann an deagh oibre, agus gar n'ullachadh fa chomhaim glòir. Tha e air innseadh dhuinn gu foilleir ann an Soisgeul na sìth, gu bheil an Spiorad a' deanamh na'n nithe so, agus uime fin tha e cubhaidh, gu'm bitheadh creidmhich air an taiceadh

taiceadh ris. O na tha 'n Trianaid do ghnàth ag oibreachadh le meadhonna, tha Pol anns an

2. Ga'n taiceadh re focal gràis Chriosd.

Tha focal De, mar a tha Daibhidh a' labhairt, na Lochran d'ar cosraig, agus na sholus-iùil d'ar ceumanaibh, anns an t-flighe, a tha sdiùradh chum Neamh. Agus tha 'n t-Abstol Pol ag radh, gu bheil focal De tarbhaich chùm teagaifsg, chum cronnachaidh, chum leasachaidh, chum oilean ann am fìreantachd; chum's gu'm bi òglach Dhe coimhlionta, làndheas air-fon gach uile dheagh obair. O na bha focal nan gràs na inneal, chum math a dheanamh da'n anamaibh, tha 'n t-Abstol ga'n taiceadh ris mar charaid. 'S ann le focal, a tha Chriosd a' toirt solus d'ar n'inntinn, dùsgadh d'ar coguisean, neart d'ar cridheachan, agus sòlas d'ar n'anamaibh. 'S ann trid an fhocail, a tha finn a' faotain colas, creidimh, agus fior-naomhachd; agus uime sin, 's còir dhuinn a rannsachadh le cùram, agus a thasgaidh le gràdh 'nar cridheachan. O na tha gach nì, 's còir dhuinn a chreidsin agus

a dheanamh, gach ni a thachras dhuinn air talamh, agus ann an saoghal eile, air an taifeanadh am focal De, 's coir dhuinn gu taingeil eolas a ghabhail air, mar charaid. 'S mòr a bheireadh ar sinnfir air son focal gràis Chriosd, agus comas feum, le fith, a dheanamh dheth. Ann àm buaireadh no triobloid, glacamaid do ghnàth cloidheamh an Spioraid, agus iarramaid gràs o Chriosd. 'S iad fo ar cùltaic, Criod agus fhocal, fiosraichimid anns an

II. C'arson a thaic an t-Abstol a phobul riù.

Tha deagh reufain air an toirt air son fo, a dhruitheas gu h-ullamh air gach fior-Chriosd-uigh. Tha iad an

1. Comasach air ar togail suas.

Do thaobh natuir, tha 'n cinne-daonna, mar làthrach tighe, air a thilgeadh fios le stoirm a pheacaidh. Anns an staid fo, tha gach earran do'n tigh air a thilgeadh bùn os cionn, agus gu tur roimhe cheile. Ceart

mar

mar so, tha gach earran do natur an duine
 anis am mi-riaghailt, tha a' mhaife agus onoir
 air an tilgeadh gu làr, leis a pheacadh. An
 tigh so, a leag am peacadh, 's urrain Criod,
 agus tha e toileach, a thogail suas, le
 focal a ghràis, agus eadhon a dheanamh na
 Theampull do'n Spiorad Naomh. Tha Pol
 ag radh Col. ii. 6, 7. Uime sin, mar a ghabh
 fibh ris an Tighearn Iosa Criod, gluaisibh
 ann, air dhuibh bhi air bhur freumhachadh,
 agus air bhur togail suas annsan, agus air
 bhur daighneachadh fa' chreidimh, a reir mar
 a theagaifgeadh fibh, a' meudachadh ann, le
 breith buidheachais. Mar a tha leanabh a
 fàs gu inbhe duine, le cùram, lòn agus sao-
 thair; ceart mar so, le gràs agus Spiorad
 Criod, tha creidmhich anmhunn a' teachd
 ann an danachd a chreidimh, agus eolais
 mhic Dhe, chum duine foirfidh, chum to-
 mhas àirde lànachd Criod. Le gràs làtheil
 fhaotain o Dhia, tha creidmhich a' fàs ann
 an eolas, creidimh, gràdh agus fior-naomh-
 achd; agus tha focal nan gràs a leughadh,
 agus eisdeachd, na mheadhon àraidh, chum
 an togail 'suas. Tha Criod anns an

2. Comasach air oighreachd a thoirt dhoibh.

Ged nach urrain neach sam bith duais a chosnadh, na seirbhis na's fhearr a thoirt do Dia, no a tha dligheach uaithe, gidheadh tha Dia gu faor a' gealtuin duais, tha nach bi ar saothair diomhain anns an Tighearna. 'S iomadh meadhon a tha daoine a' gnàthachadh, 's mòr a tha iad a' deanamh agus a' fulang, chum oighreachd thalmhaidh fhaotain. Tha oighreachd, stòras, agus gach ni eile 'san t-saoghal so, mealtach, truaillidh agus bàsmhor. Cha'n ann mar so a tha duais cairdean Chriosd; gheibh iadsan oighreachd neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg gu brath as; agus tha i air a coimhead anns na Neamhaibh dhoibh. Tha creidmhich eadhen 'nan oighreachan air Dia, agus 'nan coimh-oighreachan maille re Criosd; 's leo na nithe ata làthair, agus na nithe ata chum teachd; agus bithidh iad gu siorruigh maille ris an Tighearna. Gach onoir, gach solas, gach fithe, is urrain an natur naomha a mhiannachadh, gheibh iadsan fa dheoigh ann an Neamh.

Agus

Agus gheibh iad an oighreachd so anns
an

3. Maille ris na naoimh ann an Neamh.

'S taitneach an ni deagh chuideachd, deagh choimhearsnaich agus deagh chairdean; agus 's mòr a tha daoine a' deanamh, chum so a mhealtuin. 'S ann o'n pheacadh, a tha a fruthadh fannt, mi-rùn, agus corruiich, mathair-aobhair coimhstrì, agus tuasaid a measg dhaoine.' Ach ann an tir na naomhachd agus na sìth, bithidh daoine gu tur air an saoradh o gach ni a dhuisgeas corruiich agus aimh-rèite? 'N fin bithidh gach inntin làn do sholus, gach cridhe làn do chairdeas, gach anam làn do shìth agus aoibhneas, agus gach beul làn do chliu an Athar agus an Uain. Mar a bhithreas an commun Neamhaidh gu leir saor o gach gnè pheacaidh, bithidh iad do ghnàth a' meudachádh eolàs, gràdh, aoibhneas agus sonas a cheile. Tha iad air an àm a' faotain roi-bhlaffadh air an t-shòlas Spioradail, a mheallas iad fa dheoigh ann an commun nan Naomh. Ach tha fibh air teachd, arsa Pol, chum fliabh Shion, chum caithir an chum

De bheo, an Ierusalem Neamhaidh, agus chum comunn do-aireamh do ainglibh, chum coinneamh choitchionn agus Eaglais a cheud-ghin, ata scriobhta anns na Neamhaidh, agus chum Dhe breitheamh nan uile, agus chum Spioraidaibh nam firean air an deanamh foirfe, agus chum Iosa Eidar-mheadhon-fhear a chumhnanta nuaidh. Cach neach a tha air an togail 'suas, mar àite-comhnuidh iomchuidh do'n Spiorad, maille ris a chomunn naomha so, meallaidh iad an oighreachd neo-bhàsimhor, gu saoghal nan Saoghal.

FOGNADH.

Mar so nochd mi dhuibh, co ris a thaic Pol Criosduighean Ephesus, agus c'arson a rinn e so. B'aithne dha-san gu math staid pobull a bhàile, sin, gu'n robh an naimhde Spioradail cumhachdach, lionmhor, agus gu'n robh iadsan aimideach, anmhunn. O na tha sinne san staid cheudna, tha feum againn a bhi air ar taiceadh re Dia, agus re focal a ghràis, chum a bhi air ar dion agus air ar sdiùradh, gu tearuinte, ann an slighe na beatha

tha. Tha laithaireachd agus coghnadh Dhe do ghnàth feumail, agus as eugmhais gràs Chriosd, cha'n'urrain finn ni math sam bith a dheanamh. Tha focal De air a shearmonachadh na mheadhon àraidh flàinte; agus 'nuair nach 'eil cothrum againn rè ùine eisdeachd ris, 's còir dhuinn a leughadh, leis an tuilleadh càram. Romh. x. 14, 15.

Anis o na se rùn taitneach ar cridhe, gu'm bi gach aon agaibhse air an tearnadh; agus gu'm bi sibh air bhur togail 'suas, mar theam-pull do Spiorad De, chum oighreachd ghlòirmhor, agus commun nan Naomh a mheal-tuin gu fiorruidh, tha finn g'ar taiceadh re Dia, mar Athair bhur Spioraid, agus mar bhun-stèidh bhur sonais. Tha finn g'ar taiceadh re Chriosd, àrd-bhuachaile an treud, da'n aithne bhur staid agus bhur n'uireasbhuidh; agus a tha do ghnàth ullamh, chum a ghràs a dheanamh foighainteach air bhur son, agus a neart foirfe 'nar n'anmhuinneachd. Tha finn g'ar taiceadh re Spiorad na fith, a chuir Chriosd o neamh na àite, chum neart agus sòlas a thoirt d'ar n'anamaibh. Tha finn g'ar taiceadh

taiceadh re focal De, ris gach meadhon agus òrdugh eile, a shuidhich Criostd na Eaglais, agus a' guidhe oirbh feum glic a dheanamh dhiu. Maille re so deanaibh faire agus ùr-nuigh, chum's nach tuit fibh am buaireadh, agus mu bhitheas fibh firinneach gu bàs, gheibh fibh gu cinnteach crùn na beatha.



